



Sold by
MAURICE OGLE
1. Exchange Sq
QUEEN ST
GLASGOW

Not wanted by ES

L. 126. h.

National Library of Scotland



B000117479





COIR MHOR
A CHRIOSDUIDH,

ANN AN DA EARRAINN.

I.

DEUCHAINN MU CHOIR SHLAINTEIL ANN AN CRIOSD.

II.

AN DOIGH CHUM RUIGHEACHD AIR A CHOIR SO.

EADAR-THEANGAICHTE O BHEURLA

UILLEAM GHUTHRIE.

LE P. MACPHARLAIN,

EADAR-THEANGAIR 'TUS AGUS FAS DIADHACHD ANNS AN ANAM,' &c. &c.


AN DARA CLO'-BHUALADH.

GLASGOW,

PRINTED BY JOHN YOUNG;

AND SOLD BY JOHN REID & CO., 58, HUTCHESON STREET.

MDCCCXXXII.



AN CLAR-INNSIDH.

TAOBH-DHUILLEAG.

AN ROIMH-RADH, - - - - - 5

EARRANN I.

Deuchainn mu Chòir shlàinteil ann an Criosd.

CAIB. I. Feudar dearbh-chinnt f haotainn mu Chòir duine ann an Criosd, agus is cùis anabarrach cudthromach e, agus is ann le Sgriobtuir a bhios a' chùis air a dearbhadh. 6

CAIB. II. Aobhair mu bheil cho beag a' teachd gu eòlas soilleir air an còir air Criosd. - - - - - 11

CAIB. III. Mearachdan mu thimchioll còir air Criosd, air an toirt air falbh. - - - - - 23

CAIB. IV. Na dòighean leis a' bheil cuid-eiginn air an tarruing a dh' ionnsuidh Chrìosd leis an Uile-chumhachdach, gun mhothachadh air ullachadh roimh-laimh le obair an lagha. - - - - - 25

CAIB. V. Obair an lagha leis a' bheil an Tighearn ag ullachadh a shlighe do anamaibh dhaoine, a tha 'n dara cuid ni's neartmhoire agus ni's ealamh, no ni's ciùine agus ni's socraiche. - - - - - 34

CAIB. VI. An t-eadar-dhealachadh a tha eadar an lagh-obair ullachaidh sin aig a' bheil crìoch ghràs-mhor, agus geurmhothachadh chealgairean. - - - - - 49

CAIB. VII. Mu chreidimh. - - - - - 58

CAIB. VIII. An t-eadar-dhealachadh a tha eadar creidimh chealgairean, agus an creidimh slàinteil a dh' fhìrean-aicheas. - - - - - 76

CAIB. IX. Mu 'n chreutair nuadh. - - -	80
CAIB. X. An t-eadar-dhealachadh a tha eadar duine tha air fhìor ath-nuadhachadh, 's a tha ann an Criosd, agus cealgoirean. - - - - -	96
CAIB. XI. Mu cho'-pàirteachadh àraid o Dhia, 's mu oibreachadh gràs mhor sònraichte a Spioraid. -	107

EARRANN II.

An dòigh chum ruigheachd air còir shlàinteil ann an Criosd.

CAIB. I. Nithe àraidh air an cur sìos chum eòlas agus fiosrachadh a thoirt do'n mhuinntir sin a tha aineolach. 130	130
CAIB. II. A' nochdadh cìod è gahail ri innleachd Dhé chum peacaich a shàbhaladh trid Chrìosd, agus gur dleasnas ro fheumail e. - - - - -	135
CAIB. III. A' nochdadh cìod a tha air iarraidh roimhlaimh air a' mhuinntir leis an àill creidsinn ann an Iosa Chrìosd. - - - - -	142
CAIB. IV. Na buaidhean agus an tairbhe a tha gu nadurr' a' leantuinn an fhìor chreidimh. - -	152
CAIB. V. Cunnuile air an tarruing o dhroch thoillteannas duine, agus o uamharrachd a pheacaidh, air am freagradh. - - - - -	167
CAIB. VI. Mu'n pheacadh an aghaidh an Spioraid Naoimh. - - - - -	173
CAIB. VII. Cunnuile air an tarruing o dhiobhail cumhachd gu creidsinn, agus cion tairbhe, air am freagradh. 185	185
CAIB. VIII. Mu thimchioll cùmhnant a dheanamh ri Dia. - - - - -	190

COIR MHOR

A CHRÌOSDUIDH.

AN ROIMH-RADH.

O'N a tha na h-uiread shluaigh a' caitheamh am beatha fo na h-òrduighibh, a' gabhail os laimh gu 'bheil còir araid ac' air Crìosd, air a dheadh-ghean 's air a shlàinte, gun bharantas sam bith ac' air a chùis, mar tha e soilleir o Mhat. vii. 22, 23, " Is iomadh iad a their riumsa, san là ud, A Thighearn' a Thighearna, nach d'rinn sinn fàidheadaireachd a' t' ainm-sa? agus a' t' ainm-sa nach do thilg sinn a mach deamhain? Agus a' t' ainm-sa nach d'rinn sinn iomadh miorbhuile? Agus an sin aidichidh mise gu follaiseach dhoibh, Cha b' aithne dhomh riamh sibh: imichibh uam, a luchd deanamh na h-eucorach." Mata xxv. 11, 12, " 'Na dhéigh sin thainig mar an ceudna na h-òighean eile, ag ràdh, A Thighearn', a Thighearna, fosgail dhuinne. Ach fhreagair esan agus thubhairt e, Gu deimhin a ta mi ag ràdh ribh, nach aithne dhomh sibh." Luc. xiii. 24, " Deanaibh spàirn chruaidh gu dol a stigh air a gheata chumhann: oir a ta mi ag ràdh ribh, gu 'n iarr mòran dol a stigh, agus nach urrainn iad." Agus do bhrìgh gu' bheil deagh stéigh aig mòran air còir a thagradh air Crìosd, nach 'eil air

an daingneachadh ann an dòchas r' a dheadh-ghean, ach a tha fantuinn aineolach air a chùis, gun cho'-fhurtachd, gun sòlas, ann an iom-chomhairle mu thimchioll an diadhachd féin, 's a' labhairt ro bheagan chum diadhachd a chliuthachadh do dhaoin' eile, gu sònruicht' ann an àm an teinn agus an cruaidh-chais: Labhraidh mi càileiginn mu thimchioll an dà nì a's ro fheumala. 'Se a cheud ni dhiubh an dòigh air am mothaich duin' a' bheil còir fhìor shònruicht' aige air Crìosd, agus co dhiubh tha no nach 'eil e a' tagradh còir cheart air fàbhar agus air slàinte Dhe? 'Se an ni eile mu 'bheil mi ri labhairt, ma's e 's gu 'm bi duine goirid air a rùn anns an deuchainn roì-ainmichte, ciod an dòigh a ghabhas e chum cairdeas agus slàinte Dhe a dheanamh cìnnteach dha fein.

EARRANN I.

Deuchainn mu chòir shlàinteil ann an Crìosd.

Cionnas a thuigeas duine ma tha còir fhìor àraid aig' air Crìosd? 's co dhiubh tha no dh' fheudas e còir cheart e thagradh air deadh-ghean agus slàinte Dhé?

CAIB. I.

Feudar dearbh-chinnt fhaotainn mu chòir duine ann an Crìosd, agus is cùis anabharra cudthromach e, agus 's ann le Sgrìobtuir a bhios a chùis air a dearbhadh.

MUN labhair sinn mu thimchioll na ceiste, cuiridh

sinn sìos nithe àraid gu slighe ullachadh fa chomhair an fhreagraidh.

Air tùs. Gu'm feudar còir duine air Criosd, no a staid ghràsmhor a thuigsinn, agus sin le barrachd cinnte na tha mòran am barail; seadh agus tha e ni 's usa ruigheachd air eòlas mu thimchioll, na tha mòran daoine a' meas: oir cha 'n e amhàin gu 'n d' àithn Dia na trècair do dhaoineibh fios fhaotainn air an còir ann-san, mar ni air am feudar ruigheachd. 2 Cor. xiii. 5, "Ceasnaichibh sibh fein am bheil sibh sa' chreidimh; dearbhaibh sibh fein, &c." 2 Pead. i. 10, "Deanaibh tuilleadh dìchill chum bhur gairm agus bhur taghadh a dheanamh cinnteach, &c." Ach ràinig mòran do na naoimh air dearbhadh soilleir mu 'n còir air Criosd, agus air Dia mar an Dia fein. Cia minig a tha iad a'g ràdh an Dia 's an cuibhrionn ris! 's cia làn-dearbhta bha Pòl, "nach feudadh ni air bith eadar-sgarachduinn o ghràdh Dhe." Air an aobhar sin feudar ruigheachd air dearbh-chinnteach mu staid ghràsmhor duine.

Agus cha smuainte faoin na barail gun bhun-achar an dearbh-chinnteach so air am feudar ruigheachd, ach tha e ro chinnteach; "Gu deimhin is tusa ar n-Athair," ars' am fàidh ann an ainm na h-eaglaise, Isa. lxiii. 16. Tha e dearbh-shoilleir air a mhodh so, 1. Cha 'n fheud gur barail faoin, ach eòlas ro chinnteach an ni sin a bheir mòr cho'fhurtachd do dhuine reusanta anns na cruaidh-chais a's mò: ach 's amhuil an ni so, 1 Sam. xxx. 6, "Ach ghabh Daibhidh misneach dha féin anns an Tighearn' a Dhia." Salm iii. 6 Tha e 'g ràdh ann an sin, nach bi eagal air roimh dheich

mìle a dh' éireas 'na aghaidh. Coimeas na briathra sin ri rann 3, do 'n t-salm sin. “ Ach ata thusa a Thighearn' a' d' sgéith dhòmhsa ; mo ghlòir agus fear-togalach mo chinn.” Salm xxvii. 1, 3. “ Is e an Tighearna mo sholus agus mo shlàinte ; co chuireas eagal orm ? Is e an Tighearna neart mo bheatha : co chuireas geilt orm ?” Ge do champuicheadh feachd a' m' aghaidh cha bhiodh eagal air mo chridhe : ge d' éireadh cogadh a' m' aghaidh, as so ni mi mo bhun. 2. 'Se eòlas cinnteach air ni, a bheir air ceannaiche glic gach ni bhios aige reic, chum 's gu'n gleidheadh e sàbhailt' e ; a bheir air duine a bheatha, a chlann, 'fhearann a thréigsinn, agus milleadh a mhaoin fhulang le luath-ghair : ach 's amhuil an ni so. Mat. xiii. 44 ; Marc. x. 28, 29 ; Eabh. x. 34 ; Rom. v. 3 ; Gniomh v. 41. 3. 'S éiginn gur éolas ro chinnteach, 's nach faoin bharail air an cuir duine gu deònach agus gu saor 'anam ann an cunnart, 'nuair tha e toirt ceum a stigh do shiorruidheachd leis an fhocal so 'na bheul, “ Se so m' uile mhiann ;” ach 's amhuil an t-eòlas a tha 'n so, 2 Sam. xxiii. 5.

Agus a rithist, cha 'n e amhàin gu 'm feud duine diadhaidh tighinn a dh' ionnsuidh eòlas cinnteach mu staid ghràs-mhor, ach tha e ni 's usa fhaotainn na tha mòran a' breithneachadh : oir abair, ni a dhearbhar an déigh so, gu'm feud duin' eòlas fhaghail air obair ghràs-mhor spiorad Dhe ann féin ; ma riasanaicheas e gu soilleir uaithe sin, 's éiginn da a chòir air Criosd aideachadh, mur àicheidh e fìrinn shoilleir an sgriobtnuir. Cha laimhsich mi ach a h-aon ann an so, do bhrìgh gu 'bhei sinn ri labhairt ni's mionaidiche air a chùis

so an déigh làimhe. Feudaidh duine diadhaidh reusanachadh air a mhodh so, ge b' e ghabhas ri Crìosd tha iad gu ceart-bhreitheach air am meas 'nan cloinn do Dhia. Eoin i. 2, "Ach a mheud as a ghabh ris thug e dhoibh cumhachd a bhi 'nan cloinn do Dhia." Ach ghabh mise ri Crìosd air gach aon dòigh a tha 'm focal ann an sin a' ciallachadh; oir tha mi làn toilichte le innleachd na slàinte trid Iosa Crìosd an Slanuighear; tha mi 'g aontachadh leis na cùmhnantan, 'se beatha tairgse Chrìosd agam 'na uile dhreuchdaibh, mar rìgh chum riaghladh os mo cheann, mar shagart a thairgse ìobairt 's a dh' eadar-ghuidhe as mo leith, mar fhàidh chum mo theagasg; tha mi taosgadh a mach mo chridhe air a shon agus d' a ionnsuidh, 'gam' shocruchadh féin air mar a's urrainn mi: ciod tuille dh' fheudas a bhi air a chiallachadh leis an fhocal, *gabhail?* Uime sin feudaidh mi 'ràdh agus aideachadh le deadh bharantas gu soilleir, neo-mhearachdach. Feudaidh mi gu ceart-bhreitheach mi fein a mheas mar aon do chloinn an De uile-bheannaichte, a réir an Sgrìobtuir roi'-ainmichte do nach comas fàilneachadh.

'Se 'n dara ni tha r' a chur sìos roi' laimh, gur cùis ro chudthromach, fheumail, duine bhi air mhodh slàinteil ann an cùmhnanta ri Dia, "'Se sin a bheatha," Deut. xxxii. 47. 'S gidheadh 's ro thearc iadsan aig am bheil, no idir a tha 'g iarraidh, còir shlàinteil anns a chùmhnanta; agus tha mòran gu h-ea-céillidh amaideach am barail gu 'bheil a shamhuil sin do chòir aca gun stéigh cheart air bith, no idir gne bharantais air a chùis. Mat. vii. 14, "Ach is cumhann an dorus, agus is aimhleathan an t-slighe ata treòrachadh chum na beatha,

agus is tearc iad a ta 'g amas oirre." Bu chòir dha so daoin' a mhosgladh á marbh-chodal a pheacaidh, gu bhi ro dhùrachdach mu thimchioll na cùise ; agus o 'n a tha e 'na ni co ro fheumail a bhi air mhodh slàinteil ann an Iosa Criosd ; agus air son nach 'eil iad ach ro thearc a dh' fheudas còir cheart a thagradh air : agus gidheadh tha mòran am barail amaidich gu 'bheil aca làn chòir air, a tha air am mealladh le dòchas cealgach, mar bha na h-òighean amaideach. Mat. xxv.

'Se 'n treas ni gu bhi air a chur sios roimhlaimh, gur h-éiginn do dhaoin' a chur rompa gu 'n dearbh iad an còir air Criosd leis an Sgriobtuir, ni is e focal neo-mhearachdach an Dé shiorruidh. 'Se 'n spiorad a' labhairt 'san Sgriobtuir breitheamh nan uile chonnsoid. Isa. viii. 20, "*Iarradh iad* chum an lagha, agus chum na fianuis ; mar labhair iad do réir an fhocail so 's ann a chionn nach 'eil solus annta ;" agus air an ni so mar an ceudna, co dhiubh tha no nach 'eil duine air mhodh slàinteil ann an cùmhnanta ri Dia. Uime sin na deanaibh fanoid air Dia 'nuair tha sibh mar gu'm b' ann ri mion-rannsachadh mu thimchioll a shamhuil sin do ni. Ma dhearbhas sinn o Sgriobtur, ni is e an riaghailt neo-mhearachdach, gu 'bheil sibh ann an staid nan gràs, agus gu 'bheil sibh air mhodh slàinteil ann an cùmhnanta ri Dia, an sin cuiribh roimhibh an uiread so aideachadh, 's a bhi làn-toilichte leis : agus ma bhios atharrachadh so soilleir, thigeadh crìoch air a chonnsoid, no cha 'n 'eil sibh ach ri fanoid air an Uile-chumbhachdach, 's mar sin bithidh bhur cuibhrichean air an deanamh làidir. Mat. v. 18. Oir " Cha teid aon lide no aon phunc do

'n lagh thairis, gus an coimhlionar gach aon ni." Air an aobhar sin iarraibh sàbh-shùl air Criosd chum nithe a bhreithneachadh a réir 's mar tha focal Dé a' nochdadh a tha iad.

CAIB. II.

Aobhair mu 'bheil cho beag a' teachd gu eòlas soilleir air an còir air Criosd.

'SE 'n ceathramh ni gu bhi air a chur sìos, ged a tha cùis còir duine air Criosd 'na ni cho ro chud-thromach, agus an dòigh chum eòlas fhaotainn air a chùis air a cur m' ar coinneamh gu ro shoilleir 's na Sgriobtuiribh; gidheadh 's tearc iadsan a tha ruigheachd air mion-eolas air a chùis. 'S a chum 's nach dthugadh so mi-mhisneach do neach air bith gun oidheirp theann a thoirt air, bheir mi fainear beagan de dh' aobhair àraid aig a 'bheil a choire gu 'bheil cho beag a' teachd chum eòlas soilleir air an còir; ni mar an ceudna dh' ullaicheas an t-slighe fa chomhair an ni tha gu bhi air a labhairt an déigh so.

'Se cheud ni tha bacadh mòran o eòlas f'haghail air an còir air Criosd, gu 'bheil iad aineolach air cuid-eiginn de chinn àraid a chreidimh.

1. Gu 'm b' e saor-ghràdh ann an Uchd Dhé, 's nach b' e ni sam bith bha anns an duine, a bhrosnuich E gu Slànuighear a chur a choimhlionadh obair na saorsa: Eoin iii. 16, "Oir is ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, gu 'n d' thug e 'aon-ghin Mhic fein." Tha daoine do ghnàth a'g iarraidh stéigh-éiginn annta fein chum a chùis sin

a thoirt gu crìch, a tha 'g an treòrachadh air falbh o smuaintibh àrda agus freagarrach a bhi ac' air ceud thobar agus toiseach cùmhnanta fàbharrach an Dé uile-bheannaichte d' a phobull, aig nach 'eil riasan, aobhar na toillteannas air bith annta fein; air chor 's nach urrainn iad tighinn a dh' ionnsuidh eòlas soilleir air an còir, gus an caochail iad gu tur am beachd m' an chùis.

2. Tha iad aineolach air cionnas a tha 'n gràdh sin 'g a nochdadh féin air mhodh èifeachdach do chridhe duine, air chor 's gu 'm bi stéigh aige chum còir a thagradh air. 'S bitheanta leis a ghràdh sin gu'n leig e air tùs ris do dhuine a staid bhreòite neo-iomlan ann fein, a thaobh peacaidh agus truailleachd, a' salchadh an duine gu h-iomlan, 's gach aon ni tha ann ris am feudar fireantachd a ghairm, tha iad sin uile 'nan calldach agus 'nan aolach. Phil. iii. 6, 7, 8. Tha e foillseachadh Chrìosd mar an t-ionmhas iomlan a shàsuicheas thar gach ni eile. Tha 'n duine faghail ionmhais air son a' bheil e le gàirdeachas a' reic gach ni tha aige, &c., Mat. xiii. 44, 46. Tha e rùnachadh a chridhe gu h-iomlan, 's a' toirt air dlùthachadh ris an Dia bheò anns na h-òrdughaibh. Salm lxxv. 4, "Is beannaichte *esan* a thaghas tusa, agus a bheir thu am fagus *duit*; gheibh e còmhnuidh a' d' chùirtibh." 'S tha e toirt air do chridhe feitheamh air, agus airsan amhàin, Salm. lxxii. 5, "Amhàin air Dia feith, O m' anam;" Mar so air do shìol Dhé bhi air a chur 's a chridhe, agus Chrìosd air a dhealbh ann. Gal. iv. 19. Tha 'n cridhe air atharrachadh 's air a dheanamh nuadh anns an obair roì'-ainmichte. Esec. xxxvi. 26. Agus tha lagh Dhé anns a

chaochladh sin air a chlo' bhualadh air a chridhe air chor, Ier. xxxi. 33. 's gu 'bheil an t-ìomlan do chuing Chrìosd air a chliùthachadh do 'n duine, Rom. vii. 12, 16, " Air an aobhar sin tha'n lagh naomh, agus a ta 'n àithne naomh, agus cothromach agus maith." Air so uile tha gnìomharra do nuadh bheatha a' sruthadh a mach o 'n cheud thùs beatha sin. Gal. v. 6, " Ann an creidimh a dh' oibricheas tre ghràdh;" Rom. vi. 18, 22. Agus tha'n duin' a' fàs 'na sheirbhiseach do dh' fhìreantachd agus do Dhia, ni tha gu sònruichte soilleir ann an nàdur spioradail aoraidh. Eoin. iv. 24; Rom. vii. 6. Ann an sin tha daoine a' deanamh seirbhis ann an nuadhachd spioraid, agus cha 'n ann an seanachd na litreach; agus ann an caomhalachd anns gach gné chaithe-beatha: an sin tha 'n duine " a' saothreachadh a ghnàth coguis neo-lochdach e bhi aige a thaobh Dhé agus a thaobh dhaoine." Gnìomh. xxiv. 16. Anis tha gràdh Dhé air a mhodh so 'ga nochdadh fein do dhuine 's ag oibreachadh air, air chor 's gu bheil stéigh aige chum càileigin do dheadh chòir a thagradh air; air chor 's gu'm feud e gu ceart-bhreitheach a smuainteachadh, gu bheil suim aig a ghràdh sin a chuir Slànuighear iochdmhor, tròcaireach a dh' ionnsuidh an t-saoghail d' a shamhuil sin do dhuine, a mhothaich gu'n deach na nithe sin a cho'-chur ris féin. Gu cinnteach tha aineolas anns a chùis so a' cumail mòran air an ais o eòlas fhaotainn mu'n còir air Crìosd; oir mur 'eil fios aig aon cionnas a dh' oibricheas Dia air duine, air dhòigh 's gu'm feud e gu fìor neo-mhearachdach còir a thagradh air a ghràdh a bha ann o'n uile bhith-bhuantachd, theid e cian air

seachran 's an dorchadas, agus cha dthig e chum eolais air a chòir anns an.

3. Tha mòran daoine, mar an ceudna, aineolach air so, gur e Dia amhàin dòchas a phobuill: *Theirear dòchas Israel ris. Jer. xiv. 8.* Ged tha buaidhean nàdurra 'nan dearbhadh air so, gidheadh 's e creidimh, socrachadh a chridhe air an Dia shiorruidh, mar làn bheannachadh 's mar chuibh-rionn a shàsuicheas. 1 Pead. i. 21, “Chum gu'm biodh bhur creidimh agus bhur muinighinn ann an Dia.” 'S an t-aon chùmhanta fìor a bheir seachad còir air beannachdaibh slàinteil a cho'-cheangail. *Rom. iv. 5,* “Ach do 'n ti nach dean obair, ach a ta creidsinn anns an ti a dh' fhìreanaicheas an duine mi-dhiadhaidh, measar a chreidimh mar fhìreantachd.” Gun amharus ma ghabhas aon neach do dhànadas 'san àite so, 's ma thionndas e gràs gu macnus, 's mealltoireachd ro mhòr so; o'n a tha tròcair maille ris, air chùmhanta 's gu'n oibrich e eagal ann. *Salm cxxx. 4.* 'Seadh 's gann a dh' fheudas neach sam bith a mhothaich an dearbhadh so air gràdh air a cho'-chur ris féin, sgàil a dheanamh de'n chùmhant air son saorsadh peacaidh, gun tomhas éiginn de ghleachd spioradail; anns an t-seadh so “cha dean e peacadh; ge b'e air bith a pheacaicheas, cha 'n fhac' e esan, agus cha robh eòlas aige air.” “Ge b'e neach a ghineadh o Dhia cha dean e peacadh.” 1 Eoin. iii. 6—9. Tha mi 'g ràdh gur e Dia muinighinn a phobuill 's ni h-e an naomhachd féin. Ma tha 'n rùn gu neo-chealgach, 's ma tha iad gu dùrachdach a' gabhail fadail gu bhi cosmhuil ris, cha chòir do dh' iomadh fàilneadh agus mearachd, an dòchas anfhannachadh; oir tha 'n dòchas ann-san

nach caochail, Mal. iii. 6, “ Air an aobhar sin cha ’n ’eil sibhse, O chlànn Iacoib air ’ur sgrios.” I Eoin. ii. 1, “ Agus ma pheacaicheas neach air bith, tha fear-tagraidh aige maille ris an Athair.” Anis ’nuair tha daoine a’ cur an dòchais ann an nì air bith eile a bharrachd air an Tighearna Dia, cha ’n iongadach ged robh iad air an cumail ann an staid amharusaich, do réir atharrachadh an nì d’ a bheil iad a’ deanamh stéigh an dòchais, do bhrìgh uach ’eil iad a’ toirt do Dhia a ghlòir a’s cubhaidh d’ a ainm, ’s nach toir e seachad do neach eile : coimeas Salm ix. 10, “ Agus cuiridh iadsan d’ an aithne t’ ainm an dòigh annad,” ri Isa. xlii. 8, “ Is mise Iehobhah, is e sin m’ ainm ; agus mo ghlòir cha tabhair mi do neach eile.”

4. Tha mòran aineolach air dòighibh agus tomhas eug-samhuil oibreacha Dhé air a phobull, ’s tha so gu ro mhòr a’ toirt dubhar air an eòlas mu ’n còir air Crìosd. Tha ’n t-aineolas so gu sònruicht’ a’ co’-sheasamh anns na trì chinn so a leanas.

Air tùs, tha iad aineolach air dòighibh ’s air tomhas eug-samhuil na lagh-oibre sin, a tha bun-tuinn gu bitheanta ri daoine, ’s air na seòlaibh eug-samhuil air a’ bheil an Tighearna Dia an toiseach a’ toirt sluaigh a dh’ ionnsuidh Chrìosd an Slànuighear. Cha ’n ’eil iad a’ toirt fainear nach deachaidh fear-coimhead a phriosuin a chumail aon uair fo dhaorsa, Gníomh xvi. Chaidh Pòl a chumail ann an teagamh trì làithe. Gníomh ix. Cha robh Sacheus air a chumail ann an amharus aon mhionaid, Luc. xix. 2. Tha iad aineolach, gu h-àraidh cha ’n ’eil iad a’ toirt fainear, nach ionann tomhas do naomhachd a tha anns na

naomhaibh féin; oir tha cuid aig a' bheil e follais-each an làthair dhaoine, agus tha cuid eile dhiubh aig nach 'eil e mar sin. Tha cuid de dhaoine ann e tha ro neo-choireach saor o pheacaibh ro ann-trom, a tha fàgail an aidmheil ro sgiamhach mhaiseach, mar bha Iob, Iob i. agus Sacharias Luc i. tha e air a ràdh gu'n robh na daoine so foirfe agus fìrinneach, air an robh eagal Dé agus a seachnadh uilc; fìrinneach am fiannuis Dé, a' gluasad ann an uil' àitheantaibh agus òrduighibh an Tighearna, gu neo-lochdach; bha daoine eile buailteach do pheacaibh ro ghràineil ann-trom, mar bha Solamh, Asa, &c. 3. Tha iad aineolach air co' chomunn fa leith gnùis Dhé agus air dearbhadh a làthaireachd. Tha cuid ag imeachd gu bitheant' ann an solus gnùis an Dé shiorruidh, 's ann an co'-chomunn mothachail maille ris, mar bha Daibhidh; tha dream eile ré am beatha air an cumail fo dhaorsa trid eagail a bhàis, Eabh ii. 15. Gu cinnteach tha aineolas air na dòighibh eugsamhuil leis a' bheil Tighearna nam feart ag oibreachadh air a phobull, a' cur dubhar ro mhòr air an eòlas mu 'n còir air Criosd, 'nuair tha iad do ghnàth a' cumail Dhé ri aon dòigh oibreachaidh, ni nach 'eil e idir a' leantuinn, mar a nochd sinn 's na h-eisimpleiribh a chaidh ainmeachadh cheana.

'Se 'n dara ni tha cumail dhaoine ann an dorchadas mu thimchioll an còir air Criosd, gu bheil ni no nì-eigin eile anns a bheil an chridhe, 'gan dìteadh, ann an seadh-eiginn, do bhrìgh gu bheil iad a' buntuinn gu mealltach cealgach ri Dia. Cha 'n 'eil e coltach gu 'n dthig a mhuinntir sin gu soilleireachd mu thimchioll an còir air a bheatha

mhaireannaich, aig a' bheil an cridhe 'g an dìteadh air son bhi cumail suas ceannairc àraidh an aghaidh an Tighearna Dia le 'm fios, leis nach leig iad falbh, ni mò tha iad a' gnàthachadh nam meadhonan a dh'òrduich Dia chum an saoradh uaithe: cha mhò a dh'fheudas a mhuinntir sin tighinn chum làn eòlas mu 'n còir, a tha deanamh dearmad air dleasnas sònruichte éiginn, a tha air àithneadh dhoibh a chur an gnìomh; tha iad sin mar an ceudna, ann an seadh-eiginn air an dìteadh le 'n cridhe féin, mar bha a mhuinntir m' an do labhradh roimhe; agus tha e duilich dhoibh teachd chum eòlas soilleir air an staid, am fad 'sa bhuan-aicheas iad 's an staid sin. I Eoin. iii. 21, "Mur dìt ar cridhe sinn, tha dànachd againn a thaobh Dhé." Tha e air a ghabhail os làimh ann an sin, gu bheil cridhe duine a tha 'ga dhìteadh a' deanamh do réir sin a dhòchais a thaobh Dhé gun bhladh.

Cha 'n 'eil mi 'g àicheadh nach feud daoine air deadh stéigh còir a thagradh air Criosd, 'nuair tha aingidheachd a' fàotainn buaidh orra. Salm lxx. 3, "Thug eucearta buaidh oirnn, ar n-eusaontais glànaidh tusa uainn." Rom. vii. 23, 24, 25, "Ach tha mi faicinn lagha eile a' m' bhuill a' cogadh an aghaidh lagha m' inntinn, 's 'ga m' thoirt am bruid do lagh a pheacaidh a ta ann am bhuill. Och is duine truagh mi! co a shaoras mi o chorp a' bhàis so? Tha mi toirt buidheachais do Dhia tre Iosa Criosd ar Tighearna. Uime sin, tha mise féin leis an inntinn a' deanamh seirbhis do lagh Dhé, ach leis an fheòil do lagh a' pheacaidh." Ach tha e ro dheacair fhaotainn ma dh'fheudar idir ruigheachd air, soilleireachd mu 'n

chùis 'nuair tha 'n cridhe a' buntuinn gu cealgach ri Dia, 's a' toirt caidreamh do cheilg shònruichte le fios; air an aobhar sin glanadh daoine iad féin o'n cheilg shònruichte sin air a' bheil iad tuille 's eòlach. 'Se sin an nì tha 'ga 'n coinneachadh, a' cur stad air am muinighinn 's air comas teachd am fogus do Dhia gach uair bu mhiann leò dlùthachadh ris; faic Breith. x. 10, 13, tha iodhol-aoraidh a phobuill air a mhaoitheadh orra leis an Tigh-earna, 's chuir e cùl r'an iarrtus air an son. 'Se sin an nì tha tarruing air falbh a chridhe air tùs 's a mhaduinn, agus fa dheireadh 's an oidhche, mar àmhuinn, air a teasachadh san oi'che, anns a' mhaduinn tha i losgadh mar theine lasrach, air a labhairt mu na h-aingidh, Hos. vii. 6. Agus a' togail an smuaintean gu minic air an leabaidh; mar tha e air a ràdh mu chuid-eiginn. Salm xxxvi. 4, "Dealbhaidh e euceart air a leabaidh," &c. an nì sin a tha gu bitheant' a' toirt a chridhe air falbh ann an àm dleasnais chràbhach, agus tha 'n spioraid air am beothachadh le bhì cuimhneachadh air, nì's mò na le bhì cuimhneachadh air an Dia a chruthaich iad, air chor 's gu bheil an cridhe an tòir air nì-eiginn ro-ghràineil. Esec. xi. 21. an nì sin a tha cur an aghaidh dhaoine 'nuair bu mhiann leò greim a dheanamh air a ghealladh, mar tha Dia a' maoitheadh am peacaidh orra-san a tha gabhail gnothach r'a chùmhanta. Salm. l. 16, 17, "Ciod e do gnothuchsa mo reachdan a chur an céill, no gu'n gabhadh tu mo choimhcheangal ann ad bheul," &c. 'Se sin an nì tha bacadh eòlais air staid ghràs-mhor; cuiribh uaibh an nì sin, agus bithidh e nì's usa dhuibh ruigheachd air làn chinnte mu chòir air Criosd.

'Se 'n treas ni tha bacadh eòlais mu chòir air Crìosd, spiorad lunndaireachd agus dearmad neo-chùramach ann am mòran : tha iad a' gearan nach 'eil fhios ac' a' bheil no nach 'eil iad ann an Crìosd : ach mar is tearc iadsan a tha 'g oidheir-peachadh a bhi ann ; 's co beag a chuireas do dhragh orra féin fheuchainn a' bheil iad ann. 'S obair agus gnothach so nach urrainn daoine a dheanamh 'nan cadal, 2 Cor. xiii. 5, " Ceasnuichibh sibh féin, am bheil sibh sa' chreidimh ; dearbh-aibh féin," &c. Tha na briathran eugsamhuil tha air an gnàthaichadh ann an so, sin r'a ràdh, " Ceasnuich, dearbh, aithnich," ag ràdh gu bheil mòr shaothair anns a chùis. 'S éiginn dìchioll a dheanamh chum ar gairm 's ar taghadh a dheanamh cinnteach, 2 Pead. i. 10. 'S cùis i a tha os cionn cumhachd fola agus feòla : 's éiginn do 'n ùngadh naomh a theagaisgeas na h-uile nithe 1 Eoin. ii. 20, 27, a thoirt òirnn gu 'n aithnich sinn na nithe a thugadh dhuinn gu saor o Dhia. 1 Cor. ii. 12. Am pàirtich an Tighearna Dia gnothach cho cudthromach ri daoine, 's nach dean iadsan uiread agus iarraidh airsan a dheanamh air an son ? Esec. xxxvi. 37.

Biodh nàir' oirbhse tha struigheadh na h-uiread d' ur n-aimsir ann an leughadh faoin-sgeulachdan spleadhach, ann an sgeudachadh bhur cuirp, ann an sealg 's ann an aighear, ann an rannsachadh lagh na rìoghachd mu thimchioll bhur gnothaichean saoghalta ; agus feudaidh e bith ann an nithe a's measa na iad sin ; biodh nàir' oirbh gu bheil sibh a' caitheamh cho beag d' ur n-aimsir ann an rannsachadh na cùise so, co dhiùbh a's oighreachan air glòir sibh no nach 'eadh ? co dhiù tha sibh ag

imeachd air an t-slighe a tha treòrachadh a dh' ionnsuidh rìoghachd na glòire, no air an t-slighe sin a chuireas air tìr sibh an déis duibh an saoghaïs' fhàgail, ann an àros na caoidh, a ghearain, a bhròin agus an dubhachais, maille ri deamhain agus ri diabhoil ann an iomall dorchadais gu saoghal nan saoghal. A mhuinntir mo ghràidh! smuaintichibh air a chunnart anabarrach anns a' bheil sibh, agus teichibh gu luath a dh' ionnsuidh bhur caraid a's fearr; a tha làn chomasach air bhur saoradh o thruaighe shiorruidh. Sibhs' a tha 'gar meas féin os cionn mion-rannsachadh air a chùis so, agus nach fiù e bhur saothair, no earrann sam bith d' ar n-ùine a bhuileachadh air a chùis; do bhrìgh coltais 'an sùilibh Dhé, tha sibh 'gar meas féin " neo-airidh air a bheatha mhaireannaich," air chor 's nach 'eil crannchur agaibh 's a chùis so maille ri luchd muinntir Dhé.

'Se 'n ceathramh ni tha cur dubhar air dearbhl-chinntè mu chòir ann an Criosd, nach 'eil daoine' aig ceann an comhairle mu thimchioll an ni a shàsuicheadh iad; tha iad a' gearan nach nochd Dia dhoibh ciod a tha e dol a dheanamh riutha; ach cha 'n urrainn iad fhathasd a ràdh gur aithne dhoibh ciod a shàsuicheadh mu thimchioll a rùin. 'S nì ro bhrònach so. An smuaintich sinn gu bheil na daoine da rìreadh nach do shùraich riamh fhathasd air an nì a shàsuicheadh iad, agus nach do rannsuich gu dùrachdach mu thimchioll an nì sin d' am bu chòir an sàsachadh? Na 'm fàgadh Dia 's an dorcha sinn mu 'n chùis sin, bu mhòid a bhiodh de leithsgeul againn a bhi màirnealach ann: ach do bhrìgh gu bheil steigh ar sàsachaidh, agus na fìor chomharan air còir ann

an Crìosd, co soilleir 's co bitheanta 's an Sgrìob-tuir, 's a choi'-lion nithe sgrìobhta, chum 's gu 'm biodh ar gairdeachas co'-lìonta. 1. Eòir. i. 4. 'S a chum 's gu'm bi fios acasan a chreideas gu bheil a bheatha mhaireannach aca, 1 Eoin. v. 13. 'S do bhrìgh gu bheil aige-san a chreideas, fianuis air an nì sin ann féin. 1 Eoin v. 10. Cha 'n fheud duin' air bith leithsgeul a ghabhail ann an so. Cha'n fhaigh sinn 's an àm so fuireach r'a nochdadh cìod a dh' fheudas, agus d' an còir ar sàsachadh mu thimchioll ar còir ann an Crìosd, do bhrìgh gu bheil sinn ri labhairt gu mionaid-each mu dhéighinn an déigh so.

'S e 'n cùigibh nì tha 'na iompaidh air daoin' a chumail an dorchadas mu thimchioll an còir air Iosa Crìosd, gu bheil iad a' sùnrachadh air stéigh-eiginn chaochlaideach, nach 'eil 'na dhearbhadh cho làidir mu chinnt' air còir ann an Crìosd, 's a tha iad air staid làn de cho'-fhurtachd do dh' anam buadhach a tha seòladh roimh 'n ghaoith; agus is comharan iad, tha mi 'g aideachadh, a tha prìseil annta féin, 's a nì còir air Crìosd a mach gu soilleir far a' bheil iad; ach gidheadh feudaidh còir air Crìosd a bhi as an eug'ais, agus feudar aithneachadh ann an tomhas maith mar an ceudna: labhraidh sinn mu nì no dhà dhiubh.

1. Tha cuid de dhaoin' a' smuainteachadh gu bheil iadsan uil' aig a' bheil còir chinnteach air Crìosd os cionn cumhachd bhoadhar gach peacaidh. Ach tha so calg-dhìreach an aghaidh Salm lxx. 3, "Thug eucearta buaidh oirnn: ar n-eus-aontais glanaidh tusa uainn," far am bheil sinn a' faicinn an duine dhiadhaidh so a' tagradh còir cheart air maitheanas 'nuair bha 'm peacadh a'

faghail buaidh air: agus Rom. vii. 23, 24, 25, far a' bheil Pòl a' toirt buidheachas do Dhia trid Chrìosd, mar neach air a shaoradh o dhìteadh an lagha, eadhoin 'nuair tha lagh 'na bhallaibh 'ga thoirt am bruid do 'n pheacadh.

2. Tha daoine eil' am barail gu bheil aca-san uile tha air mhodh slàinteil ann an Crìosd saor chomas gu dlùthachadh ri Dia gach uair a's àill leo ann an ùrnuigh, 's gu bheil mothachadh ac' air freagrachd d' an ùrnuigh gach aon àm. Ach tha so dìreach an aghaidh gnàthachadh brònach, muladach a luchd muinntir, a tha cruaidh-ghearan gu minic, nach 'eil an Dia a chruthaich iad 'ga 'n cluinntinn, no idir a' gabhail suim dhiubh. Salm xiii. 1, " Cia fhad a Thighearn' a dhì-chuimhnicheas tu mi? an ann gu bràth? Cia fhad a dh' fholaicheas tu do ghnùis uam?" Salm xxii. 1, 2, " Mo Dhia, mo Dhia, c' arson a thréig thu mi? fad o 'm ghlaodh, o bhriathraibh mo bhùiridh? O mo Dhia! gairmeam 's an là, ach cha fhreagair thu; agus 'san oidheche ach cha 'n 'eil fois agam."

3. Tha cuid de dhaoine tha ann am barail gu bheil aig a mhuinntir sin uile aig a' bheil còir cheart air Crìosd, Dia a' togail fianuis dhoibh air an ni sin féin, le àrd-oibreachadh a spioraid mu'n do labhair an t-Abstol, Rom. viii. 16, " Tha'n spioraid féin a' deanamh fianuis maille r' ar spiorad-ne gur sinn clann Dhé;" uime so labhrar an déigh so: ionnas gu bheil na daoine sin a ghnàth cur an còir féin air Crìosd an teagamh, air son ga bheil so a dh' easbhuidh orra. Ach cha 'n 'eil iad a' cuimhneachadh gur éiginn doibh air tùs ereideas a thoirt do 'n fhianuis sin a thug Dia

mu Mhac, gu bheil beatha na leòir ann-san do dhaoine 1 Eoin v. 10, 11, agus an sin sùil a bhi aca ri seul agus fianuis an spioraid. Ephes. i. 13, “ Neach an déigh dhuibh creidsinn ann chuireadh seula oirbh le spiorad naomh sin a’ gheallaidh,” &c. Co fad ’s a dh’ fhanas daoine ’s a bheachd sin, ’s gann a’s urrainn doibh teachd a dh’ ionnsuidh eòlas cinnteach mu’n staid ghràs-mhoir a dh’ orduich Dia do dhaoine a dhearbhadh agus a shoilleireachadh dhoibh féin, air dhòigh eile fada o bharrail nan daoine sin.

CAIB. III.

Mearachdan mu thimchioll còir air Criosd, air an toirt air falbh.

’SE ’n cùigibh nì r’ a chur sìos roì’-laimh, cuid de mbearachdan anns a’ bheil daoine ullamh gu tuit-eam, a thoirt air falbh, ’nuair tha sinn gu ’n còir air Criosd a dhearbhadh.

I. ’S mearachd a shaoilsinn ga bheil dearbh-fhios aig gach neach a tha ann an Criosd, gu bheil e air mhodh slàinteil ann; oir tha iomadh neach a tha ann an staid nan gràs, agus aig a’ bheil deadh chòir air a bheatha mhaireannaich, aig nach ’eil fios air na h-uiread sin, gus an dearbhar dhoibh e an diaigh làimhe. 1 Eoin v. 13, “ Na nithe sin sgrìobh mi do ’ur n-ionnsuidh, a tha creidsinn ann an ainm Mhic Dhé; chum gu ’m bi fios agaibh gu bheil a’ bheatha mhaireannach agaibh.” ’Se sin gu ’m bi fios aca gur creideich iad, agus mar so

tha e air a chialluchadh nach robh iad fiosrach air roimhe.

II. 'S mearachd a bhi smuainteachadh gu bheil iadsan uile tha teachd gu eòlas mu 'n còir air Criosd, a' ruigheachd air an aon tomhas chinnte m' a thimchioll: feudaidh aon neach a ràdh, " Oir a ta dearbh-bheachd agam nach bi bàs no beatha, no aingil no uachdaranachda, no cumhachda, no nithe a ta làthair, no nithe a ta ri teachd, no àirde, no doimhne, no creutair sam bith eile, comasach air sinne a sgaradh o ghràdh Dhe, &c. Rom. viii. 38. Cha 'n 'eil neach eil' ach a' teachd an fhad so air aghaidh. " A ta mi creidsinn a Thighearna, cuidich thusa le m' mhi-chreidimh." Marc ix. 24.

III. 'S mearachd a bhi ann am barail gu bheil gach neach tha teachd chum dearbh-bheachd làidir air a chòir, a' fantuinn a ghnàth 's a bheachd sin; oir an ti tha 'g ràdh an diugh mu 'n Tighearna Dia gur h-e a thèarmunn agus a dhaingneach, Salm xci. 2, agus a chuibrionn, Salm cxix. 57, feudaidh e bith gu'n abair e air àm eile. " Ghearadh as mi o fhianuis do shùl." Salm xxxi. 22, agus gu 'm feòraich e, 'bheil fìrinn gealladh Dhé a' fàilneachadh gu siorruidh. Salm lxxvii. 7, 8, 9.

IV. 'S mearachd mar an ceudna bhi ann am barail, gu bheil gach neach a tha faghail dearbh-eòlas air an staid ghràs-mhoir, comasach air gach cunnail a nithear an aghaidh sin a fhreagairt gu riaghailteach; ach gidheadh feudaidh iad an dearbhadh a ghleidheadh gu daingionn 's a ràdh, " Oir a ta fhios agam co ann a chreid mi," 1 Tim.

i. 12. 'S beag de bhunachar a chreidimh Chrìosd-uidh air a' bheil mòran daoine cho làn-dearbhta, 's gu bheil iad murrach air an cumail suas gu mion, an aghaidh gach argumaid a dh' fheudar a ghnàthachadh 'nan aghaidh; 's gidheadh tha iad comasach agus coimheadaidh iad an co'-dhùnadh gu cinnteach bunailteach: 'S amhuil a thachair do'n chùis so.

V. Cha lugha am mearachd a shaoilsinn gur e 'n dòchas faoin sin gun bhunachar a tha mòran de dhaoine ann-diadhaidh, aineolach, a' cumail rompa, an t-eòlas so air còir ann an Iosa Crìosd a tha sinn a' tagradh; oir tha mòran gu cealgach ag aideachadh gur h-esan an Athair, Eoin vii. 41, 's tha fiuthair aig mòran ri nèamh a shealbhachadh, a bhitheas air am mealladh mar bha na h-òighean amaideach, Mat. xxv. 12. Gidheadh cha 'n fheud sinn a smuainteachadh air a shon so, gur mealltoireachd agus faoin-bharail neo-stéigheil gach uile eòlas air còir ann an Crìosd, ged tha na h-amadain sin air am mealladh; oir an uair a tha na mìltean air am mealladh, tha cuid-eile murrach air a ràdh air deadh stéigh làidir chinntich, " 'S aithne dhuinn gur h-ann o Dhia a tha sinne, 's gu bheil an saoghal uile 'na luidhe san olc." 1 Eoin v. 19.

CAIB. IV.

Na dòighean leis a' bheil cuid-eiginn air an tarruing a dh' ionnsuidh Chrìosd leis an Uile-chumhachdach, gun mhothuchadh air ullachadh roimh-laimh le obair an lagha.

AIR dhuinn na nithe sin a chur sìos roì'-laimh,

tha e nis a' leantuinn gu 'n nochd sinn comharan àraid leis an tuig duin' a' bheil e air mhodh slàinteil ann an cùmhnanta ri Dia, 's a bheil còir shònruicht' aig' air Criosd an Slànuighear, air chor's gu 'm feud e gu neo-mearachdach, le deadh bharantas, còir a thagradh air fàbhar agus air slàinte Dhé. Cha sùnraich sinn ach air dà chomhara mhòr àraid, air dhuinn a bhi neo-thoileach dragh a chur air daoine le mòran.

Ach mun tionnsgain sinn air labhairt mu na nithe sin, labhraidh sinn mu thimchioll obair ullachaidh an lagha, a tha 'n Tighearna Dia gu bitheant' a' gnàthachadh chum a shlighe féin ullachadh ann an anamaibh dhaoine. Feudaidh so a bhi 'na chomhara le cuid de dhaoine. Theirear obair an lagha, no obair irisleachaidh ris. Tha càileiginn de choimeas aige ri spiorad na daorsa sin, Rom. vii. 15. Agus a tha nis fo 'n Tiomnadh-Nuadh a' co'-fhreagradh dha, 's is gnàth leis daoin' a threòrachadh gu spiorad na h-uchd-mhacachd."

Ach 's feumail amhàin gu'n toir sinn fainear ann an so, 1. Nach 'eil sinn gu labhairt mu obair ullachaidh so an lagha, mar chomhara neo-mhearachdach air fìor chòir ann an Iosa Criosd, mar nach feudadh neach sam bith còir cheart a thagradh air deagh-ghean Dé, aig nach 'eil an obair roi'-ullachaidh so 'na ceumaibh eugsamhuil, mar tha sinn air ball ri labhairt m' a timchioll; oir mar a chluinneas sinn, cha 'n 'eil an Tighearn' a' leantuinn an aona cheum sin do ghnàth le daoine. 2. 'Se 'n t-aobhar sònruichte mu 'bheil sinn a' labhairt uime, do bhrìgh gu bheil Triath na beatha a' buntuinn ri mòran, a tha e gu h-

éifeachdach a' gairm, le shamhuil so do dh' obair ullachaidh: agus feudaidh e bith gu'n neartaich e iadsan ris 'n do bhuineadh air a mhodh so, 's gu'n daingnich e iad gu tuille earbs' a dheanamh as nà comharan a leanas. 3. Agus feudaidh e misneach a thoirt do dhaoin' eile, a tha fo shamhuil sin do dhaorsa spioraid, mar dheagh chomhar' air crìch ghràs-mhor. 4. Far a' bheil Dia a' gnàthachadh a leithid so do dh' obair ullachaidh, cha 'n 'eil e leantuinn aon dòigh no tomhas air oibreachadh leis na h-uile dhaoin' anns an obair sin mar a chluinneas sinn.

Chum an obair ullachaidh so a laimhseachadh ni's mionaidiche, ainmichidh sinn gu h-aith-ghearra na dòighean a's ro ghnàthaichte leis a' bheil an t-Uile-chumhachdach a' treòrachadh dhaoin' air mhodh slàinteil chum a chùmhanta, agus leis a' bheil e 'gan tarruing a dh' ionnsaidh Chrìosd.

Air tùs, Tha cuid-eiginn air an gairm o'n bhroinn, mar bha Eoin Baiste. Luc i. 41, 44; no ann am bliadhnaibh an òige, mun dtheid iad fad' air an aghart le 'n gnìomharaibh ann an slighe Shàtain, mar bha Timoteus. 2 Tim. iii. 25. Cha 'n urrainn sinn a shaoilsinn gu bheil aig a mhuinntir so a shamhuil sin do dh' obair ullachaidh mu 'm bheil sinne ri labhairt. Agus do bhrìgh gu 'm feud cuid-eiginn a ghabhail os làimh gu bheil iad fein gu h-éifeachdach air an gairm air a mhodh so, tha sinn a cur fa'r comhair na comharan so a leanas mar dhearbhadh air a chùis, leis am feud a mhuinntir a tha mar so air an gairm a bhi air an daingneachadh 'n an dòchas.

I. Tha 'n samhail so de mhuinntir o aois an òige, air an cleachdadh a bhi air an cumail saor o

thruaill'eachd ghnàthaichte, leis am bitheanta le cloinn a bhi air an truailleadh; mar tha mionnan, breugan, fanoid air creidimh, 's air daoine diadhaidh, &c. A mhuintir ud a tha Dia gairm gu h-éifeachdach, tha e 'g an naomhachadh o àm na gairme éifeachdaich sin. Cha 'n fheud uachdranachd a bhi aig a pheacadh os an cionn, mar bhios aig' air daoine eile, do bhrìgh gu bheil iad fo ghràs. Rom. vi. 14.

II. Tha Creidimh, mar gu 'm b' ann, nàdurra dhoibh; 's eadh, cha 'n fheum iad am brosnuchadh chum dleasnais chràbhach a choi'-lionadh, 'nuair nach 'eil iad ach dìreach 'nan cloinn: tha iad a' ruith gu deònach, togarrach air an t-slighe sin, air son gu bheil rùn gràidh o 'n leith a stigh 'g an co'-éigneachadh, 2 Cor. v. 14, air chor 's gu bheil iad 'g an toirt féin suas mar sheirbheisich fireantachd, gun cho'-éigneachadh air bith o'n leth a-muigh. Rom. vi. 16.

III. Ge nach 'eil fios aig a mhuintir so e' uin a dh' fhàs iad an tùs eòlach air Dia; gidheadh tha'n déigh làimhe aca na h-uiread do ghnàth-obair spioraid a' tuiteam a mach, mu bheil na naoimh 's an Sgriobtuir a' labhairt, air nach 'eil againn cunntas mu 'n ceud iompachadh. Tha iad air an druidealh a mach o Dhia, air son aobhair éiginn an tràs' agus a rithist, agus tha comas aca teachd ni's dlùithe dha a rithist le 'm fiosrachadh féin: tha 'n cridhe, mar an ceudna, air fhosgladh ni's mò trid nan òrduighibh, mar tha e air a ràdh mu Lidia. Gnìomh xvi. 14. 'S bitheanta leò gu 'n cuimhnich iad, 'nuair bha punc àraid do chreidimh agus do dhleasnas, no 'nuair bha peacadh àraid do nach do mhothaich

iad roimhe, air fhoillseachadh dhoibh. Tha mòr-an aig a mhuinntir sin a dh' fheudas na nithe sin a cho'-chur riutha féin, r'a ràdh mu thimchioll an gairm éifeachdaich o aois an òige.

'S an dara h-àite, Tha cuid eiginn air an toirt a dh' ionnsuidh Chrìosd ann an slighe cumhachd an t-soisgeil, 'nuair tha 'n Tighearna le beagan de bhriathra gràidh a tha slugadh a suas obair an lagha, a' deanamh prìosanach do neach gu grad 's a cheud dol a mach, mar rinn e air Sacheus, Luc xix. agus air muinntir eile, a thréig gach ni bha aca 's a lean Criosd, 'nuair a labhair e aon fhocal riutha; 's cha 'n 'eil sinn a' cluinntinn iomradh air bith gu 'n do bhuineadh riu le lagh-obair mun do ghabh iad ri Criosd.

Agus do bhrìgh gu 'm feud mòran a ràdh gu bheil a ghairm éifeachdach so aca féin, labhraidh sinn càileiginn mu nithe ro chomharaichte ann an cùis Shacheus, chum a chùis a shoilleireachadh dhoibh agus an daingneachadh 'nam barail. 1. Bha càileiginn de dhéigh aig' air Criosd fhaicinn, déigh a thug air an ni sin a sheachnadh a mheasadh cuid-eiginn gu 'm bu chrìonnachd agus gliocas e, 'nuair a streap e suas ri craoibh chum esan fhaicinn. 2. Labhair Criosd air mhodh éifeachdach r' a chridhe, agus dhrùigh am focal sin air co mòr 's gu'n do ghabh e gu grad ri tairgse Chrìosd le gàirdeachas, agus ghabh e ris mar a Thighearna, 'nuair nach robh ach ro bheag de dhaoine cumhachdach na rìoghaehd 'g a leantuinn. 3. An sin dh' fhosgail a chridhe do na bochdaibh, ged a bha e do bhrìgh coltais na dhuine sanntach roimhe. 4. Bha mothachadh iomchuidh aige air a chaithe-beatha 's an àm a chaidh seachad,

a' nochdadh a shuim do lagh Mhaois; agus tha e leigeil so fhaicinn am fianuis na bha 's an làthair uile, gun umhail aige e féin a mhasluchadh anns na nithibh sin a bha maith-dh'-fhaoidte folaicht' o'n t-saoghal. An déigh so uile, dhaingnich Criosd an cùmhnanta le 'fhocal; a' cliùthachadh dha an aonachd dàimh sin, a bhuineadh a bhi eadar e féin agus na naoimh, agus smuainte mu a staid chailte féin, mur dthigeadh Criosd g'a iarraidh, 's mur faigheadh se e: Tha gach nì dhiubh so soilleir o Luc. xix. 3—10.

Tha sinn ag aideachadh gu bheil an Tighearna Dia a' gairm dream-eiginn air a mhodh so, agus ma dh' fheudas neach air bith còir a thagradh air na nithe àraid mu 'n do labhair sinn, tha dearbhadh làidir aca o'n Sgrìobtuir sin, gu'n do bhuin Dia air mhodh gràsmhor riu: nì mò tha iad r'a ghabhail gu h-olc nach 'eil aca lagh-obair ullachaidh gu soilleir air a h-oibreachadh annta, ma thug an cridhe làn-ghéill do Iosa Criosd: oir cha 'n 'eil lagh-obair r'a miannachadh, ach a chum na crìche so. Air an aobhar sin tha Criosd 'ga thairgse féin gu dìreach anns an Sgrìobtuir, agus tha cuireadh aig daoine teachd d' a ionnsuidh: agus ge nach dthig mòran d'a ionnsuidh-san, neach, a tha 'na Urras, gus an cuir Spiorad na daorsa thuige gu teann iad air son an ainmheich; gidheadh na 'n teicheadh neach air bith a dh' ionnsuidh Chrìosd, agus làn ghéill a thoirt dà, le mothachadh air a staid chailte, cha 'n fheudadh aon neach, le barantas, lagh-obair a sparradh air.

Mu dhéighinn dhaoin' eile, air 'n do chuir Criosd iompaidh le 'fhocal chum a leantuinn; ge b'e nì a rinn e, no ge b'e dòigh air 'n do labhair

e riu 'nuair a choinnich e'n tùs iad, 's éiginn duinn gu reusant' a shaoilsinn gu 'n do nochd e na h-uiread d' am feumalachd féin, agus d'a iomlanachd, agus d' a ro-òirdheirceas féin dhoibh, air chor 's gu 'n do rùnaich iad an t-iomlan fhàgail, agus ruith le dian-thogradh gu ro dheònach as a dhéigh; agus ma dh' oibricheas e air a mhodh so air neach sam bith, cha 'n 'eil sinn ag iarraidh tuille, do bhrìgh gu bheil iad leis an fhoillseachadh sin a' faicinn an fheum ro mhòr a th' ac' air an léigh.

Air chor 's uaithe so uile, mar a dh' fheudas cuid-eiginn a bhi air an daingneachadh 's air an neartuchadh, ris 'n do bhuin Dia air an dòigh so; mar an ceudna, cha 'n 'eil stéigh na aobhar aig anmaibh meallta chum iad féin a chur an deagh dhòchas mu thimchioll an staid, a tha fantuinn aineolach agus neo-mothachail air an truaighe fein agus air uil'-fhoghaintichead Chrìosd chum an saoradh o'n truaighe ma thig iad d' a ionnsuidh.

'S an treas àite, tha cuid eile air an toirt a dh' ionnsuidh Chrìosd air dhòigh tha nochdadh nì's soilleire a shaor-ghràs; agus 'se so, 'nuair a ghairmeas e daoine' air mhodh éifeachdach aig uair a bhàis. Tha sinn a' faicinn càileiginn air a chur sìos mu 'n dòigh so, ann an làn-eisimpleir sin a mhèirlich air a' chrois. Luc. xxiii. 39—43. Ge nach 'eil buntainn ro mhòr aige so ris an nì mu 'bheil sinn a' labhairt; gidheadh labhraidh sinn càileiginn m'a thimchioll, chum 's air an dara làimh nach bi daoine ro obann ann an toirt breith orra féin, no air daoine' eile, roimh 'n deò mu dheire. Agus soilleirichidh sinn e air an làimh eile, air dhòigh 's nach bi chridh' aig daoine dàil

a chur ann an cùis cho cudthromach gus an uair mu dheire d' am beatha.

Tha sinn a' faicinn nan nithe sin ro shònruicht' anns a chùis sin eadar Criosd agus an gaduiche.

1. Tha 'n duin' a' cur amach air a chompanach a bh' aige roimhe.
2. Cha 'n 'eil a chridh' aig' aon droch fhocal a labhairt mu Dhia, ach 's ann a tha e 'ga fhìreanachadh anns gach ni a thachair dha féin.
3. Tha e 'nis a' faicinn Iosa Criosd air a gheur-leanmhuinn gu ro eu-corach le daoine, gun chionfàth.
4. Tha e toirt fainear gur Tigh-earn' agus gur Rìgh Iosa Criosd, 'nuair tha naimhdean mi-rùnach a' deanamh tàir air.
5. Tha e creidsinn co cinnteach gu 'm bi glòir shiorruidh ann an déigh bàis, agus gu bheil e gabhail cuibhrionn de mar roghainn air tèaruin-teachd a bheatha chorpóra 's an àm a tha làthair; agus bha dearbh-fhios aige gu 'n robh Criosd làn-chomasach air sin a thoirt dà 's an àm sin; agus dh' fheudadh e sin a roighneachadh maille ris a ghaduich' eile.
6. Ged bha barail cho ìosal aig' air féin, 's nach do ghuidh e ach gu'n cuimhnich-eadh Criosd air; gidheadh 's maith a bha e cho dàna 's e féin a làn-earbsadh r'a Fhear-saoraidh beannaichte; agus bha na h-uiread chreidimh aig' ann an uil'-fhoghaintichead Chrìosd, 's gu'n do mheas e gu 'm bu leòir cuimhneachadh Chrìosd, chum a làn-ghnothach a dheanamh.
7. Cho'-aontaich e gu blasda leis an fhocal a labhair Criosd ris, mar stéigh a cho'-fhurtachd. Tha iad so uile ro shoilleir ann an cùis an duine bhochd sin a bha aig uair a bhàis, agus tha iad a' dearbhadh gu 'n d' oibrich Dia gu ro éifeachdach air a chridhe.

Mar a dh' fheudas na nithe roì'-ninmichte sin misneach a thoirt do chuid de dhaoine chum dàil a chur ann an aithreachas, agus feitheamh ri maith fhaotainn o Dhia, nach fheud fhathasd còir shoilleir a thagradh air a bheag sam bith do dh' obair ghràs-mhor spiorad Dhé; tha sinn ag asluchadh gu deineachdach dùrachdach air gach uile neach, mar a's toigh leò an anmaibh féin, gun dàil a chur ann an gnothach cudthromach an anma, ann an dòchas ri leithid so do chòmhnadh éifeachdach o Chrìosd 'an deireadh an làithean, mar tha mòran a' deanamh; air dha so a bhi 'na fhìor mhiorbhuil tràcair, leis a ghlòir leis an dthug Crìosd buaidh-chaithream air sgainnil a chroinn-cheusaidh; agus tha e cruaidh oirnn a shamhuil so fhaotainn ann an earrann air bith eile de 'n Sgriobtuir. 'Seadh, mar nach 'eil ach beag uile air an sàbhaladh. Mat. xx. 16. Tha mòran air an gairm, ach beag air an taghadh; agus ro bheag air an sàbhaladh air an dòigh so: Mar so bhagair an Tighearna gu ro chinnteach gu 'n dean e gàire mu àmhghar, 's nach éisd e ri glaodh na muinntir sin, a rinn roimhe so fanoid air a smachdachadh, 's a thionndaidh cluas bhodhar ris 'nuair a ghlaodh e riutha. Gnà. i. 24—26, " A chionn gu 'n do ghairm mi, agus gu 'n do dhiùlt sibhse, gu 'n do shìn mi mach mo làmh agus nach dthug duine sam bith an aire; ach gu'n do chuir sibh 'an neo-bhrìgh m' uile chomhairle, agus nach b' àill leibh a bheag do m' achmhasan; Ni mise mar an ceudna gàire ri'r sgrios-sa; ni mi fanoid 'nuair a thig bhur n-eagal." Ge nach 'eil an sgriobtuir so a' druideadh dorus tràcair air aon neach, a tha gu tréibh-dhireach 'ga

cheasnuchadh féin aig uair a bhàis, 's a tha teich-eadh le mothuchadh air a thruaighe féin a dh' ionnsuidh Chrìosd, àrd-léigh an anma, mar rinn an gaduiche aithreachail so; gidheadh 's nì cinnteach gu bheil e ciallachadh nach 'eil ach ro bheag a tha cur cùl ris an tairgse gus a sin, a tha air an onorachadh le aithreachas iomlan mar bha esan; agus do bhrìgh nach 'eil an glaodh dùrachdach agus de 'n t-seòrsa cheart, cha 'n éisdear ris. Gu'n iompaicheadh an Dia uile-léirsinneach daoine chum bhì tréibh-dhireach dùrachdach ann an aithreachas tràthail a dheanamh, am fad 's a mhaireas latha tairgse nan gràs, mun dthig orr' oidhche tinneis agus bàis, anns nach bi aca comas aithreachas a dheanamh.

CAIB. V.

Obair an lagha leis a' bheil an Tighearn' ag ulluchadh a shlighe do dh' anmaibh dhaoine; a tha 'n dara cuid ni 's neartmhoire agus ni 's ealamh, no ni 's ciùine agus ni 's socraiche.

'SE 'n ceathramh, 's an dòigh a's gnàthaichte leis a' bheil mòran air an toirt a dh' ionnsuidh Chrìosd, le obair shoilleir, sho-fhaicsinnich an lagha, 's le irisleadh, ris an abair sinn gu minig "Spiorad na daorsa," mar a thuirt sinn roimhe. Cha 'n 'eil sinn a' ciallachadh gu bheil gach neach aig a' bheil a choguis air a dùsgadh le peacadh 's le eagal feirge, a' gabhail da rìreadh ri Chrìosd air mhodh slàinteil; oir tha cheart atharrachadh soilleir o Chain, Saul, Iudas, &c.

Ach tha geur-mhothuchadh peacaidh, dùsgadh coguis, agus obair irisleachaidh ann, a tha, mar a shoilleiricheas sinn iad, ro ainmig a' teachd goirid air crìch ghràs-mhoir; ach 's bitheanta leis na nithe sin daoin' iompachadh chum spiorad na h-uchd-mhacachd, agus chum obair ghràs-mhor Spioraid Dhé. Agus do bhrìgh gu bheil an Tighearna Dia a' buntainn ri mòran pheacach air a mhodh so, agus gu bheil e cruaidh air mòran breith neo-chlaon a thoirt air an lagh-obair, labhraidh sinn mu thimchioll gach earrann do'n obair fa leith.

Tha 'n obair so an dara cuid air a toirt mu 'n cuairt gu neartmhor, grad, no gu socrach fòill, air a sìneadh a mach car ùin' a's mò, air chor 's gu bheil a h-oibreacha so-mhothachaidh agus ro fhollaiseach. Tha mi 'g ràdh' gu bheil i ni's neartmhoire agus ni's déine ann an cuid-eiginn, mar ann am fear-coimheid a phrìosain, Pòl, agus ann an cuid eile de chreidich ann an leabhar Gniomhara nan Abstol, air 'n do bhrùchd Criosd a stigh gu grad, 's air an dthug e buaidh mar le teine 's le faobhar a chlaidheimh, 's a thug e gu ro dhian am bruid iad; agus do bhrìgh gu bheil cuid de mhòr-ghluasad an lagha ro mhealltach a' tionndadh gu neo-ni, mur 'eil chum ni's miosa, nochdaidh sinn nithe éiginn ro chomharaichte anns na daoin' iompaichte sin air 'n do labhradh roimhe, a dhearbh gu'n d' thug obair an lagha a mach crìoch agus toradh gràs-mhor. 1. Tha focal no frithealadh éiginn, a' cur duine gu amharus uamhasach le mòr-ghluasad 's an anam: Tha cuid air am bioradh 'n an cridhe. Gniomh. ii. 37. Tha dream eil' a' criothnachadh, Gniomh. xvi. 29. Agus tha 'n gluasad so cho éifeachdach, 's gu bheil

an duin' air a thoirt gu ceann a chomhairle :
 “ Ciod a's àill leat mise a dheanamh ? ” arsa Pòl.
 Gniomh. ix. 6. “ Ciod is còir dhomh a dhèan-
 amh chum gu 'n tèarmar mi ? ” arsa fear-coimhead
 a phrìosain. Gniomh xvi. 30. 2. Tha 'n duine
 làn-toileach slàint' agus càirdeas Dhé bhi aige air
 chùmhnannt air bith, mar tha cheist a' ciallachadh,
 “ Ciod a nì mi ? ” mar gu 'n abradh e, ciod nach
 deanainn ? ciod nach tréiginn ? ciod nach fuilginn ?
 3. Tha 'n duin' a' gabhail a chùmhnannta tha air a
 thairgse le Crìosd 's le luchd-muinntir, mar tha e
 soilleir o na Sgrìobtuiribh roi'-ainmichte. 4. Tha
 'n duin' air ball a dh' aon inntinn ris na naoimh,
 a' gabhail leis a mhuinntir sin a tha air an dian-
 ruagadh, a' toirt urram do'n dream air an d'
 rinn e roimhe geur-leanmhuinn, ag aontachadh
 leò 's a' buanachadh maille riù ann an aidmheil
 Chrìosd, anns gach cunnart agus deuchainn. Tha
 mòran aig a mhuinntir ris 'n do bhuin Dia air an
 dòigh so, r'a ràdh mu thimchioll obair ghràs-mhor
 Spiorad Dhé annta féin ; agus tha e coltach, gu
 'm feud mòran an obair ghràs-mhor so a chomh-
 arachadh o shamhuil de dh' àm, de dh' fhocal, no
 de fhrithealadh, 's gu bheil iad murrach air càil-
 eiginn de chunntas a thoirt air na thachair eadar
 Dia agus iad féin, 's air an atharrachadh mhoth-
 achail a bha air oibreachadh orra 's an àm sin, mar
 tha Pòl a' toirt làn-chunntas mu oibreacha Dhé
 ann fein an déigh làimhe. Gniomh xxii.

A rithist, tha 'n Tighearna air uairibh a' toirt
 na h-oibre so air a h-aghaidh nì's ciùine, shoc-
 raiche, 's nì's tosaiche, a' tarruing na h-uiread
 ùine 's gu bheil gach earrann fa leith de ghnàth-
 achadh dhaoine ro shoilleir so-fhaicinn. Thàirn-

geadh e mòran d'ar n-ùine nam mìnicheamaid gach earrann fa leith de'n obair so; ach cha dthoir sinn fainear ach na nithe a's ro shoilleire anns a chùis.

1. Tha Dia a' cuairteachadh dhaoine a dhiùlt gu bitheanta, feudaidh e bith, iad fein a strìochdadh dha, a tha 'ga thairgse féin 'na orduighibh, agus le focal éiginn air a shearmonachadh, air a leughadh, no air a sparradh air an inntinn, no le freasdal éiginn a' treòrachadh a stigh a chum an fhocail, tha e toirt ionnsuidh air an tigh a bha air a choimhead gu sìothchail leis an duine làidir, an Diabhol; 's mar so tha Criosd, neach a tha 'na dhuine nì's làidire, a' teachd air agus 'ga cheanns-uchadh, Luc xi. 22, 's le spiorad na fìrinn, a' ceangal an fhocail air an duine, anns a' bheil fearg Dhé air a bagradh an aghaidh an samhail so no sud de pheacaibh, a tha fios aig an duine gu bheil e féin ciontach dhiu. Tha 'n spiorad a' cur iompaidh air an duine 's a' cur am fiachaibh air, gur h-e féin an ceart neach an aghaidh bheil focal Dé a' labhairt, do bhrìgh gu bheil e ciontach de 'n samhail sin de pheacaibh; agus o mhothachadh air cuid de pheacaibh, tha'n duin' air a thrèòrachadh chum tuille dhiubh fhaicinn, gus am bitheanta leis sealladh fhaotainn air seachrain aois 'òige, peacaidh dearmaid, &c. 'Seadh, tha e air a thoirt air aghaidh gus a' bheil e 'ga fhaicinn fèin gu inbhe bhig, ciontach de bhriseadh an lagha gu h-iomlan: tha e faicinn uile gun àireamh 'ga chuairteachadh, mar tha Daibhidh a' labhairt ann an earrann d' a ghnàthachadh, Salm xl. 12. Chì duin' air uairibh sealladh ro ghràineil air a pheacadh anns an staid so, 's tha e furachair, geur-sheallach chum a mheas

gu bheil e féin ciontach gu inbhe bhig de gach peacadh air an cual' e iomradh. Mar so tha 'n Spiorad a' toirt dearbh-shoilleireachd air a pheacadh. Eoin xvi. 8.

2. Tha 'n t-Uile-Chumbhachdach a' cur air chrith ionad àraid làidir anns an daighneach, dìdean bhreug, d' a' bheil an duin' a' teicheadh, 'nuair tha a pheacannan air a mhodh so air am foillseachadh dha. Tha 'n duine truagh a' gabhail os làimh gu bheil creidimh aig' ann an Criosd, leis a bheil e am barail gu bheil 'uallach air a thoirt deth, mar a thuirt na Pharaisich, Eoin viii. 41. "Tha aon Athair againn eadhoin Dia." Tha iad a' deanamh dheth gu bheil dàimh àraid aca ri Dia mar an aon Tighearna. Tha spiorad an Dé bheò a cur duin' as a bheachd so le fìrinn an Sgriobtuir, a' dearbhadh nach 'eil aige fìor chreidimh, agus mar sin nach 'eil còir aig' air Criosd, no idir fìor ghràs slàinteil; a' nochdadh eadar-dhealachadh soilleir eadar fìor ghràs agus na barailean cealgach a bha aig an duine ann féin; agus an t-eadar dhealachadh tha eadar e féin agus a mhuintir a tha 'nam fìor chreid'ich, mar shaoithrich Criosd a dheanamh dhoibh sin ann an Eoin viii. 42, 44, "Nam b'e Dia bhur n-Athair, ghràdhaicheadh sibh mise: Tha sibhse o bhur n-athair an diabhul, agus is iad ana-mianna bhur n-athar a's toil leibh a dheanamh." Air chor 's gu bheil eagal a' glacadh a chealgair 'na chridhe. Isa. xxxiii. 14, gu h-àraidh 'nuair tha Dia a' foillseachadh dha cùmhnantan ann am mòran de na geallaine sin anns am bu mhò an robh e cur d'a dhòchas, ro dhuilich fhaotainn; tha e nis a mothachadh gur nì-eiginn eile gràs agus creidimh, 's nach iad

idir na nithe a shaoil leis roimhe so a bha annta. Feudaidh sinn ann an seadh-eiginn am focal sin a cho'-chur 's an àite so, "Tha 'n Spiorad a' toirt dearbh-shoilleireachd dha mu pheacadh, do bhrìgh nach do chreid e anns a Mhac," tha geur-mhothachadh air a thoirt dà gu sònruichte mu mhì-chreidimh, Eoin xvi. 9. Tha e nis a' faicinn eadar-dhealachadh mòr eadar e féin 's na daoine diadhaidh, a shaoil leis roimhe so nach ro murachas sam bith ac' air féin, ach ambàin ann am mion-fhoirm uaibhreach, fhuathach, neo-fheumail; tha e nis a' faicinn gu'n robh e air a mhealladh, agus air an t-slighe leathain maille ris an t-sluagh a tha dol am mugha; agus mar so leis an t-sealladh so air a thruaighe, tha e cromadh a sios fo 'uallaich féin, a shaoil e roi 'n àm so, gu'n robh Crìosd 'ga ghiùlan air a shon; tha e nis a' gabhail eagail roi' na geallainean, airson nam briathra so 's an leithidean eile, "Cìod do ghnòthuch ri m' chùmhnannt' a ghabhail ann ad bheul?" &c. Salm l. 16.

3. Tha 'n duin' a' fàs cùramach m'a sblàinte, 's a' tòiseachadh air suim a ghabhail de'n chùis mar an t-aon nì feumail; tha e air a thoirt chum na h-inbhe so maille ri fear-coimhead a phrìosain, Gniomh xvi. 30, "Cìod is còir dhomh a dheanamh chum gu tèarnar mi?" 'Se slàint' 'anma an nì a's mò tha cur do dh' iomaguin air: se sin an nì bu lugha bha 'na aire roimhe so, ach a nis tha e faghail buaidh air, 's cha 'n 'eil mòr-shuim aige de nithibh eile. Do bhrìgh gu bheil 'anam ullamh gu dol am mugha, cìod a bhuannachd a nì e dhà ged a chosnadh e 'n saoghal ma chailleas e 'anam? Mat. xvi. 26. Tha cuid ann an so tha air an

cur thuige gu ro mhòr le smuaintibh mu òrdugh neo-chaochlaideach Dhé chum an cron, 's le eagal bàis neo-chinnteach, a dh' fheudas an glacadh mum faigh iad gnothaichean a thoirt gu crìch; agus tha daoin' eil' ann a tha air an cràdh le smuaintibh, gu bheil iad ciontach de'n pheacadh an aghaidh an Spioraid Naoimh anns nach faighear maitheanas, agus a tha air an tarruing air an dòigh so gu staid ro chunnartach, agus Satan a' nochdadh dhoibh iomad coimeas truagh, mu dhaoin' a chuir gu brònach crìoch air an gnàthachadh féin: ach tha iadsan ann an làmh-aibh neach aig a' bheil dearbh-fhios cionnas a ni e còmhnaidh riùsan a tha air am buaireadh. Eabh. ii. 18.

4. 'Nuair tha duine mar so ann an cunnart tuiteam, tha 'n Dia tròcaireach a' gnàthachadh obair thròcair chum a chumail suas gu sàmhach, dìomhair os 'n ìosal: 's a' foillseachadh d'a inntinn gur comasach dha bhi air a shàbhaladh, a' treòrachadh an duine gu cuimhneachadh air dearbhadh làidir mu shaor-ghràs saibhir Dhé, a tha toirt maitheanas ann am peacaibh ann-trom, mar bha Manasses, neach a bha 'na fhear iodhol-aoraidh 's 'na dhuine fuilteach, agus aig an robh comunn ris an diabhl, agus gidheadh fhuair e maitheanas, 2 Chron. xxxiii. 12, 13, agus iomad earrann eile de'n Sgrìobtuir a tha tairgse gràs agus fàbhar Dhé do gach aon neach a bheir géill do Chrìosd, ge b' e nì d' an robh iad ciontach 's an àm a chaidh seachad; air chor 's gu bheil an duin' air a thoirt a rithist chum na h-inbhe so, " Ciod a nì mi chum bhi air mo shàbhaladh?" nì tha ciallachadh, gu bheil e ann am barail gur

comasach dha bhì air a shàbhaladh, no cha chuir-eadh e a cheist. Tha e co'-chur an fhocail so no leithid eile ris féin, "Feudaidh e bith gu'm bì sibh air bhur folach ann an latha feirg an Tighearna," Sefh. ii. 3. Nì bheil e nis a' faicinn nì air bith 'g a bhacadh o thròcair ma tha chridhe toileach gabhail ris. Gidheadh feudaidh e bith nach 'eil an duin' a' toirt fainear, gur h-e an Tighearna Dia tha 'ga chumail suas 's an àm so, ach feudaidh e aithris an déigh so, "Nuair bha chos a' sleamhnachadh, gu 'n do chum tròcair Dhé suas e;" mar a chì sinn, Salm xciv. 17, 18, an Salmadair a' labhairt ann an cùis eile. Agus their e 'n déigh sin, Nuair bha e *mar bhrùid 's mar amadan*, air ioma dòigh, *gu'n do chum Dia suas air làimh e*, Salm lxxiii. 22, 23.

5. An diaigh dha fhaotainn amach mar so, gur comasach dha bhì air a thèarnadh, tha obair tograiddh air a beothachadh anns an anam; nì tha làn shoilleir o na briathraibh ceudna, *Ciod a nì mi ehum bhì air mo shàbhaladh?* Ach air uairibh tha 'n togradh so air a stiùradh gu docharach, 'nuair tha e dol a mach air a mhodh so, *Ciod a nì mi chum 's gu'n oibrich mi oibre Dhé?* Eoin vi. 28. Anns an staid so, tha 'n duin' a bha roimhe so ro iomagaineach le geilt-chrith agus cùram mu thimchìoll a shlàinte, toileach a nis air obair éiginn leis féin a dheanamh chum a shaoradh o thruaighe shiorruidh: agus ann an so tha e gu grad a' cur roimhe gu'n dean e gach nì tha air àithneadh 's gu 'n tréig e gach droch shlighe, (gidheadh a' dearmad còmhnadh Chrìosd iarraidh) 's mar sin tha e tionnsgnadh air càileiginn de mhisnich a ghabhail d'a ionnsuidh féin a rithist,

a' cur 'fhìreantachd féin air chois, gun bhì strìochdadh do dh' fhìreantachd Chrìosd. Rom. x. 3. Air an aobhar sin, tha 'n t-Uile-chumbachdach a' toirt ionnsuidh eil' air, a' cur roimhe a staid chailte ann féin a nochdadh dha, air chor 's gu'm faic e 'm feum anabarrach a tha aig' air an Urras, eadhoin air Iosa Crìosd; mar rinn Iosa air a phobull, 'nuair a chunnaic e gu'n robh iad cho ann-dàna 'nan oidheirp, Iosua xxiv. 18, 19, " Cha'n urrainn duibh seirbheis a dheanamh do'n Tighearna," ars' esan, " oir is Dia ro naomh e, is Dia eudmhor e," &c. Tha Dia anns an ionnsuidh so tha e 'toirt air an duine, 1. Ag aomadh 'na aghaidh nàdur spioradail an lagha; tha 'n àithne teachd le nuadh iarrtus 'na seadh spioradail, Rom. vii. 9. *Thàinig an lagh*, arsa Pòl, 'se sin 'na sheadh spioradail; cha d' fhuair Pòl a shamhuil so do shealladh air an lagh riamh roimhe. 2. Tha Dia air mhodh ro naomh a' fuasgladh nan cuibhreach teann, a leag e air truailleachd an duine, 's cha 'n e amhàin gu bheil e fulang dha oibreachadh agus at' 's an leth a stigh, ach a' bagradh gu 'm brùchd e amach anns na buill uile o'n leth a muigh. Mar so tha 'm peacadh a' fàs ro dhàna, a' cur an lagha ann an neo-shuim, 's a' fàs ro pheacach. Rom. vii. 8, 9, " Ach air do'n pheacadh fàth a ghlacadh tre 'n àithne, dh' oibrich e annam gach uile ghné ann-tograidh. Oir as eugmhais an lagha bha 'm peacadh marbh. Oir bha mise beò uair-eiginn as eugmhais an lagha: ach air teachd do'n àithne, dh' ath-bheothaich am peacadh, agus fhuair mise bàs. rann 13. An d' rinneadh an nì sin a tha maith, 'na bhàs dòmhsa? Nar leigeadh Dia. Ach am peacadh chum gu 'm faicte gur peacadh e, ag

oibreachadh bàis annam-sa leis an nì sin a ta maith; chum tre 'n àithne gu'm fàsadh am peacadh ro pheacach." 3. Tha Dia 's an àm so a' nochdadh tuille do'n duine na nochd e riamh roimhe dha, neo-ghloine 'fhìreantachd, agus na smalain a tha anns na nithibh a's fearr tha aige. Tha na nithe sin a' marbhadh an duine, 's tha e faghail a bhàis 'na bharaill féin, Rom. vii. 9, 's tha e call na fiuthair a bha aige ri còmhnadh ann féin, mur dthig e o ionad eile.

6. An sin, an déigh d'a smuaintibh bhi ro iomarcach, 's bitheanta leis an duine chur roimhe dol chum ionad eiginn dìomhair; tha toil aig' a bhi 'na aonar, cha'n urrainn e cuideachd agus companas a ghleidheadh mar b' àbhaist da, coltach riùsan tha ann am baile air a chuirteachadh le naimhdibh mì-runach, 'nuair tha iad a mothachadh gur h-éiginn doibh strìochdadh, bithidh iad ro dheònach air tighinn an ceann-cordaidh ris na naimhdean chum cùmhnantan maithe air bith a ghabhail uatha, tha iad air ball a' dol chum comhairle, chum's gu 'n cuir iad an comhairle r'a chéile 's gu'n sùnraich iad air na nì iad. Air an amhuil cheudna tha 'n duin' a' triall an uaig-neas chum 's gu'm faigh e cothrom air labhairt ris féin mu thimchioll an nì so mu 'bheil e fo mhòr iomaguin. Mar so tha Dia a' treòrachadh do 'n fhàsach, chum 's gu'n labhair e ris a chridhe, Hos. ii. 14. 'Nuair tha'n duine air dol an uaig-neas, tha smuaintibh a chridhe a bha sgaoilte 'n toiseach na h-oibre, a' dùmblachadh ni's soilleire a stigh ann an so. Agus bheir sinn na smuainte sin chum na riaghailt so a leanas. 1. Tha 'n duin' a' beachd-smuainteachadh air 'amaideachd

neo-bhuadhar féin, le bhì giùlan airm an aghaidh Dhé; agus tha smuainte cudthromach aige mu thimchioll a ghiùlain 's an àm a chaidh seachad, le rughadh gruaidhe, 's le féin fhuath. Esec. xxxvi. 31, “ *An sin cuimhnichidh sibh air bhur droch shlighe fein agus 'ur deanadais nach robh maith, agus fuathaichidh sibh sibh féin,*” &c. coltach ri Salm li. 3, “ *Tha pheacadh do ghnàth 'na fhianuis.*” 2. Tha e 'n sin a' cuimhneachadh air a chomhlion cothrom prìseil air géill a thoirt do Dhia, a mhì-bhuilich e gu maslach; agus tha a spiorad an cunnart fàilneachadh le bhì cuimhneachadh air na nithibh sin, mar tha e air a ràdh ann an cùis eile, Salm xlii. 4—6. “ *Na nithe sin a's cuimhne leam agus tha mi dòrtadh amach m' anama leam fein.—C'ar son a tha thu air do leagadh sìos, O m' anam? agus c'ar son a tha thu fo bhuaireas an taobh a stigh dhìom? Earb thusa á Dia; Leagadh sìos m' anam an taobh a stigh dhìom.*” 3. Tha e nis a' smuainteachadh air ioma Chrìosduidh, air an d'rinn e fanoid agus tàir 'na chridhe, a' baralachadh aige féin gu bheil iadsan sona, air dhoibh an roghainn a's fearr a thogail; tha e smuainteachadh air staid na muinntir tha feitheamh air Crìosd, mar bha Ban-rìgh Shéba ag ràdh mu 'sheirbheisich Sholamh. “ *Is sona iad so do sheirbheisich,*” ars' ise, “ *a sheasas a' t-fhianuis an còmhnuidh, a'g éisdeachd ri d' ghliocas.*” 1 Rìgh. x. 8. “ *'S beannaicht' iadsan a tha na'n còmhnuidh a'd' thigh-sa, &c.*” Salm lxxxiv. 4. Bu mhiann leis a bhì 'na aon de'n mhuinntir a's suar- aich' a bhuineas do Dhia, mar tha'm mac struidheil ag ràdh, bu mhiannach leis a bhì mar aon de luchd-tuarasdail 'athar, Luc xv. 17, 19. 4. An

sin tha e cuimhneachadh an deagh chliù a chaidh amach mu thimchioll Dhé, a réir na fianuis sin, Ion. iv. 2, bha fios aig an fhàidh gu'n robh e 'na Dhia gràsmhor agus tròcaireach, mall chum feirge, agus saibhir, pailt ann an gràs, &c. Tha saor gheallainean mòra agus tairgse nan gràs a' teachd a stigh ann an so, 's na h-oibribh glòirmhor a chaidh chur an gnìomh air gach seòrta pheacach, a réir cliù Dhé 'san Sgriobtuir. 5. Tha e a' breithneachadh ris féin, c' ar son a choigil Dia mi cho fada? agus ciod uime fhuair mi a leithid so do shealladh air mo pheacadh? 's c' ar son a chum e suas mi gu ruig an uair so, gun mi chur làimhe annam féin, ann an slighe-eiginn neo-shona a roighneachadh dhomh féin chum dol as an iomaguin fo'n robh mi? 's c' ar son a rinn e'n caochladh mòr so orm? Feudaidd e bith gu bheil 'na rùn, maith a dheanamh dhomh fhathas: O nam b'e sin toil Dé, b' fhearr leam gu'm biodh a chùis mar sin! Ge nach 'eil na smuainte sin uil' ann an obair ullachaidh gach aon neach, gidheadh tha iad aig mòran, agus ro-choltach far a' bheil iad.

7. An déigh nan smuainte sin uile, tha'n duine cur roimhe ùrnuigh a dheanamh air mhodh a's dùrachdaiche na rinn e riamh roimhe, 's gu 'n dthoir e oidheirp theann air cùmhnant' a dheanamh ri Dia; tha e faicinn, nach urrainn e bhi ann an staid ni's miosa na anns a' bheil e; oir ma dh' fhanas e mar tha e bàsaichidh e, mar thuirt na lobhair, 2. Rìgh vii. 3, 4. Tha e toirt fainear leis a mhac struidheil a bha air a ro theannadh le ocras, gu bheil aran ni 's leòir agus r' a sheachnadh ann an tigh an Athar, ged a tha iadsan a' bàs-

achadh le gòrta : Mar so tha e dol a dh' ionnsuidh Dhé, oir ni bheil fios aige ciod tuill' a ni e r'a staid, mar rinn am mac struidheil. Luc xv. 17, 18. Agus feudaidh e bith gu bheil e meòraich 'na inntinn féin, ciod a labhras e, mar bha 'm mac struidheil, Luc xv. 18, 19, 21, " Eiridh mi, agus theid mi dh' ionnsuidh m' athar, agus their mi ris, Athair, pheacaich mi an aghaidh fhlaithheanais agus a' d' làthair-sa. Agus cha'n airidh mi tuilleadh gu 'n goirte do mhac-sa dhìom : dean mi mar aon do d' luchd-tuarasdail. Agus dh' éirich e agus chaidh e dh' ionnsuidh 'athar. Agus thubhairt am mac ris, Athair, pheacaich mi an aghaidh fhlaithheanais, agus a' d' làthair-sa, agus cha 'n airidh mi tuilleadh gu'n goirte do mhac dhìom."

Agus a nis, 'nuair tha e teachd an làthair Dhé ni's follaiseiche na thainig e riamh roimhe, 1. Tha e tòiseachadh mar rinn am Cìs-mhaor fad' air astar, Luc xviii. 13, le làn-aidmheil 's le féin-dhètheadh, ni tha e deanamh gu ro phailt, mar a chhì sinn, Luc xv. 21, " Pheacaich mi an aghaidh fhlaithheanais, agus a' d' làthair-sa. Agus cha'n airidh mi tuilleadh, &c." 2. Tha nis a smuainte a' tionnsgnadh mu thimchioll éisdeachd ùrnuigh, nì nach bu ghnàth leis a chur ach ro bheag an teagamh ; tha e tuigsinn ciod tha briathra sin nan naomb, mu thimchioll an ùrnuigh éisdeachd, a' ciallachadh. 3. Tha e ro chomharaichte anns an athchuinge so gu bheil mòran de chainnt neo-iomlan ann, coltach ri Salm vi. 3, " Ach thusa, O Thighearna, cia fhad?" air a chur an céill le osnaibh do-labhairt, Rom. viii. 26, agus le amharc gu ro thogarrach suas ri ionad còmhuidh an

Uile-chumhachdaich, 's leis a sin a' labhairt tuille na 's comasach a chur an céill le cainnt. 4. 'S bitheanta le càileiginn de stad, agus mar gu'm b' ann, neo-bhunailteachd, a bhì 's a chùis; tha'n duin' air uairibh a' labhairt ris an nàmhhaid, air uairibh r'a chridhe féin, 's air uairibh eile ri sluagh an domhain, mar rinn Daibhidh ann an cùisibh eile, Salm ix. 6. "Chaidh crìoch air sgrios an nàmhhaid am feasd; leag thu sìos *am* bailte mòra: theid as d' an cuimhne maille riu féin." Salm xlii. 5, "C' arson a tha thu air do leagadh sìos, O m' anam? agus c' arson a tha thu fo bhuaireas an taobh a stigh dhìom? earb thusa a Dia; oir fathast molaidh mise e, slàinte mo ghnùise, agus mo Dhia." Salm iv. 2, "A chlann nan daoine, cia fhad a *thionndaidheas sibh* mo ghlòir chum nàire?" 5. Tha e soilleir ann an so, gu 'm bi 'n duiu' air uairibh 'na stad gu tosdach, chum cagraich éiginn neo-shoilleir de dh' fhuaim ait a tha dealradh air an inntinn, a chluinntinn, no sgeul éiginn ann am briathraibh neo-iomlan do 'n Sgriobtuir, agus a's maith a dh' fhaoidte gur gann a tha e mothachadh gur h-ann do'n Sgriobtuir a tha e, no co dhiùbh thainig e o Dhia no o Shatan chum a mhealladh: gidheadh chuir e so roimhe, gu'n éisd e amhàin ris an ni a labhras an Tigh-earna Dia, mar tha 'n Salmadoir ag ràdh Salm lxxxv. 8. 6. Tha geallainean a's soilleire a' teachd gu cuimhn' an duine, air a' bheil e 'g oidheirpeachadh greim a dheanamh, ach tha e air a chumail air ais le cunnuile, mar tha Daibhidh a' labhairt ann an cùis eile, Salm xxii. 3, 6, "Tha thusa naomh; ach is cnuimh mise." Tha e nise mu thimchioll briseadh na fàire aig an duine, ro

dhlù do bhi làn-shoilleir, agus mosglaidh creidimh co luath 's a phàirticheas Dia an fhuaim tha aoibhneach ait, Salm lxxxix. 15. 'Se so suim a cho'-cheangail, a dh' fheudar a chur sìos gu h-aitheghearr anns na briathraibh so. " 'Se Iosa Crìosd mo mhac gràdhach anns a' bheil mo mhòr-thlachd; éisdibh-se ris."—Cha'n 'eil e 'n comas duinn labhairt ni 's faide mu ghnàthachadh duine, mar obair roi'-ullachaidh oir tha tuille 's sin anns na nithibh a leanas. Gidheadh chum 's gu 'm biodh an gnàthachadh iomlan, labhraidh sinn ann an so, an déigh nan nithe sin uile gu 'm feud e bith, gu'n iomchair Dia, an déigh ioma freagradh de sheòrtaibh eugsamhuil, fuaim a choimhcheangail féin a stigh do'n chridhe, agus gu 'n aom e 'n cridhe chum gabhail ris; agus tha Dia mar so a' tarruing duin' a dh' ionnsuidh Chrìosd, Eoin vi. 44, 's a' dealbh a chridhe a mach fa chomhair, air chor 's nach feud e fàilneachadh anns a chùis; oir a nis tha'n cridhe 'am fad 's 'an leud, freagarrach fa chomhair Chrìosd, air chor 's nach urrainn nì a's lugha a shàsachadh 's nach iarr e tuille, mar tha Daibhidh ag ràdh, Salm lxxiii. 25, " Cò *th'* agam anns na nèamhaibh *ach thusa?* agus an coimeas riut cha 'n 'eil neach air thalamh air am bheil mo dhéigh." Tha 'n t-anam a nis a' cur roimhe bàsachadh, ma dh' iarras Dia air e, ged nach 'eil e fhathast ach aig a dhorus, agus 'aghaidh d' a ionnsuidh.

Tharruing sinn an obair roi'-ullachaidh so gu càileiginn de dh' fhad, gun bhi ceangal aon neach r'a shamhuil so de dh' obair ullachaidh mar chaidh a soilleireachadh ann an so; ach amhàin tha sinn ag ràdh, gu bheil Dia a' buntainn mar so ri cuid

éiginn; agus far a' bheil e toirt na h-uiread dhearbh-shoilleireachd do dhuine air a pheacadh, air a thruaillidheachd, 's cho neo-chomasach 's a tha e ann fein air nì maith air bith a dheanamh, 's a' toirt air mòr-chùram a ghabhail d' a shlàinte shiorruidh, mar an t-aon nì feumail: 's 'ga chur gu obair ann an gnàthachadh nam meadhona a dh' orduich Dia chum cobhair 'an àm feuma; tha mi 'g ràdh, nach bitheant' a gheibhear a mach gu 'n dthig a samhail so de dh' obair goirid air crìch mhaith agus ghràs-mhor. Gu'm brosnuicheadh Dia daoine chum a chùis a mhion-rannsachadh le mòr-dhùrachd, agus neart agus gràs iarraidh air Triath na beatha chum an obair a choimhlionadh.

CAIB. VI.

An t-eadar-dhealachadh a tha eadar an lagh-obair-ullachaidh sin aig a' bheil crìoch ghràs-mhor, agus geur-mhothachadh chealgair-ean.

CUNN. Tha gluasad mòr coguis, agus geur-mhothachadh mu thimchioll peacaidh aig cealgair-ean 's aig daoine neo-dhearbhta mi-dhiadhaidh, 'g an cur gu obair air uairibh; agus tha mi fo amharus nach 'eil an aon lagh-obair-ulluchaidh a bha riamh agams', ach ion-samhuil na h-oibre tha aig a mhuinntir sin.

Freag. Bhiodh e ro dhuilich an t-eadar-dhealachadh cinnteach tha eadar an obair-ullachaidh tha anns a mhuinntir sin anns a' bheil Criosd air a dhealbh an déigh làimhe, agus gluasad an lagha, tha air uairibh anns na daoine an-diadhaidh a

nochdadh; mur biodh crìoch éiginn ghràs-mhor aig geur-mhothachadh 's aig dùsgadh coguis luchd muinntir an Dé bheò, agus comharan eile m' an labhair sinn an déigh so, bhiodh e deacair r'a chur an céill aon eadar-dhealachadh soilleir eadar an dà chuid ann an gluasad an lagha. Gidheadh mar fhreagradh do 'n chunnuil, nochdaidh mi nithe éiginn nach bitheant' a gheibhear ann an gluasad nan aingidh, 's a tha ro ghnàthaicht' anns an lagh-obair sin aig a' bheil crìoch ghràs-mhor.

Cha'n eil geur-mhothachadh chealgairean agus dhaoine neo-dhearbhta, gu bitheant' ach as leith beagan de pheacaibh ro ann-trom uamhasach. Ni bheil Saul ag aideachadh ach geur-leanmhuinn Dhaibhidh, agus tha sinn a' faicinn gu 'n robh e ciontach de dh' ioma peacadh os-bàrr air sin, **1 Sam. xxvi. 21; xxviii. 7, 8.** Cha 'n 'eil Iudas ag aideachadh ach amhàin fuil neo-chiontach a bhrath, **Mat. xxvii. 4.** Ach 's bitheanta leis na geur-mhothachaibh sin leis a' bheil Dia ag ullachadh a shlighe féin anns an anam, gun iad a stad le cuid-eiginn de na peacaibh aideachadh, ged tha iad a' tòiseachadh aig peacaibh ro ann-trom ghràineil; ach tha 'n duin' air a threòrachadh air aghaidh gu ioma ceannairc an aghaidh 'n lagha fhaicinn, agus "uile gun àireamh 'g a chuirteachadh," mar thuirt Daibhidh, 'n uair a fhuair e sealladh air a pheacadh. **Salm xl. 12,** agus mar an ceudna, cha 'n 'eil an làn gheur-mhothachadh sin coitchionn mar a chluinneas sinn daoine gun tuigse gu bitheant' ag ràdh, "gu bheil iad a' peacachadh anns na h-uile nithe;" ach tha e sònruicht' agus iriosal mar labhair Pòl uime féin an déigh làimhe; cha'n e amhàin

gu 'm b' esan “ am peacach bu mhò,” ach bha e gu sònruichte 'na “ fhear labhairt thoibheum, 's 'na fhear geur-leanmhuinn.” 1 Tim. i. 13.

2. Cha tric a ruigeas geur-mhothachadh chealg-airean an truailleachd, agus corp a bhàis sin, a tha tàrmuchadh fuath do'n ni tha maith, agus dianthogradh chum an ni tha ole. 'S bitheanta chì sinn 'nuair tha cealgairean a' labhairt umpa fèin 's an Sgriobtuir, gur h-ann le ard-bharail, agus le càileiginn de dh' fhéin-spéis mu 'n timchioll féin a tha iad a' labhairt, araon a thaobh an saorsa o thruaillidheachd, Eoin ix. 34; tha na Pharaisich ag ràdh ris an duine bhoichd, “ Rugadh thusa uile ann am peacaibh, agus am bheil thu 'gar teagasg-ne?” mar nach biodh iad féin cho truailidh a thaobh nàduir ris-san; tha iad a' labhairt mu pheacanna mòra, mar rinn Hasael, 2 Rìgh. viii. 13, “ An cù do sheirbhiseach gu 'n deanadh e an ni mòr so?” Agus mar an ceudna 'nan gabhail dleasnais os làimh, mar thuirt an Sgriobhuiche, Mat. viii. 19, “ A mhaighstir, leanaidh mise thu, ge b'e taobh a théid thu.” Faic cionnas a tha 'm pobull ag ràdh, Ier. xlii. 2—6, tha iad a' gabhail os làimh gu 'n dean iad gach ni a dh' àithneas an Tighearna Dia dhoibh: air chòr 's gu bheil iad fhathasd anns gach cùis, a' cur am fìreantachd féin air chois, gun bhi strìochdta do dh' fhìreantachd Dhé, Rom. x. 3. Ach feudaidh mi a ràdh nach e geur-mhothachadh agus gnàth-obair mu thimchioll truail'eachd, agus corp a bhàis sin, a tha claonadh chum uile, agus a' fàgail neo-thogarrach chum maith, an earrann a's lugha de'n obair far a' bheil Dia ag ullachadh a shlighe féin. 'S gnàth leo iad féin a mheas 'nan daoine ro

through a thaobh lìonmhorachd a pheacaidh, 's tha e 'na spàirn ro chruaidh orra fhaotainn a mach cionnas a bhitheas iad air an saoradh uaithe, mar tha Pòl a' labhairt 'nuair tha e fo ghnàth-obair m' an chùis sin an déigh làimhe. Rom. vii. 24, " Och is duine truagh mi ! cò a shaoras mi o chorp a bhàis so ?" 3. Gheibhear a mach gu bitheanta, nach 'eil geur-mhothachadh chealgairean an dara cuid co ro dhùrachdach, 's nach cuir ghnòthuch éiginn eil' as an aire iad mum faigh iad toil-inntinn na suaimhneas d' an taobh ; mar thachair do Chain, a chaidh 's a thog baile, 's cha 'n 'eil sinn a' cluinntinn a bheag tuille mu thimchioll a gheur-mhothachaidh, Gin. iv. Dh' fhalbh Felics gu àm a b' iomchuidh, 's cha 'n 'eil sinn a' cluinntinn luaidh air a chriothnachadh ni's mò. Gniomh. xxiv. 25. No ma tha 'n obair sin a' fàs ro dhùrachdach, an sin tha e dol gu anabharr' air an taobh eile, 's a' tuiteam ann an eu-dòchas gun dùil ri tròcair, no ri slighe chum dol as o'n chunnart anns am bheil e 'ga fhaicinn féin. Air a mhodh so tha sinn a' faicinn gu'n robh Iudas ro dhùrachdach 'na gheur-mhothachadh, gidheadh dh' fhas e eu-dòchasach agus chroch se e féin, Mat. xxvii. 4, 5. Ach far a' bheil Dia ag ullachadh a shlighe féin, tha'n obair a' fàs cho dùrachdach, 's nach feudar an duine chur 'na thàmh gus am faigh e càileiginn de thoil-eachadh ; agus gidheadh fo 'n ro dhùrachd so féin tha e feitheamh ri furtachd fhaghail o Dhia trid Chrìosd : tha so soilleir o chainnt fear-coimheid a phrìosain " Cìod is còir dhomh a dheanamh chum gu tèarnar mi." Gniomh. xvi. 30. Tha 'n geur-rannsachadh dùrachdach so mu chobhair fhaotainn, 'na nì ro chomharaichte anns an obair-ullachaidh a

threòraicheas duin' a dh' ionnsuidh Chrìosd, ard-léigh an anama. Gidheadh cha 'n 'eil sinn ag iarraidh gu'n earbadh neach air bith a staid gu h-ìomlan ris na nithe sin, do bhrìgh gu'n do luathas-aich Dia eadar-dhealachadh soilleir eadar na daoine diadhaidh 's na daoine mi-dhiadhaidh.

Cunn. Tha gnàth-eagal orm nach dthug Dia na h-uiread sheallaidh dhomh air mo pheacaibh 's air mo thruaighe 's a tha e toirt do mhòran a tha e 'gairm gu h-éifeachdach, gu h-àraidh do m' leithid-se do pheacach ro mhòr.

Freag. Tha e ro fhìor gu bheil an Tighearna Dia a' nochdadh do chuid de dhaoine seallaine ro mhòr d' am peacadh 's d' an truaighe, agus tha iad leis a sin air an cur fo mhòr-eagal roi 'n lagh: ach do bhrìgh nach 'eil gach uile neach air an toirt dlù do Dhia leis an lagh-obair ullachaidh sin air mhodh mothachail, mar a nochd sinn roimhe; mar sin tha eadhoin a mhuinntir ris am buinear air an dòigh sin leis an lagh-obair, gnàthaichte ri oibreacha fa leith, agus eugsamhuil a thaobh tomhas an eagail, agus buanachadh na h-oibre sin. Tha obair dhian, neo-mhaireannach aig fear-coimheid a phrìosain; tha aig Pòl obair a mhair trì làithe; agus tha daoine eil' air an cumail fo dhaorsa ré am beatha, trid eagail a bhàis. Eabh. ii. 15. Air chor 's nach feud sinn an Tighearn' a chumail ri aon dòigh oibreachaidh ann an so. 'S e 'n nì àraidh ris a' bheil sinn gu amharc anns na dùsgaibh agus anns na geur-mhothachaibh sin a tha 'n lagh a' toirt duinn mu pheacadh agus mu thruaighe, ma tha Dia a' ruigheachd nan crìoch sin annainn, air son a' bheil na dùsgaidh agus na geur-mhothachaidh sin gu bitheant' air an cur a

steach do'n anam; 's ma ràinig na nithe sin air an rùn, tha 'n sin ni's leòir, 's cha ruig sinn a leas a bhi fo iomaguin mu thimchioll obair-ullachaidh sam bith tuille. A nis tha ceithir aobhair air son a' bheil Dia a' buntuinn gu bitheanta ri peacaich, le eagal an lagha, 's leis a mhosgladh coguis sin.

Air tùs tha 'n Tighearn' a' nochdadh sealladh de pheacadh agus de thruaighe dhaoine dhoibh, chum an cur o bhi deanamh bun no earbs' as am fìreantachd féin, agus as an ard-bharail a th' aca m' a thimchioll. Tha daoine' a thaobh nàduir a' toirt caidreamh do smuaintibh àrda mu 'n timchioll féin, 's tha mòr thogradh aca a dh' ionnsuidh cùmhnanta nan gnìomh: Tha Dia air an aobhar sin a' nochdadh dhoibh na h-uiread de 'm peacadh 's de 'n truailidheachd, eadhoin anns na nithe a's fearr a th' aca, air chor 's gu bheil iad a' toirt fuath dhoibh féin, 's a' call an dòchais mu chobhair air bith annta féin chum furtachd orra an àm feuma: ionnas gu bheil iad air an co-éigneachadh chum am fìreantachd féin agus cùmhnanta nan gnìomh a thréigsinn, agus téarmunn iarraidh ann an ionad éiginn eile, Eabh vi. 18. Tha iad a' fàs marbh dhoibh féin 's do'n lagh a thaobh fìrinneachadh, Rom. vii. 4. An sin cha 'n 'eil tuille muinighin aca 's an fheòil, Philip. iii. 3. Tha so air a chiallachadh ann an tairgse Chrìosd, a' teachd a dh' iarraidh 's a shàbhaladh nan daoine bha cailte, Luc xix. 10, agus a chum a bhi 'na léigh dhoibhsan a tha euslan, Mat. ix. 12.

'S e 'n dara aobhar mòr, Iosa Chrìosd a chliùthachadh do dh' annaibh dhaoine os cionn gach ni eile, chum 's gu 'n tuit iad ann an trom-ghaol

air 's gu 'n teich iad gu luath a dh' ionnsuidh an ionmhais agus na seuda luachmhoire sin, a tha amhàin comasach air duine dheanamh làn shaibhir, Mat. xiii. 44, 46, agus le so a dheanamh gu 'm bi iad freagarrach do rùn an Tighearna ann an dealbh an t-soisgeil, a tha foillseachadh a shaor ghràis trid Iosa Crìosd ann an slàinte dhaoine. 'Se sealladh a thoirt do dhuin' air a thruaighe féin 's air a staid bhrònaich a thaobh nàduir, an aon dòigh chum meas àrd urramach a bhi aige air Slànuighear nam buadh, a tha amhàin comasach air a shamhuil sin de chreutair truagh a shaoradh o chuing a pheacaidh, agus o 'n staid chunnartaich anns a' bheil e. Ni h-e amhàin gu bheil e ag aomadh duine gu mòr-mheas a bhi aig' air Crìosd, ach mar an ceudna air gach nì a bhuineas do shlighe na slàinte, mar tha gràs, an nuadh cho'-cheangal, creidimh, &c., agus ni e ro chùramach e chum a nithe priseil no a Sgriobtuiribh òir a chruinneachadh r'a chéile chum a chòir air na nithibh sin a dheanamh cinnteach.

'Se 'n treas crìoch àraid, Daoine fhuadach 's an cumail o bhi cur peacaidh an gnìomh, 's a thoirt orra cùl a chur ris gach ann-diadhachd, agus aontachadh chum am muineal a chur fa chuing Chrìosd gu h-iomlan. Tha Dia le mothachadh a thoirt do dhaoine air am peacadh a' lasadh ni-eiginn 'n an cridhe a tha 'na shamhladh ann an càil air ifrinn, mar mheadhon ullamh gu'n cur fa gheilt o sin a mach, le fios a bhi aca cia searbh do-ghiùlan an ni dealachadh ri Dia, Ier. ii. 19. Mar so chì sinn fois agus tàmh le mòr-shuaimhneas air a thairgse do 'n mhuinntir a tha sgìth, fann, air chùmhnannt 's gu'n gabh iad orra

cuing Chrìosd, Mat. xi. 29. “ Gabhaibh mo chuing oirbh, agus fòghlumaibh uam, oir a ta mise macanta agus iriosal an cridhe; agus gheibh sibh fois do bhur n-anamaibh.” Agus tha Dia a’ tairgse gabhail ri daoine, mar an Dia ’s mar an Athair, air chùmhnannt ’s nach dthoir iad caidreamh shìothchail do Bhelial, 2 Cor. vi. 14, 15, 17, 18, “ Ciod e caidreamh na fireantachd ri neo-fhìreantachd? agus ciod e comunn an t-soluis ris an dorchadas? Agus ciod an réite a ta aig Chrìosd ri Belial? Uime sin thigibh a mach as am meadhon, agus dealaichibh *riu*, tha an Tighearn ag ràdh, agus na beanaibh ris an ni neoghlan; agus gabhaidh mise a m’ ionnsuidh sibh, agus bithidh mi a’m’ Athair dhuibh, agus bithidh sibhse ’n ur mic agus ’nur nigheanaibh dhomh-sa, tha an Tighearn uile-chumhachdach ag ràdh.”

’S e ’n ceathramh crìoch mhòr, daoine oibreachadh suas chum ùmhlachd thaingeil fhoighidnich do uile thoil a Mhaighstir. ’S earrann shònruichte de dh’ obair an nì so. Esec. xvi. 63, “ A chum gu ’n cuimhnich thu, agus gu’m bi nàir’ ort, agus nach fhosgail thu do bheul gu bràth ni ’s mò, do bhrìgh do nàire, ’nuair a bhios mise réidh riut air son gach uile ni a rinn thu, deir an Tighearn Iehobhah.” Fàgaidh sealladh air a thruaillidheachd ’s air a thoillteannas féin duine ’na thosd, agus bheir e air a làmh a chur air a bheul, ge b’e nì ni Dia air, Salm xxxix. 9, “ Bha mi a’ m’ thosd, cha d’ fhosgail mi mo bheul, a chionn gur tusa a rinn e.” Esra ix. 13, “ O nach d’ rinn thusa ar Dia peanas oirnn a réir ar droch thoillteanais.” Mic. vii. 9, “ Giùlainidh mi corruich an Tighearna, a chionn gu’n do pheacaich mi na

aghaidh." Cha 'n 'eil suim aige ciod tha Dia a' deanamh air, na cia mar bhuineas e ris, ma shaoras se e o 'n fheirg a tha chum teachd. Tha tròcair air bith 'na shochair mhòr leis an duine fhuair a leithid sin de shealladh air féin; tha e ni's lugha na 'n tròcair a's lugha. 'Se beatha aon spruidh-leach a thuiteas o bhòrd a Mhaighstir, Mat. xv. 27. Tha e 'ga mheas 'na thròcair mhòr nach 'eil e air a sgrios gu tur, Tuir. iii. 22. 'Se so an ni a tha gu h-iongantach a' fàgail pobull bochd triobluid each Dhé co tosdach fo 'n triobluid, agus co toilichte le'n crannchur; 's ann a tha iad a' meas gu bheil esan a' toiltinn ifrinn na dòruinn, a tha gabhail gu h-ole aon ni tha Dia a' deanamh air, o'n a thug e maitheanas da 'na uile pheacaibh.

Mar sin mata, chum a chunnuil a shàsachadh, tha mi 'g ràdh ma dh' fhògair an Tighearn' thu o earbsa dheanamh á t-fhìreantachd no á d' neart féin, agus ma chliùthaich e Criosd do d' chridhe os cionn gach nì agus neach eile; 's ma thug e 'na neart féin ort a chur romhad cogadh a thogail an aghaidh gach peacadh air a' bheil thu fiosrach; 's gu bheil thu ann an tòmhas mar leanabh air dol o'n chìch, làn-toilichte leis na rinn e as do leith, a' miannachadh do làmh a chur air do bheul air mhodh taingeil; an sin 's leòir na tha agad de gheur-mhothachadh air peacadh agus air truaighe, agus t-obair roi' ullachaidh ciod air bith i, 's cha chòir dhuit tuille teagaimh a chur mu thimchioll na cùise: ach ambhàin gabh comhairle gu dìchioll a dheanamh air nuadh-fhoillseachadh agus barrachd mothachaidh fhaotainn gach aon là air do staid chailte 's air t-fheum anabarrach air Iosa Criosd an Slànuighear, a thaobh do pheacaibh dìomhair

agus follaiseach, sean agus nuadh, gein agus gnìomh; agus mar an ceudna chum nuadh chobhair fhaicinn ann an Crìosd, neach a tha 'na Shagart gu sìorruidh chum eadar-ghuidhe a dheanamh; 's a chum obair na naomhachd agus na foighidinn le taingealachd ath-nuadhachadh 's ath-bheothachadh gu bitheanta: oir 's éiginn do chàileiginn de'n obair sin a tha 'ga d' irisleachadh féin, 's ag àrduchadh Chrìosd, 's a tha co'-fhreagradh d' a thoil, do stiùradh ré fad do bheatha 's an t-saoghal.

CAIB. VII.

Mu Chreidimh.

THA sinn a nis a' teachd chum labhairt mu thimchioll chomharan nìs soilleire agus nìs cinntiche, leis am feud daoine an staid ghràs-mhor 's an còir air Crìosd aithneachadh. 'Se cheud nì leis am feud daoine an staid ghràs-mhor a thuigsinn, ma tha iad a' gabhail ri Crìosd mar a tha e air a thairgse gu saor anns an t-soisgeul. 'Se so creidsinn no creidimh, nì is e cùmhnant' a cho'-cheangail Rom. iv. 16, "Is ann o chreidimh a ta 'n oighreachd, &c." Gnìomh. xvi. 31. Creid anns an Tighearna Iosa Crìosd, agus tèarnar tha féin, agus do thigh." A nis gèd tha ann am briathraibh soilleir, còir tre chreidimh duilich a chòmhdachadh, nì is e dìreach ar còir fein ann; gidheadh 'nuair tha 'n cridhe a' gabhail ri Iosa Crìosd, tha e cho soilleir so-mhothachaidh ann féin, 's gu'm feud sinn a chur 'an àireamh nan comharan air staid ghràs-mhor: 's ma dhearbhas duin' a chùis so, eadhoin gu bheil e creidsinn ann an Iosa Crìosd,

tha e leis a sin a' dearbhadh gu bheil còir ro chinnteach neo-mhearachdach aig' ann.

Tha mòran daoine a' gabhail eagail gu bith-eanta roi 'n chomhara so, air son aon de na trì nithibh so a leanas.

1. Tha cuid de dhaoine am barail gu bheil creidimh 'na dhìomhaireachd ro mhòr, duilich ruigheachd air. Ris a mhuinntir sin tha mi 'g ràdh, na bithibh ann am mearachd, oir cha 'n 'eil creidimh co spàirneil 's a tha mòran a' saoil sinn: tha mi 'g aideachadh gur e tiodhlaca Dhé fìor chreidimh anns an tomhas a's lugha, agus gu bheil e os cionn cumhachd fola agus feòla: oir 's eiginn do Dhia daoin' a tharruing a dh' ionnsuidh Chrìosd, Eoin vi. 44, "Cha 'n urrainn neach air bith teachd a m' ionnsuidh-sa, mur tarruing an t-Athair a chuir uaithe mise e." Philip. i. 29, "Thugadh dhuibhse as leith Chrìosd, creidsinn ann." Gidheadh bu dimeas air Crìosd, 's air gach ni a rinn e, a ràdh gu bheil e ea-comasach ruigheachd air; mar a chì sinn, Rom. x. 6, 11. Ach mar so a ta an fhìreantachd a ta o chreidimh ag ràdh, "Na abair ann do chridhe, Cò theid suas air nèamh?" (sin r'a ràdh, a thoirt Chrìosd a nuas;) No cò theid sìos do 'n doimhne? (sin r'a ràdh, a thoirt Chrìosd a rìs o na marbhaibh: Ach ciod a tha i ag ràdh? Tha 'm focal am fogus duit, ann do bheul, agus ann do chridhe; 'se sin focal a chreidimh 'a tha sinne a' searmonachadh, ma dh' aidicheas tu le d' bheul an Tighearn Iosa, agus ma chreideas tu ann do chridhe, gu'n do thog Dia o na marbhaidh e, gu'n saorar thu. Oir is ann leis a' chridhe a chreidear chum fhìreantachd, agus leis a bheul a dh' aidichear chum slàinte. Oir a ta

an Sgrìobtuir ag ràdh, Ge b'e neach a chreideas ann-san, cha nàraichear e." Bhiodh na h-uiread mu'n chùis a réir an Sgrìobtuir sin, 's a' ràdh, cha d' thainig Crìosd a nuas o nèamh, cha d' éirich e o na marbhaibh, 's cha mhò chaidh e suas le buaidh-chaitheam chum nèamh. Tha mi 'g ràdh gu'n d' rinn e'n t-slighe chum rioghachd na glòire ro fhurasd' imeachd innte; agus rinn e creidimh, ni is e an cùmhnant a tha air iarraidh air ar taobh-ne, ni 's usa na tha daoine am barail. Chum 's gur feaird' a thuigear a chùis so, thugaibh faineir nach e'n creidimh a dh' fhèrinnicheas a chreidsinn gu bheil mi air mo thaghadh, no gu bheil gràdh aig Dia orm, no gu 'n do bhàsaich Crìosd air mo shon, no an samhail sin; tha gun amharus na nithe sin ro chruaidh ruigheachd orra, agus ann an tùs tionnsgnaidh cha mhòr nach neo-chomasach do'n aitim sin a tha dùrachdach, am buidhinn; 'nuair tha ana-creidich a tha ann an staid nàduir, agus cealgairean meallta a' mothachadh ro bheag spàirn 'na ràdh, gu bheil na nithe sin uil' aca féin: Tha mi 'g ràdh, nach iad aon de na nithe chaidh ainmeachadh an creidimh fìor a dh' fhèrinnicheas: ni mò is e amhàin aon bhriathar a chaidh a sgrìobhadh, a chreidsinn, no air am feudar smuainteachadh. Tha mi 'g aidcachadh gu bheil esan a tha creidsinn ann an Iosa Crìosd, a' creidsinn na labhair Dia mu thimchioll staid pheacach through duine a thaobh nàduir, agus tha e creidsinn gu bheil so fìor, " Gu bheil beatha anns a Mhac, a bha air a chur gu bàs, agus a dh' éirich a rithist o na marbhaibh, &c." Ach cha'n 'eil a h-aon diu sin, no idir an ioma samhail do dhearbha fèrinn a chreidsinn, a' soilleireachadh a mach a

chreidimh a dh' fhìreanaicheas, no an creidimh sin ann am mac Dhé, a tha air a labhairt 's an Sgriobtuir; oir nam b' e sin a chùis, cha bhiodh ann ach gnìomh na tuigse amhàin: ach 'se 'n creidimh fìor a dh' fhìreanaicheas, a tha sinn 's an àm so ag iarraidh, mar dheagh chomhara air còir ann an Crìosd, gnìomh no obair àraid a chridhe agus na toile; air do nithe eug-samhuil a bhì air an roì'-chiallachadh mu fhìrinn anns an tuigse, leis a chridhe tha e air a chreidsinn chum fìreantachd, Rom. x. 10. Agus ged a tha e coltach o'n naothamh rann de 'n chaibdeil sin gu'n sàbhalar duin' air chùmhanta 's gu'n creid e an dearbh-fhìrinn so, " Gu'n do thog Dia Crìosd o na marbhaibh;" gidheadh 's éiginn duinn nì eil' a thuigsinn 's an àite sin, anns an 10th rann, a bharrachd air fìrinn nam briathra sin a chreidsinn: oir os-barr gu bheil an creidimh sin aig na deamhain uile, leis a' bheil iad a' creidsinn gu'n do thog Dia Iosa Crìosd o na marbhaibh; air an dòigh so tha 'n Sgriobtuir gu soilleir a' nochdadh, gur h-e amhàin gabhail ri Crìosd an creidimh slàinteil a dh' fhìreanaicheas, Eoin i. 12, " Ach a mheud as a ghabh ris, thug e dhoibh cumhachd a bhì 'nan cloinn do Dhia, *eadhon* dhoibh-san a ta creidsinn 'na ainm." Tha e air a shoilleireachadh ann an sin gur e gabhail ri Crìosd, creidsinn 'na ainm. Theirear do ghnàth ris, socrachadh bunait-each air an Tighearna, dòchas a chur ann an Dia, Isa. xxvi. 3, a tha gu tric air ainmeachadh ann an leabhar nan Salm, agus 'se is ciall do 'n fhocal, taic no cudthrom a leigeadh air, " Is i so obair Dhé, gu 'n creid sibh anns an ti a chuir e uaith," 's a tha gu minic mar so air ainmeachadh anns an

Tiomna-Nuadh. 'Nuair tha Dia toirt air daoine creidsinn air mhodh slàinteil, tha e air a ràdh gu bheil e 'g an tarruing a dh' ionnsuidh Chrìosd, agus 'nuair tha Dia a' toirt cuireadh dhoibh chum creidsinn, tha e 'g an gairm d' a ionnsuidh, Eoin vi. 37, 44, " Gach ni a bheir an t-Athair dhomhsa thig e a m' ionnsuidh; agus an ti a thig a m' ionnsuidh, cha tilg mi air chor sam bith a mach e. Cha 'n urrainn neach air bith teachd a m' ionnsuidh-sa mur tarruing an t-Athair a chuir uaithe mise e." Tha rioghachd nèimh coltach ri duin' a fhuair seud ro luachmhor, air a' bheil e tuiteam 'an gaol. Mat. xiii. 44, 45, 46. Tha mi 'g ràdh, nach 'eil oibreachadh so a chridhe air Iosa Chrìosd, 'na chùis cho spàirneil 's a tha daoin' a breithneachadh. An feudar a mheas gu bheil an nì sin ro dhìomhair, dhuilich, a tha gu mòr a co'-sheasamh ann an tog-radh? Ma tha mòr dhéigh aig daoin' air, tha e aca; oir is beannuicht' iadsan air a' bheil ocras na còrach, Mat. v. 6. Ma 's àill leibh 's e bhur beatha, Taisb. xxii. 17. A' bheil amharc gu deònach air an t-Slànuighear a tha air àrdachadh 'na ni cho triobluid each ea-comasach? Isa. xlv. 22, " Seallaibh riumsa agus bithibh air bhur tèarnadh, uile iomalla na talmhuinn," agus a chum ni a-ghabhail a tha air a thairgse, air a nochdadh 's air ìnnse gu 'm buin e dhomh-sa, ma 's e 's gu'n gabh mi e, agus mar gu'm b' ann, gu 'm fosgluinn mo bheul, 's gu'n deanainn rathad dha? Salm lxxxi. 10, " Fosgail do bheul gu farsuing, agus lìonaidh mise e." Air chor 's nach ion do dhaoin' a shaoilsinn gu bheil creidimh duilich fhaotainn, do bhrìgh nach 'eil ann ach ion-samhuil nan nithe sin a dh' ainmich mi, mur lugha e na iad sin. Och!

nam bu chomasach dhomh iompaidh a chur air daoine, ciod e an creidimh a dh' fhìreanaicheas, a tha toirt làn chòir dhomhs' air Criosd! 'S minic a tha sinn a' cumail am fois agus an suaimhneis dligheach o dhaoibh, le bhì cur an céill doibh, gu bheil creidimh na nì-eiginn domhain dìomhair, agus le'n cur fo iomadh amharus neo-fheumail m'a thimchioll, leis a' bheil iad air an cumail ann an dorchadas mu 'n chùis.

2. Tha daoine ann nach eil a' deanamh feum air bith de'n chomhara so, 'ga mheas 'na àrd-pheacadh an-dàna iad a ghabhail os làimh gu bheil aon ni aca tha cho luachmhor ri fìor-chumhnant' an nuadh cho'-cheangail. Ris a mhuinntir so tha mi 'g ràdh, Cha ruig sibh a leas uiread eagail a ghabhail roimhe, mar gu'm b' àrd-uail a ghabhail os làimh: oir ge b'e nì a th' ann am fìor chreidimh, 's éiginn do dhaoine a chur rompa fhaotainn, no, gun nì air bith fhaotainn; oir as eugais tha gach comhar' eile diomhain; cha dean mìle ni eile 'n gnothuch as eugais: mur creid duine tha e fantuinn ann an staid na dòruinn, Eoin iii. 18, 36, "Ach an ti nach creid, tha e air a dhìteadh cheana, a chionn nach do chreid e an ainm aoinghin Mhic Dhé. An tì nach 'eil a' creidsinn anns a Mhac, cha 'n fhaic e beatha; ach a ta fearg Dhe a' gabhail còmhnuidh air."

3. Tha daoine eil' ann nach 'eil a' gabhail gnothuch ri comhara ro luachmhor so a chreidimh, do bhrìgh gu bheil iad a' meas gur obair ro spàirneil dhuilich, creidimh fhaotainn a mach far a' bheil e. Ris a mhuinntir so tha mi 'g ràdh, nach 'eil e cho duilich fhaotainn a mach, do bhrìgh gu bheil aig an ti a chreideas, an fhianuis ann féin. 1

Eoin v. 10. 'S ni e a dh' fheudar aithneachadh tre chàileiginn de mhion-rannsachadh dùrachdach. Cha 'n e amhàin gu'm feud sinn mòran a dheanamh chum fhaghail a mach leis an obair roì-ullachaidh a tha dol air thoiseach air ann am mòran, mar tha duin' a bhi a' smuainteachadh 's a' creidsinn a staid chailte, 's nach 'eil e murrach air a ghnothuch fein a dheanamh, 's gu bheil làn-fhogh-aintichead ann an Criosd, a tha ro ion-mhiannaichte nam b' urrainn esan g'a fhaotainn; le bhi cuimhneachadh gu dùrachdach air so, le cridhe fosgailt' a' gnàth-fheitheamh gu cobhair fhaotainn; agus mar an ceudna, leis na nithe a tha 'na cho-chompanas, no 'na cho-chuideachd, sin r'a ràdh, spéis a thoirt do dh' uachdranachd Chrìosd, 's d'a oifig mar Rìgh 's mar Fhàidh, miann no togradh chum mi fein a thoirt suas da gu h-iomlan, chum a bhi air mo stiùradh leis; agus mar an ceudna leis na nithe a tha gu nàdurra 'ga leantuinn, sin r'a ràdh, stiùradh an fhocail, obair a ghlanas an cridhe, oibreachadh tre ghràdh, &c. Tha mi 'g ràdh, nach e amhàin gu'm feud sinn creidimh aithneachadh leis na nithe sin, ach tha e so-mhothachaidh leis féin agus le ghnè féin; ge nach 'eil mi 'g àicheadh nach feum càileiginn de chòmhnadh Spioraid Dhé bhi againn, leis an aithnich sinn na nithe a thugadh dhuinn gu saor o Dhia, 1 Cor. ii. 12. mar an ceudna fòs gu'n do chuir Dia f' ar comhair ioma dearbhadh soilleir agus comharan, mar chòmhnadh luachmhor, leis am feud daoine fhaicinn gu soilleir a' bheil no nach 'eil, an creidimh slàinteil sin a dh' fhèrinnicheas, aca fein. 1 Eoin v. 13, "Na nithe so sgrìobh mi do 'ur n-ionnsuidh, a tha creidsinn ann an ainm Mhic Dhé;

chum gu'm bi fios agaibh gu bheil a' bheatha mhaireannach agaibh." Gidheadh tha mi fhathas ag ràdh, gu bheil creidimh, no creidsinn, ni is e càileiginn do dh' oibreachadh a chridhe air Criosd anns an t-soisgeul, agus gabhail ris mar tha e air a thairgse ann, dearbh-shoilleir so-fhaicinn leis fein, do dhuine tuigseach, le còmhnadh gnàth- aichte an Spioraid; mur dean an Tighearna Dia, air son reusain a tha amhain aithnichte dha féin, ceò dorchadais a thilgeadh air tuigse shoilleir an duine, leis am bu chòir dha an ni tha ann fein a thuigsinn agus a mhothuchadh.

Tha 'n creidimh so a dh' fhìreanaicheas, a tha sinn a' dearbhadh a bhi cho soilleir, air a chur f' ar comhair 's an Sgriobtuir air ioma dòigh, ann am buan-ghliocas, agus ann an co'-aontachadh gràs- mhor Dhé, do réir 'oibreachaidh eug-samhuil mu Dhia, 's a' dol amach as a dhéigh, air chor 's gu'm feud gach neach aig a' bheil e, a làn thuig- sinn gu bheil e aige. Tha e air uairibh ag oib- reachadh le dian-thogradh chum aonachd maille ri Dia ann an Criosd: 'Se so an dearcadh air Dia tha air ainmeachadh ann an Isa. xlv. 22, " Seall- aibh riumsa, agus bithibh air bhur tèarnadh, uile iomalla na talmhainn." 'S coltach nach 'eil ann an so ach gnìomh anfhann, a tha fada goirid air cuid eile de dh' oibreachadh a chreidimh ann an àm eile, feudaidh e bith anns a cheart neach sin féin. Seallaidh daoine' air ni ris nach bi chridh' aca beantuinn, no ghlacadh 'nan làimh; feudaidh iad amharc air duine ris nach 'eil a chridh' aca labhairt: gidheadh thug Dia 'n gealladh do chreid- imh anns an oibreachadh sin, mar tha'n Sgriobtuir roi'-ainwichte a' nochdadh; agus rinn e so gu glic,

tròcaireach, oir 'se so an t-aon dòigh air an tuig-ear oibreachadh a chreidimh air uairibh air cuid de dhaoine. Mar so tha oibreachadh no dol amach a chreidimh air an soilleireachadh 's an Sgriobtuir, le ocras agus tart na fìreantachd, Mat. v. 6. agus sin air a shoilleireachadh le bhith toileach. Taisb. xxii. 17, " Agus ge b'e neach leis an àill, gabhadh e uisge na beatha gu saor."

A rithist tha 'n creidimh so a' dol a mach le taic a leigeil air an t-Slànuighear ghràdhach, 's an t-anam a' gabhail ri Criosd mar 'ionad stad 's mar stéigh a dhòchais, agus tha Dia 'ga nochdadh air an dòigh so, ged a tha e 'na chloich-thuislidh do dhaoin' eile. Rom. ix. 33. Tha 'n t-oibreachadh so dh'e air a chur f'ar comhair gu minic 's an Sgriobtuir, anns na briathraibh so, " earbs' a dheanamh as, agus fois a ghabhail" air Dia; agus tha geallaine ro luachmhor air an toirt do dh'oibreachadh so a chreidimh, mar chì sinn ann an Isa. xxvi. 3, 4, " Gleidhidh tu esan ann an sìth iomlain, *aig an bheil* 'inntinn suidhichte *ort*, a chionn gu'n do chuir e a dhòchas annad. Cuiribh-se bhur dòchas anns an Tighearn do ghnàth, oir anns an Tighearna Iehobhah tha neart siorruidh." Mar so tha Salm cxxv. 1, " Bithidh iadsan a dh'earbas as an Tighearna mar shliabh Shioin, nach caruichear, *ach* a mhaireas gu siorruidh." Tha mi 'g ràdh gu 'n dthug an Tighearna geallaine do 'n dòigh so do dh'oibreachadh a chreidimh, air dha fios a bhith aige gu 'n oibrich e air a mhodh so gu minic le mòran daoine; agus bithidh e ro fhollaiseach dhoibh féin, 'nuair a bhios creidimh ag oibreachadh air an dòigh sin.

Tha creidimh air uairibh ag aomadh an diaigh

Dhé le feitheamh gu bunailteach air, 'nuair tha 'n t-anam an dùil ri nì-eiginn fhaghail o Dhia, 's nach d' fhuair e a rùn a làn fhoillseachadh a réir a thoile mu thimchioll an nì sin ris a' bheil e'n earbsa; ann an sin tha creidimh a' feitheamh gu foighidneach ri toil Dé, agus mar so tha 'n gealladh air a choi' lionadh dha. Isa. xlix. 23, "Cha nàraichear iadsan a chuireas an dòchas annamsa." Tha 'n creidimh ag oibreachadh air uairibh air mhodh toileil air Dia, 'nuair tha 'n t-anam a' breithneachadh gu bheil Dia 'ga thilgeadh uaithe, 's a' bagradh a léir-sgrìos, Iob. xiii. 15, "Ge do mharbh e mi, gidheadh earbaidh mi as." Chaidh creidimh na mnatha bochda sin a bha ann an Canaan. Mat. xv. 22, 28. a tha co mòr air a cliùthachadh le Criosd, amach air an dòigh so le oibreachadh toileil an aghaidh gach triobluid a bha 's an rathad; agus tha 'n Tighearn' a' sàrmholadh mar rinn i, chum misneach a thoirt dhoibhsan a bhios 'na shamhuil sin de staid. Bhiodh e ro fhadalach gach dòigh eug-samhuil air an oibrich creidimh ainmeachadh fa leith. Feudaidh mi a ràdh, gu'n do nochd Dia e fein, agus 'iomlaineachd ann an Criosd air ioma dòigh, fo smuaintibh fa leith, a réir staid no triobluid an anma, chum còmhnadh éifeachdach a dheanamh ri daoine 'nam feum. Agus air an aobhar sin tha creidimh, ni is e am meadhon a dh' òrduich Dia chum iomlaineachd Chrìosd iomchar a dh' ionnsuidh an duine, 's a chionn aonachd agus co-chomunn a chumail suas ris, ag oibreachadh air mhodh eug-samhuil air Dia ann an Criosd; oir 'se creidimh cridhe an duine a dhealbh 's a cho-chumadh a réir innleachd Dhé chum peacaich a

shàbhaladh trid Iosa Criosd, anns am bu taitneach leis an Athair gu 'n gabhadh an iomlaineachd sin còmhnuidh; air chor 's ge b'e làmh air an tionndaidh Criosd, gu bheil creidimh 'ga dhlùth-leanuinn, 's ag aomadh d' a ionnsuidh air an dòigh sin féin. Tha Criosd 'g a nochdadh féin do'n chreideach bhochd air gach dòigh air am feud e bhì feumail da, agus uime sin tha creidimh ag oibreachadh air Criosd chum tarruing o 'iomlaineachd-san a réir feum agus staid an duine. Mar eisimpleir, tha 'n t-anam lomnochdta, gun chomhdach chum a dhìon o fheirg dhoinionnaich an Uile-chumhachdaich; tha Criosd 'na thrusgan fasnach dìonach ro mhaiseach, Taisb. iii. 17, 18. Mar so mata 'se 's obair do chreidimh an Tighearn' Iosa a chur uime ann an so. Gal. iii. 27. Tha miann agus ciocras mòr air an anam an déigh air nì-eiginn a làn-shàsuicheas gu bith-bhuan e; tha Iosa Criosd'na bhainne, 'na fhìon, 'na uisge, 'na aran na beatha agus 'na fhìor mhana. Isa. lv. 1, 2; Eoin vi. 48, 51; 's esan a chuir de nithe reamhar, 's de fhìon air ath-tharruing. Isa. xxv. 6. ann an sin 'se obair agus gnàthachadh a chreidimh, dol a cheannach, a dh'ithe agus a dh'òl gu saibhir pailt. Isa. lv. 1; Eoin vi. 53, 57. Tha 'n t-anam air a dhian-ruagadh as leith cionta éiginn a bheag no mhòr; agus 'se Iosa Criosd am baile-dìona, agus an t-Ard-Shagart ann, neach am fad 's a's beò e, 'se sin gu sìorruidh, tha'n duine bochd a tha buidhinn a bhaile sin, làn-tèaruinte: ann an sin 'se obair agus seirbheis a chreidimh, teiche d'a ionnsuidh chum bhì sàbhailte, gu greim a dheanamh air an dòchas a chuireadh romhainn. Eabh. vi. 18. Ann an aon fhocal, ciod air bith an seòl

air am bi Crìosd feumail do dhuine, tha e labhairt air a mhodh sin m'a thimchioll féin; 's mar tha e 'ga nochdadh féin 's an Sgrìobtuir, 's amhuil a tha creidimh a' treòrachadh d'a ionnsuidh. Ma tha Crìosd 'n a Fhear-nuadh pòsda, theid creidimh a mach fo dhàimh pòsaidh; ma 's Athair e, tha creidimh a' tagradh gur leanabh an duine; ma 's Aodhair 'e, tha creidimh a' tagradh gu 'm bi an duine 'na aon d'a chaoraibh; ma 's Tighearn' e, tha creidimh a' gairm sin deth, ni nach comasach do neach air bith a dheanamh ach trid Spiorad Dhé. 1 Cor. xii. 3. Ma bha e marbh, agus ma dh' éirich e rithist chum ar fìreanachadh, tha creidimh a' làn-chreidsinn gu'n do thog Dia suas e chum na crìche sin, Rom. x. 9. Ge b'e aite 'bheil esan, bu mhiann le creidimh a bhi 's a cheart ionad sin; agus ge b'e sam bith e, bu toil le creidimh a bhi ann an tomhas éiginn d' a réir: oir, 's ann tre chreidimh a tha 'n cridhe air a cho'chumadh amach am fad agus an leud fa chomhair Chrìosd; seadh 'nuair a theid 'ainm 's a chliù amach 'na fhìrinn, ge nach 'eil creidimh a' faicinn mòran, gidheadh tha e creidsinn 'na ainm, air son a chliù mhaith a chraobh-sgaoil e m' a thimchioll féin. Eoin i. 12.

Ach a chum mearachdan a sheachnadh, thugaibh fainear, 1. Ged a tha 'n creidimh a dh' fhìrean-aicheas ag oibreachadh air dhòighibh co eug-samhuil, gidheadh cha 'n 'eil gach uil'-oibreachadh agus gnàthachadh dhiubh sin aig gach fìor chreid-each aig a' bheil dearbh-chòir air Crìosd; oir ni bheil a staid 'n am feum: agus mar an ceudna 's toil leis a Mhaighstir gun chreidimh cuid de dhaoin' a tharruing a mach air uairibh, ann an

cuid de na dòighibh sin, air son aobhair a tha amhàin aithnichte dha féin 'nuair tha 'm feumalachd (a réir am baralach) ann an càs a shamhuil sin de dh' oibreachadh creidimh. Gu cinnteach cha 'n 'eil gach neach comasach air a ràdh, "Ge do mharbh e mi, cuiridh mi fhathasd mo dhòchas ann." 'S lìonar iadsan nach rachadh leis a mhnaoi a mhuinntir Chanaain m'an do labhair mi roimhe, Mat. xv. ach a ghlacadh mi-mhisneach, 's a leigeadh dhiùbh an gnothuch m'an robh iad. 'S ann air a shon so a tha Criosd a' cliùthachadh creidimh cuid de dhaoine ni's mò na creidimh dhaoine eile, Mat. viii. 10. mar bha 'n Caiptein-cheud: Mat. xv. 28. agus a bhean a mhuinntir Chanaain. Tha mòran dhaoine diadhaidh fo mhòr-thriobluid, agus neo-fhoisneach mu thimchioll an creidimh, chionn nach 'eil iad 'gam mothachadh air gach dòigh a tha air ainmeachadh 's an Sgriobtuir; ach 's gann a gheibhear aon duine a dh' oibrich a chreidimh air gach dòigh dhiubh sin.

2. Tha mòran de dh' oibreachadh so a chreidimh, air uairibh gu laidir, beothail, neartmhor, soilleir, so-mhothachaidh; agus tha iad air uairibh goirid air sin, 's tha mi-chreidimh a' faghail buaidh: air chor 's gur neo-chinnteach an rud breith a thoirt air staid duine le oibreachadh a chreidimh. Tha sinn a' faicinn gu bheil eadar-dhealachadh mòr eadar oibreachadh a chreidimh air uairibh, anns na naomhaibh féin, mar a nochd sinn roimhe.

3. Tha gach aon de dh' oibreacha sin a chreidimh 'na chombara maith do 'n neach aig a' bheil e, 's tha geallaine air an ceangal ris, mar a thuir sinn roimhe.

Gidheadh, 4. Ged a tha aig oibreacha sin a

chreidimh geallaine ceangailte riu, cha 'n iad, air a shon sin, cùmhnant' an nuadh cho'-cheangail: oir nam b' ann mar sin a bhiodh a chùis, dh' fheumadh a h-aon diubh bhi aig gach neach, ni nach 'eil fìor, mar thuirt sinn roimhe. Tha gealladh air a thoirt dhà-san a bheir buaidh: ach cha 'n e buanachadh cùmhnant an nuadh cho'-cheangail, ach tha e 'ga roimh-chiallachadh. Tha geallainean air an toirt seachad do ghnàthachadh gach uile ghràs, 's an Sgriobtuir; ach 'se creidimh amhàin cùmhnant a cho'-cheangail. Tha mi 'g ràdh mata, gu bheil na geallainean air an toirt do dh' oibreacha sin a chreidimh, ni h-ann mar sin, ach mar tha iad a' roì'-chiallachadh creidimh a dh' fhìreanaicheas, ni is e cùmhnant a cho'-cheangail. 'S oibreacha creidimh gach ni dhiubh sin, ach ni h-ann mar tha e a' fìreanachadh. Air an aobhar sin.

5. Tha nì-eiginn ann a tha aig gach neach a tha ann an staid nan gràs, a tha air a chiallachadh le uile oibreacha roì'-ainmichte a chreidimh, anns a' bheil nàdur agus bith a chreidimh a dh' fhìreanaicheas a' co'-sheasamh. Agus 's e so an cridhe bhi làn-toilichte le innleachd Dhé chum peacaich a shàbhaladh trid Crìosd; 'nuair tha duine toilichte le innleachd Dhé chum dìoladh a thoirt do cheartas trid Iosa Crìosd, anns a' bheil gach uil'-iomlaineachd a' gabhail còmhnuidh le làn-toil an Athar; 'nuair tha cridhe agus anam duine làn-toilichte leis na nithe sin, ann an sin tha e creid-sinn chum slàinte. Mar a rinn Dia an tùs duine freagarrach do chùmhnanta nan gnìomh, le chruthachadh ann an staid iomlan, 's le chur 'na chomas a thoil a choimhlionadh anns a chùmhnanta sin;

air an amhuil cheudna fo 'n nuadh cho'-cheangal, 'nuair tha Dia a' toirt a chridhe nuadh do dhuine, tha e cur samhladh agus dealbh uil'-innleachd féin anns an nuadh cho'-cheangal air an duine, air chor 's gu bheil e freagarrach do thoil Dé: mar so tha e giùlan air féin iomhaigh agus dreach an dara Adhamh, Iosa Criosd. 'S earrann mhòr so de'n nuadh chridhe, agus tha e calg-dhìreach an aghaidh oibre; do bhrìgh gu bheil an duine a' tuit-eam gu tur o oibribh, "a' fàs marbh do 'n lagh," a thaobh fireanachaidh, "tre chorp Chrìosd," Rom. vii. 4. Air do'n duin' a thoirt fainear gu'n do dhealbh Dia dòigh air a cheartas féin a dhìoladh, 's air daoine a shàbhaladh le Iosa Criosd a theachd 's an fheòil, air leis gu bheil an seòl so cho maith agus co chinnteach, 's gu bheil e gu buileach a' leigeil deth gach smuain air a bhi air a shàbhaladh le obair an lagha, mar a thuirt mi roimhe, 's a' gabhail gu toileach ris an innleachd so chum peacaich a shàbhaladh: agus 'se so creidsinn, no creidimh, calg-dhìreach an aghaidh oibribh 's an aghaidh earbs' air bith a dheanamh asda. Tha so anns gach neach a tha ann an staid nan gràs, anns nach 'eil mòran de dh' oibreachadh a chreidimh r'a fhaotainn. Tha so gu soilleir a' nochdadh gu bheil mothuchadh aig duin' air a thruaighe 's air a thriobluid, gun fhurtachd, gun fhuasgladh air bith ann féin: 's tha so a' roichiallachadh, gu bheil e toirt fainear gu bheil iomlaineachd ann an Criosd, mar an t-aon fhuasgladh leòir-fhoghainteach: tha so a' ciallachadh gu bheil gne bhuntuinn aig an duine ris an fhuasgladh bheannaichte so: oir air do'n chridhe tlachd a ghabhail anns an innleachd sin, tha e 'g aomadh

mar so d' a ionnsuidh. 'S nì so a tha gu soilleir air a chiallachadh anns gach oibreachadh de'n chreidimh, mu 'n do labhradh roimhe. Tha so aige-san air a' bheil cìocras deònach; agus tha e aig an tì a tha 'ga thaiceadh féin ris, agus tha e aig an neach a tha cur Iosa Crìosd uime, &c. 'Se so " Crìosd cumhachd agus gliocas Dé a mheas chum slàinte;" 's tha e air a ràdh gu 'm bi e mar sin dhoibh-san uile a chreideas ann. 1 Cor. i. 24. Tha iad a' meas gu bheil innleachd Dhé chum peacaich a shàbhaladh, glic agus ro chinnteach, agus 'se sin creidsinn no creidimh. Air an aobhar so tha Crìosd a tha 'na chloich dhiùlta do mhòran, ro luachmhor, phrìseil dhoibh-san a tha creidsinn; cloch a tha ro fhreagarrach, lathailteach, chum tigh briste 'n duine chailte ath-nuadhachadh, a dhaingneachadh, agus a dheanamh sgiabhach maiseach. " A' teachd d'a ionnsuidh-san *mar gu* cloich bheò, a dhiùltadh gu deimhin le daoinibh, ach air a taghadh o Dhia *agus* luachmhor; Tha sibhse mar an ceudna, mar chlochaibh beò, air bhur togail suas 'nur tigh spioradail, 'nur sagart-achd naomh, chum ìobairte spioradail a thoirt suas, taitneach do Dhia tre Iosa Crìosd. Uime sin a ta so mar an ceudna air a chur sìos anns an Sgriobtur, Feuch, cuiridh mi ann an Sion prìomh chlach-oisne thaghta, luachmhor: agus an tì a chreideas ann, cha chuirear gu nàire e. Dhuibhse uime sin a chreideas, tha e luachmhor: ach dhoibh-san a tha eas-ùmhail, a' chlach a dhiùlt na clach-airean, rinneadh ceann na h-oisne dhith, agus clach-thuislidh agus carraig-oilbheim, *dhoibh*-san a thuislicheas air an fhocal, air dhoibh bhi eas-ùmhail, chum mar an ceudna an d' orduicheadh

iad.” I Pead. ii. 4—8, “ A ris, a ta rìoghachd nèimh cosmhuil ri ionmhas air fholach am fearann ; ni an déigh fhaotainn a dh’ fholaidh duine, agus air sgàth a ghairdeachais air a shon, dh’ imich e agus reic e na bha aige uile.” Mat. xiii. 44. Tha na briathra sin a’ nochdadh ceart seòl a chreidimh, sin r’a ràdh, gur ann trid Iosa Criosd a bhios daoine air an sàbhaladh, mar tha e air fhoillseachadh ’s an t-soisgeul ; tha ’n cridhe làn-toilichte leis an innleachd sin mar ni a tha ’g a làn-shàsachadh. ’Se so creidsinn ann am Mac Dhé a tha air a thogail suas : a tha air a choimeas ri amharc suas air an nathair phrais. Eoin iii. 14. ’S ann do bhrìgh gu ’n do thaitinn an t-innleachd sin ris an duine a rinneadh éifeachdach e chum a leigheas ; ’s amhuil a tha chùis ann an so, “ An ti a ghabh r’a fhianuis-san, chuir e a sheula ris gu bheil Dia fìor.” Eoin iii. 33. Fìor? cia ann? anns an fhianuis sin a thug e, gu ’n d’ fhuair Dia beatha do dhaoineibh ’s gur ann an Criosd a tha slàint’ agus sonas siorruidh an anma neo-bhàsmhor a’ co-sheasamh, do bhrìgh gur esan a ghabh os làimh ar saoradh, trid ’fhuil ioc-shlaintich féin a dhòirt-eadh air ar son. I Eoin v. 10, 11, “ An ti nach creid Dia, rinn e breugaire dheth.” Cia ann? ’Na ràdh gur e Iosa Criosd an t-slighe chinnteach neo-mhearachdach agus thèaruinte chum nèamh. ’Se so a bhi làn-toilichte leis an innleachd sin ; agus tha e a’ co’-fhreagrachd do gach ni tha air a chur sìos ’s an Sgriobtuir mu thimchioll creidimh a dh’ fhèrinnicheas. ’Se so creidsinn ann an Criosd, gabhail ris agus an socrachadh air chum slàinte, tha air a chur sìos ann an leabhar nan ceist ; a chreidsinn gur e Iosa an Criosd, ’se sin, an t-Aon

ungta, a sheulaich an t-Athair 's a chuir e air leth, 's a rinn e iomchuidh fa chomhair na h-oibre sin, eadhoin an duine a dheanamh réidh ri Dia; agus “ Ge b'e neach a chreideas gur e Iosa an Crìosd, ghineadh o Dhia e.” I Eoin v. 1. 'Se so a chreidsinn o 'n chridhe, gu'n do thog Dia suas Crìosd o na marbhaibh, Rom. x. 9. 'Tha'n duine a' creidsinn gu 'n d' fhuair Crìosd bàs, agus gu 'n d' éirich e chum làn-dìoladh a thoirt air son peacaidh a chinne daoine. Feudaidh deamhain an ni ceudna a chreidsinn: ni h-eadh, ach tha'n duine mu 'bheil mis' a' labhairt 'ga làn-chreidsinn le 'uile chridhe, (ni nach 'eil an comas neach a tha ann an staid nàduir a dheanamh, gus an dthoirear an cridhe nuadh dha,) 'se sin tha e gabhail tlachd ann, sàsuichte agus làn-toilichte leis an innleachd ro luachmhor so. Agus tha 'n creidimh so 'ga nochdadh féin an dràst 's a rithist 'na oibreacha, 'na dhol a mach agus 'na ghnàthachadh, a réir gach uile dhàimh a chùmhainte fo bheil Crìosd air a nochdadh 's an Sgrìobtuir.

A nis, tha mi 'g ràdh, gu bheil an creidimh so follaiseach so-mhothachaidh, ni h-ann ambàin 's na h-oibreacha sin iomadh uair; feudaidh duine fios a bhi aige 'bheil cìocras geur air a chridhe an déigh Chrìosd, 's a' bheil e a' teicheadh d'a ionnsuidh chum a dhìon, nuair bhios e air a dhianruagadh, 's ma tha e 'ga làn-earbsa féin ri àrd-Uachdaran nèimh agus na talmhuinn, &c. ach mar an ceudna 'na cheart nàdur, mar tha e a' fìreanachadh, tha e soilleir so-aithneachadh. Feudaidh duine làn-chinnt' a bhi aige mu 'n chùis, ma tha chridhe le mothachadh air a thruaighe féin, agus air iomlaineachd Chrìosd, làn-toilichte le innleachd

Dhé anns an nuadh cho'-cheangal; ma tha e dol amach an déigh Chrìosd anns an innleachd sin, agus ma tha e 'ga thoileachadh mar Ughdar agus mar Uachdaran beatha dhaoine, a' stad 's a socrachadh air an Fhear-shaoraidh, 's ni h-ann air ni no air neach sam bith eile, a' co'-aontachadh leis an dòigh sin chum peacaich a shàbhaladh le tog-radh agus le tlachd.

'S nì so a tha ro shoilleir: uime sin tha mi 'g as-luchadh air daoine gu'n ceasnaich agus gu 'm mion-rannsuich iad iad féin gu ceart-bhreitheach neo-chlaon; agus ma mhothaicheas iad gu'n do ghabh an cridhe air a mhodh sin ri innleachd sin na slàinte trid Iosa Crìosd, 's gu bheil iad 'ga mheas ro luachmhor, gu'n gabh iad os làimh, gun tuill' ag a chur 'sa chùis, gu bheil aca fìor chòir shònruichte air Iosa Crìosd, agus crùn na beatha, chionn "nach dtheid an ti a chreideas a sgrios am feasd, ach gu'm bi a bheatha mhaireannach aige," Eoin iii. 16, 36.

CAIB. VIII.

An t-eadar-dhealachadh a tha eadar creidimh cealgoirean, agus an creidimh fìor slàinteil a dh' fhir-eanaicheas.

CUNN. Tha seorsa creidimh aig cealgoirean 's aig daoine aingidh ain-diadhaidh, 's tha e air a ràdh gu bheil iad a' creidsinn, Eoin ii. 23, 24, "Chreid mòran 'na ainm, an uair a chunnaic iad na mìorbhuilean a rinn e. Ach cha d' earb Iosa e fein riu, do bhrìgh gu'm b' aithne dha na h-uile dhaoine." Gniomh. viii. 13, "An sin chreid

Simon fein mar an ceudna:” agus tha iad a’ dol a mach an déigh Chrìosd, ’s an déigh innleachd sin na slàinte, ’nuair a chluinneas iad iomradh air: ’s tha iad ag aidmheil gu bheil iad a’ deanamh mar sin, gidheadh tha iad air am mealladh, agus feud-aidh mise bli mar sin cuideachd.

Freag. Gun smid a ràdh mu thimchioll smuainte sin do chridhe, (leis a’ bheil thu gabhail iongantais nach ’eil gach neach làn-toilichte le innleachd na slàinte trid Iosa Crìosd, ’s a’ treòrachadh a mach d’ a ionnsuidh,) mar chombara ro mhaith, a tha dearbhadh gu bheil an creidimh a dh’ fhìrinnicheas agad cheana; ’s gun fhocal a labhairt an aghaidh smuainteachadh do chridhe, gu ’m feud duine nach ’eil air iompachadh o staid nàduir, am fad ’s a bhunaicheas e mar sin, ’s mum faigh e ’n cridhe nuadh, tlachd a ghabhail ’s an innleachd sin, ’s a làn-chreidsinn le ’uile chridhe, an ni sin a thilgeas gu buileach cumhanta nan gnìomh bun-os-cionn, ’s a dh’ ìslicheas duine a thaobh fein-fhìreantachd air an d’ ràinig e cheana, no air an urrainn e ruigheachd, ni nach ’eil a’ co’-fhreagradh do mhòran de dhearbh-fhìrinn an Sgrìobtuir; tha mi cur fa d’ chomhair nan eadar-dhealachadh so a leanas eadar creidimh chealgairean no luchd-aingidbeachd, agus an creidimh fìor slàinteil sin a dh’ fhìrinnicheas, m’ an do labhair sinn cheana.

1. Cha’n ’eil iad idir a’ gabhail ri Iosa Crìosd anns an innleachd sin, agus ris-san ’na aonar mar chòmhdachadh leòir-fhoghainteach d’ an sùilibh, mar tha e air a ràdh mu Abraham do Shara, Gen. xx. 16. Tha iad fhathasd a’ deanamh greim air nì-eiginn a bhùineas d’ am fìreantachd fein, air a

chuid a's lugha chum còmhnaidh a dheanamh riutha gu fàbhar agus slàinte Dhe fhaotainn: tha 'n cridhe do ghnàth a' labhairt, mar labhair an t-òganach sin, Luc. xviii. 18, " Ciod a ni mi chum gu sealbhaich mi a' bheatha mhaireannach?" Osbàrr air, gu bheil iad fhathasd a' gleidheadh an seann leannanan gràidh, 's cha bhris iad an cùmhanta ri ifrinn agus ris a bhàs, a' saoil sinn gu'm feud iad Criosd a bhi aca maille ris na nithe so, aig a' bheil uiread de'n chridhe 's a tha air a bhuil-eachadh air an t-Slànuighear bheannaichte, calg-dhìreach an aghaidh so. Mat. vi. 24, " Cha 'n urrainn neach air bith seirbhis a dheanamh do dhà Thighearn:" An dara cuid 's éiginn Criosd a mheas 'na làn Uachdaran, agus 'na mhaith-an-airidh air an uachdranachd sin, no gun bhuntuinn sam bith bhi aca ris. Agus mar so tha e dearbhsuilleir, nach 'eil an cridhe air a dhealbh fa chomhair innleachd sin na slàinte trid Iosa Criosd, neach a rinn Dia amhàin 'na Thighearna ann an so, anns a' bheil gach iomlaineachd a' gabhail còmhnuidh. Ach far a' bheil creidimh a dh' fhir-innicheas, tha anam agus cridhe duin' a' gabhail ri Criosd, agus ris-san amhàin, gun mhuinighinn air bith a chur 's an fheadil, Philip. iii. 8. Tha e 'g earbsadh amhàin ann an Dia. Salm lxii. 5. Mar an ceudna fòs, tha 'n duin' ann an so a' cur cùl r'a leannain ghràidh eile, o'n a tha iad a' comhstrigh ri Criosd, tha e a' cur roimhe nach roighnich e neach eile, Hos. iii. 3. tha e 'gairm a Thighearna dheth, nì nach urrainn duin' a dheanamh ach amhàin trid Spiorad Chrìosd, 1 Cor. xii. 3.

2. Mar nach 'eil cealgoirean agus daoine midhiadhaidh a' gabhail idir ri Criosd gu h-iomlan

'na aonar; cha'n 'eil iad uair air bith a' gabhail ris mar tha e air ùngadh gu bhi 'na Rìgh, chum riaghladh os cionn duiu' anns na h-uile nithe; 'na Shagart, chum sìth agus maitheanas fhaotainn do dhuin' anns gach cùis: 'na Fhàidh, chum bhi 'na ghliocas, agus 'na fhear-teagaisg agus 'na chomhairleach anns gach cùis do dhuine: mar so cha 'n 'eil iad a' gabhail ri Criosd, gu h-àraidh anns a cheud no anns an treas oifig. Ach far a' bheil am fìor chreidimh a dh' fhèrinnicheas, tha duin' a' gabhail ri Criosd gu h-iomlan 'na uil' oifigibh, a meas gu bheil a thoil uile maith, naomha, cothromach agus spioradail, Rom. vii. 12, 14. agus ceart mu thimchioll nan uile nithe, Salm cxix. 128. a' deanamh luaidh air 'fhèrantachd-san amhàin. Salm lxxi. 16.

Tha 'n duine mar an ceudna 'ga thoirt fein suas chum bhi air a theagasg leis, Mat. xi. 29, " Fògh-lumaibh uam." Air chor 's gu bheil " Criosd air a dheanamh" do'n fhìor chreideach le làn-toil fein, 'na ghliocas, 'na fhèrantachd, agus 'na shaorsa iomlan, 1 Cor. i. 30. Agus ge nach 'eil aige na nithe sin uile o'n leith a muigh 'na ghnàthachadh, 'nuair tha chridhe dol a mach an déigh Chriosd, gidheadh, 'nuair a dh' fheuchar gu ceart, 's a gheur-rannsuichear a' chùis, gheibhear gach ni mar a thubhairt mi aige.

3. Cha 'n 'eil cealgairean agus daoine aingidh idir a' gabhail ri Criosd agus ris na nithe draghail a tha 'ga leantuinn: tha iad a' stad ann an sin maille ris an Sgriobhaiche. Mat. viii. 19, 20. Ach far a' bheil creidimh fìor a dh' fhèrinnicheas, tha duin' a' gabhail ris anns gach cunnart; tha e cur roimhe gu'n tréig e gach aon ni mun tréig e

Criosd, “ Feuch, thréig sinne na h-uile nithe agus lean sinn thusa.” Marc x. 28. Tha e meas nan uile nithe ’nan calldach agus ’nan aolach airson ro òirdheirceas Iosa Criosd, mar a Thighearna, agus gu’m faighear ann-san e. Philip. iii. 8, 9.

Dh’ fheudamaid tuille de dh’ eadar-dhealachadh a nochdadh dhuibh; mar tha, gu bheil fìor chreidimh ag oibreachadh, a’ glanadh a chridhe, Gniomh. xv. 9. ag oibreachadh tre ghràdh, Gal. v. 6. ’nuair nach ’eil na cealgairean a’ glanadh ach amhàin taobh a muigh na mèise. Mat. xxiii. 25. s’ a’ deanamb gach ni a chum ’s gu’m faicear le daoine iad. Mat. vi. 5. gun bhi ’g iarraidh na glòire a tha o Dhia amhàin, agus mar sin cha ’n ’eil e’n comas doibh creidsinn. Eoin v. 44. Dh’ fheudamaid a nochdadh mar an ceudna, nach ’eil fìor chreidimh ’na aonar ann an duine uair air bith, ach tha gràsa slàinteil eile ’na cho’-chuideachd: ach do bhrìgh gu bheil na nithe sin a’ co’-shìneadh ris na nithibh a leanas, tha sinn a’ cur dàil annta ’s an àm so: agus air son nach ’eil sinn ann an so a’ nochdadh gu ’m feud duine a staid ghràs-mhor aithneachadh le ’chreidimh agus le ’oibreachadh air Iosa Criosd an Slànuighear.

CAIB. IX.

Mu ’n chreutair nuadh.

’S E ’n creutair nuadh an dara comhara mòr air staid ghràs-mhor, ’s air còir fhìor-shlàinteil air Criosd. 2 Cor. v. 17, “ Ma tha neach sam bith ann an Criosd, is creutair nuadh e.” Tha ’n cruthachadh nuadh so, no ’n t-ath-nuadhachadh air an

duine, 'na atharrachadh ro shoilleir, ged nach 'eil e mar sin annta-san a tha gu h-éifeachdach air an gairm o'n bhroinn, no ann an aois an òige; do bhrìgh gu bheil an creutair nuadh aig a mhuinntir sin o'n àm sin, air chor 's nach 'eil an t-atharrachadh so r'a fhaicinn annta an déigh làimhe; gidheadh tha e so-fhaicinn anns a mhuinntir sin a bha air an ath-ghineamhuin 's air an toirt a dh' ionnsuidh Chriosd an déigh dhoibh teachd gu h-aois, agus a bha air dhòigh nì's ro-shoilleire fo chumhachd an dorchadais, mun robh iad air an atharrachadh gu rìoghachd Chriosd. Col. i. 13. Ach 's éiginn gu'm bi an nuadh-dhuine so anns gach neach a tha gabhail os làimh le barantas gu bheil còir ac' air Criosd; ge nach 'eil fios aig cuid diubh o'm fiosrachadh fein, air na nithe tha'n aghaidh gach earrann deth, mar tha fios aig daoine eile: do bhrìgh nach robh iad a thaobh gnàthachaidh, fo 'n aon tomhas do chumhachd an dorchadais. 'Se 'n "duine nuadh" a theirear ris an nuadh-chreutair, so, Col. iii. 10. ni tha nochdadh a mheud. Cha'n 'e amhàin teanga no làmh nuadh, ach "duine nuadh." Tha rùn do nuadh-bheatha agus do ghluasad air a chur anns an duine, ni is e an cridhe nuadh; agus tha'n nuadh-rùn beatha sin a' cur amach gnìomharra beatha, no gnìomharra tha freagarrach do dh' ìomhaigh na tì a càruthaich e, Col. iii. 10. air chor's gu bheil iad air an ath-nuadhachadh ann an tomhas éiginn air gach dòigh. Feudar labhairt mu ath-nuadhachadh an duine tha air mhodh slàinteil ann an Criosd, fo 'n dà cheann mhòr theagaisg so a leanas.

Air tùs, Tha'n duin' ann an tomhas éiginn air ath-nuadhachadh 'na anam agus 'na chorp.

1. Tha a thuigs' air a h-ath-nuadhachadh, air chor 's gu bheil e 'meas gur h-e Criosd air a shearmonachadh 'san t-Soisgeul " gliocas agus cumhachd Dhe," agus innleachd ro luachmhor chum peacaich a shàbhaladh. 1 Cor. i. 23, 24. Tha fios bunailteach aige mu na nithe a bhuineas do Dhia, nach 'eil iad 'nan seadh agus 'nan ni h-eadh, 's 'nam baraile neo-chinnteach; ach gur seadh agus Amen gach aon diu; gu bheil iad gu daingean, cinnteach, bunailteach; air dha ionmhas ionmhuinneach a bhi aig' ann an Criosd, 's a' rùnachadh mòran ann. 1 Cor. ii. 14, 15, " Ach cha ghabh an duine nàdurra ri nithibh Spioraid Dhé: oir is amaideachd leis iad; agus cha'n'eil e 'n comas da eòlas a ghabhail *orra*, do bhrìgh gur ann air mhodh spioradail a thuigear iad. Ach bheir an duine spioradail breith air na h-uile nithibh. 2 Cor. i. 18—20, " Ach *mar a ta* Dia fìrinneach, cha b'e ar còmhradh ribhse seadh, agus cha 'n eadh? Oir Mac Dhe, Iosa Criosd, a shearmonaicheadh 'nur measg-sa leinne, eadhon leam-sa, agus le Siluanus, agus le Timoteus, cha robh e 'na sheadh agus 'na cha 'n eadh, ach ann-san bha seadh: oir geallanna Dhe uile ann-san *is* seadh iad, agus ann-san *is* Amen iad, chum glòire Dhe do ar taobh-ne." Ged a dh' fheudas daoine tha 'n staid nàduir, a tha air am fòghlum fo òrduighean an t-soisgeil, càileiginn de bharrail eòlais a bhi aca mu Dhia, mu Chriosd, mu na geallaine, mu ghluasad an Spioraid Naoimh, &c. air chor 's gu'm feud iad labhairt, searmonachadh, connsuchadh, agus deasbaireachd a dheanamh mu na nithe sin; gidheadh ni bheil iad ach 'gam meas mar theagasg suidhichte cumanta a chreidimh Chriosduidh, agus gur neònachas agus mas-

ladh gun ghabhail riutha; ach cha'n 'eil iad 'gam meas, no idir a' gabhail riutha mar dhearbh-fhìrinn chinntich, dhaingeann, sheasmhaich, air chor 's gu 'n earbadh iad an anama 's an sonas sìorruidh riutha. Tha 'n tuigs' air a h-ath-nuadhachadh mar an ceudna, chum càileiginn de ghlòir Dhé a thoirt fainear anns na creutairibh, air dhoibh bhi giùlan càileiginn d'a bhuaidhibh glòirmhor. Salm xix. 1. Tha iad a' faicinn nan nèamh a' foillseachadh a ghlòire agus a chumhachd; agus ni-eiginn de ghlòir agus de fhreasdal De anns gach frithealadh tha tuiteam amach; tha 'oibre iongantach a' nochdadh gu bheil 'ainm am fogus. Salm lxxv. 1. Tha 'n tuigse mar an ceudna 'toirt fainear staid an anma, air dòigh eile nach bu ghnàth leatha; mar is gnàth leis na naoimh labhairt 's an Sgriobtuir. "Thubhairt mi ri Iehobhah, is tu mo Thighearn." Salm xvi. 2, "Thubhairt mo chridhe riut, do ghnùis a Thighearn, iarraidh mi." Salm xxvii. 8. "C' arson a tha thu air do leagadh sìos, O m' anam? Salm xlii. 5. Salm xliii. 5, "Pill, O m' anam, gu d' shuaimhneas." Salm cxvi. 7.

2. Tha'n cridhe agus na ceud-faithean air an ath-nuadhachadh. Tha 'n cridhe air a dheanamh nuadh, 'na chridhe feòla, so-lùbaidh, air do lagh Dhe bhi air a chlo'-bhualadh air, agus eagal an Uile-chumhachdaich air a chur ann, leis a' bheil dleasnas an duine a' fàs ann an seadh nàdurra agus caomhail dha, Ier. xxxii. 39, 40. Esec. xxxvi. 26. Bha e roimhe so 'na chridhe cloiche, gun eagal De ann. Tha na ceud-faithean a nis air an ath-nuadhachadh. Tha 'n gràdh air ath-nuadhachadh ann an tomhas mòr, tha e 'gràdhachadh a reachd. "O cia h-ionmhuinn leam do lagh-sa." Salm cxix. 97.

Tha e 'gràdhachadh na h-aitim aig a' bheil ìomhaigh Dhe annta, Eoin xiii. 35, " Le so aithnichidh na h uile dhacine gur sibh mo dheisciobuil-sa, ma bhios gràdh agaibh fein d' a chéile." 1 Eoin iii. 14, " Tha fhios againn gu'n deachaidh sinn thairis o bhàs gu beatha, do bhrìgh gu bheil gràdh againn do na bràithribh." Tha'n gràdh so do luchd-muinntir Dhe air a shocrachadh air stéigh ghloin, air son gu bheil iad 'nan cloinn do Dhia, 's a' coimhead a reachd. 1 Pead. i. 22, " á cridhe glan gu dùrachdach;" agus air an aobhar sin tha e dol a dh' ionnsuidh na muinntir sin uile, a tha 'n duine a' breithneachadh a bhi 'nan luchd-muinntir do Dhia. Salm cxix. 63, " Is fear-comuinn mi dhoibh-san uile air am bi t' eagal, agus dhoibh-san a ghleidheas do reachda," anns gach uile chùis agus staid, eadhoin far nach 'eil ni sam bith gu 'chliùthachadh, no fhàgail sgiamhach maiseach, ach ìomhaigh Dhe. Agus tha 'n gràdh cho dian dheineachdach iomadh uair, 1 Pead. i. 22. 's gu bheil e 'ga chur fein amach anns gach dàimh, air chor 's gu bheil duine 'g iarraidh bean dhiadhaidh, agus comhairleach diadhaidh, ma bhios iad aige f'a roghainn. Salm ci. 6, " Bithidh mo shùilean air fireanaibh na tìre, chum gu gabh iad còmhnuidh leam: esan a ghluaiseas ann an slighe ionraic, ni e seirbhis dhomh." Agus cha chaisgear an gràdh le mòran uisgeachan, Laoi Shol. viii. 7. Cha chaisg mòran mhearachd agus anmhuinneachd, eadar-dhealachadh baralach, no dochair a gheibhear, an gràdh gu h-iomlan. Mar an ceudna tha e co'-pàirteachadh maith a réir a thomhais, agus mar tha staid na muinntir bhochd dhiadhaidh aig iarraidh. Salm xvi. 2, " Is tu mo Thighearn:

cha ruig mo mhaitheas ortsa," &c. 1 Eoin iii. 17, 18, 19, " Agus ge b'e neach aig am bheil maoin an t-saoghail so, agus a ch' a bhràthair ann an uireasbhuidh, agus a dhruideas a chridhe, 'na aghaidh, cionnus a tha gràdh Dhe a' gabhail còmh-nuidh ann-san? Mo chlann bheag, na gràdhaicheamaid ann am focal, no ann an teangaidh; ach ann an gnìomh agus ann am fìrinn. Agus le so is aithne dhuinn gu bheil sinn do'n fhìrinn, agus bheir sinn dearbh bheachd d' ar cridheachaibh 'na làthair." Tha fuath an duin' air ath-nuadhachadh, agus tha e 'claonadh an aghaidh a pheacaidh. Salm cxix. 113, " Is fuath leam smuainte faoin," 's an aghaidh naimhdean Dhe, Salm cxxxix. 21, 22, " Nach 'eil mi tabhairt fuath, a Thighearna, dhoibhsan a tha toirt fuath dhuitse?" &c. Tha ceud-fàth an aoibhneis no an t-subhachais air ath-nuadhachadh, oir tha e 'g àomadh a dh' ionnsuidh Dhe, Salm lxxiii. 25. Cò *th'* agam anns na nèamhaibh *ach thusa?* agus an coimhmeas riut cha 'n 'eil neach air thalamh air am bheil mo dhéigh." Tha e 'g aomadh a dh' ionnsuidh a reachd agus a thoile. Salm i. 2. Tha 'thlachd ann an lagh a Thighearna; agus a chum nan daoine diadhaidh agus an co'-chomunn, Salm xvi. 3, " A thaobh nan naomh a *ta* air thalamh, agus nam flath; tha mo thlachd uile annta." Tha 'm bròn air tionndadh an aghaidh a pheacaidh rinn dochoir air an t-Slànuighear, Sech. xii. 10. air dhoibh ambarc air an tì a lot iad, tha iad ri caoi agus ri bròn. 1 Cor. vii. 11. Tha 'm bròn an sin diadhaidh; 's an aghaidh ni air bith a tha lughdachadh glòir Dhe; tha iad brònach air son a choi'-thionail naomha, agus 'se toibheum na muinntir sin an tròm-uallach.

Seph. iii. 18. Tha càileiginn de dh' ath-nuadhachadh anns na ceud-faithean uile, mar anns gach earrann eile de'n anam a tha 'nis ag aomadh a dh' ionnsuidh Dhe.

3. Tha buill an duine o'n leth a muigh air an ath-nuadhachadh, mar tha 'n Sgriobtuir ag ràdh, an teanga, an t-sùil, a chluas, an làmh, a chos, &c. air chor 's gu bheil na buill sin a bha aon uair air an gnàthachadh mar inneil neo-fhìreantachd chum peacaidh, a nis air an gnàthachadh mar inneil fìreantachd chum naomhachd. Rom. vi. 19.

'S an dara h-àite, Tha duine tha ann an Crìosd, air ath-nuadhachadh ann an tomhas éiginn 'na uile shlighibh: "Ma tha neach sam bith ann an Crìosd, is creutair nuadh e." 2 Cor. v. 17. Tha'n duin' a' fàs nuadh.

1. A thaobh a shonais: Bha e toilichte le ni maith air bith roimhe, ge nach robh ann ach maith o'n leth a muigh, Salm iv. 6, "Tha mòran ag ràdh, Cò nochdas dhuinn ni maith?" Ach a nis 's ann tha a shonas agus a mhòr-ghnothuch a' co-sheasamh ann an cionnas a gheibhear ann an Crìosd e air chionn an là sin, Philip. iii. 9. no cionnas a bhios e freagarrach dha 's a ghluaiseas e 'na fhianuis an sealladh nam beò, Salm lvi. 13. ni a roighnicheadh e thar gach aon tròcair eile tha lìonadh an domhain. Salm cxix. 64, "De d' thròcair, a Thighearna, tha 'n talamh làn: teag-aisg dhomh do reachdan." Tha maith Chrìosd a' fàs 'na mhaith dhà-san, mar a ch' sinn ann an Laoidh *Hannah*. 1 Sam. ii. agus ann an Laoidh Mhuire, Luc. i. 'S iongantach an ni bhi faicinn daoine nach 'eil ach air an ùr-iompachadh, 's nach d' ràinig ach air toiseach eòlais, a' gabhail gnoth-

aich ri nithe follaiseach rioghachd Chrìosd, cho deònach, thogarrach air esan a bhi marcachd gu buadhach àrd, 's a' cur an t-sluaigh f'a làn cheannsal-san.

2. Tha'n duine tha ann an Crìosd air athnuadhachadh 'na sheòl aoraidh. B' àbhaist da seirbheis a thoirt do Dhia ann an seanachd na litreach: sin r'a ràdh, air sgàth sgèimh a' co-fhreagrachd do litir na h-àitline an taobh a muigh an dleasnais, ni a tha neach a tha fo làn-cheannsal an t-seann duine, comasach air a dheanamh: ach a nis tha e toirt aoradh do Dhia ann an nuadhachd spioraid, Rom. vii. 6. air dòigh nuadh anns am bheil spiorad Dhe a' deanamh còmhnadh ris, Rom. viii. 26. ni nach eil ann an comas do fhuil agus do fheòil. Tha e nis a' "deanamh seirbhis do'n Dia bheò agus fhìor," 1 Tes. i. 9, "an spiorad agus am fìrinn." Eoin iv. 24. air dha smuainte spioradail a bhi aige mu Dhia, 's a' gabhail na h-oibre sin os làimh gu ro dhùrachdach 'na anam, a' deanamh 's a' labhairt gu fìor neo-chealgach 'nuair ni e aoradh; a' sìor-mbiannachadh dlùthachadh ris mar Dhia beò, a tha 'ga éisdeachd agus 'ga fhaicinn, 's a tha comasach air gabhail gu taitneach r'a sheirbheis. Salm xlii. 1, 2. Tha mi 'g aideachadh gu 'm bi e goirid air so iomadh uair; gidheadh feudaidh mi ràdh, gur e a shamhuil sin de dh' aoradh a bha 'na rùn, 's air a' bheil e air uairibh ag amus, agus ni bheil mòr mheas aig' air an aoradh sin nach 'eil air a choi'-lionadh mar sin do Dhia; agus cha'n e aing'eachd a nithe naomh an earrann a's lugha d'a uallach agus d' a ghnàthachadh. Tha daoine th' ann an staid nàduir 'nan coigrich air a shamhuil sin de dh' aoradh 'nuair a

tha iad gu neo-thuigseach a' taosgadh amach an glòir dhiomhain, 's a' deanamh uaill as gu h-uaibhreach àrdanach, cosmhuil ris an Pharaiseach. Luc. xviii. 11, 12, "do 'n Dia neo-aithnichte." Gníomh. xvii. 23.

3. Tha 'n duine tha ann an Criosd air athnuadhachadh 'na ghairm agus 'na ealain o'n leth a muigh anns an t-saoghal; tha e nis a' cur roimhe cur m'a dhéighinn, o'n a dh'òrduich Dia e, "gun bhi leasg ann an gnothuichibh: dùrachdach 'nur spiorad; a' deanamh seirbhis do'n Tighearn." Rom. xii. 11, 's a' beachdachadh air Dia ann mar a chrìoch dheireannach, 'ga dheanamh chum a ghlòire. 1 Cor. x. 31. agus ag oidhirpeachadh càileiginn de cho'-chomunn a bhi aige ri Dia ann an cur an gnìomh oibribh o'n leth a muigh, mar rinn Iacob 'na thiomna deireannach. Gin. xlix. 18, "Re d' shlàinte dh' fheith mise, O Thighearna." Agus mar rinn Nehemia, Neh. ii. 4, "Agus thubhairt an rìgh rium, ciod e so a *tha* thu ag iarraidh? Agus rinn mi ùrnuigh ri Dia nan nèamh." Mar sin tha 'n duine a' rùnachadh gluasad maille ri Dia, 's 'ga chur a ghnàth roimhe anns gach cùis. Salm xvi. 8. ni tha mi 'g aideachadh anns am bi e gu minic goirid air a rùn.

4. Tha e 'fàs nuadh d'a luchd-dàimh; tha e 'fàs 'na fhear-pòsda, 'na athair, 'na bhràthair, 'na mhaighstir, 'na sheirbhiseach, 'na choimhearsnach, &c. ni 's dleasnaiche na bha e roimhe: ann an so bithidh e ro shaoithreachail air fein, chum coguis neo-lochdach a bhi aige a thaobh dhaoine, co maith 's a thaobh Dhe, Gníomh. xxiv. 16. a' fàs anns na h-uile chruth do na h-uile. 1 Cor. ix. 22.

5. Tha e fàs nuadh ann an saorsa laghail; tha

e 'ga shocrachadh fein chum biadh, deoch, eodal, aighear, agus trusgan a ghnàthachadh le bhì dearcadh air Dia, a' saothreachadh chum 's nach dthigeadh e fa chumhachd ni mi-laghail sam bith. 1 Cor. vi. 12, "Tha na h-uile nithe ceaduichte dhomh-sa, ach cha 'n 'eil na h-uile nithe iomchuidh; tha na h-uile nithe ceaduichte dhomh, ach cha chuirear mi fo chumhachd ni sam bith." No idir a thoirt oilbheum do mhuintir eile ann an gnàthachadh nan nithe sin. Rom. xiv. 20, 21, "Na sgrios obair Dhe air son bìdh. Gu deimhin tha na h-uile nithe glan; ach is olc do'n duine sin a dh'itheas le h-oilbheum. Is maith an ni gun fheadh itheadh, na fion òl, no ni air bith a dheanamh leis am faigh do bhràthair tuisleadh no oilbheum, no leis an deanar lag e." Rom. xv. 2, "Toilicheadh gach aon againn a choimbhearsnach g'a mhaith chum a thogail suas; gun bhì gnàthachadh na saorsa 'na cionfàth do'n fheadh." Gal. v. 13. Seadh tha e saothreachadh chum na nithe sin uile a ghnàthachadh mar choigrich air thalamh, chum 's gu'm bi a mheasarrachd air a nochdadh. Philip. iv. 5, "Biodh bhur measarrachd follaiseach do na h-uile dhaoinibh." Agus tha e air dhòigh éiginn a' dearcadh air Dia mar a chrìoch dheireannach anns na nithe sin. 1 Cor. x. 31, "deanaibh na h-uile nithe chum glòire Dhe;" air chor 's gu 'm feud sinn a ràdh mu'n duine sin, "Chaidh na seann nithe seach, feuch, rinneadh na h-uile nithe nuadh." 2 Cor. v. 17. Tha'n ti sin a tha mar so 'na chreutair nuadh, gun teagamh air bith ann an Criosd.

'Se 'n t-ath-nuadhachadh so air duin' anns gach gué chaithe-beatha, 's a bhì mar so fo'n lagh do

Dhia anns gach aon ni, an naomhachd sin ni as eug'ais nach fhaic neach sam bith an Tighearna. Eabh. xii. 14. Faodaidh daoine nitheannan a bharalachadh dhoibh fein; ach mur dean iad an dìchioll air iad fein a dhearbhadh do Dhia, anns gach ni ro thaitneach, agus mur ruig iad air càileiginn de theisteachas o'n leth a stigh air an tréibhdhreas anns a chùis, cha dthoir iad dearbh-chinnted' an cridheachaibh 'na lathair-sa. 'Se gàirdeachas dhaoine fianuis an coguis. 2 Cor. i. 12, " Agus le so tha fhios againn gur aithne dhuinn e, ma choimhideas sinn 'àitheantan." 1 Eoin ii. 3, " Agus le so is aithne dhuinn gu bheil sinn do'n fhìrinn, agus bheir sinn dearbh-bheachd do ar cridheachaibh 'na làthair. Oir ma dhìteas ar cridhe sinn, is mò Dia na ar cridhe, agus is aithne dha na huile nithe. A mhuintir mo ghràidh, mur dìt ar cridhe sinn, tha dànachd againn a thaobh Dhe." 1 Eoin iii. 19—21. Ni bheil dànachd no muinighin air bith aig daoine, ma dhìteas an cridhe iad. 'Se so an creutair nuadh, air dha rùn do nuadh-bheatha spioradail a bhi aige air a thaosgadh le Dia anns a chridhe, leis am bheil e fàs nuadh, 's a' cur amach gnìomharra do nuadh-bheatha trid an duine gu h-iomlan: araon a thaobh nan àitheantaibh sin a tha toirmeasg peacaidh, agus a bhuineas do dhleasnas, agus do dh'ath-bheothachadh gràis anns an duine: gu bheil e mar sin a' cur roimhne gu 'n cuir e 'n aghaidh gach peacadh dìomhair, gun cheap-tuislidh a chur 'an rathad an doill, Lebh. xix. 14. peacanna beaga, tha air a mheas le mòran, gur h-iad sin na nithe a's lugha de'n lagh. Mat. v. 19, " Ge b'e neach a bhriseas aon de na h-àitheantaibh so a's lugha, agus a

theagaisgeas daoine mar sin, goirear an duine a's lugha dheth ann an rìoghachd nèimh:" peacaibh spioradail, salachar an spioraid. 2 Cor. vii. 1, "A mhuinntir mo ghràidh, air dhuinn na geallanna so bhi againn, glanamaid sinn fein o gach uile shalachar feòla agus spioraid a' coimhlionadh naomhachd ann an eagal De:" peacadh dearmaid co maith ri peacadh dèanadais, o'n is ann leis na nithe sin a bheirear breith air daoine. Mat. xxv. 41—45, "An sin their e mar an ceudna riùsan air an làimh chlì, Imichibh uam, a shluagh malluichte, db'ionnsuidh an teine shiorruidh, a dh'ulluicheadh do'n diabhul agus d'a ainglibh: Oir bha mi ocrach agus cha d'thug sibh dhomh biadh; bha mi tartmhor agus cha d'thug sibh dhomh deoch, &c." seadh, peacaidh a tha air an cleachdadh 'na chaithe-beatha agus 'na ghiùlan nàdurra, agus mar sin tha iad dhà mar shùil no mar làmh dheis. Mat. v. 29, "Ma bheir do shùil dheas aobhar tuislidh dhuit, spìon a mach i, agus tilg uait i, &c." Bheir an nuadh rùn beatha so, air duine, le còmhnadh Dhe, cur an aghaidh gach aon pheacadh air a' bheil e fiosrach, co fad 's nach dthoir e caidreamh foisneach do pheacadh sam bith le 'fhios. 2 Cor. vi. 14, "Ciod e caidreamh na fìreantachd ri neo-fhìreantachd? agus ciod e commonn an t soluis ris an dorchadas?" Mar an ceudna tha e 'gèilleachdainn do na h-àitheantaibh sin a bhuineas do dhleasnas, agus do dh'ath-bheothachadh gràis ann an duine; agus bheir sin air duine mòr-spéis a bhi aige air uile àitheantaibh Dhe, Salm cxix. 6. chum a bheatha a chaitheamh gu measarra, gu cothromach agus gu diadhaidh, Tit. ii. 12. Seadh, agus oidheirp a thoirt air

nithe a dheanamh air dòigh thréibhdhìrich cheart, a' cur roimhe nach sguir e do bhi 'g oidheirpeachadh a bhi a réir toil Dé, an cian 's is beò e air an talamh, ach a ghnàth " a' dian-ruith a dh' ionnsuidh a' chomhara, chum duaise ard-ghairme Dhé, ann an Iosa Criosd." Philip. iii. 14. 'Se so fìor naomhachd, a tha ro ionchuidh a bhi aig gach neach a tha 'gabhail os làimh gu bheil iad 'nan oighreachan air an àros naomh sin, ann an cuid-eachd 's ann an co'-chomunn neo-mheadhonach an De shiorruidh. 1 Eoin iii. 2, " A ta fhios againn, 'nuair a dh' fhoillsichear esan, gu'm bi sinn cosmhuil ris."

Saoidh cuid gur nithe ro ard iad sin, 's gu bheil iad ro dhuilich ruigheachd orra. Tha mi 'g aideachadh gu bheil so fìor. Ach air tùs, thugaibh fainear gu bheil luathasachadh ro mhòr anns a chùmhanta, air a ghealltainn d' a phobull, a dh' fhàgas so-dheanta na nithe sin a tha daoine a' meas ro chruaidh. Ghabh an Tighearn' os làimh an cridhe cruaidh clochach a bhuntuinn air falbh, agus cridhe feòla thoirt dhoibh, cridhe nuadh, cridhe air am bi 'eagal-san gu siorruidh; ghabh e os làimh a reachd a chur an cridhe dhaoine, agus 'eagal fein a chur 'nan cridhe, chum 's gu'n coimheadadh iad an reachd sin; 's gu'n cuireadh e a spiorad annta a thoirt orra a choimhead. Gheall e na sagairt a shàsachadh le nithibh maithe, chum 's gu'm biodh anama a phobuill air an sàsachadh le maitheas; 's a chum an coimhead 's an uisgeachadh gach aon àm. Esec. xxxvi. 27; Ier. xxxii. 39, 40, xxxi. 33; Isa. xxvi. 3. Agus ma 's éiginn iarraidh air na nithé sin uile a dheanamh do dhaoine, Esec. xxxvi. 37. tha e 'gabhail os làimh

gu'n taosg e amach orra Spiorad nan gràs agus na h-athchuinge, Sech. xii. 10. agus mar sin gu'n teagaisg e iad cionnas a dh' iarras iad na nithe sin, agus an dòigh air an cuir iad e fein thuige, chum gach ni a dheanamh air an son.

'S an dara h-àite, Chum co'-fhurtachd a thoirt do'n mhuinntir a's anfhainne, tha mi 'g aideachadh nach faighear an creutair nuadh so air gach dòigh mar a dh' ainmich sinn e, anns gach neach a tha ann an staid ghràs-mhor. Ach tha chùis gu maith ma bhios, 1. Nuadh-dhuine ann: cha'n 'eil e 'n comas duinn deanamh leis ni's lugha na so; "ma *tha* neach sam bith ann an Crìosd, is creutair nuadh e." 2 Cor. v. 17. Agus 'se sin an nuadh dhuine, a's éiginn do gach neach a tha air mhodh slàinteil air an teagasg le Crìosd a chur umpa: Ephes. iv. 21—24, "O chuala sibh e, agus o theagaisgeadh leis sibh, mar a ta an fhìrinn ann an Iosa: Gu'n cuir sibh dhibh, thaobh a cheud chaithe-beatha, an seann duine, a tha truailidh a réir nan ana-miann cealgach; agus gu'm bi sibh air bhur n-ath-nuadhachadh ann an spiorad bhur n-inntinn; Agus gu'n cuir sibh umaibh an nuadh-dhuine, a tha air a chruthachadh a réir Dhe am fìreantachd agus am fìor naomhachd." 'S fheudar gu'm bi càileiginn de dh' ath-nuadhachadh a réir ìomhaigh Dhe ann an anam agus ann an corp an duine; 's éiginn gu'm bi an duine ann an càil ag aomadh a dh' ionnsuidh Dhe; gidheadh tha mi 'g aideachadh, nach 'eil gach uile neach murrach air so a dhearbhadh gu soilleir do dhaoin' eile, no idir aithneachadh annta fein, do bhrìgh nach aithne do mhòran gach earrann fa leth do'n anam, no idir an t-ath-leasachadh a tha freagarrach do gach earr-

ann de 'n anam agus de 'n chorp, gidheadh bheir iad fainear gu bheil ni àraidh d'a leithid sin annta, oir tha fianuis ac' ann an taobh a stigh dhiubh air a chùis, ma ni thu nàdur na cùise soilleir so-thuig-sinn doibh.

2. 'S éiginn gu'm bi na h-uiread mheas aig duine air uil' àitheantaibh Dhe mu 'bheil e fiosrach, agus nach dthoir e caidreamh foisneach do pheacadh sam bith le 'fhios; oir, " ciod e caidreabh na fìreantachd ri neo-fhìreantachd? agus ciod e comunn an t-soluis ris an dorchadas?" 2 Cor. vi. 14—16. Cha 'n fheud e spéis a thoirt do dh' aingidheachd: Salm cxix. 6, " An sin cha ghabh mi nàire, an uair a bheir mi spéis do t-àitheantaibh gu léir." Salm lxvi. 18, " Ma bheir mi spéis do euceart a' m' chridhe, cha'n éisd an Tighearna *rium*." Tha mi 'g aideachadh gu'm feud daoine bhi aineolach air iomadh àithne agus peacadh, agus feudaidh iad a bhì ann am barail, ann an cuid de chàsaibh, nach fuathach le Dia cuid de pheacannan; ach ma tha iad làn-fhiosrach air na nithe sin, cha'n'eil e comasach gu'm bi co-rèite air bith eadar fìreantachd agus neo-fhìreantachd.

3. 'S éiginn do dhaoine gluasad a réir lagh Dhe gu h-iomlan 'na rùn thréibhdhireach, neo-chealgach; oir cha'n'eil ni sam bith ann an so, ach an cridhe a thoirt suas do Dhia, chum 's gu'n cuireadh e a reachd ann gu h-iomlan, ni is e earrann de'n chùmhnannt a tha sinn r'a dheanamh ri Dia. Eabh. viii. 10, " Oir is e so an coimhcheangal a ni mi ri tigh Israeil;—cuiridh mi mo reachdan 'nan inntinn, agus sgrìobhaidh mi iad air an cridheachaibh. Tha mi 'g aideachadh gu bheil mòran ann aig nach 'eil fhios cionnas a ghluaiseas

iad a réir lagh Dhe 'nan uile shlighibh; ach ma shoilleirichear dhoibh an dòigh air an dèanar sin, gluaisidh iad d' a réir. Agus tha e fìor, cuid-eachd, gu'm bi iad iomadh uair goirid air an rùn shuidhichte 'nan gnàthachadh; gidheadh 'nuair thig iad goirid air, 's urrainn iad a ràdh, gur e atharrachadh sin a bha 'nan aire dhèanamh, 's gu 'n dthoir iad fhathasd oidheirp gu dùrachdach neo-chealgach air a dheanamh air mhodh taitneach, agus bithidh e 'na bhrise-cri dhe agus 'na chàmpar orra gu 'n robh iad goirid air an rùn, 'nuair a nochdas an Tighearna dhoibh e, agus ni e sin an àm iomchuidh.

4. 'Nuair a tha sinn gu breith a thoirt air ar staid fein leis an nuadh-creutair, 's feumail duinn a dheanamh an àm iomchuidh, 'nuair a bhios sinn ann an deagh fhonn, agus ann an suidheachadh iomchuidh inntinn; gu h-àraidh cha chòir dhuinn a' chùis sin a rannsachadh 'nuair bhios sinn 's an fhonn a's tàire: oir tha'n fheoil agus an spiorad a' miannachadh an aghaidh a chéile, Gal. 17. 's air uairibh bheir an dara h-aon buaidh air an aon eile, an spiorad an dara h-uair, 's an fheòil an uair eile. Tha mi 'g ràdh mata, gur còir dhuinn àm iomchuidh a thaghadh, 'nuair tha'n earrann spioradail a' buadhachadh air an fheòil: oir anns an àm sin, tha 'n creutair nuadh a' pilleadh air ais 'na shruth-chlais, agus a chum a chleachdanna fein gu h-ìomlan, ach ann an cuid de nithibh beaga nach 'eil so-mhothachaidh, leis a' bheil e a' cur an aghaidh na feòla, a réir an Sgrìobtuir roì'-ainmichte: oir 'se sin àm a gheamhraidh anns an anam, 's cha ruig sinn a leas dùil a bhi againn ri toradh, seadh, no idir ri duilleach, mar ann an àm buadhar eile:

ach an t-eagal gu'n gabhadh daoine aingidh mi-naomha, cionfàth o na chaidh a labhairt, their sinn an ξ , gu bheil an Spiorad a' faghail buaidh air an fheòil gu minic ann an duine diadhaidh, agus gu bheil rùn, miann agus togradh àraidh a shlighe, ann an lagh a Thighearna, 'se sin a ghluasad, Salm cxix. 1. ach 'se peacadh cùrsa gnàthaichte an aingidh, mar tha e gu minig air a ràdh ann an leabhar Gnàth-fhocail Sholaimh. Agus ma gheibh peacadh sam bith lamh-an-uachdar air an ionracan, bithidh e ro chràiteach, duilich air a shon; agus tha sinn am barail gu bheil e 'ga shìor-chumail an earbsa ri Dia, chum a mhearachd a leasachadh, mar tha Daibhidh a' labhairt. Salm lvi. 13, "Oir shaor thu m' anam o'n bhàs, agus mar an ceudna mo chosan o thuisleadh."

CAIB. X.

An t-eadar-dhealachadh a tha eadar duine tha air fhìor ath-nuadhachadh, 's a tha ann an Criosd, agus cealgoirean.

CUNN. Feudaidh daoine mi-dhiadhaidh agus cealgoirean ath-nuadhachadh agus caochlaidhean mòra bhi air an oibreachadh orra agus annta, 's tha eagal orm gur h-e 'shamhuil sin a ta agamsa.

Freag. Tha mi 'g aideachadh gu bheil aig daoine mi-dhiadhaidh 's aig luchd an fhuar-chràbhaidh ioma ni annta, a tha coltach ris a chreutair nuadh.

1. A thaobh buaidhean an duine, faodaidh iad, 1. ruigheachd air mòr eòlas, mar tha iad air an soillseachadh. Eabh. vi. 4.

2. Feudaidh iad ruigheachd air mòran de ath-leasachadh beatha 'san duine o'n leth a muigh, araon a thaobh saorsadh o pheacadh, agus ceangal chum dleasnas éiginn, mar rinn am Pharaiseach sin, Luc. xviii. 11, 12, "A Dhe, tha mi toirt buidheachais duit nach'eil mi mar *a ta* daoine eile, 'nan luchd-foireigin, eucorach, adhaltrannach, no eadhon mar an cìs-mhaor so. Tha mi a' trasgadh dà uair 's an t-seachduin, tha mi toirt deachaimh as na h-uile nithibh a ta mi sealbhachadh." Seadh, 4. A thaobh an tuigse ghnìomhach, feudaidh iad nithe éiginn mu thimchioll De a mheas ro luachmhor; thuir na maoir, nach do labhair duine riamh mar a labhair Criosd. Eoin vii. 46.

3. Feudaidh na cealgairean mòran aidmheil a bhi aca. 1. Feudaidh iad labhairt mu'n lagh, mu'n t-soisgeul, agus mu 'n chùmhnanta, mar a tha na h-aingidh a' deanamh. Salm l. 16, "Ciod e do ghnòthuchsa mo reachdan a chur an céill, no gu'n gabhadh tu mo choimhcheangal ann ad bheul." Feudaidh iad peacadh aidmheil gu follaiseach chum an nàire féin, mar rinn rìgh Saul, 1 Sam. xxvi. 21. 3. Feudaidh iad an irisleachadh féin ann an saodaich, mar rinn Ahab, 1 Rìgh. xxi. 27. 4. Feudaidh iad rannsachadh gu dìchiollach mu dhleasnas, agus teachd gu suilbhearra chum fhaotainn; Isa. lviii. 2, "Gidheadh o là gu là tha iad 'g am iarraidh-sa; agus is toil leo eòlas a ghabhail air mo shlighibh; mar chinneach a ta cur an gnìomh fìreantachd, agus nach do thréig reachd an De; tha iad a' fiosrachadh dhìomsa mu thimchioll reachda na fìreantachd, agus is miann leo bhi teachd dhù do Dhia." 5 Feudaidh cealgairean ann an cruaidhchais aontachadh leis an ni a bhuineas do Dhia,

mar rinn Demas, agus cealgairean eile ann an leabhar Gniomhara nan Abstol, muinntir a thuit gu tur air falbh an déigh làimhe. 6. Feudaidh iad mòran d' am maoin a bhuileachadh air Dia 's air na naoimh, mar rinn Ananias, Gniomh. v. 1, 2. a chion 's nach dthoir iad dhoibh am maoin uile. 1 Cor. xiii, 3, " Agus ged chaithinn mo mhaoin uile chum na bochdan a bheathachadh, agus ged bheirinn mo chorp chum a losgadh, agus gun ghràdh agam, cha 'n 'eil tairbhe sam bith dhomh ann." Seadh, 7. Ni bheil e eu-comasach do chealgairean an cuirp a thoirt seachad chum bhi air an losgadh, air son aobhair shònraichte àraidh, mar a chì sinn anns an earrann a's deireannaiche chaidh ainmeachadh de'n Sgriobtuir.

3. Feudaidh cealgairean dol fad' air an aghaidh ann an ceumaibh coitchionn gnàthaicht' a chreidimh, a leithid 's a tha aig na daoine taghta 'nuair a bheir Dia am braighdeannas iad. 1. Feudaidh iad a bhi fo gheur-mhothachadh peacaidh mar bha Iudas. Mat. xxvii. 3—5. 'S amhuil a bha rìgh Saul gu minic. 2. Feudaidh iad crithneachadh roi' fhocal De, 's a bhi fo mhòr uamhunn, mar bha Felix. Gniomh xxiv. 25. 3. Feudaidh iad gairdeachas a dheanamh ann an gabhail ris an fhèrrinn, mar rinn esan a fhuair an sìol ann an ionadaibh clochach. Mat. xiii. 20. 4. Feudaidh càileiginn de shìth 's de shuaimhneas a bhi aca, an dùil ri slàinte trid Iosa Criosd, mar bha aig na h-òighean amaideach. Mat. xxv. 5. 5. Feudaidh tomhas éiginn de ath-leasachadh a bhi 'n co'-chuideachd nan nithe sin uile chaidh ainmeachadh, coltach ris an Pharaiseach. Luc. xviii. 11, 12. Feudaidh an spiorad neo-ghlan dol a mach asda. Mat. xii. 43.

6. Feudaidh an obair so bhi mar gu'm biodh i air a daingneachadh le càileiginn de fhéin-fhiosrachadh agus de bhlasad àraid de dh' fhocal De. Eabh. vi. 4, 5.

4. Feudaidh cealgairean nì-eiginn a bhi aca ro choltach ri gràsaibh slàinteil an spioraid; mar, 1. Feudaidh seòrsa creidimh a bhi aca, mar bha aig Simon Magus. Gnìomh viii. 13. 2. Feudaidh gnè aithreachais a bhi aca, agus gluasad gu dubhach. Mal. iii. 14, " Ciod a bhuannachd dhuinn gu 'n do choimhid sinn 'òrdugh, agus gu'n do ghluais sinn gu brònach an làthair Tighearna nan sluagh?" 3. Feudaidh iad mòr eagal a bhi aca roimh Dhia, mar bha aig Balaam, nach rachadh le teachdairean Bhalac ged fhaigheadh e làn tighe de dh' òr, gun chead fheòraich de Dhia, 's gun chomas fhaotainn. Aireamh xxii. 18. 4. Tha seòrsa dòchais aca. Iob. viii. 13. Bàsaichidh dòchas a chealgair. 5. Tha gràdh éiginn aca 's amhuil a bh' aig Herod do Eoin. Marc. vi. 26. Cha ruig mi leas tuill' ainmeachadh; oir 's ni e chaidh as an teagamh gu bheil aig luchd an fhuar-chràbhaidh samhladh cealgach do gach gràs slàinteil.

5. Tha nì-eiginn aca coltach ri co'-pàirteachadh àraid Dhe, agus fianuis a spioraid, ann an càil coltach ri " cumhachdaibh an t-saoghail a tha chum teachd," gu ro chumhachdach orra, le càil-eiginn de aoibhneas neo-mhaireannach aig éirigh uatha, cosmhuil ri, Eabh. vi. 4—6, " Oir is eu-comasach an dream sin a chaidh aon uair a shoillseachadh, agus a bhlais an tiodhlac nèamhaidh, agus a rinn-eadh 'nan luchd-comhpairt do'n Spiorad naomh, agus a bhlais deadh fhocal Dé, agus cumhachdan an t-saoghail ri teachd, agus a thuit air falbh, ath-

nuadhachadh chum aithreachais:” Gidheadh leis gach ni dhiubh sin, cha’n’eil iad ach mar bha Agrippa, gu inbhe bhig air an iompachadh gu bhì ’nan Criosduidhean. Gniomh. xxvi. 28. Bhiodh e ro fhadalach labhairt ris gach ni dhiubh sin fa leith, ’s a shoilleireachadh nach ’eil annt’ uile ach nithe faoin suarrach gun seadh. Ainmichidh mi a nis nithe àraidh, anns a’ bheil an duine tha air fhìor ath-nuadhachadh, ’s a tha ann an Criosd, ag eadar-dhealachadh o chealgairibh agus o dhaoinibh aingidh.

1. Ge b’e caochladh bhios ann an cealgairean, gidheadh cha ’n’eil an cridhe air atharrachadh ’s air a dheanamh nuadh: Cha ’n’eil an cridhe nuadh air a thoirt seachad ach do na daoine taght’ amhàin, ’nuair a dh’iompaichear ’s a bheirear fo cheangal a chùmhnaidh iad. Ier. xxxii. 39, “Bheir mi dhoibh aon chridhe, agus aon slighe, a chum as gu’m bi m’ eagal-sa gu bràth orra.” Esec. xxxvi. 26, “Bheir mi fòs dhuibh cridhe nuadh, agus cuiridh mi spiorad nuadh an taobh a stigh dhibh, agus buinidh mi air falbh an cridhe cloiche as ’ur feòil, agus bheir mi dhuibh cridhe feòla.” Cha do ghabh cealgairean riamh ri Criosd mar an t-aon ni a b’ fhearr a shàsuicheadh air an talamh, air son an tréigeadh iad le gairdeachas gach ni bha iad a’ sealbhachadh; oir nan dthigeadh iad chum na h-inbhe so, bhiodh rìoghachd Dhe air inndrinn a steach annta. Mat. xiii. 44, “A ta rìoghachd nèimh cosmhuil ri ionmhas air fholach am fearann; ni an déigh fhaotainn, a dh’fholaich duine, agus air sgàth a ghairdeachais air a shon, dh’imich e agus reic e na bha aige uile, agus cheannaich e am fearann sin.” Feudaidh an duine tha air fhìor

ath-nuadhachadh, a ràdh, le deadh bharantas, agus tha fianuis air a' chùis o na h-ardaibh, gu'n robh atharrachadh gràsmhor air a dheanamh air a chridhe an lorg dha gabhail ri Criosd, 's gu'n robh e 'ga fhìor-mhiannachadh, mar an t-aon ionmhas a shàs- uicheas, agus a dh' fhàgas saibhir e, agus measaidh e gach aon ni eile 'nan calldach agus 'nan aolach air son gu'm faighear annsan e. Phillip. iii. 8, 9.

2. Ge b'e ath-leasachadh no aidmheil air a' bheil cealgairean a' ruigheachd, mar nach 'eil e sruthadh o chridhe nuadh, 's o rùn fhìor-ghlan do theas-ghràdh do Dhia, 's ann a tha e do ghnàth air son crìoch aingidh éiginn, chum 's gu'm faicear le daoin' e. Mat. vi. 5. no chum teanndach éiginn o 'n leth a muigh a sheachnadh, gu bhi saor o fheirg Dhé 's o agartas an coguis féin. Isa. lviii. 3, "C'ar son a thraisg sinn, *deir iad*, agus nach 'eil thus a' faicinn? C'ar son a chràidh sinn ar n-anam, agus nach 'eil thus a' toirt fainear?" Mal. iii. 14, "Ciod a' bhuanachd dhuinn gu'n do ghluais sinn gu brònach an làthair Tighearna nan sluagh?" Mar dhearbhadh air a' chùis so cha'n'eil spéis ac' uair sam bith do gach àithn' air am fiosrach iad, no cha bhiodh nàir' orra a chaoidh, Salm cxix. 6. ni mò bheir iad oidheirp air cur an aghaidh gach peacadh air a' bheil iad làn-fhiosrach, gun cheilg shònruichte 'nan cridhe fein, no, bhiodh iad saor o dhìteadh-cridhe, agus mar sin dh' fheudadh iad air deadh stéigh cànachd a bhi ac' an làthair Dhe. 1 Eoin ii. 21, 22. Nan aidicheadh iad Criosd o rùn gràidh, 's le teas-ghràdh dha, agus air son crìoch cheart, bhiodh e fiachaicht' air Criosd, le 'fhocal fein, iadsan aideachadh am fianuis 'Athar. Mat. x. 32.



3. Ge b'è fhad 's a tha na cealgairean a' dol air an aghaidh anns an obair sin leis a' bheil sluagh air an treòrachadh a dh' ionnsuidh Chrìosd, gidheadh cha'n 'eil iad idir air tùs ag iarraidh Rìogh-chd Dhé agus 'fhìreantachd-san. Mat. vi. 33. Cha'n e idir an t-aon ni feumail, eadhoin càirdeas agus co'-chomunn ri Crìosd, roghainn an cridhe thar gach aon ni eile, no cha bhiodh a' chuid mhaith sin air a thoirt uatha a chaoidh. Luc. x. 42.

4. Ge b'è samhladh cealgach gràis tha ann an cealgairean, gidheadh tha iad uil' air an altrum as eugais obair shlàinteil Spioraid Chrìosd; agus is leòir sin chum an druideadh a mach o shochair a chomharaidh so, nach 'eil iad a' cur cùl ris na nithibh sin, no idir glan-fhalamh dhiu, ach 's ann a tha iad 'gan socrachadh fein orra do ghnàth mar an Slànuighear, air chor 's nach 'eil iad a' strìochdadh do dh' fhìreantachd Dhe. Rom. x. 3. Agus is leòir sin gu 'n cumail fada o Chrìosd, nach aont-aich a chaoidh gu seann trusgan nan cealgairean a chàramh le 'lìon-aodach fìor-mhaiseach fein, no idir 'fhìon nuadh a chur 's na seana bhuidealaibh sin. Mat. ix. 16, 17.

5. Feudaidd sinn a ràdh, mu chealgairean agus mu dhaoine ain-diadhaidh, mi-naomha, ged robh aca gach ni tha 'nan comas, gu bheil trì nithe ro àraid a chreidimh Chrìosduidh a dh' uireasbhuidh orra. 1. Cha 'n 'eil iad a' toirt fainear am feum anabarrach a th' ac' air Iosa Crìosd, no idir a' cur cùl r'am fìreantachd fein, air chor 's gu bheil iad a' gabhail gràin diubh fein, a' feitheamh chum cobhair fhaotainn o Dhia." 'S iad a mhuinntir a fhuair a leithid sin do shealladh dhiubh fein, a

thainig Crìosd a dh' iarraidh agus a thèarnadh. Luc. xix. 10 2. Cha do ghabh iad uair air bith ri Iosa Crìosd mar an t-aon ionmhas a tha amhàin comasach air daoine dheanaidh saibhir, agus an làn shàsachadh; agus cha mhò a dh' aontaich iad riamh gu tréibhdhireach dùrachdach le innleachd Dhé anns a cho'-cheangal, 's mar sin cha 'n airidh iadsan air; cha mhò a dh' inndrinn rìoghachd Dhe air mhodh slàinteil 'nan cridhe. Mat. xiii. 44, "A ta rìoghachd nèimh cosmhuil ri ionmhas air fholach am fearann; ni an déigh fhaotainn, a dh' fholach duine, agus air sgàth a ghairdeachais air a shon, dh' imich e agus reic e na bha aige uile, agus cheannaich e am fearann sin." 3. Cha'n 'eil iad uair air bith da rìreadh a' gabhail ri cuing Chrìosd gu h-iomlan, a' meas gu bheil a thoil gu léir cothromach agus maith, naomh agus spioradail, mar a chi sinn, Rom. vii. 12. agus air an aobhar sin cha'n 'eil suaimhneas air bith air òrduchadh dhoibh tre Chrìosd. Mat. xi. 29. Gabhaibh, mo chuing oirbh, agus fòghlumaibh uam, oir a ta mise macanta agus iriosal an cridhe: agus gheibh sibh fois do bhur n-anamaibh." Uime sin co air bith thu, ma dh' fheudas tu còir shoilleir cheart a thagradh air na trì nithe sin a chaidh ainmeachadh tha thu ni's faide air t-aghaidh ann an obair na diadhachd na tha na bheil de chealgairean 's de dhaoine ain-diadhaidh, mi-naomha air thalamb, 's cha'n ion duit eagal a bhi ort gu bheil thu 'n àir-eamh na muinntir sin, air dhuit a bhi freagarrach do chrìoch mhòr agus do rùn an lagha agus an t-soisgeil.

Cunn. Ar leam, gu'm feud mi air uairibh, còir a thagradh le barantas air comhara sin an nuadh-

chreutair; ach an àm eile tha peacadh a' faghail buaidh orm, air chor 's gu bheil mi gu ro mhòr a' cur an teagamh gach obair a tha 'n taobh a stigh dhìom.

Freag. 'S muladach an gnothuch gu bheil daoine tha 'g aidmheil ainm Chrìosd, 'nan tràill-ean co mòr do'n pheacadh 's a tha mòran diubh. Gidheadh, mar fhreagradh do'n chunnuil, ch'ì sinn na naoimh 's an Sgrìobtuir a' tagradh còir air Dia 's air a choimhcheangal gu dlìgheach ceart, air deadh stéigh, 'nuair tha aingidheachd a' faotainn lamh-an-uachdar orra. Salm lxx. 3, "Thug en-cearta buaidh oirnn: ar n-eusaontais glanaidh tusa uainn." Rom. vii. 23, 25. Tha Pol a' toirt buidheachais do Dhia trid Chrìosd, 'nuair tha lagh 'na bhallaibh 'ga thoirt am bruid do pheacadh. Ach a chum 's gur feaird a thuigear, 's a cho'-chuirear an samhail sin de dhearbh-fhìrinn, 's éiginn duinn an t-eadar-dhealachadh a tha eadar peacanna ro ann-tron uamhasach, agus mearachdan gnàthaichte a nochdadh, no peacaidh a thig air duine gun fhios da, gun roimh-smuainteachadh orra, no idir 'gam meòraich 'na inntinn roi'-laimh. Tha e ro chruaidh air duine 'm fad 's a bhunaicheas e fo chumhachd a cheud seòrsa, a chaochladh gràs-mhor a thoirt fainear, ged robh e da rìreadh air oibreachadh ann; agus tha e ro dhuilich co'-fhurtachd sam bith a tharruing uatha, gus am bi an duin' ann an tomhas éiginn air a shaoradh o chumhachd nam peacanna sin, gus am bi e mothachail orra, 's gu 'n teann e gu ro-dhùrachdach ri cur 'nan aghaidh le làn-rùn. Tha sinn a' faicinn gu'n do ghairm Daibhidh òglach Dhé dheth féin air ball an déigh dha pobull Dé àireamh; ach 's ann a bha e 's an

àin sin fo gheur-mhothuchadh air a pheacadh. 2 Sam. xxiv. 10. Tha Ionas a' tagradh còir ann an Dia mar a mhaighstir fo a cheannaire; ach tha e 'san àin sin a' gabhail aithreachais air son 'eusaontais, agus ann am mòr-fheirg ris féin air son a pheacaidh. Ionas i. 9. 10. 12. 'S an àite 's faigse, labhraidh sinn càileiginn mu mhearachdan gnàth-aichte, no, peacaidh anfhainneachd, agus mu olc a chridhe, nithe mu bheil Pòl a' deanamh gearain.

Agus ann an labhairt mu na nithibh sin, ni sinn feum de nithe àraid de'n t-seachdamh caibdeil chum nan Roimheach, leis a' bheil Pòl a' dearbhadh a chòir fein air Criosd, agus ma tha thusa murrach air an co'-chur riut féin, tha 'chùis gu maith eadar Dia agus t-anam neo-bhàsmhor. 1. 'Nuair tha Pòl a' mothachadh nach 'eil e comasach a bhi a réir lagha Dhé, cha'n'eil e cur coire air an lagh, gu bheil e co ro-theann 's nach 'eil daoine 'nan urrainn a choimhead, mar is gnàth le cealg-airean a ràdh; ach 's ann tha esan a' cur na coire as a leith féin, air dha bhi feòlmhor, ana-miannach; agus tha e 'g ràdh mu 'n lagh, gu bheil e maith, naomh agus spioradail, Rom. vii. 12, 14. 2. 'S urrainn e a ràdh, gu'n robh e goirid air a mhaith a bha 'na rùn, 's gu'n do chuir se e fein g'a dhùlan, 's gur minig a thug e oidheirp dhùrachdach air cur an aghaidh an uile anns an do thuit e. Rom. vii. 15, 18, 19. 3. Tha e 'g ràdh gur h-e peacadh bhi faghail buaidh air a's gnàth-obair dha, air chor's gu bheil e 'ga mheas féin truagh air son a shamhuil sin "do chorp bàis," o bheil e a' gabhail mòr-fhadal gu bhi air a shaoradh, Rom. 24. 4. Tha e 'g ràdh, am fad 's a bhios e fo chumhachd agus fo lagh a pheacaidh, gu bheil nì-eiginn ann

an grunnnd a chridhe a tha cur an aghaidh a pheacaidh, ged tha chùis a' fairtleachadh air, leis 'm bu mhiann a bhi air sheòl eile, 's an uair a gheibh an ni sin lamh-'n-uachdar air a pheacadh, 's ro shòlasach an ni e. Rann 22, 25. Agus air son nan nithe sin, tha e 'toirt buidheachas do Dhia nach 'eil dìteadh sam bith ann an Criosd. Rom. vii. 21. agus viii. 1. A nis mata, feuch an urrainn duit còir a thagradh air na nithe sin. 1. Ma tha thu fàgail na coir' agad féin 's a' moladh an reachd, 'nuair tha thu goirid air. 2. Ma dh' fheudas tu a ràdh gu bheil thu gu bitheanta ag oidheirpeachadh cur an aghaidh a pheacaidh gu tréibhdhireach dùrachdach, 's a réir mar a's fiosrach thu, gu neochealgach; 's gu bheil thu deònach am maith a chur an gnìomh, mum faigh am peacadh buaidh ort. 3. Ma dh' fheudas tu a ràdh, gu bheil thu co fhiosrach eòlach mu t-fhàilnibh agus mu d' mhearachdaibh 's gu bheil thu 'ga d' mheas féin ro thruagh air an son, agus air son corp a bhàis, ni is e 'n fhrèumh agus an tobar o bheil an samhail sin de nithibh a' sruthadh. 4. Ma dh' fheudas tu a ràdh, gu bheil earrann an taobh a stigh dhiot a tha cathachadh an aghaidh nam peacannan sin, leis am b' àill bhi gluasad air an t-slighe cheart, 's a tha, mar gu'm b' ann làn-toilichte 'nuair a bhios iad a' siubhal an slighe Dhé, tha chùis gu maith. Ach amhàin gabh comhairle, agus na dean tàmh na fois gus am bi thu ann an tomhas àraidh cuibhte de stéigh na cunnail so, no, air a chuid a's lugha, gus am feud thu gun teagamh a ràdh, gu bheil thu mar do dhìchioll a' dian-strì an aghaidh nan nithe sin. Tha e 'na chuideachadh ro fheumail chum cur an aghaidh cumhachd a

pheacaidh, Iosa Crìosd a dhlù-leantuinn tre chreidimh, mar tha e 'na earrann de naomhachd a tha ro ion-mhiannaichte, agus ro fhreagarrach do thoil Dé, 's a chum a chrìoch a dh'orduich e 's an t-Soisgeul a thoirt mu'n cuairt. Gal. ii. 20, 21, "A bheatha a ta mi nis a' caitheadh san fheòil, tha mi 'ga caitheadh tre chreidimh Mhic Dhé, a ghràdh-aich mi, agus a thug e féin air mo sbon. Cha'n 'eil mi cur gràis Dè an nèò-bhrìgh." Agus mar sin bu chòir do dhaoin' oidheirp theann a thoirt air creidimh a bhi aca, do bhrìgh gur gnìomh e a tha ro thaitneach le Dia. Eoin vi. 29, "Is i so obair Dhé, gu 'n creid sibh anns an ti a chuir e uaith." Air chor 's gur h-e sin an dòigh ullamh chum beatha agus brìgh a tharruing o Iosa Crìosd an fhrèumh bheannaichte, a bheir toradh agus tairbhe anns gach càs, mar a chi sinn, Eoin xv. 4, 5, "Fanaibh annam-sa, agus mise annaibh-sa. Mar nach urrainn a' gheug toradh a thoirt uaipe féin, mur fan i san fhìonain, cha mhò is urrainn sibhse mur fan sibh annam-sa. Is mise an fhìonain, sibhse na geuga: an ti a dh' fhanas annam-sa, agus mise annsan, bheir esan mòr thoradh uaith; oir as m' eugmhais-sa cha'n urrainn sibh aon ni a dheanamh."

CAIB. XI.

Mu chomh-pàirteachaibh àraid o Dhia, 's mu oibreacha gràsmhor sònruichte a spioraid.

CUNN. Cha'n'eil co'-roinn agamsa do na co'-pairteachaibh àraid sin o Dhia, agus do dh' oibreachadh 's do dhol amach a Spioraid, a tha air ainm-

eachadh san Sgrìobtuir, nithe mu bheil daoine tha ann an staid ghràs-mhor gu minig aig iomradh, 's air a' bheil iad a' ruigheachd: 's a chionn gu bheil na nithe ceudna a dh'uireasbhuidh ormsa, tha mi cur mo staid fein gu ro mhòr an teagamh.

Freag. Ainmichidh mi gu h-aith-ghearra cuid do na co'-pairteachaibh ro luachmhor sin, 's tha dòchas agam, 'nuair a shoilleirichear air mhodh ceart iad, nach bi ach beag bunachair aig gearain eudmhor ioma neach a th' ann an staid nan gràs.

Air tùs, (a bharrachd air na geur-mhothachaibh sin do spiorad Dhé leis an gnàth slighe Chrìosd a thoirt a stigh do dh'anmaibh dhaoine, agus iad sin mar an ceudna tha gu bitheanta 'n déigh laimh 'nan co'-chuideachd,) Tha *seula* do spiorad Dhé ann air ainmeachadh san Sgrìobtuir, agus 'se 'n t-aon ni àraid a tha ann, obair naomhachaidh an Spioraid Naoimh, a' dealbh ìomhaigh Dhé 's a thoil fhoillsicht' air duine, mar dh'fhàgas seul' a choltas no a dhealbh féin air an ni bhios air a sheuladh. 'S amhuil a chi sinn, 2 Tim. ii. 19, "Gidheadh a ta bunait Dhé a' seasamh daingean, aig am bheil an seula so, Is aithne do'n Tighearn an dream sin a's leis. Agus, Gach neach a tha 'g ainmeachadh ainm Chrìosd, tréigeadh e eucoir." Agus mar so tha mi smuainteachadh gu'n abrar fianuis ris an nasgadh so. 1 Eoin v. 10, "An ti a chreideas ann am Mac Dhé tha 'n fhianuis aige ann fein;" 'se sin gu bheil na bunachair leis a' bheil còir air Chrìosd r'a dhearbhadh anns gach creideach; oir tha càileiginn de Spiorad Dhé ann, ni tha 'na fhianuis chinnteach, ged nach 'eil e gach aon àm làn-shoilleir.

San dara h-àite, Tha co' chomunn ri Dia ann

mu bheil na daoine diadhaidh gu minig aig iomradh, leis a' bheil iad a' toirt fainear làthaireachd mhothachail Dhé ag ath-bheothachadh an anma gu ro mhòr. Ach ma labhras sinn mar bhuineadh dhuinn, 'se co'-chomunn ri Dia, aon chòir a bhi eadar Dia agus an duine a ghabh ris trid Criosd. 'Se sin co'-pairt, no còir choitchionn a bhi eadar Dia agus duine: cha'n e amhàin gu bheil còir aig duin' air Dia féin, ach mar an ceudna air gach aon ni a's leis an Tighearna; air an amhuil cheudna tha còir àraid aig Dia air an duine, agus air gach ni a bhuineas da. Tha co'-chomunn eadar fear-pòsda agus a bhean, leis a' bheil còir àraid ac' air pearsadh a chéile, 's air gach ni eile a bhuineas doibh: 's amhuil a tha 'n so: tha leithid sin de cho'-chomunn againn ri Dia, 's esan ar Dia, agus tha làn-chòir againn air gach aon ni, air son gur leinn Triath na beatha agus ard-Chruithfhear nan uile nithe. Tha'n co'-chomunn so ri Dia gach aon àm aig na fìor chreidich uile, mar a nochdas sinn ann déigh so. Tha mi 'g aideachadh gu bheil feum gnàthaichte r'a dheanamh de'n cho'-chomunn sin, leis a' bheil daoine gu neo-sgàthach a' gabhail gnothach ri Dia, agus ris gach ni a bhuineas da, mar an cuid àraid féin, le mòr-dhànadas agus le dlù-dhàimh, gu sònruichte 'n àm bhi toirt aoraidh dha, 'nuair a bhios an t-anam an cainnt shòlasaich ris an Dia bheo, a' faghail co'-pairt de'n nàdur dhiadhaidh, a' fàs coltach ris-san, 's ag imeachd gu ro shòlasach trid a bhuidhean, agus le càileigin de mhuinighin, a' beachdachadh air na nithe sin mar a chuid àraid féin: their sinn co'-chomunn ri Dia ann an òrduighibh ris an ni so. Gun amharus cha'n 'eil so cho bitheanta na cho

gnàthaicht' air a dheanamh follaiseach do dhaoine, 's cha 'n ionann tomhas co'-pairt a tha aig uile phobull Dé dheth; agus gun amharus tha e fìor, nach 'eil duin' a' làn-thuigsinn anns gach àm air an aon dòigh an ni tha 'n rùn Dhé d' a thaobh, gidheadh tha gu cinnteach co'-chomunn ri Dia, sin r'a ràdh, a chòir choitchionn sin a tha eadar Dia agus an duine sin a tha air mhodh slàinteil ann an cùmhnanta ris, a' seasamh do ghnàth gu cinnteach daingeann; 's tha na h-uiread so de cho'-chomunn ri Dia ann an òrduighibh aig gach uile chreideach, 's gu bheil co'-luadar aig an cridhe ris an Dia bheo ann an sin, an tràs agus a rithist, 's a tha ann an tomhas air atharrachadh chum ìomhaigh Dhé; 's cha ruigear a leas a bhi nì's faide an teagamh m' a thimchioll.

San treas àite, Tha nì-eiginn ann ris an abrar *companas* ri Dia, a tha mar an ceudna gu bitheant' air a ghabhail ann an seadh mearachdach am measg nan creideach. Ma 's e tha air a chiallachadh le *companas*, sinn a ghluasad 'nar dleasnas mar ann am fianuis an Dé uile-léirsinnich, a tha 'gar faicinn 's 'gar cluinntinn, 's a tha fianuiseach d' ar n-uile ghiùlan; 's ni e tha coitchionn do gach aon neach a tha ann an staid nan gràs; agus tha e ac' uile 'nan cleachdadh 's 'nan rùn. Salm xvi. 8, "Chuir mi 'n Tighearna romham a ghnàth." Seadh, agus is minig a tha iad 'ga chur an gnìomh, 'nuair tha 'n spiorad ann an deadh shuidheachadh; tha iad a' siubhal mar gu'm biodh iad a' faicinn Triath na beatha 'na sheasamh r' an taobh, agus tha smuaintean àraidh aca mu dheadh-ghean trid Chrìosd: "Gu fìrinneach tha ar comunn-ne ris an Athair agus r'a Mhac Iosa Chrìosd." 1 Eoin i. 3. Ma tha

sinn le co'-chomunn a' ciallachadh a bhi ann an co'-luadar sòlasach, blasda, mothachail ri Dia, a tha 'g ath-bheothachadh 's a' toirt mòr-shòlas do'n anam, osbarr air na tha coguis an dleasnais a' deanamh; is e th'ann an sin a bhi 'g imeachd ann an solus dealrach a ghnùise, agus 'na làthaireachd mhothachail: 's tha e coltach gu'n robh mòran de'n cho'-chomunn so aig Enoch, 'nuair tha e air a ràdh gu 'n d' imich e maille ri Dia, Gen. v. 24. gidheadh cha 'n 'eil e co gnàthaichte ris a cheud cho'-chomunn a dh' ainmicheadh, no co coitchionn do gach fìor chreideach; oir ann an so tha 'n t-anam air a lìonadh le smior agus le saill, a' dlù-leantuinn r'a fhear-stiùraidh, 's air a chumail suas gu ro shònruichte le dheas laimh. Salm lxxiii. 5, 8, "Mar *le* smior agus *le* saill sàsuichear m' anam, agus le bilibh aoibhneach molaidh mo bheul *thu*; Tha m' anam a' dlù-leantuinn riut: cumaidh do dheas làmh suas mi."

Sa cheathramh àite, Tha ni ann ris an àbrar *saor chomas* dol a dh'ionnsuidh Dhé; agus tha mi meas gur e so gach ceap-tuislidh a th' anns an t-slighe eadar Dia agus duine a thoirt as an rathad, air chor 's gu bheil comas aig an duine teachd am fogus da. Theirear gu bheil comas againn dol a dh' ionnsuidh duine cumhachdach, 'nuair bhios na dorsan air am fosgladh, 's an luchd coimhead air an cur uaithe, agus comas againn tighinn dlù dha: 's amhuil a tha e san àite so. Tha 'n saor chomas so san Sgriobtuir, air a ghabhail air uairibh anns an t-seadh so, gu bheil Criosd a' réiteachadh na slighe, 's a' toirt air falbh an naimhdeis a bha eadar Dia agus peacaich, air chor 's gu bheil a nis slighe réidh aig daoine chum teachd a dh' ionnsuidh Dhé

trid Chrìosd. Ephes. ii. 18, “ Oir trid-san tha araon slighe againn gu dol a steach tre aon Spiorad chum an Athar.” Agus air uairibh eile tha e air a ghabhail an riochd feum gnàthaicht’ a chomais a choisinn Crìosd, ’nuair a bheir duine fainear gu bheil gach ceap-tuislidh’s gach eadar-dhealachadh a bha eadar e féin agus Dia air an toirt as an t-slighe: cha’n ’eil Dia neo-bhàigheil ris, no mar choigreach ’ga chumail féin uaithe, no idir ag amharc air le gruaim; ach tha comas aige teachd eadhoin gu ’ionad còmhnuidh. Iob xxiii. 3. Bha’n duine maith so a’ deanamh gearan gu’n robh sin a dh’ easbhuidh air, Rann viii. 9. ’nuair tha e ’g ràdh, “ Feuch, theid mi air m’ aghaidh, ach cha’n ’eil esan ann; agus air m’ ais, ach cha mhothaich mi e: Air an làimh chlà, far am bheil e ag oibreachadh, ach cha’n fhaic mi e.” Tha cheud ghne chomais cumanta do na h-uile chreidich; tha iad air an toirt am fogus da le fuil a chùmhanta, ’s cha’n ’eil iad ni ’s mò fada uaithe, o’n a chaidh an naimhdeas bàsmhor a bha eadar Dia agus iad féin a thoirt air falbh. Ach tha ’n comas anns an t-seadh eile air a fhrithealadh ni’s mò a réir àrd-uachdranachd agus toil an Tighearna, agus tha e air fhàgail an cumbachd nan creideach a chumail uatha féin, gus an toil leis an Tighearn a bhuilleachadh gu tràcaireach saor orra a rithist; ’s mar sin tha e fodha ’s an uachdar, air chor ’s nach ion staid duine chur an teagamh air a shon.

Sa chùigeadh àite, Tha ni ann ris an abrar saorsadh am fianuis Dé; agus ’se so ann an seadh ceart, saorsadh, no labhairt shaor ri Dia. Tha mòran a’ cur an staid féin an teagamh, air son gu bheil so an tràs agus a rithist a dh’ easbhuidh orra, o’n a

tha 'n Sgriobtuir ag ràdh, “ Far am *bheil* Spiorad an Tighearna, tha saorsa an sin.” 2 Cor. iii. 17. Ach tha iad gu neo-chothromach a' ceangal na saorsa air 'n do labhradh san àite sin, ris an labhairt shaor so am fianuis Dé. Tha mi 'g aideachadh far a' bheil Spiorad an Tighearna air mhodh slàinteil a' foillseachadh toil Dé anns an Sgriobtuir do dhuine, gu bheil saorsadh ann an sin o cheangal air bith do lagh nan deas-ghnàth, 's o chumhachd dìtidh lagh nam modhanna, agus o mhòran de'n dorchadas agus de'n aineolas sin, a tha mar sgàile air na cridheachaibh a th'ann an staid nàduir, a' cumail Chrìosd anns an t-soisgeul am folach uatha. Tha mi 'g aideachadh mar an ceudna, gu bheil eadhon an t-saorsa so air uairibh, ni is e saor cho'-luadar ri Dia, ar cùis a chur sìos an ordugh 'na làthair, 's ar beul a lìonadh le arguin, Iob xxiii. 4. air aideachadh do na daoine diadhaidh, ach cha 'n ann mar tha saorsadh air a gabhail 's na seadhaibh roi'-ainmichte. Ged a chuir an Tighearna mar fhiachaibh air féin Spiorad na h-ùrnuigh a thaosgadh a nuas ann an tomhas éigin air tigh Dhaibhidh uile, Sech. xii. 10. Gidheadh tha co'-pàirteachadh so an Spioraid ris an abair sinn labhairt shaor ri Dia, air uairibh air eadar-sgarachduinn gu mòr o dhànachd làidir an àm bhì ri ùrnuigh, air a chuid a's lugha gus am bi e dlù air a chrìch; 'sann a tha e gu mòr a' co'-sheasamh ann am beothalachd na tuigse chum an ni tha duine r'a labhairt am fianuis Dé a làn-thuigsinn, air chor 's gur h-aithne dha a chùis a chur an òrdugh: agus a rithist, tha briathra snasmhor, freagarrach, ro dhrùighteach, no ro chumhachdach agus neartmhor ann. Tha mar an ceudna

dùrachd Spioraid air a chur ris na nithe sin ann an ùrnuigh, air a' bheil an Sgriobtuir a' labhairt ; tha 'n t-anam ag aomadh le dian-thogradh a dh' ionnsuidh Chrìosd, agus tha e ro dhùrachdach an àm bhi cur suas athchuinge ri Dia. Tha 'n cridhe mar an ceudna a' leaghadh air mhodh àraidh, agus tha tomhas mòr de Spiorad nan gràs agus na h-athchuinge gu minig' ann an co'-chuideachd na saorsa so, Sech. xii. 10. Air chor 's gu bheil an t-anam air a thaosgadh amach an làthair Dhé 'n trà tha iad ann am mòran de bhrise'-cridhe, agus de dhùrachd Spioraid, tha comas ac' an inntinn uile a leige' ri Dia gu ro shaor, mar Dhia beo uil'-fhiosrach, a tha (air a chuid a's lugha) a' toirt fainear an ùrnuigh. Tha air uairibh dànachd an co'-chuideachd na saorsa so, air chor 's nach labhairt shaor e amhàin, ach mar an ceudna labhairt dhàna an làthair Dhé. 'Se sin an dànachd le muinghin, Ephes. iii. 12, " Anns am bheil againn dànachd agus slighe gu dol a steach ann am muinghin tre a chreidimh-san." Cha'n 'eil so cho bitheant' air a phàirteachadh ri daoine ris an t-saorsa eile, gidheadh tha e gnàthaichte : tha anns an t-saorsa so a bharrachd air na thuirt sinn roimhe, càileiginn de dhrùghadh an Spioraid air creidimh 'ga bhrosnachadh gu ùrnuigh bheothail thogarrach a dheanamh. Tha suidheachadh inntinn ann a tha taitneach, tiomhaidh, muladach, leis am bheil duin' a' taosgadh a mach rùn a chridhe an uchd Dhé, 's a' tagradh a chùise 'na làthair mar Dhia beo, le càileiginn de mhuinghin air 'fhàbhar 's air a dheadh-ghean ; agus cha'n eil mòran de na naoimh a' ruigheachd air tuille de làthaireachd mhothachail. Cha'n eil teagamh air bith mu thim-

chioll staid duine, a thaobh saorsa an làthair Dhé, anns an t-seadh so mu dheire, do bhrìgh nach 'eil ni air bith an so ro fheumail chum staid ghràs-mhor a dheanamb suas: tha cuid de dhaoine' aig a' bheil so, agus cuid eil' aig nach 'eil e; tha e air uairibh aig cuid de dhaoine, 's tha e gan dì an àm eile, air chor 's gu bheil e fodha 's an uachdar, aca agus uapa; gidheadh feudaidh mi a ràdh, gu'm feud daoine tha ann an staid ghràs-mhor mòran a dheanamb, le cumhachd ro ghnàthaichte, a' deanamb còmhnadh riu chum ruigheachd air 's a choimhead a shamhuil sin de dh' fhonn spioraid.

San t-sèathadh àite, Tha ni àraidh ann ris an abrar cumhachd no deachdadh, an Spioraid. Tha 'n drùghadh no'n cumhachd gràs-mhor so an dara cuid gnàthaichte, agus 'se so oibreachadh an Spioraid Naoimh air an anam, agus cleachdadh gràis ann, leis am bheil iad an còmhnuidh air an cumail beo, 's ann an càileiginn de ghnàthachadh 's de oibreachadh, ged nach 'eil iad so-aithneachadh. Tha mi breithneachadh gu bheil an drùghadh so do ghnàth ann an co'-chuideachd nan creideach, 's gur e sin a tha air a ghealltuinn, le bhi 'gan uisgeachadh a dh'oidhch' agus a latha agus gach aon am. Isa. xxvii. 3. No tha'n cumhachd so ni's sonruicht' agus ni's àraid, agus tha e co éifeachdach do dh'anam a th' ann an staid nan gràs, 's a bha ghaoth agus an anail do na cnàmhan tiorma, 'gan cur an deagh ordugh, Esec. xxxvii. 9, 10. 's mar an drùchd no'n t-uisge do'n fheur, no do'n àilean air ùr-ghearradh, 's do'n talamh thioram. Salm lxxii. 6. 'Se a shamhuil sin de dhrùghadh a tha air a chiallachadh, Laoidh Sholamh iv. 16. le séideadh na gaoithe deas, a thoirt air an

spìosraidh brùchdadh a mach. 'Nuair tha 'n spiorad a' gluasad air a mhodh so, tha gràsa Dhé anns an anam ag oibreachadh ni's beothala. 'Se so meudachadh a chridhe leis a' bheil duine a' ruith ann an slighibh Dhé. Salm cxix. 32. Tha 'n drùghadh so ni's fhus' fhaireachduinn na cheud chuid, 's ni bheil e co bitheant' air a phàirteachadh ri daoine. Tha mar an ceudna, an soirbheas a' séideadh air uairibh ni's mò air aon ghràs, agus air uairibh ni 's soilleire air gràs eile; agus gu minig air ioma gràs san aon àm; agus 's ann a réir an tomhais de'n chumhachd so, beag no mòr, a tha 'n t-anam ag oibreachadh ni 's beothala no ni 's socraiche a thaobh Dhé: Agus o'n a tha creidimh 'na ghràs cruthaichte san anam, tha drùghadh so an Spioraid air uairibh ni's lugha, 's air uairibh ni's mò, agus 's ann a réir sin a tha dearbh-chinntè mu chreidimh beag no mòr.

San t-seachdamh àite, Tha éisdeachd urnuigh ann mu 'bheil an Sgriobtuir gu minig a' labhairt; 's tha mòran a' cur campair orra fein m' a thimchioll, a' baralachadh nach 'eil eòlas sam bith ac' air o 'm fiosrachadh féin. Tha mi 'g aideachadh gu bheil éisdeachd fàbharrach urnuigh ann; ach 's éiginn duinn a thoirt fainear gu bheil e dà-fhillte. An dara cuid, 1. 'Se a leithid 's a tha duine gu soilleir r'a chreidsinn mar arguin air stéighibh sgriobtuir; mar ata, ma theich mi dh' ionnsuidh Chrìosd, 's ma tha mi dlùthachadh ri Dia ann-san, ma tha mi deanamh urnuigh a réir r'a thoil, gun bhi toirt spéis do dh' aingidheachd am chridhe, a' cur creidimh an gnìomh mu thimchioll an ni tha mi 'g iarraidh, gu cinnteach no air chùmhnannt', a réir gne an ni bhios ann, agus geallaine m'a thimchioll; 's

éiginn domh a chreidsinn gu bheil Dia a' cluinntinn m' urnuigh, 's gu'n dthoir e dhomh an ni bhios maith air mo shon a réir nan sgrìobtuir sin. Eoin xiv. 13, 14, " Ge b'e ni a dh' iarras sibh a' m' ainm-sa, ni mise sin." I Eoin v. 14, " Is e so an dòchas a ta againn annsan, ma dh' iarras sinn ni sam bith a réir a thoile, gu'n éisd e ruinn." Marc xi. 24, " Creidibh gu 'm faigh sibh, agus gheibh sibh." Salm lxvi. 18. Ma bheir mi spéis do eu-ceart a' m' chridhe, cha'n éisd an Tighearna *rium*. Agus mur tabhair mi spéis do 'n olc, feudaidh mi a chreidsinn gu bheil e 'g am éisdeachd. No. 2. Tha duine gu mothachail a' toirt fainear gu bheil Dia aig éisdeachd r' a urnuigh, 's tha chùis sin air a dearbhadh d'a chridhe, as eugais geur cho-dhùnadh a tharruing gu h-éigneach o riasan. 'Se a shamhuil sin de dh' éisdeachd urnuigh a fhuair Hanna, I Sam. i. 18, " Cha robh a gnùis ni b' fhaide *dubhach*." Gu cinnteach dh' oibrich an Tighearn' air a creidimh, agus làn-chreid i gu'n d' fhuair i éisdeachd: cha robh e air chomas di a chùis a dhearbhadh le arguin air bith; oir cha robh stéigh aic' air an suidhicheadh i briathra na h-arguin a réir sgrìobtuir, anns an ni shònruichte sin: dhealbh Dia gu mothuchail air a cridhe e air dhòigh àraidh, air chor 's gu'n do chreid i e. Ni bheil so gu bitheant' air a phàirteachadh ri daoine, gu h-àraid ann an cùisibh a dh' fheudar a shoilleirachadh o'n sgrìobtuir; uime sin 'sann le'n creidimh a chur an gnìomh mu'n cheud ni a bhios daoine gu mòr air an toileachadh, 's bu chòir dhoibh a leigeil am buil Dé chum a bhuileachadh orra na chitheadh e iomchuidh de'n dara ni. Cha chòir staid

ghràsmhor duine chur an ag, air son a shamhuil sin de dh' éisdeachd ùrnuigh.

San ochdamh àite, Tha dearbh-bheachd ann air deadh-ghean Dé le'r spioradaibh féin a' togail fianuis air a' chùis; agus tha'n dearbh-bheachd sin air a shoilleireachadh le h-arguin air a mhodh so: Ge b'e chreideas ann an Criosd cha dtheid e am muga am feasd: ach tha mise a' creidsinn ann an Criosd; air an aobhar sin cha dtheid mi am muga gu bràth. Ge b'e aig am bi gràdh do àitheantaibh Dhé gu léir, cha chuirear gu nàir' am feasd' e: ach tha spéis agamsa d'a àitheantaibh uile; uime sin cha bhi nàir' orm. Tha mi 'g ràdh, le reus-onachadh air a mhodh so, agus le nithe spioradail a choimeas ri nithe spioradail, gu'm feud duine ruigheachd air dearbh-chinntè m'a staid ghràsmhor. Tha e air a chiallachadh, 1 Eoin iii. 18, 19. gràdh-achadh ann an gnìomh agus ann am fìrinn leis am feud sinn dearbh-chinnt' a thoirt d'ar cridheachaibh an làthair Dhé, 's gu'm feud duine gàirdeachas a dheanamh le fianuis deadh choguis. 2 Cor. i. 12. feudaidh dànachd a bhi aig duine thaobh Dhé, mur dìt a chridhe e, 1 Eoin iii. 21. Feudaidh sinn an sin ruigheachd air càileiginn de chinnte m'ar staid, le fianuis ar Spioraid fein, gar an ruig sinn air làn-chinntè m'a thimchioll. Ni bheil mi 'g àicheadh nach 'eil càileiginn do chòmhnadh Spioraid Dhé, anns an fhianuis so a tha ar spiorad-ne a' deanamh a thaobh dearbh-chinntè: ach tha mi breithneachadh nach 'eil feum ach air còmhnadh ro ghnàth-aichte, ni as eugais nach 'eil sinn comasach air ni air bith a dheanamh. A nis, feudaidh creidich thuigseach, a tha coimhead deadh choguis 'nan

caithe-beatha, ruigheachd air an dearbh-bheachd so. Air an aobhar sin, tha dòchas agam, nach ruig connspoid sam bith a leas a bhi mu thimchioll staid ghràs-mhor duine; oir ma shaoras duin' e féin o dhìte-cri dhe, ruigidh e gun dàil air an dearbh-chinnt e so.

San naothamh àite, Tha fianuis Spioraid Dhé ann, air ainmeachadh ann an Rom. viii. 16, “ An spiorad féin a’ deanamh fianuis maille r’ ar spiorad-ne, gur sinn clann Dhé.” Tuigear oibreachadh so an spioraid ni ’s fearr, ma nochdas sinn dearbh-riasan sam bith leis a’ bheil ar spiorad a’ togail fianuis gur clann do Dhia sinn; mar eisimpleir, ge b’e ghràdhaicheas na bràithre, chaidh e thairis o bhàs gu beatha, ’s air an aobhar sin tha e ann an Criosd: ach tha mise gràdhachadh nam bràithre; uime sin, chaidh mi thairis o bhàs gu beatha. Ann an so tha trì ghné oibre an Spioraid, no, trì oibrichean air dòigh a’s soilleire: ’se a cheud ghné, dealradh de sholus Dhé air a cheud earrann de na briathraibh so, a’ dearbhadh an ùghdarras naomha, mar fhocal Dé. ’S éiginn do spiorad Dhé fianuis a dheanamh air diadhachd an sgriobtuir, agus gur e focal neo-mhearachdach Dhé e, fada thar gach arguin eile a dh’ fheudar a ghnàthachadh air a shon. ’Se ’n dara oibreachadh dealradh glòirmhor soluis o ’n Spiorad, a’ dealradh air an dara earrann de ’n riasan, ’s mar sin air a ghràsaibh féin anns an anam, a’ nochdadh gur gràsa fìor iad, a tha freagarrach do’n chùntas a tha’n Sgriobtuir a’ toirt mu’n timchioll. Mar so tha e air a ràdh, gu’n aithnich sinn tre a Spiorad na nithe tha air an toirt duinn gu saor o Dhia. 1 Cor. ii. 13. Tha ’n treas ghné oibre a réir an treas

earrann de riasan na h-arguin, no an co'-dhunadh ; agus tha mi breithneachadh nach 'eil ni sam bith ann an so ach drùghadh air creidimh, 'ga neartachadh chum làn-dearbhadh a tharruing o na nithibh roi'-ràite. A nis, (le ùmhlachd do dhaoin' eile, a tha ni's soilleire san Sgriobtuir, 's aig a' bheil barrachd fiosrachaidh air na co'-pairteachaibh ro phrìseil sin,) tha mi baralachadh nach e fianuis an spioraid a tha air ainmeachadh ann. Rom. viii. 16. Tha'n Spiorad féin a' deanamh fianuis, &c." a cheud oibreachadh sin fianuis an Spioraid, leis a' bheil e a' deanamh fianuis air diadhachd an Sgriobtuir gu h-iomlan, 's a' dearbhadh ùghdarras diadhaidh an sgriobtuir do anmaibh dhaoine a th' ann an staid nan gràs : agus feudaidh a shamhuil sin do dh' oibreachadh a bhi air dearbh-fhìrinn sgriobtuir, aig nach 'eil buntainn air bith ri uchd-mhacachd duine, no idir r'a chòir air Criosd. Feudaidh an Spiorad dealradh mar sin air fìrinn sam bith a bhuineas do dleasnas, no air fìrinn chudthromaich sam bith eile, a tha dearbhadh a dhiadhaidheachd do'n anam, 's gun ni air bith a labhairt mu thimchioll còir duine air Criosd. Cha mhò is e treas oibreachadh an Spioraid, leis a' bheil e toirt air creidimh an co'-dhunadh a tharruing gu dàna, fianuis so an Spioraid : oir, cha 'n 'eil san oibreachadh so ni air bith ach drùghadh air creidimh 'ga thoirt gu làn-dearbhadh air a' chùis ; ach tha an ni air a' bheil an làn-dearbhadh so air a tharruing no air a chur amach, ann an càil air a dhearbhadh cheana. Uime sin tha mi breithneachadh gur e dara oibreachadh an Spioraid air an dara earrann de'n riasan, an fhianuis sin do Spiorad Dhè, am boillsge sin de sholus Dé a' dealradh

air gràsaibh an duine, leis a' bheil iad air an deanamh ro shoilleir do 'n tuigse: 'se sin an fhianuis, 'se 'n dealradh mar sin orra 'fhianuis-san; oir 's ann amhàin san earrann so de'n riasan, agus anns an oibreachadh so a tha Spiorad an Tigh-earn a' còmhdachadh co'-fhianuis le'r spiorad-ne; oir sann san dara earrann de'n riasan a tha an ni àraid sin anns a' bheil fianuis ar Spioraid-ne a' co'-sheasamh, agus mar sin tha Spiorad Dhé a' togail fianuis le'r spiorad-ne anns an earrann sin fein de'n riasan mar an ceudna. Air do'n dà fhianuis sin an t-aon ni a dhearbhadh, 'se sin firinn agus dearbh-chinntè mu'n samhail sin de ghràsan anns an duine, ni tha ar spiorad no ar coguis fein a' dearbhadh a réir an eòlais, agus gu cinnteach tha Spiorad Dhé a' dearbhadh 's a' togail fianuis gu bheil a' chùis mar sin; tha breith agus co'-dhunadh air a tharruing a mach air uchdmhacachd an duine tre chreidimh an duine, air a dheachdadh leis an Spiorad chum na crìche sin: agus tha'n co'-dhunadh so a' giùlan làn-chinnt' air uchdmhacachd an duine. 'S ni cinnteach gu bheil cuid-éiginn de na fìor naoimh aig nach 'eil co'-pairt dhe so fad uile làithe am beatha, mar tha e soilleir o Eabh. ii. 15, " Agus gu'n saoradh e iad-san a bha tre eagal a' bhàis ré am beatha uile fo dhaorsa."

San deicheamh àite, Tha mi labhairt a réir fiosrachadh mòran de na naoimh, 's tha dòchas agam a réir Sgriobtuir, ma their mi gu bheil co'-pairt-eachadh do Spiorad Dhé ann, a th' air a bhuileachadh air uairibh air cuid-eiginn d'a phobull, anns a' bheil càileiginn a bharrachd air, mar 'eil e ni 's fèarr na 'n fhianuis sin a tha dearbhadh gur clann

sinn mu 'n do labhradh roimhe. 'S foillseachadh glòirmhor diadhaidh air Dia do 'n anam e, a' craobh-sgaoileadh gràdh Dhé amach anns a chridhe. 'S ni e 's fearr a dh' fheudar a mhothachadh na chur an céill. Cha ghuth labhar àrd a th' ann, ach 'se th' ann boillsge glòire a' lìonadh an anma le Dia, mar tha e 'na bheatha, 'na sholus, 'na ghràdh, agus 'na shaorsa, co'-ionann ris a ghuth labhar àrd sin " O dhuine ro-ionmhuinn na biodh eagal ort, sìth dhuit, bi làidir, seadh bi làidir." Dan. x. 19. a' cur duine 'n aiteas ro mhòr leis an smuain so 'na chridhe, " Is maith dhuinne bhi an so," mar a chù sinn Mat. xvii. 4. 'Se an ni sin a chaidh a mach o Chrìosd a dh' ionnsuidh Mhuire, 'nuair nach d' rinn e ach a h-ainm a luaidh. Eoin xx. 16, " Thubhairt Iosa rithe, A Mhuire. Air tionndadh dh' ise, thubhairt i ris, Rabboni, 'se sin r'a ràdh, A Mhaighstir." Bha esan a' cainnt rithe roimhe sin, 's cha do thuig i gu'm b' esan a bh' ann; ach 'nuair a labhair e an t-aon fhocal so, *A Mhuire*, bha foillseachadh diadhaidh, iongantach éiginn air iomchar a steach d' a cridhe, leis an robh i cho làn shàsuichte, 's nach do chuir i 'n teagamh am b'è no nach b'è sin Crìosd, no an robh còir sam bith aic' air. Rinn am foillseachadh sin Creidimh dha féin, agus choisinn e creideas agus meas dha féin, 's bhla e co'-ionann ri " Mar so tha'n Tighearn ag ràdh." Tha so na bhoillsge glòire co mòr, 's gu'm feudar anns an t-seadh a's àirde " geall daingneachaidh" no ceudthoradh, " na h-oighreachd" a ràdh ris. Eph. i. 14. oir is e làn na làimhe do'n Dia naomh e, a' deanamh an duine, gu inbhe bhig, gu h-iomlan a réir cosamhlachd Dhé, 'ga shlugadh suas le gair-

deachas ro mhòr, agus le h-anabharr iongantais, air chor 's gu bheil e a' leigeil air dì chuimhn' gach aon ni eile ach am foillseachadh glòirmhor a tha làthair. O! cia glòirmhor a ta foillseachadh so an Spioraid! Tha creidimh ann an so aig éiridh suas gu làn-chinntè co mòr, 's gu bheil e 'g'oidheirpeachadh le 'uile dhìchioll dlù-ghabhail ri Dia air dòigh mhothachail. 'Se so an nì a's fearr an airidh air an "làthaireachd mhothachail" a ràdh ris, agus do bhrìgh coltais, cha 'n 'eil e air a phàirteachadh ris na h-uile chreidich; oir tha cuid air an cumail fa dhaorsa, 's fa eagal fad uile làithe am beatha. Eabh. ii. 15. Ach an so, "tha gràdh" a tha dlù air bhi "foirfe a' tilgeadh a mach eagal. I Eoin iv. 18. Tha so air a cho'-roinn a réir toil agus rùn suidhichte 'n Dé shiorruidh, 's cho neo-mhaireannach 'nuair a thig e, 's nach còir do dhuine sam bith a staid ghràs-mhor a chur an teagamh air son e bhi dh' uireasbhuidh air.

San aon-àite-dheug, Tha ni ann ris an abair sinn *sìth*, mu bheil mòran daoine cur anabharra dragh orra féin. Tha'n t-sìth an dara cuid mu thimchioll staid duine, gu bheil e réidh ri Dia tre Iosa Criosd; no, mu thimchioll a staid san àm tha làthair, gu bheil e gluasad air dhòigh a tha taitneach le Dia, air a chuid a 's lugha, co fad 's nach 'eil aimhreite no connspoid air bith eadar Dia agus e féin, a' bagradh dìoghaltais a dheanamh air. Tha iad sin araon an dara cuid air an dòigh sin ann an deuchainn le sgrìobtuir, 's do bhrìgh coltais ann an cùntas Dhé; no ann an deuchainn le coguis duin' e féin. Tha sìth mu thimchioll staid duine ro chinnteach ann an deuchainn sgrìobtuir agus nèimhe, 'nuair tha duine tre chreidimh a' gabhail

ri Crìosd agus ris an nuadh cho'-cheangal. Rom. v. 1, " Air dhuinne, bhi air ar fìreanachadh tre chreidimh, tha sìth againn ri Dia." Air dha bhi cinnteach daingeann an deuchainn na coguis air dha bhi làn-fhiosrach anns a' chùis: oir anns an staid sin tha e do ghnàth a' labhairt a réir sgrìobtuir. Ach do bhrìgh gu bheil a' choguis gu minig aineolach neo-fhiosrach sa' chùis; uime sin tha sìth gu bitheanta mu thimchioll staid duine a réir focail Dé, 'nuair tha a choguis a' bagradh atharrachadh sin, 'ga shìor-dhìteadh, 's a' cur an céill da nach 'eil sìth aige ri Dia trid Chrìosd. 'S éiginn do'n choguis a bhi làn-fhiosrach anns a' chùis so, agus staid ghràs-mhor duine bhi air a dearbhadh leis na comharan gràis, mar a nochd sinn roimhe: 's ma bhios a' chùis mar so, ni fianuis mo spioraid féin mòr-chìosnachadh air agartas neo-stéigheil na coguis; agus ma chuireas Spiorad Dhé 'fhianuis 's a theisteachas féin ris, tha choguis an sin làn-toilichte a' gealltuinn sìth do'n duine.

Feudaidd an t-sìth eile mu thimchioll staid duine san àm tha làthair, 'se sin gu bheil e taitneach le Dia ann an seadh an t-soisgeil, a bhi dh' easbhuidh air, ged robh an t-sìth mu thimchioll staid duine ro chinnteach, 's a staid ghràs-mhor as an teagamh. Tha'n t-sìth so mu thimchioll staid duine, an dara cuid air a mhodh so ann an deuchainn sgrìobtuir, no an deuchainn le coguis duine, agus 'se so 'nuair nach 'eil spéis aig duine do ainigidheachd, 's a tha e toirt gràdh do uile àitheant-aibh Dhé; an sin tha'n Sgrìobtuir ag ràdh, gu bheil e 'na sheasamh air ionad còmhnaidh, 's nach ruig e leas eagal na sgàth bhi air roimh fhearg Dhé, chum peanas aimsireil a leagadh air: Agus

'nuair tha chùis mar so, bu chòir d' a choguis aontachadh leis, 's a stiùradh air an t-slighe sin féin, agus dhèanadh i so nam biodh i làn-fhiosrach air a' chùis; ach do bhrìgh gu bheil a choguis gu tric neo-fhiosrach aineolach uime, feudaidh duine bhi fa gheilt le olc ann an deuchainn na coguis, mar gu'm biodh e gu dligheach an dùil ri peanas a bhi air a leagadh air le Dia air son a pheacaidh, 's as leith gamhlas éiginn a th' aig Dia dha, ged is slàinte bha 'n rùn Dhe a bhuileachadh air. 'S leòir so chum duine chumail neo-fhoisneach, 's an gairdeachas tha air a cheadachadh dha a chumail uaithe, 'nuair tha e 'g imeachd 'na ionracas: air an aobhar sin 's éiginn do dhuin' a choguis a dheanamh làn-fhiosrach an so mar an ceudna, 's gun dìteadh no casaid air bith a ghabhail uaipe, mur dearbh i a' chùis gu soilleir le sgriobtuir. Seasadh gach aon duine aig cathair a bhreitheanais sin, mu thimchioll a staid féin; agus togadh e a' chùis o gach ionad deuchainn eile chum an ionaid sin, 's na gabhadh e casaid air bith, ach a réir fìrinn Dhe, leis a' bheil a choguis ri bhi air a stiùradh anns gach aon ni. Agus nan ràchadh an aire mhaith a thoirt do'n chùis so, cha bhiodh a choimhion amharus neo-stèigheil mu thimchioll an staid am measg muinntir Dhé air son gach aon smuain a dh'inndrinneas 'nan cridhe.

San dara h-aite-deug, Tha aoibhneas an Spioraid Naoimh ann; agus 'se so 'nuair tha'n Spiorad a' deachdadh air ar n-aoibhneas ann an Dia, (ni tha 'na ghràs a tha ro bheag an cleachdadh le mòran,) 's a tha toirt air fàs gu mothachail beothail; 's tha e brosnuchadh ceudfath an aoibhneis agus an t-subhachais anns an anam, air chor 's gu bheil

aoibhneis glòirmhor do-labhairt anns ann anam, an àm dha bhi smuainteachadh air a chàirdeas 's air a dhlù-dhàimh ris an Dia bheò. 1 Pead. i. 8, “ Air dhuibh bhi creidsinn ann, tha sibh a’ deanamh mòr-ghairdeachais le h-aoibhneas air dol thar labhairt, agus làn do ghlòir.” Tha’n t-aoibhneas so a’ leantuinn sìth, agus tha sìth a’ leantuinu fìreantachd. Rom. xiv. 17. Is fìreantachd agus sìth, agus aoibhneas san Spiorad Naomh, rìoghachd Dhé. Cha bhitheanta leis an aoibhneas so gun bhi a réir tomhas dearbh-chinntè mu chreidimh, mar tha e soilleir o 1 Pead. i. 8. roimh-ainmichte: air chor 's gu’n cuir mearachdan a thoirt air falbh mu nithe eile, an t-amharus an lughad mu thimchioll an nì so.

Do bhrìgh gu bheil cuid de cho’-pàirteachaibh luachmhor sin an Spioraid air an cur an teagamh, 's air an gabhail an riochd cealgaireachd Shàtain, an déis doibh dol seachad; mar dhearbhadh orra, tha sinn ag ràdh, gur gnàth le oibreachaibh àraid Spioraid Dhé ann an tomhas ard, a bhi air am pàirteachadh ri daoine 'n déigh an samhail sin de bhrise-cridhe, 's de mhòr-thriobluid. Salm li. 8, “ Thoir orm guth subhachais agus aoibhneis a chluinntinn; agus ni na cnàmhan a bhris thu gairdeachas.” an déigh na h-uiread shaoithreach ann an dleasnas diadhaidh. Dan. ix. 2, “ Agus chuir mi m’ aghaidh ris an Tighearna Dia, d’ a iarruidh le urnuigh agus le achuinge, le trasg, agus le eudach saic, agus le luathre, &c.” No ann am bhi fulang a leithid so as leith na fìreantachd 2 Pead. iv. 13, 14, “ Do bhrìgh gu bheil sibh 'nur luchd-comhairt do fhulangasaibh Chrìosd, dean-aibh gairdeachas; chum mar an ceudna, ann an

am follaiseachaidh a ghlòire, gu 'n dean sibh gairdeachas le h-aoibhneas ro mhòr. Ma mhaslaichear sibh air son ainme Chrìosd, is sona sibh; oir a ta Spiorad na glòire agus Dhé a' gabhail còmh-nuidh oirbh." No ma bhrùchdas triobluiden asteach mar an t-uisge nach feith ri duine, an sin tha iad aig irisleachadh an duine cho mòr 's gu'n glaodh e leis an fhàidh, Isa. vi. 5, " Mo thruaighe mise! oir chaidh as domh; oir is duine mi aig am bheil bilean neoghlan;—oir chunnaic mo shùilean an Rìgh, Tighearn nan sluagh." Agus tha choimh-lion dearbhadh air fhaotainn mu ghràs anns an duine. Rom. viii. 16. " Tha an Spiorad féin a' deanamh fianuis maille r'ar spiorad-ne, gur sinn clann Dhé." No tha na nithe sin a' brosnuchadh cho mòr chum naomhachd; 's a chum gach nì bhi freagarrach do na foillsichibh sin air Dia. 2 Tim. ii. 19, " Gach neach a tha 'g ainmeachadh ainm Chrìosd, tréigeadh e eucoir." 'Tha 'n neach aig a' bheil iad a' toirt mòr-fhuath do gach aon nì ach co'-chomunn agus càirdeas Dhé. Mat. xvii. 4, " Thubhairt e ri Iosa, A Thighearn, is maith dhuinne bhi an so." Agus tha na foillsichean glòirmhor sin a' giùlan na h-uiread de dh' ùghdar-ras diadhaidh 'nan co'-chuideachd, am fad 's a tha iad san anam, air chor 's gu'm mothaichear gu làn-shoilleir an déigh làimhe, gur co'-pàirteachadh àraid o Dhia, agus oibreachadh gràsmhor sòn-ruicht' a Spioraid, 's nach iad sin idir mealtoir-eachd Shàtain, 'ga chur féin an cruth aingeil soill-se. 2 Cor. xi. 14. No idir ion-samhuil nam boillsge coitchionn sin do'n Spiorad, a dh' fheudas an déigh sin, tuiteam gu tur air falbh gun tèar-nadh o Dhia. Eabh vi. 4—6, " Oir is eu-comas-

ach an dream sin a chaidh aon uair a shoillseachadh, agus a bhlais an tiodhlac nèamhaidh, agus a rinneadh 'nan luchd-comhairt do'n Spiorad naomh, agus a bhlais deadh fhocal Dé, agus cumhachdan an t-saoghail ri teachd, agus a thuit air falbh, àthnuadhachadh chum aithreachais."

A nis mata, chum an earrann sin de'n obair a bhuineas do dheuchainn a cho'-dhùnadh; tha mi 'g ràdh ris gach neach a tha gearan gu bheil dol amach ro phrìseil an Spioraid a dhì orra. 1. Thugaibh mòr-chliù do Dhia mur 'eil ni sam bith a tha ro fheumail chum còir shlàinteil ann an Crìosd a dheanamh amach, a dh' easbhuidh oirbh. Thug Dia dhuibh Iosa Crìosd, an tiodhlac bu mhò bha aige; 's o'n a tha bhur cridhe air a dhealbh fa chomhair, bheir e, leis-san duibh 'nan àm féin, gach aon ni tha chum bhur maith. 2. Tha fiuth-air agam, le mion-rannsuchadh 's le deuchainn cheart, an déigh dhuibh comhairteachaibh an Spioraid a làn-thuigsinn, nach 'eil sibh cho aineolach mu ioma nì 's a shaoil sibh. Ach 3. Cuimhnichibh nach 'eil geallaine beatha, agus sìth ri Dia, ann an earrann sam bith do'n sgriobtuir air an toirt do na nithe àraid sin a tha sibh a' baralachadh a bhi 'g ar dì; tha na geallaine air an toirt do chreidimh, le naomhachd a bhi 'na lorg; agus feudar a bharalachadh, nach 'eil comhairt aig ioma neach a tha nan oighreachan air glòir shiorruidh do chuid de na nithe sin anns a bheatha so, ach a tha trid eagail a bhàis ré àm am beatha uile fo dhaorsa. Eabh. ii. 15. Mar sin cha bu chòir do mhearachd sam bith a bhi mu na nithe sin; feudaidh sinn an iarraidh, ach tha Dia gu saorsadh a thoile féin, an toirt duinn, no an cumail

uainn. 4. Tha mòran ag iarraidh an samhail sin de dh' fhoillsichean mun dthoir iad tre chreidimh creideas do fhocal Dé. Thug e fianuis gu bheil beatha ni 's leòir ann an Iosa Criosd do dhaoine, 's nan cuireadh daoine tre chreidimh an seula ris gu bheil Dia fìor, bhiodh aca comhpairt do thuille de na nithe ro luachmhor sin. 5. Feudaidh mi a ràdh, nach 'eil smuainte urramach aig ioma neach mu Spiorad Dhé, neach d' an obair shònruichte na h-oibre luachmhor roi' ainmichte sin a chur a mach. Cha'n 'eil iad a' toirt aoraidh dha mar Dia, ach 's ann a tha iad a' cur corruich agus càmpar air, 's a' cur 'na aghaidh; agus tha ioma neach a tha deanamh gearan gu bheil na nithe sin a dh' easbhuidh orra, nach cuir de dhragh no de shaothair orra féin an Spiorad iarraidh 'na dhol amach; agus is tearc a mhuinntir sin a tha 'gan cur féin air leth fa chomhair gabhail r' an samhail sin do nithe prìs-eil 'nuair a thig iad. Air an aobhar sin bithibh ni's ro shaoithreachala an obair na diadhachd na bha sibh san àm a chaidh seachad, thugaibh tuille creideis do fhocal Dé, agus biodh tuille meas agaibh air a Spiorad, 's leis a sin feudaidh sibh tuille de na nithe ro luachmhor sin fhaotainn. Gu 'm mosgladh Dia sinn chum sin a dheanamh, mum folàichear o'r sùilibh na nithe a bhuneas d' ar slàinte shiorruidh.

EARRANN II.

An dòigh chum ruigheachd air còir shlàinteil ann an Crìosd.

Air dhuinn san earrann a's toisiche de'n leabbar so, staid gach duine chur gu deuchainn, bheir sinn san earrann so a leanas, seòladh dhoibh-san do nach comas, no aig nach 'eil a chridhe còir a thagradh air na comharan roi'-ainmichte.

CEIST. *Ciod a ni an aitim sin aig nach 'eil na comharan roimh-ainmicht' air fìor chòir shlàinteil air Crìosd, agus do nach comas, no aig nach 'eil a chridhe còir a thagradh orra?*

FREAG. Ma mhothaicheas daoine gu bheil na comharan roi'-ainmicht' air fìor chòir shlàinteil air Crìosd a dli' uireasbhuidh orra, 'se 'n dleasnas féin, agus dleasnas gach aon neach a chluinneas an soisgeul so, *gabhail gu toileach tréibhdhireach le 'n uile chridhe ri innleachd Dhé chum peacaich a shàbhaladh trid Iosa Crìosd*, agus ni so an staid tèaruinte agus cinnteach.

CAIB. I.

Nithe àraid air an cur sìos chum eòlas agus fiosrachadh a thoirt do'n mhuinntir sin a tha aineolach.

CHUM 's gur fèaird a thuigear a' chùis, cuiridh sinn sìos nithe àraid chum fiosrachadh a thoirt do'n mhuinntir sin a tha aineolach, 's an sin labhraidh sinn gu soilleir mu'n ni a chuir sinn romhainn.

1. Rinn an Tighearna Dia an toiseach á pailteas a mhòr mhaitheis, coimhcheangal ris a chinne-daoin' ann an Adhamh. Gin. ii. 16, 17. agus

neartaich e 'n duine gu buanachadh anns a choimhcheangal sin. *Ecles. vii. 29*, “ Rinn Dia an duine dìreach.” ach leis mar dh'ith an duine de'n mheas thoirmisgte, *Gin. iii. 6*. bhris e'n coimhcheangal sin. *Hos. vi. 7*, “ Bhris iadsan an coimhcheangal mar Adhamh :” agus dh' fhàg iad gun bhladh a chaidh e. *Rom. iii. 20*, “ Cha bhi feòil sam bith air a fìreanachadh 'na fhianuis-san tre oibribh an lagha :” agus leis a sin thug e gach uile thruaighe air féin. *Rom. v. 12*, “ Mar a thainig peacadh a steach do'n t-saoghal tre aon duine, agus bàs tre'n pheacadh, mar sin mar an ceudna thainig bàs air na h-uile dhaoineibh, do bhrìgh gu'n do pheacaich iad uile.”

2. Bha e o shiorruidheachd ann an rùn an Tighearna, daoine shàbhaladh gu ro shaor air dòigh eile, 's e sin r'a ràdh, trid Iosa Crìosd, agus coimhcheangal nan gràs, anns an robh mhiann air réit' a dheanamh ris na daoine taghta trid Iosa Crìosd, Dia agus duine, air a bhreith le mnaoidh ann an àm iomchuidh, chum an réite so eadar Dia agus daoine dheanamh éifeachdach. Agus dh'innis e'n t-innleachd so, a thoirt dìoladh d'a cheartas féin 's a shàbhaladh nan daoine taghta trid an t-Slànuigheir, air tùs d' ar ceud sinnsir ann am phàrras, *Gin. iii. 15*. far an dubhairt e, gu'm bruthadh sliochd na mnatha ceann na nathrach : agus rinn an Tighearna so aithnichte d'a eaglais anns gach linn.

3. Dh' aontaich an Tighearna anns gach linn a bhi 'na Dhia réidh riu-san uile a dh' aidicheadh le'n ùmhlachd d'a òrduighibh, gu bheil iad làn toilichte leis an innleachd so, 's a chuireadh mar fhiachaibh orra féin co'-aontachadh leis an nì sin féin, agus

slàint' iarraidh tre Iosa Criosd, mar tha Dia 'ga thairgse san t-soisgeul; mar so theirear pobull an Tighearna ri sluagh Israeil uile, 's tha e air a ràdh, gun do ghabh iadsan ris mar an Dia, 's tha esan ag aideachadh gu'n gabh e riù mar a phobull. Exod. xix. 5, 8; Deut. xxvi. 17, 18. Seadh fòs, tha'n Tighearn a' cur mar fhiachaibh air féin gu'm bi e 'na Dhia do shliochd agus do ghineil na h-aitim sin a dh' ùmhlaicheas iad féin mar sin d'a òrduighibh. Tha e air aithris gu 'n robh 'n cùmhnant air a dheanamh eadar Dia agus am pobull uile, sean agus òg, ris na bha san làthair, agus as an làthair, air an latha sin. Deut. ix. 10—15. Agus tha e air òrduchadh do gach uile neach teachd fo sheul do'n chùmhnanta sin, mar dh' àithneadh do Abraham. Gin. xvii. 10. Cha'n e ambàin gu'n robh e mar sin fo 'n t-seann-Tiomnadh, ach tha e mar sin san Tiomnadh-nuadh mar an ceudna. Tha Tighearna nan sluagh 'ga thairgse féin chum bhi 'na Dhia dhuinn ann an Iosa Criosd; 's ma tha 'n sluagh ag aidmheil gu bheil iad làn-toilichte leis an tairgse sin, 's mar fhianuis air a' chùis a' toirt làn-ghéill do na h-òrduighibh, tha iad air am meas 'nan sluagh fo chùmhnant, 's air an ceangal 'nam mìtibh r'a eaglais, a' faghail seul a choimhcheangail, gun deuchainn shònruicht' air bith tuille roì-laimh. Gnìomh. ii 38—41, "An sin thubhairt Peadar riu, Deanaibh aithreachas, agus bithibh air bhur baisteadh gach aon agaibh ann an ainm Iosa Criosd, chum màitheanais pheacanna, agus gheibh sibh tiodhlac an Spioraid naoimh. —An sin bhaisteadh iadsan a ghabh r'a fhocal gu toileach: agus an là sin féin chuireadh *riu* timchioll tri mìle anam."

4. Tha mòran a' buntainn gu ro chealgach ri Dia anns a chùmhanta so. Salm lxxviii. 36, 37, " Ach rinn iad miodal ris le'm beul, agus rinn iad breug dha le'n teangaidh, &c." Agus ged tha iad ag aidmheil gu bheil mòr mheas ac' air Criosd an Slànuighear, 's gu bheil iad làn-toilichte leis an innleachd sin chum peacaich a shàbhaladh trid-san, 's gu bheil ìomhaigh Dhé air aiseag annta leis an t-Slànuighear; gidheadh cha 'n 'eil an cridhe ceart a thaobh Dhé, 's tha iad 'g an toileachadh féin leis an ainm amhàin, gu bheil iad ann an cùmhanta naisgte ri Dia. Eoin viii. 39. Tha iadsan ag ràdh " Is e Abraham ar n-athair-ne." oir ged tha'n Tighearn a' cur mar fhiachaibh air gach neach a tha 'g aideachadh gu bheil e toilichte le Iosa Criosd, an luach leis an deachaidh ar ceannach, a bhi gu tréibhdhireach dùrachdach anns a chùmhanta; agus sann dhoibh-san amhàin a bhios mar sin, a choimhlionas e geallaine spioradail a chùmhaint; 's iadsan ambàin a tha gabhail da rìreadh ri Criosd, aig a' bheil còir air bhi 'nan cloinn do Dhia. Eoin i. 12. Gidheadh tha 'n Tighearn a' ceadachadh do mhòran aideachadh gu'n do ghabh iad ris-san ann an Criosd, araon san t-seann Tiomnadh, agus anns an Tiomnadh-nuadh, 'nuair nach 'eil an cridhe ag aontachadh leis; agus tha e toirt comas doibh a bhi 'nam buill d'a eaglais, a' luathasachadh dhoibh gnàthachadh nan òrduighibh, agus ioma trècair agus sochair eile o'n leith a muigh, a tha air an diùltadh do na h-ana-creidich nach 'eil ann an coimhcheangal ris.

5. Ged tha chuid a's pailte de'n t-sluagh gu h-amaideach am barail gu 'n do ghabh iad gu tréibhdhireach dùrachdach ris an Dia bheo ann an Iosa

Criosd, no air a chuid a's lugha, tha iad a' geallt-uinn cridhe nuadh dhoibh féin mum fàg iad a bheatha so, gun stéigh gun bharantas sam bith ac' air a' chùis; gidheadh, cha 'n 'eil iad ach ro thearc, a tha da rìreadh le 'n uile chridhe a' gabhail ri Dia ann an Criosd mar tha e air a thairgse san t-soisgeul; air chor's nach 'eil ach ro bheag air an sàbh-aladb, mar tha e soilleir o Mhat. vii. 14, " Is cumhann an dorus, agus is aimhleathan an t-slighe a ta treòrachadh chum na beatha, agus is tearc iad a ta 'g amas oirre." Mat. xx. 16, " Oir a ta mòran air an gairm, ach beagan air an taghadh." Nan creideadh daoine so, dh' fheudadh e bhi 'na chuideachadh chum caismeachd a thoirt doibh, chum an dùsgadh á marbh-chadal an aineolais agus an neo-churam, gu bhi ro dhùrachdach ann an gnothach cudthromach an slàinte.

6. Ge nach 'eil neach air bith a' gabhail gu ro dhùrachdach ri Dia ann an Iosa Criosd, agus làn-toilichte leis an luach ro mhòr a fhuair Dia, ach iadsan amhàin a tha air an taghadh. Rom. xi. 7, " Ach rainig an taghadh air, agus chaidh a' chuid eile a dhalladh," agus a' mhuinntir sin a tha'n Tighearna Dia gu h-àrd-uachdranach a' rùnachadh an cridhe chum an roghainn bheannaichte sin a thogail, " Cha'n urrainn neach air bith teachd a'm' ionnsuidh-se, mur tarruing an t-Athair a chuir uaithe mise e;" gidheadh dh' fhàg an Tighearn e mar dhleasnas fiachaicht' air gach neach a chluinneas an soisgeul so, iad a ghabhail ri tairgse na slàinte trid Iosa Criosd, mar gu'm biodh e 'nan comas féin a dheanamh: agus tha'n Tighearna Dia trid nan iarrtus agus nan earailean sin, (leis a' bheil e a' co-éigneachadh dhaoine chum gabhail r'a

thairgse,) ag aiseag beatha agus neart do na daoine taghta, 's a' toirt dhoibh a chridhe nuadh, a tha co'-aontachadh gu bàigheil leis an nuadh innleachd so chum peacaich a shàbhaladh, agus le Crìosd 'na dhàimh-chùmhnanta; no 'se rùn an Tighearna anns na h-iarrtuis agus anns na cuir-eannan sin, daoine chur gu dleasnas éiginn leis an gnàth leis còrdadh, chum an obair sin eadar e fein agus iadsan a chrìochnachadh: mar sin ma ta 'se *tighinn* air ar taobh-ne e, 's gidheadh 's *tarruing* air a thaobhs' e, Eoin vi. 44. 's *tarruing* air a thaobhs' e, agus is *ruith* air ar taobh-ne e, Laoi. Shol. i. 4. 'se *dlùthachadh ris* air ar taobh-ne e, 's gidheadh 'se *roighneachadh* agus toirt oirnn *dlùthachadh ris* air a thaobhs' e, Salm lxx. 4. 'Se *creidsinn* no *gabhail ris* air ar taobh-ne e, Eoin i. 12. 's gidheadh *thugadh dhuinn e chum creidsinn*. Philip. i. 29.

CAIB. II.

A' nochdadh cìod è gabhail ri innleachd Dhé chum peacaich a shàbhaladh trid Iosa Crìosd, agus gur dleasnas ro fheumail e.

AIR dhomb na nithe sin a chur sìos, tha mi 'g ràdh, ma mhothaicheas daoine gu bheil na comharan air còir shlàinteil ann an Crìosd, mu 'n do labhradh san earrann a's toisiche de'n leabhar so, g'an dì: ma 's àill leo an staid a bhi tèaruinte, 's éiginn doibh leis gach uile dhìchioll gabhail gu pearsonta, tréibhdhireach, dùrachdach ri innleachd Dhé chum peacaich a shàbhaladh trid Chrìosd, a tha air a nochdadh san t-soisgeul.

Ann an labhairt ni 's faide mu na nithe sin, nochdaidh sinn 1. Ciod è gabhail ris an innleachd ro luachmhor sin. 2. Gur e sin dleasnas feumail gach neach leis am bu mhaith a bhi réidh ri Dia, 's an anama féin a thèarnadh. 3. Ciod a tha air iarraidh roimh-laimh air a' mhuintir a tha coimhlionadh an dleasnais so. 4. Ciod iad buaidhean an dleasnais so, ma choimhlionar gu ceart e. 5. Ciod iad na nithe tha gu nàdurr' a' leantuinn, ma bhios an dleasnas air a choimhlionadh air mhodh cothromach.

I. 'Se a cheud ni a chuir sinn romhainn a nochdadh, Ciod è gabhail ri innleachd Dhé chum peacaich a shàbhaladh trid Iosa Criosd an Slànuighear, a tha air a nochdadh san t-soisgeul: 's éiginn duinn a chuimhneachadh an so, mar a nochd sinn roimhe, gu'n do neartaich Dia an duine an tùs chum buanaichadh 'na dheadh-ghean, le cheud ionracas anns an do chruthaich e a chumail gu daingeann; ach leis mar pheacaich an duine chaill e fàbhar agus gean-maith Dhé, rinn e cùmhnanta nan gnìomh gun bhladh, agus dh' fhàg se e féin eu-comasach air càirdeas an Tighearna Dia a chaill e leis a pheacadh, fhaotainn a rithist, 's air e féin a shaoradh o'n mhalluchadh agus o'n fheirg a dhligheadh dha air a shon, no dòigh sam bith leis an robh e comasach air e féin a shàbhaladh: Ach dh' fhoillsich an Tighearna gu ro shaor fhiùghantach dòigh eile air staid chailte 'n duine ath-leasachadh, 'se sin r'a ràdh, le Mhac Iosa Criosd a chur a dh' ionnsuidh an t-saoghail, chum làn-dìoladh a thoirt d'a cheartas air son peacaidh nan daoine taghta, chum 'ìomhaigh féin aiseag annta a tha nis air fàs duaichni, 's an toirt chum rìoghachd na glòire an déis doibh an

saoghals' fhàgail; agus thug e gairm fhollaiseach san eaglais, co air bith a chuireas o'r cùl gu buileach gach aon smuain air iad féin a shàbhaladh tre chùmhanta nan oibribh, no le'm fìreantachd féin, 's a dh' aontaicheas gu ro dhùrachdach bhi air an sàbhaladh trid Iosa Crìosd an t-eadar-mheadhonair, gu'm bi iad air an aiseag gu staid a's fearr na anns an robh 'n duine 'n toiseach; agus bithidh iad air an sàbhaladh. Air chor 's gur e'n t-aon dòigh air gabhail ri innleachd Dhé a shàbhaladh pheacach trid Iosa Crìosd, sinn a chur cùl ris gach smuain air bhi air ar sàbhaladh trid ar fìreantachd féin, agus aontachadh leis an dòigh so a fhuair Dia amach; 'se sin mòr-mheas a bhi againn air Iosa Crìosd mar an t-ionmhas a tha leòir-fhoghainteach chum duin' aimbeartach bochd fhàgail gu sona saibhir, agus làn chreideas a thoirt do'n fhianuis so, gu bheil beatha ni's leòir ann do dhaoine; 'se sin sinn a bhi làn-toilichte leis an innleachd so, agus aontachadh leis, mar an t-aon slighe tha treòrachadh gu fìor shonas; 'se sin sinn a bhi beachdachadh air an Eadar-mheadhonair mar tha Dia 'ga nochdadh san t-soisgeul, a' miannachadh cudthrom ar staid gu h-iomlan a leigeadh air. 'Se so an nì ris an abrar creidimh no " creidsinn, gabhail ri Crìosd," no " creidsinn 'na ainm." Eoin i. 12. 'Se so an creidsinn sin anns an Tighearn Iosa Crìosd a dh' òrduicheadh do fhear-coimhead a phrìosain chum a shàbhaladh. Gniomh. xvi. 31. Tha so a' co'-fhreagrachd do gach cùntas a th'-againn san Sgrìobtuir mu chreidimh a dh' fhìreanaicheas. Tha so a' co'-fhreagrachd do'n t-samhladh, a bi 'g amharc air an nathair phràis a bha air a

togail suas san fhàsach. Eoin iii. 14, 15. Agus tha so air a chiallachadh anns gach oibreachadh gnàthaichte do chreidimh, ris a' bheil geallaine air an ceangal san Sgriobtuir; agus g'heibhear na nithe sin anns gach neach a fhuair an cridhe nuadh o Dhia, 's cha'n fhaighear iad ann an 'neach air bith eile.

II. 'Se 'n dara ni a chùir sinn romhainn a nochdadh, gur e so dleasnas feumail gach neach leis 'm bu mhiann bhi réidh ri Dia, 's an anamaibh féin a shàbhaladh; mar tha e soilleir o na nithibh so a leanas.

1. Tha gabhail ri innleachd Dhé, no creidsinn ann an Criosd, air àithneadh leis an Tighearna Dia air feadh gach earrann de'n Sgriobtuir, mar chùmh-nant au nuadh choimhcheangail, a' toirt làn chòir dhoibh-san a chreideas ann, air gach uile bheannachadh spioradail a tha air an gealladh anns a choimhcheangal sin; oir 'se sin ann am briathraibh aithghearra, gabhail ri Criosd. Tha so air iarraidh, 'nuair tha Dia a' toirt cuire do dhaoine, iad a thighinn 's a cheannach, 'se sin iad a shealbhachadh an iomlain le gabhail ris an innleachd sin. Isa. iv. 1. Tha cuireadh aig an aitim a tha sgìth teachd d'a ionnsuidh-sa, chum 's gu'm faigheadh iad fois. Mat. xi. 28. 'Si so 'àithne-san, gu'n creideamaid an ainm a Mhic Iosa Criosd. 1 Eoin iii. 23. 'S leòir na chaidh ainmeachadh cheana chum a dhearbhadh gu bheil e 'na dhleasnas fiachaichte. Ach os-bàrr, 'se a shamhuil sin de dhleasnas, amhàin a bheir làn chòir na h-uchdmhacachd do dhuine; oir 's iadsan amhàin a tha gabhail ris, aig a' bheil còir air a bhi 'nan cloinn da. Eoin i. 12.

“ Ach a mheud as a ghabh ris, thug e dhoibh cumbachd a bhi ’nan cloinn do Dhia, *eadhon* dhoibhsan a ta creidsinn ’na ainm.”

2. Mar so, tha e soilleir gur e sin dleasnas feumail gach uile neach. Oir cha lugha na so a bheir còmhdhail chuimseach do’n Dia shiorruidh a tha ’ga thairgse chum bhi ’na Dhia dhuinn ann an Crìosd; ’s cha lugha na so a cho’-fhreagras d’ar n-aidmheil, mar tha sinn ann an cùmhnanta ris, mar bhuill d’a eaglais fhaicsinnich. Tha Triath na beatha a’ tairgse bhi ’na Dhia dhuinn ann an Crìosd: ’s mur gabh sinne ris an tairgse sin, a’ cur cùl ris gach fiuthair chum ruigheachd air fìor shonas le dòigh sam bith eile, cha’n ’eil sinn a’ toirt còmhdhail iomchuidh dha an èiric na rinn e air ar son. Tha e ’g ràdh, “ Is e so mo Mhac gràdhach-sa anns am bheil mo mhòr-thlachd, éisdibh ris.” Mat. xvii. 5. Mur gabh sinn ris an tairgse, cha’n ’eil sinn a’ toirt freagradh sam bith do’n Dia a chruthaich sinn. Osbàrr tha sinn uil’ air ar baidteadh an ainm an Tighearn Iosa Crìosd, chum maitheanas peacaidh. Gniomh ii. 38. Uime sin mur gabh sinn ri Crìosd, mar tha e air a thairgse, tha sinn a’ breugachadh na h-aidmheil sin; air an aobhar sin, o’n is e so an ni tha co’-fhreagradh do thairgse Dhé anns an t-soisgeul agus d’ar n-aidmheil féin mar bhuill d’a eaglais, tha e ’na dhleasnas ro fhiachaicht’ oirnn.

3. Ge b’e ni eile bhios aig duine, mur ’eil e mar so a’ gabhail ri Iosa Crìosd, agus ri innleachd Dhé chum peacaich a shàbhaladh trid-san, cha’n ’eil tairbhe sam bith dha ann, aona chuid an gabhail gu taitneach r’a phearsa, na r’a dhèanadas, na idir a shàbhaladh ’anma. ’Sann amhàin ’na Mhac gradh-

ach Iosa Criosd a ghabhas Dia gu taitneach ri daoine. Ephes. i. 6. Bha Abel agus 'Iobairt air an gabhail gu taitneach tre chreidimh. Eabh. xi. 6. "As eugmhais creidimh cha'n 'eil e'n comas a thoileachadh." "An ti chreideas ann, cha dìtear e; ach an ti nach creid, tha e air a dhìteadh cheana," &c. Eoin iii. 18. 36. Oir as eugmhais creidimh, cha'n 'eil tairbhe ann an còir air bith o'n leth a muigh; tha clann na rìoghachd air an druideadh a mach ma bhios iad a dhiobhail creidimh. Mat. viii. 10, 11, 12. Tha clann Israeil coltach ris na h-Ana-creidich eile, a thaobh staid neo-gràs-mhor, buailteach do fheirg an Uile-chumhachdaich. Ier. ix. 25, 26. "Feuch, tha na làithean a' teachd, deir an Tighearn, anns an smachdaich mise na h-uile thimchioll-ghearrta, maille ris na neo-thimchioll-ghearrta; an Eiphit, agus Edom; oir tha na cinnich so uile neo-thimchioll-ghearrta, agus tha tigh Israeil uile neo-thimchioll-ghearrta nan cridhe." Mur creid daoine gur e'n ti sin a chaidh a chur gu bàs aig Ierusalem d'am b'ainm Iosa Criosd, agus air an d'rinn na fàidhean fianuis, 's a dh' fhoillsicheadh gu'm b'esan Mac Dhé le 'iomadh oibre cumhachdach: Tha mi 'g ràdh, mur creid daoine gur esan an t-slighe, 's mur gabh iad ris mar an aon slighe amhàin, gheibh iad bàs 'nam peacaibh. Eoin viii. 24. "Uime sin thubhairt mi ribh, Gu'm bàsaich sibh ann bhur peacaibh: oir mur creid sibh gur mise e, gheibh sibh bàs ann bhur peacaibh."

Uime sin, tha sinn ag ràdh, gu bheil e 'na dhleasnas ro fheumail gabhail ri Criosd air a mhodh so, mar am fuasgladh beannaichte chaidh òrduchadh chum peacaich a shàbhaladh. Tha e

fiachaicht' air gach neach a thig chum aois iomchuidh, 's a chluinneas an soisgeul so, smuainteachadh air a staid chailte fèin, agus air tairgse ghràsmbhor Dhé trid Iosa Crìosd; agus teicheadh gu luath o' u fheirg a tha chum teachd, le gabhail gu ro dhùrachdach ris an tairgse so, 's a bhi làn toilichte leis mar innleachd ro thaitneach chum peacaich a shàbhaladh. 'S a chum an tuille misnich a thoirt do gach neach cur mu thimchioll an dleasnais so, 'nuair tha iad a' cluinntinn an Dé Uile-chumhachdaich a' guidhe 'sa 'g earalachadh orra bhi réidh ris féin, thugadh iad fainear gu bheil sìth agus slàinte gu coitchionn air an tairgse do'n t-sluagh uile gun choigleadh air neach air bith. "Ge b'e neach leis an àill, gabhadh e uisge na beatha gu saor." Taisb. xxii. 17. Ma tha tart air neach sam bith, ged is ann an déigh air nithe neo-tharbhach, gidheadh 'se am beatha ann an so, air a chùmhanta roi'-ainmichte. Isa. lv. 2, 3. tha e air àithneadh do gach uile neach iad a chreidsinn. I Eoin iii. 23, "Is i so 'àithne-san, gu'n creideamaid ann an ainm a Mhic Iosa Crìosd." Tha na geallaine do gach neach a tha air an gairm o'n leth a muigh leis an t-soisgeul. Cha'n'eil Dia a' druideadh neach sam bith a mach. Gniomb. ii. 39, "A ta an gealladh dhuibhse, agus do 'ur cloinn, agus do na h-uile a ta fad o làimh, eadhon a mhead as a ghairmeas an Tighearna ar Dia." Air chor 's ma tha déigh aig neach sam bith air tighinn a dh' ionnsuidh Dhé, feudaidh iad teachd air an aghart, 's cha tilg e air chor sam bith a mach iad. Eoin vi. 37. air dha bhi comasach air a mhuinntir a thig chum Dhé trid-san a shàbhaladh gus a' chuid a's faide. Eabh. vii. 25. Agus

tha'm barrachd feum aca-san a chuir dàil fhada sa' chùis so, air cur mu thimchioll a nis leis an tuille dùrachd, an t-eagal gu'm folaichear o'n sùilibh na nithe a bhuineas d'an sìth. Ach cha drùigh na briathra sin, no aon ni 's urrainu mis' a ràdh air an t-sluagh neo-iompaichte, gus an taosg Dia a nuas a Spiorad orra o na h-àrdaibh, Isa. xxxii. 15. a thoirt orra dlùthachadh ris ann an Criosd; gidheadh 's éiginn duinn an dleasnas a shìor-sparradh air daoine, 's a ghuidhe agus earalachadh orra air gbaol Chrìosd, 's mar is fheudar dhoibh cùntas a thoirt Dhà-san 'nan uile ghnìomh-ara air chionn là a bhreitheanais, gun iad a thoirt fois na tàmh do'n Tighearna, gus an cuir e 'mach orra eòlas a bhi ac' air na nithe a bhuineas d'an sìth, 's a bhrosnaicheas iad chum gach earrann d'an dleasnas a chur an gnìomh le mòr thogradh ann an nuadhachd beatha.

CAIB. III.

A' nochdadh cìod a tha air iarraidh roimh-laimh air a' mhuinntir leis an àill creidsinn ann an Iosa Criosd.

III. **THA** sinn a nis ri labhairt mu'n *treas* ni a chuir sinn romhainn, agus 'se sin, a nochdadh cìod a th' air iarraidh roimh-laimh air an aitim a tha gus an dleasnas so a choimhlionadh. Cha'n fbeud daoine tionnsgnadh gu h-obann, gun dearbh bheachdachadh, agus gu h-aineolach neo-fhiosrach air a' chùis so, ag ràdh, Gu bheil iad làn-toilichte leis an innleachd sin chum peacaich a shàbhaladh trid Chrìosd, 's gu'n aontaich iad leis, agus gu'n dean iad bun á

toillteannas an t-Slànuigheir chum an sàbhaladh o'n fheirg a tha chum teachd: 's bitheanta tha daoine 'gam mealladh féin sa' chùis so, 'sa tha iad an làn bharail gu'n do ghabh iad cheana ri Crìosd air mhodh slàinteil, 'nuair tha iad aineolach air oibreachadh gràsmhor an Spioraid. Uime sin nochdaidh sinn cuid de nithe tha air an iarraidh ann an neach a tha ri gabhail ri Iosa Crìosd, ge nach 'eil sinn 'gan tairgse mar bhuidhean ro chinnteach, a dh' ullachadh duine fa chomhair Chrìosd. Isa. lv. 1. "Thigibh,—gun airgiod agus gun luach;" gidheadh 's buaidhean iad a tha co ro fheumail, 's nach 'eil e'n comas do neach sam bith dleasnas creidsinn an Crìosd a choimhlionadh gu fiosrach, tréibhdhireach, dùrachdach, as an eugmhais.

A bharrachd air na ceud thoisichean coitichionn a's coltach a bhi aig gach neach a tha caitheamh am beatha fo òrduighibh an t-soisgeil, mar a tha eòlas a bhi aca gu bheil anama neo-bhàsmhor aig a chinne-daonna, gu'm bi 'n t-anam agus an corp air an dlù-cheangal r'a chéile air chionn latha a bhreitheanais; gu bheil nèamh agus ifrinn ann, 's gur h-ann an aon diubh bhios ionad-còmhnuidh bhith-bhuan nan uile dhaoine; gur e 'n Seann-Tiomnadh agus an Tiomna-Nuadh focal fìrinneach Dhé, agus riaghailt creidimh agus bheusan; gu bheil gach duine thaobh nàduir as eugmhais gràs Dhé, 's 'nan nàimhdibh dha, agus fearg thoiltinn-each; gur h-ann amhàin trid Iosa Crìosd an t-Eadar-mheadhonair a tha réite ri Dia; gur h-e creidimh a dhlù-cheanglas daoine ris, 's is cùmhnant do'n nuadh choimhcheangal; gur i naomhachd toradh fìor chreidimh, 's gu'm bu chòir do gach

neach oidheirp theann a thoirt air ruigheachd air fìor naomhachd, mar nì, as eugmhais nach faic neach air bith Dia; tha mion-eòlas air na nithe sin feumail, ach a bharrachd orra sin, tha mi 'g ràdh gu bheil e air iarraidh roimh-laimh air an duine leis am b' àill creidsinn anns an Tighearn Iosa Criosd, air tùs, gu'm beachd-smuainich e le mòr-dhùrachd air an staid sa' bheil e thaobh nàduir. Agus an so 's éiginn da eòlas a bhi aige mu thimchioll nithe àraid, agus mar an ceudna bhi ro dhùrachdach mu'n timchioll: Tha mi 'g ràdh gur h-éiginn da eòlas a bhi aige mu nithe àraid, mar tha.

1. Leis mar bha e air a bhreith 'na cheannairc-each an aghaidh Dhé, gu'n do chuir e corruich agus diomb air an Dia a chruthaich e le ioma peacadh-gniomha, 's gu'n do dhaingnich e fearg Dhé ris; seadh, 's còir do dhuine fios a bhi aige air ioma dearbhadh shònruichte d'a cheannairc an aghaidh Dhé, mar tha, gu bheil e 'na bhreugaire, 'na fhear-brise sàbaide, 'na fhear-labhairt-bhlais-bheum, no an samhail sin, mar tha Pòl^la' labhairt gu ro shònruichte uime féin an déigh làimhe 1 Tim. i. 13.

2. 'S éiginn do'n duine fios a bhi aige, gu bheil fearg Dhé tha air a bhagrath san Sgriobtuir, a' buanachadh gu neartmhor an aghaidh nan ceart pheacanna sin d'a' bheil esan ciontach, 's air an aobhar sin, 's esan gun teagamh a phàirtidh air a' bheil Dia, do nach comasach breug a dheanamh, a' bagradh cogaidh. 'S éiginn do dhuine fios a bhi aige 'nuair tha'n sgriobtuir ag ràdh, "Malluichte gu robh am mealltair—a dh' iobras ni truailidh do'n Tighearn:" Mal. i. 14. gur h-ann 'na aghaidh

féin a tha e labhairt air son a sheirbheis neo-dhùrachdach do Dhia leis an duine o 'n leth a muigh, 'nuair bha a chridhe fada uaithe, a' dian-ruagadh nithè faoine na beatha so. 'Nuair tha'm focal ag ràdh, Ecsod. xx. 7, "Cha mheas an Tighearna neo-chiontach esan a bheir 'ainm an diomhanas," 's còir do'n duine fios a bhi aige gur h-ann 'na aghaidh fein e tha e labhairt, a mhi-naomhaich gu bitheant' an t-ainm uamhasach sin d' an còir do gach glùn lùbadh 'na fhianuis le mòr urram, Phil. ii. 10. 's a tha nàimhdean a' toirt an diomhanas gu h-anndàna. Salm cxxxix. 20, "'Nuair tha'm focal ag ràdh, 'S malluicht' an neach a ni obair an Tighearna gu neo-chùramach, Ier. xlviii. 10, 's éiginn do'n duin' a thuigsinn gur h-ann 'na aghaidh féin a tha e labhairt, a dh' éisd gu neo-urramach, dear-madach, le inntinn luaineach, am focal air a shear-monachadh; 's a rinn ùrnuigh gu minig 'na làthair, gun mhothachadh, gun tuigse, agus gun chreidimh. 'Nuair tha 'm focal ag ràdh, "Is an-aoibhinn da-san a tha toirt air a choimhearsnach òl, a ta cur ris a' chopain, agus 'ga chur air mhisg mar an ceudna, chum gu'n amhairceadh e air a lom-nochduiche," Hab. ii. 15, 16. 's éiginn do'n duine thoirt fainear gur h-ann 'na aghaidh féin a tha e air a labhairt, a rinn uaill an cur a choimhearsnaich air mhisg, 's gu bheil fearg uamhasach air a shocrachadh leis an Tighearna Dia 'na aghaidh a réir an sgriobtur-sin. 'Nuair tha 'm focal ag ràdh, "Bheir Dia breith air luchd neo-ghloine." Eabh. xiii. 4. agus, "Bithidh an cuibhrionn anns an loch a ta dearg-lasadh le teine agus pronnusc," Taisb. xxi. 8. 's éiginn do'n duine thoirt fainear, gu bheil an sgriobtur a labhairt nan ceart bhriathra sin 'na

agbaidh féin, air dhà bhi 'na dhuine neòghlan; air chor 's gur h-esan an duine d' a' bheil malluchdan an lagha gu neo-mhearachdach a' deanamh an cuspair.

3. 'S éiginn do dhuine fios a bhi aige nach 'eil ni air bith aige leis féin a tha murrach air a shìth a ghleidheadh dha, 's a chuireas saor e o'n chunnart 'sa bheil e; do bhrìgh gu bheil 'fhìreantachd uile mar ni neoghlán. Isa, lxiv. 6. Cha leòir ùrnuighean, a sheirbheis eile do Dhia, a dhéircean, &c. a chosnadh maitheanais da 'na pheacaibh am fianuis an Uile-chumbachdaich, do bhrìgh nach d' thainig iad o'n rùn cheart 'na chridhe, 's nach robh iad air an coimhlionadh air mhodh iomchuidh, no air son aobhair cheart, no idir chum crìoch mhaith; bha 'ìobairtean ro fhuathach leis an Tighearna. Gnàth. xxi. 27.

4. 'S éiginn da thuigsinn, leis mar tha e as eugmhais uile ghràsa slàinteil an Spioraid, mar tha fìor ghràdh Dhé, fìor eagal 'ainme, bròn diadhaidh air son peacaidh, &c. co ro shònruichte, gu bheil creidimh ann an Criosd a dh' easbhuidh air, a ghabhas an uallach o gach aon neach a chreideas ann. Gus an tuig duine gu bheil na nithe sin a dhìth air, fàgaidh e do ghnàth 'ainmheach 's a thròm-uallach an àit' air bith eile, gun chùram gun umhail, mun dthoir e dh' ionnsuidh an Urrais choitchionn e.

Cha 'n e amhàin gur éiginn do dhuine bhi fiosrach mu na nithe sin, mar thuirt mi roimhe, ach 's éiginn da mar an ceudna smuainteachadh orra le mòr dhùrachd, sin r'a ràdh, 's éiginn do na nithe sin drùghadh air, 's a bhi ro dhùrachdach mu 'n timchioll, mar a's gnàth leis a bhi mu ghnòthaich-

ean cudthromach eile; seadh fòs, 's còir dha bhìni's dùrachdaiche sa' chùis so na bhios e an gnothaichean saoghalta sam bith, do bhrìgh gur cùis ro chudthromach so ris a' bheil a shonas sìorruidh an earbsa. Agus bheir an ro dhùrachd so toradh iomchuidh uaithe.

1. Barrachd cùram a ghabhail m'a shlàinte shìorruidh na ghabhas e mu nì air bith eile. An éiginn do dhaoìn' air tùs rìoghachd Dhé iarraidh? Mat. vi. 33. A' bheil ann ach aon nì feumail? Luc. x. 42. Am meas Pòl na h-uile nìthe 'nan calldach agus 'nan aolach air son na cùise so? Phil. iii. 8. A' bheil duine 'n call ged choisinn e 'n saoghal uile ma chailleas e 'anam? Marc viii. 36. An e so amhàin a bhios 'na aobhar-ghairdeachais, gu bheil ainm dhaoine sgrìobht' ann an leabhar na beatha? Luc. x. 20. 'S nach gabh daoine tuille suim d' an anam agus d' an slàinte shìorruidh na ghabhas iad de nì no neach sam bith eile? 'S deimhin leam gu'n gabh, no 's daoìn' iad a tha air dhiobhail céille, 's ann am breislich an-dàna. Na mealladh neach sam bith e féin sa' chùis so; oir mur deachaidh cunnart anabarrach an anma, agus an slàinte shìorruidh, 's cionnas a bhios iad réidh ri Dia, nì 's dlùithe d' an cridhe na chaidh aon nì eile san t-saoghal, cha 'n fheudar le aon bharantas ceart a bharalachadh, gu'n d' fhuair iad riabh mothachadh air am peacadh, no eòlas air Dia, no idir buan-mhaireannachd 'fheirge air mhodh slàinteil.

2. Bristidh an ro dhùrachd so cridhe an duine, agus lagaichidh e a threòir 's a neart, agus tairn-gidh e gu bròn e, mar air son ceud-ghein. Sech. xii. 10. Tha mi 'g aideachadh gur fearr a fhreag-

ras am bròn 's an doilghios do'n earrann sin de 'n Sgriobtuir an déigh so, 'n tra bheir iad fainear mar bha Criosd air a lotadh le'm peacaibh.

3. Treòraichidh e 'n duine gu féin-fhuath, 's gu gràin a ghabhail de féin. 'Nuair a mhothaicheas duine dha féin air a mhodh sin, cha 'n 'eil e comasach dha gun sgreamh a ghabhail ris féin air son a ghràinealachd, leis an d thug e sgrios air féin. Tha càileiginn de'n spiorad-dhioghaltais sin ann a tha air ainmeachadh mar thoradh an fhìor aithreachais. 2 Cor. vii. 11, " An ni so féin doilgheas diadhaidh bhi oirbh, ciod e meud an dùrachd a dh' oibrich e annaibh—seadh, *ciod* an togradh dioghaltais?"

4. Ni am mòr-dhùrachd so duine ro oidheirp-each chum cobhair fhaotainn; o nach 'eil e ann féin; cha 'n'eil de dhànadas aige na chuireas dàil sa' chùis, mar bu ghnàth leis a dheanamh; 's gu deimhin tha so air iarraidh, gu'm mothaich e bhi air a dhian-ruagadh 's air a chur thuige cho teann 's gur maith leis teicheadh gu ionad éiginn chum a dhìon. Tha mi 'g aideachadh gu bheil tomhas a's mò de'n dùrachd so aig cuid àraidh na tha aig cuid eile, mar a nochd sinn san earrann a's toisiche de'n leabhar so; ach ma labhras sinn mu'n dòigh leis an gnàth leis an Tighearna Dia oibreachadh air a mhuinntir a tha air teachd gu h-aois, tha sinn ag ràdh gur éiginn doibh staid chunnartach an anama ghabhail d' an ionnsuidh féin le mòr-dhùrachd gun fhiuthair a bhi aca ri cobhair sam bith annta féin, o nach 'eil feum aig a mhuinntir a tha slàn air an léigh, ach aca-san a tha euslan. Mat. ix. 12. Air son tomhas an dùrachd so, tha sinn amhàin ag ràdh an ni tha coltach, gu'm bi duine

toileach leis an tomhas sin air cùmhnanta tréibh-dhireach dùrachdach a dheanamh ri Crìosd, air dhòigh sam bith air a' bheil e 'ga thairgse féin chum gabhail ris.

'Se 'n dara ni tha air iarraidh roi'-laimh air an duine leis am b' àill creidsinn ann an Iosa Crìosd, gur éiginn da eòlas a bhi aige air an t-slighe chum dol as o fheirg an Uile-chumhachaich: 's éiginn do 'n Spiorad beò-mhothachadh a thoirt dà air an fhìreantachd sin. 'S éiginn do dhuine thoirt fairear gu soilleir san àm so, gu'n do dhealbh Dia á pailteas a mhòr-mhaitheis innleachd chum peacaich chailte a shàbhaladh trid Iosa Crìosd an t-Eadar-mheadhonair, neach a thug 'fhìreantachd iomlàn làn-dìoladh do cheartas Dé a bha gu dligheach air éiridh am feirg 'nar n-aghaidh-ne; agus a ghléidh làn-mhaitheanas agus deadh-ghean siorruidh Dhé dhoibh-san uile air an cuir e iompaidh leis an t-soisgeul so chum gabhail ri tairgse Triath na beatha. Gniomh. xiii. 38, 39, " Uime sin biodh fios agaibh-se,—gur ann tre'n duine so a ta maith-eanas pheacanna air a shearmonachadh dhuibh: agus trid-san a ta gach neach a chreideas air a shaoradh o na h-uile nithibh." Eoin i. 12, " A mhead as a ghabh ris, thug e dhoibh cumhachd a bhi 'nan cloinn do Dhia, eadhon dhoibh-san a ta creidsinn 'na ainm. Air chor 's nach 'eil neach sam bith air a dhruideadh amach o'n tairgse sin, ge b'e inbh no staid anns a' bheil e, ge b'e caithe-beatha bha aige san àm a chaidh seachad, mur 'eil e ciontach de'n pheacadh an aghaidh an Spioraid Naomh, ni is e fuath mì-runach gamhlasach agus diùltadh le tàir an dòigh tha air òrduchadh chum peacaich a shàbhaladh, mar a chluinneas sinn an

ùine ghearr, oir maithear gach seòrsa peacaidh dhoibh-san a ghabhas ri tairgse Dhé mar tha e 'g iarraidh. Mat. xii. 31, “Tha e mar an ceudna comasach air an dream a thig a dh' ionnsuidh Dhé trid-san a thèarnadh gu h-iomlan.” Eabh. vii. 25.

'Se 'n *treas* ni tha air iarraidh roi'-laimh, Gur éiginn do dhuine fios a bhi aige, mar nach do dhruid Dia a mach e o'n fhuasgladh tha air òr-duchadh chum peacaich a shàbhaladh, gu bheil e toileach a bhi réidh ri daoine trid Iosa Criosd, agus cho'-éignich e daoine chum gabhail ris trid an t-Slànuighir uile-bheannaichte, agus mar so an t-slàinte sin a chosnadh dhoibh féin, 's gun dàil a chur anns a' chùis. Cha'n e 'mhàin gu bheil e toirt cuireadh do gach uile neach teachd d'a ionnsuidh, Isa. lv. 1, 2. 's a' gabhail gu fàilteach riùsan a thig, mar a chì sinn san t-soisgeul, 's a' cliùthachadh na h-aitim sin a tha teachd, mar an Caiptein-cheud, Mat. viii. 10. 's a bhean o Chanaan, Mat. xv. 28. 's tha e toirt achmhasan do dhaoin' air son nach 'eil iad a' tighinn 's a' gabhail ris, Eoin v. 40, “Gidheadh cha'n àill leibh teachd a m' ionnsuidh-sa, chum gu'm faigheadh sibh beatha.” 'S tha e 'gan dìteadh air son nach 'eil iad a' gabhail ris air a mhodh sin, Eoin iii. 18, “Ach an ti nach creid, tha e air a dhìteadh cheana,” ach tha e mar an ceudna toirt àithne do gach neach iad a chreidsinn ann an Criosd. I Eoin iii. 23, “Is i so 'àithne-san gu'n creideamaid ann an ainm a Mhic Iosa Criosd,” air chor 's nach còir do dhuine chur an teagamh nach 'eil an Tighearna làn-toileach gabhail ri daoine thig air mhodh tréibhdhireach dùrachdach a dh'ionnsuidh Chriosd, oir làn-shoilleirich Dia sin san Sgriobtuir. Mur bi

fios aig duin' air na h-uiread so, 's gann a bhios a chridh' aige gabhail ris an innleachd ro luachmhor sin a shàbhaladh pheacach, no idir a chudthrom 's a thaic a leigeadh air guailnibh treun uile-chumhachdach an t-Slànuighir bheannaichte tha làn-chomasach air a thròm-uallach a ghiùlan, ma thaic-ear ris e.

'Se 'n ceathramh ni tha air iarraidh roi'-laimh, gur éiginn do'n duine leis an àill gabhail ri Iosa Criosd, a chur roimhe gu'n cuir e gach cùmhnant ri ifrinn agus ris a bhàs fa sgaoil. Isa. xxviii. 15. 'S éiginn do dhaoine chur rompa gu'n cuir iad cùl ris gach olc air am fiosrach iad, a tha 'nan aoradh; oir cha'n 'eil réite sam bith eadar Criosd agus Belial. 2 Cor. vii. 14—18. Tha'n Tighearna Dia 'g iarraidh air gach neach aig am bi fiuthair ri esan fhaghail, nach biodh iad air son neach eile. Hos. iii. 3. Tha so fada o aithreachas a réir an t-soisgeil, ni tha mi 'g aideachadh nach 'eil a' dol air thoiseach air gabhail ri Criosd tre chreidimh: oir cha 'n 'eil an so ach ro bheagan a bharrachd air fuath a thoirt do na nithe sin a bhà ro thaitneach le duine san àm a chaidh seachad, agus tàir a dheanamh air na nithibh sin mu 'n robh e ro dhéigheil roimhe so, do bhrìgh gu bheil e 'ga fhaicinn féin cailte d' an taobh, agus fuasgladh uapa a nis 'na thairgse, leis a' bheil a chridhe a' tionnsgnadh air bhi ni 's ro chùramaiche na bu chleachdadh leis. An déigh so, 'nuair a bheachdaichear air Iosa Criosd 'na aonar, bidh a ro oirdheirceas agus a mhaise, follaiseach, air chòr 's nach 'eil a choimeas am measg nan uile dhée, 's tha e 'g amharc mar chòmhdachadh leòir-fhoghainteach do shùilibh na muinntir a gheibh e: leis

a' bheil an cridhe toirt mòr-spéis do innleachd Dhé anns an nuadh choimhcheangal, 's a' miannachadh a chudthrom a leigeadh air Criosd a roghainn air gach ni eile, 'ga aomadh féin d'a ionnsuidh; 's mar sin tha 'n duine fàs 'na fhìor chreid-each.

Cha'n abair mi gu'm faighear gach aon de na nithe sin mu'n do labhair sinn gu riaghailteach soilleir anns gach neach mun gabh e ri Dia ann an Criosd; oir feudar dòigh a chridhe ri Criosd a chur ris na ceithir nithe iongantach. Gnàth. xxx. 18, 19. 'S cùis ro chruaidh an cridhe a lorgachadh 'na atharrachadh o dhorchadas gu solus; gidheadh tha sinn a' nochdadh na dòigh a's riaghailtiche agus a's coltaiche, do'n ti tha 'g iarraidh eòlais air a' chùis; agus leis a sin a' fògradh na muinntir a tha aineolach aindiadhaidh neo-mothachail o bhuntainn ris, 's a' toirt sparradh dhoibh gun iad a ghabhail os-làimh gu bheil còir sam bith ac' air Iosa Criosd am fad 'sa bhunaicheas iad san staid sin, gus am fosgail an t-Uile-chumbhachdach sùilean an inntinn, 's gu 'm faic iad an staid chailte a thaobh nàduir, agus am feum anabarrach a tha ac' air Iosa Criosd an Slànuighear.

CAIB. IV.

Na buaidhean agus an tairbhe tha gu nàdurra' a' leantuinn an fhìor chreidimh.

'SE 'n ceathramh ni a chuir sinn romhainn ris an labhramaid, Buaidhean an dleasnais so, 'nuair a choimhlionar air mhodh iomchuidh e. Cha 'n ainmich mi ach beagan diu.

1. 'S éiginn do chreidimh ann an Crìosd a bhi *pearsanta*; 's éiginn do dhuine gabhail ris an t-Slànuighear 'na phearsa fèin. “Mairidh am fir-ean beo le a chreidimh.” Hab. ii. 4. Tha so a' ciallachadh, nach leòir chum duin' a shaoradh o thruaighe, gu bheil e'n coimhcheangal ri Dia, gu 'n d' rugadh e 'na bhall de'n eaglais fhaicsinnich tre ùmhlachd a phàranta do dh' orduighibh Dhé: ni mò a dh' fhòghnas e gu'n d' fhuair e seul' inndrinn a bhaistidh, 's gu'n do ghabh e san àm sin os làimh slàint' iarraidh trid fuil ìoc-shlaintich an t-Slànuighir, mar tha gach naoidhean a' deanamh: ni mò a dh' fhòghnas e gu'n d' thainig daoine o phàrantaibh diadhaidh; oir cha dthoir an creidimh-san còir d' an cloinn air beannachdaibh spioradail a chùmhnanta: cha mhò a dh' fhòghnas e, gu 'n d' thainig pàrantan fa chàileiginn de cheangal as leith an cloinne an àm am baistidh, 's gu'n d' thug iad suas do'n Tighearn iad: cha 'n fhoghainn gach ni dhiubh sin uile: oir tha clann na rìoghachd agus clann dhaoine diadhaidh air an druideadh amach; mur bi aig duin' e fèin, creidimh ann an Iosa Crìosd, 's mur bi a chridhe làn-toilichte leis an innleachd luachmhor sin chum peacaich a shàbhaladh, cha chomasach gu 'm bi e air a shàbhaladh. Tha mi 'g aideachadh gur e Crìosd a bheir an creidimh so dhà, ach 's ni cinnteach gur h-éiginn do'n chreidimh so bhi pearsanta.

2. 'S éiginn do 'n dleasnas so bhi *tréibhdhireach dùrachdach*. “Is ann leis a' chridhe a chreidear chum fireantachd,” Rom. x. 10. 'S éiginn do dhuine bhi dùrachdach neo-chealgach an gabhail ri Crìosd, 'ga mhiannachadh thair gach ni air an

cual' e riamh iomradh, gun bhi san iom-chomh-airle mu'n chùis. Cha 'n e amhàin gur éiginn do'n chùis a bhi sa' cheann no san tuigse, ach 's éiginn gu'm bi i anns a chridhe; cha 'n e amhàin gur éiginn do dhuine dearbh-bheachd a bhi aige gur e Criosd an t-slighe, ach 's eiginn da làn dearbhadh a bhi aig' air, 'ga ghràdhachadh 's a' gabhail mòr-thlachd ann, air chor 's gur e uile mhiann duin' e, mar tha Daibhidh mu'n chùmh-nant. 2 Sam. xxiii. 5. Ma bhios duine dùrachdach mu ni air bith, gu cinnteach 's éiginn gu'm bi e mar sin san aon ni so a tha co feumail. Cha dean barail fhaoin sa' cheann an gnothach so, 's éiginn gur h-obair ro dhùrachdach a chridhe agus an anama bhios ann; seadh, cha 'n obair e anns an leth a's iomallaiche de'n aigne, ach anns an ionad a's ro phrìseala de'n aigne agus de'n anam, far a' bheil Criosd air a dhealbh. Nach dùrachdach is ion do dhuine bhi sa' chùis so ris a' bheil a mhòr shonas siorruidh a' co'-sheasamh? An dean an Tighearna gairdeachas os cionn duine, mar ni fearna-bainnse gairdeachas air son a chéilidh? Isa. lxii. 5. 's gu'n gabh e còmhnuidh 'na ghràdh le h-aiteas? Seph. iii. 17, 's am bi cridhe duine cho neo-mothachail air maitheas Dé, 's cho mhi-reus-onta 's nach dtheid e amach an còmhdhail àrd Chruith-fhir mòr an t-saoghail, 'nuair tha Triath na beatha a' nochdadh gu bheil e co deònach air teachd 'na chòmhdhail-sa, 's a' gabhail na h-uiread shuim de shonas siorruidh a chinne-daoine? A mhuinntir ionmhuinn, mun dtheid sibh ni 's faide air bhur n-aghaidh, cuiribh bhur làmh air bhur cridhe, agus smuaintichibh air caoimhneas neo-chrìochnach an Uile-chumhachdaich d'ar taobh;

agus faicibh na tha e 'g iarraidh oirbh an éiric a mhòr chaoimhneis duibh; cha 'n 'eil e 'g iarraidh ni air bith oirbh, ach amhàin bhur cridhe, agus shaoilinn nach bu chòir dhuibh diùltadh a thoirt da, do bhrìgh gur e bhur maith féin a th' aig Dia san amharc; uime sin locaibh do Dhia an ni tha e 'g iarraidh oirbh, eadhon bhur cridhe, no, na dthugaibh ni air bith dha. Geath. xxiii. 26, "A mhic, thoir dhomhsa do chridhe." 1 Cor. xiii. 2. 3, "Agus ged chaithinn mo mhaoin uile chum na bochdan a bheathachadh, agus ged bheirinn mo chorp chum a losgadh, agus gun ghradh agam, cha'n'eil tairbhe sam bith dhomh ann." Air an aobhar sin a bhràithribh, gràdhaichibh an Tigh-earna Dia, a ghràdhaich sinne co mòr; thugaibh gràdh pòsaidh dha, no na dthugaibh gràdh idir dha. Gidheadh cha 'n abair mi gu bheil gràdh cumhachdach mothachail aig gach neach, a bheir orra fàs gu tinn, cho luath 's a chreideas iad; ach 's éiginn do ghràdh reusanta caomhail, air a shocrachadh air deadh stéigh, agus cho ro bhunailteach a bhi ann an co'-chuideachda creidimh 's nach 'eil mòran uisgeachan comasach air a mhùchadh. Tha e làidir mar am bàs, agus loisgidh eud ann mar theine. Laoidh viii. 9, 7.

3. 'S éiginn do *threas* buaidh a chreidimh bhi reusanta, leis mar tha e dol amach as déigh an t-Slànuigheir. Leis an ni so tha mi ciallachadh gur còir do'n duine dlùthachadh ri Dia ann an Crìosd ann an eòlas agus ann an tuigse, a' làn-thuigsinn innleachd Dhé chum peacaich a shàbhaladh trid Iosa Mac an Dé bheò, mar tha'n sgriobtuir 'ga nochdadh, gun bhi ann am barail gu bheil Crìosd aige féin air dhòigh air bith eile ach mar tha 'n

soisgeul 'ga chur an céill, no idir dòigh eile chum fuasgladh fhaotainn trid-san ach mar tha focal neo-mhearachdach Dhé a' nochdadh. Air an aobhar sin tha sinn a' toirt fainear gu bheil eòlas air a chur ris a choimhcheangal eadar Dia agus duine mar ni ro fheumail. Ier. xxiv. 7, " Agus bheir mi dhoibh cridhe gu m' aideachadh gur mi an Tighearn; agus bidh iad dhomhsa nan sluagh, agus bidh mise dhoibhsan a' m' Dhia;" Ier. xxxi. 34, " Agus cha teagaisg iad ni's mò, gach aon a chóimhearsnach, agus gach aon a bhràthair, ag ràdh, Gabhaibh eòlas air an Tighearn, oir bithidh eòlas aca ormsa uile, o'n neach a's lugha, gus an neach a's mò dhiubh, deir an Tighearn." Tha mi ciallachadh ann an so mar an ceudna, gur còir do dhuine bhi ann an suidheachadh ceart inntinn, agus an ciùineas spioraid gu h-ùmhal, macanta, iriosal an àm dha bhi gabhail ri Iosa Crìosd; ni h-ann an togradh neo-bhunailteach, nach mair ach ùine ghearr. Mat. xiii. 20, " Esan a fhuair sìol ann an àitibh creagach, is e so an tì a chluinneas am focal, agus a ghabhas e air ball le gairdeachas:" no an triobluid trid cruaidh-chas éiginn o'n leith a muigh, mar a bha 'm pobull, Salm lxxviii. 54. 'Nuair a mharbh e iad, an sin dh' iarr iad e, 's dhearbhadh iad a bhi neo-sheasmhach anns a chùmh-nanta;" no idir fo bhuaireadh chum buannachd éiginn aimsireil o'n leth a muigh, mar bha Simon Magus, 'nuair a chreid e, Gniomh. viii. 'S éiginn do dhuin' e féin a ghiùlan gu reusanta sa' chùis so, air dha bhi 'na mhaighstir air féin, agus com-asach ann an tomhas éiginn air breith a thoirt air maith no olc na cùise mar tha e 'na fhianuis.

4. 'Se 'n *ceathramh* buaidh, creidimh, mar tha

e dol amach le reusan, tha e mar an ceudna dol amach le rùn suidhichte. Thilg an sluagh àmhgharach bochd anns an t-soisgeul iad féin le'n làn-rùn air Iosa Crìosd. Tha 'n rùn suidhichte spioraid so, chum cathachadh an aghaidh gach buairidh a dh' fheudas teachd 'nan rathad ; tha fòirneart air a nochdadh do na nithe sin. Cha'n fheud an duine sin aig a' bheil a chridhe 'ga dhealbh féin fa chomhair Crìosd, a' ràdh, Gu bheil leòmhan air an t-sràid, Gnàth. xxvi. 13. Mar faigh e comas dol a stigh air an dorus, bristidh e tre mhullach an tighe, coltach ris an duine sin. Luc. v. 19. 'S minig nach bi suim aige do'n ni sin ris an abair an saoghal gliocas agus eagnadh, coltach ri Saccheus a streap suas ri craoibh chum 's gu 'm faiceadh e Crìosd, 'nuair bha creidimh a' tàrmachadh 'na chridhe. Luc. xix. Tha'n rùn suidhichte spioraid so a' gabhail beachd air gach triobluid a dh' fheudas leantuinn an lorg a chreidimh, agus tha e cur roimhe ann an neart an Uile-chumhachd-aich gu'n dthoir e buaidh air gach buaireadh 's air gach triobluid a dh' fheudas tighinn 'na rathad, cosmhuil ri fear-togail glic a chunntas an costas roi'-laimh. Luc. xiv. 28. Tha 'n rùn suidhichte so mar an ceudna chum cathachadh an aghaidh iodholaibh duine air fad, 's an aghaidh nithe a bheireadh gu réidh-bheirteach buaidh air, 's a thilgeadh bun-os-cionn e, mur deanadh e thaice féin ri Crìosd chum neart fhaotainn a thoirt buaidh air an iomlan, coltach ris an duine dhall sin a thilg 'aodach uaithe 'nuair a ghairm Crìosd e. Marc. x. 50. Tha'n làn-rùn suidhichte so san anam a' sruthadh o fhéin-fheum anabarrach anns an duine, mar thachair do dh' fhear coimhead a phrìosain,

Gnìomh. xvi. 30. agus o iarrtus àrd-uachdranach an Uile-chumbachdaich a' co'-éigneachadh an duine gu gluasad a dh' ionnsuidh Chrìosd. I Eoin iii. 23, " Is i so 'àithne-san, gu'n creideamaid ann an ainm a Mhic Iosa Chrìosd," agus o'n deadh chliù tha air dol amach mu Dhia, nach cuir e cùl ri neach air bith a thig d'a ionnsuidh trid Iosa Chrìosd, Eoin vi. 37. ach 's ann tha e moladh na h-aitim sin a tha gabhail misnich teachd d'a ionnsuidh, 's a chuireas na cruaidh-chais agus na triobluidhean a's mò an neo-shuim, mar bha bhean a mhuinntir Chanaain. Mat. xv. 28. Ach os-barr air so uile, tha'n làn-rùn suidhichte so a' teachd amach o ghàirdein treun uile-chumbachdach Iehobhah, gu dìomhair agus gu neartmhor a' tarruing a pheac-aich a dh' ionnsuidh Chrìosd, Eoin vi. 44, " Cha 'n urrainn neach air bith teachd a m' ionnsuidh-sa, mur tarruing an t-Athair a chuir uaith mise e."

Cha 'n abair mi gu bheil na chaidh ainmeachadh de smuaintibh, gu riaghailteach 'na inntinn aig gach neach a ghabh ri Chrìosd, mar tha e air a thairgse san t-soisgeul : gideadh ma rannsuichear a' chùis, agus ma chuirear thuige gu teann e, no idir ma chuirear na nìthe sin 'na chuimhne, gheibhear amach gu bheil iad san àm sin gu h-ard san anam.

O na chaidh labhairt, tha e làn shoilleir, gu bheil mòr fheum aig ioma neach anns an eaglais fhaicsinnich air tuilleadh a dheanamh chum an anama a shàbhaladh, 'nuair thig iad gu aois iomchuidh, na rinn iad san àm a chaidh seachad, anns a chùmhnannt tha eadar Dia agus an eaglais, air a nasgadh dhoibh ann am baisteadh.

Mar an ceudna o na chaidh labhairt, tha e soill-

eir, gu bheil faicill iomchuidh air saor-ghràs Dhé anns an t-soisgeul, air a nochdadh trid Iosa Crìosd an Slànuighear; air chor 's nach 'eil e'n comas dhaoine aineolach, neo-mothachail, mi-naomh, a ghabhail os laimh gu bheil còir ac' air, ma ranns-uicheas iad a' chùis, agus ma bheir iad breith neo-chlaon air an staid. Tha e fìor gun amharas, gu bheil creidsinn ann an Crìosd, agus gabhail ris mar Shlànuighear uil'-fhoghainteach 'na ni so-dheanta, agus tha gach neach mi-dhiadhaidh ag ràdh, gu bheil e féin a' creidsinn ann: ach tha iad 'g am mealladh fein, o nach do ghabh an anam riabh gu tréibhdhireach dùrachdach le làn-rùn suidhichte, ri Iosa Crìosd, mar a thuirt sinn roimhe. Feudaidh e bith gu'n robh cuid de dhaoin' aingidh air an soillseachadh, Eabh. vi. 4. 's gu'n do mbothaich iad càileiginn de ghluasad 'nan eagal: Chriothnaich Felics, Gniomh. xxiv. 25. no 'nan aoibhneas. "Esan a fhuair siol ann an àitibh creagach, is e so an ti a chluinneas am focal, agus a ghabhas e air ball le gairdeachas;" Mat. xiii. 20. agus dh' éisd Herod ri Eoin gu toileach, Marc. vi. 20. ach cha robh 'n cridhe tréibhdhireach ann a' dlùthachadh ris an Dia bheo. Ier. xx. 21. 'S ann a shuidh iad sìos an dara cuid san obair chumanta sin mar an t-ionad dìdein, gus an d' thainig an deuchainn, Mat. xiii. 21, "An uair a thig triobluid no geur-leanmhuinn air son an fhocail, air ball gheibh e oilbheum;" no pillidh iad air an ais leis a mhada chum an sgeith, o'n robh iad ann an tomhas éiginn air an saoradh trid eòlas an Tighearna agus an t-Slànuigheir Iosa Crìosd, 2 Pead. ii. 20. no tuitidh iad gu tur air falbh gu fuath a ghabhail air, 's gu tailceas mì-

runach gamhlasach agus geur-leanmhuinn a dhean-
amh air Iosa Criosd, 's air gach ni a bhuineas da ;
o'n gann a dh' fheudas iad a bhi air an teasraig-
inn, Eabh. vi. 4—6. agus x. 26, 29. Bu chòir do
na nithe sin daoine a bhrosnuchadh chum bhi dùr-
achdach san obair chudthromaich so, mun dthig
orra oidheche tinneis agus bàis, mun taisgear iad
an leabaidh shàmhaich thosdaich na h-uaighe.

5. Thainig sinn a nis gu labhairt mu'n *chùigibh*
ni a chuir sinn romhainn, agus 'se sin, Ciod a tha
gu nàdurra a' leantuinn fìor chreidimh? Bheir
mi na labhras mi mu na nithe sin, chum an dà ni
so, eadhon, Aonachd agus Co'-chomunn ri Dia.

Air tùs mata, Tha mi 'g ràdh, 'nuair a ghabhas
peacach ri Criosd, mar tha e air a ràdh, tha aon-
achd iongantach air ball eadar Dia agus an duine.
Mar nach 'eil am fear-pòsda 's a bhean, an ceann
's an corp, an freumh 's na meanglain ri bhi air
am meas mar dhithis, ach 'nan aon ; air a mhodh
cheudna tha Criosd, no Dia ann an Criosd, agus
am peacach tha gabhail ris tre chreidimh, 'nan
aon. “ Is buill sinn d'a chorp, d'a fheòil, agus
d'a chnàmhaibh-san, &c.” Eph. v. 30—32. An
ti tha mar sin air a cheangal ris an Tighearna, is
aon spiorad ris e. 1 Cor. vi. 17, “ Mar tha 'n t-
Athair anns a Mhac, agus Criosd anns an Athair ;
mar sin tha creidich 'nan aon anns an Athair agus
anns a Mhac: tha iadsan 'nan aon, mar tha 'n t-
Athair ann an Criosd, agus Criosd anns na creid-
ich, chum 's gu'n deanar coimhlionta 'nan aon
iad.” Eoin xvii. 21, 22, 23, 26. O cia iongant-
ach an coimeasgadh, 's an t-snuim nach fheudar
fhuasgladh tha'n sin !

A thaobh na h-aonachd so tha eadar Dia 's na

creidich, I. Cha 'n 'eil e 'n comas doibh fuath thoirt d'a chéile. Uaithe so amach cha dthoir Dia fuath do'n chreideach a chaoidh: " Mar nach d' thug duin' air bith riamh fuath d' a fheòil féin, ach altrumaidh agus eiridnidh e i, 's amhuil a ni Crìosd d' a phobull." Eph. v. 29. Feudaidh de chorruich a bhi air, gu'n smachdaich 's gu'n cronaidh e 'n duine sin a tha 'na fhìor chreideach; ach gidheadh 's ann air a leas a tha e ris, agus thig a' chùis mu'n cuairt, air chor 's gu'm mothaich e gur ann chum a mhaith 's a bhuannachd a tha 'n Tighearna a' buntainn ris air a mhodh sin: "'S éiginn gur tròcair agus fìrinn dhà-san uile shlighean an Tighearna." Salm xxv. 10, "'S éiginn gu'n co-oibrich gach ni chum a mhaith." Rom. viii. 28. Air an làimh eile cha 'n 'eil e 'n comas a chreidich fuath mì-runach gamhlasach a thoirt do Dhia, oir, " An neach a ghinear o Dhia, cha dean e peacadh," I Eoin iii. 9. Oir rùnaich agus dh'òrduich an Tighearna Dia nithe bhí air a mhodh so, gu'm buin esan ris na creidich anns gach càs, chum am maith, 's cha cheadaich e dhoibh fuath thoirt dà uair air bith, no idir a bhi air an spionadh as a làimh.

A thaobh na h-aonachd so, tha co'-mhothachadh iongantach eadar Dia 's an chreideach. Tha'n Tighearna fo thriobluid air son àmhghar an duine. Isa. lxiii. 6. Tha e cathachadh 'na aghaidh gu caomhail, cùramach agus gu tìmeil, mar gu'm biodh e féin fo thriobluid leis. " An ti a bheanas ris a chreideach, tha e beantuinn ri cloich na sùla aig Dia." Sech. ii. 8, " Tha co'-fhulangas aige r' an anmhuinneachdaibh," Eabh. iv. 15. agus " Is prìseil am fuil 'na fhianuis," Salm cxvi. 15. An

aon fhocal ge b'e ni tha air a dheanamh dhoibhsan, tha e air a dheanamh dhà-san. Mat. x. 40, "An ti ghabhas ruibhse, gabhaidh e riumsa." Mat. xxv. 40, 45, "A mheud 's gu 'n do rinn sibh e do aon do na bràithribh, a's lugha agamsa, rinn sibh dhomh-sa e. A mheud 's nach d' rinn sibh e do'n neach a's lugha dhiubh so, cha, d' rinn sibh dhomh-sa e." Air an làimh eile, tha eud a thighe gabhail còmhnuidh an cridhe a chreidich, Salm lxix. 9. Tha'n tàir a gheibh Dia a' drùghadh air an duine dhiadhaidh; ma tha chùis-san a' dol gu maith, 'se so gnothuch a phobuill. Air chor 's gu bheil co'-mhothachadh iongantach eadar Dia 's na creidich, tre chumhachd an aonachd a tha eatorra; air an aobhar sin 's còir do dhaoine mòr-fhuath thoirt do gach ni bhios a' comh-striris-san 'nan gràdh no 'nan aigne, agus cùl a chur ri bhi 'nan tràilleann do na creutairibh, do bhrìgh gur iad sin seirbheisich an Dé, 's an Fhir-phòsda, agus an seirbheisich féin trid-san. Nach mì-chiat-ach gràineil a thig e do bhann-rìgh bhi ciontach de strìopachas ri seirbheisich a fir? Tha e mar an ceudna na ni maslach do chreideach a bhi fo eagal á droch sgeul, o'n a tha 'n Tighearna Dia ris a' bheil esan 'na aon, amhàin a' riaghladh nan uile nithe, 's a tha deanamh gach ni a réir a thoile air nèamh agus air thalamh. 1 Cor. iii. 21, 23. 2. "Is leibhse na h-uile nithe; agus is le Crìosd sibhse; agus is le Dia Crìosd." Salm cxii. 6, 7, "Oir gu bràth cha ghluaisear e; roimh dhroch sgeul cha bi eagal air; *tha* a chridhe suidhichte aig earbsadh as an Tighearna, &c." Salm cxv. 3, "Ach a ta ar Dia-ne anns na nèamhaibh, agus rinn e gach ni a b' àill leis."

San dara h-àite, 'S co'-chomunn iongantach gun choimeas, a bhuaidh mhòr eile tha'n lorg fìor chreidimh: trid cumhachd a cho'-chomuinn so, 1. Buinidh Dia 's a luchd-muinntir d' a chéile. 'Se Tighearna nan sluagh Dia a phobuill: 'se féin an t-Athair am Mac 's an Spiorad Naomh, an Dia-san 'na uile bhuaidhibh glòrmhor, a cheartas co maith r'a thròcair, a ghliocas, a chumhachd, a naomhachd, &c. oir 's esan Dia a phobuill, mar tha e gu bitheant' ag ràdh sa' choimhcheangal. Air an làimh eile, 's iad na fìor chreidich a phobullsa. 'S leis gach aon ni a bhuineas doibh: cha 'n 'eil uiread a bhuill a's suaraiche d' an cuirp nach leis an Tighearna, 's air nach 'eil làn chòir aige.

2. Trid cumhachd a cho'-chomuinn so, tha co'-chòir ac' air saibhreas a chéile, co fad 's a bhios e feumail. Buinidh uile bhriathraibh an Tighearna do na creidich, a bhagraibh co maith r'a gheallaine chum am maith, mar riaghailt stiùraidh dhoibh; buinidh 'uile shlighean doibh, 'uile ghnè oibribh, a chomhpairteachadh sònruichte, bàs, deamhain, eadhon gach aon ni, co fad's a bhios e feumail doibh. 1 Cor. iii. 21—23, “Is leibhse na h-uile nithe: Ma 'se Pòl, no Appollos, no Cephas, no an saoghal, no beatha, no bàs, no nithe a ta làthair, no nithe a ta ri teachd; is leibhse iad uile; Agus is le Criosd sibhse; agus is le Dia Criosd.” Air an laimh eile, 's leis an Tighearna gach aon ni a bhuineas do'n chreideach: tha 'oighreachd, a chlann, a bheatha, a bhean-phòsda, a mheas, &c. gu h-iomlan fa stiùradh an Tighearn' aig a' bheil stiùir an domhain 'na làimh: ma bhios ni no neach de na bheil aig a chreideach feumail do Dhia, 's còir dha dealachadh riù gu

suilbhearra, no tha e briseadh a cho'-chomuinn sin, 's a' dearbhadh nach 'eil e féin iomchuidh air son, no idir airidh air Iosa Criosd. Luc. xiv. 26. "Ma thig neach air bith a m' ionnsuidh-sa, agus nach fuathaich e 'athair,—seadh, agus a bheatha mar an ceudna, cha'n'eil e'n comas da bhi 'na dheisciobul dhomh-sa."

3. Trid cumhachd a cho'-chomuinn so, bu chòir do dhlù-dhàimh 's do cho'-chaidreabh ro mhòr a bhi eadar Dia 's an creideach. Feudaidh Dia buntuinn ris gach aon ni a bhuineas do'n chreideach, 's a dheanamh ris gach ni a's taitneach leis; agus cha'n'eil an duine r'a ghabhail gu h-olc no idir gu ràdh ris an Uile-chumhachdach, "Ciod a tha thu deanamh?" 'S ann a's còir dha a ràdh anns gach cùis, "Is maith focal agus toil an Tighearna." Isa. xxxix 8. 2 Rìgh. iv. 23, 26. Air an laimh eile, feudaidh an creideach air mhodh iriosal, a bhi dàna ri Dia ann an Criosd; feudaidh e teachd le dànachd chum Rìgh-chathair nan gràs, agus cha ruig e leas mòran bhriathra snasmhor no de dheas-chainnt a ghnàthachadh 'na athchuingibh ri Dia, Eabh iv. 16, oir cha'n'eil e ni's mò 'na choigreach dha; Eph. ii. 19. air chor's nach ruig e leas labhairt ri Dia mar neach aig a' bheil eòlas r'a dheanamh suas ris gach aon àm, mar a's gnàth le mòran de luchd-aidmheil a dheanamh, agus tha so 'na aobhar eas-aonachd 'nan creidimh.

Feudaidh an creideach mar an ceudna, làn-rùn a chridhe nochdadh do Dhia, 1 Sam. i. 15. "Dhòirt mi mach m'anam an làthair an Tighearna." Feudaidh creideach mar an ceudna, ranns-uchadh ciod tha Dia a' deanamh, co fad 's a bhios e feumail chum soilleireachd fhaotainn mu mhear-

achd éiginn anns a' bheil e mu shlighe an Tighear-
na; mar so bha Iob xiii. 15. “Ge do mharbh e
mi, gidheadh earbaidh mi as:—tagraidh mi mo
shlighean 'na fhianais.” Faic Gin. xviii. 23, &c.
Ier. xii. 1. Isa. lxiii. 17.

Feudaidh an creideach mar an ceudna bhi dàna
ri Dia, gu dol d'a ionnsuidh gu lathail le mhear-
achdan agus le chionta, agus aithreachas, maithean-
nas agus sìth iarraidh trid tagradh Chrìosd.
Gnìomh. v. 31. “E san dh' ardaich Dia le a dheas
làimh 'na Cheannard agus 'na Shlànuighear, a
thoirt aithreachais agus maitheanais pheacanna do
Israel.” I Eoin ii. 1. “Ma pheacaicheas neach
air bith, tha fear-tagraidh againn maille ris an
Athair, Iosa Crìosd am fìrean.” O! cia minic a
dh' fheudas an creideach ann an aon latha maith-
eanas a thagradh 'na pheacaibh, mur 'eil e 'na rùn
fanoid a dheanamh air Dia, no gràs a thionndadh
gu macnus! Dh' orduich Triath na beatha do
dhaoine maitheanas a thoirt seachad deich agus tri
fichead seachd uairean san aon latha, agus thug e
comhara seachad mu sin ann an cosamhlachd rìgh
àraid a ghabh cùntas d'a luchd-muinntir, cia mòr
a's mòr na sin a bheir a mhaighstir fein maitheanas
seachad. Mat. xviii. 22—28.

Feudaidh an creideach mar an ceudna, gach ni
a bhuineas da o'n leth a muigh earbsa ri Dia, oir
tha suim aige do na nithe sin. Mat. vi. 30—32.
“Ma tha Dia mar sin a' sgeadachadh feòir na
machrach—nach mòr na sin a sgeadaicheas e sibhse,
a dhaoine air bheag creidimh? Uime sin na bithibh
làn do chùram, ag ràdh, Ciod a dh'itheas sinn? no
ciod a chuireas sinn umainn?—oir a ta fios aig
bhur n-Athair nèamhaidh gu bheil feum agaibh-se

air na nithibh so uile.” 1 Pead. 7. 0. “A’ tilgeadh bhur n-uile chùram air-san; oir a ta cùram aige dhibh.”

Seadh fòs, feudaidh an creideach, air mhodh iriosal, Dia chur thuige chum a dheanamh freagarrach iomchuidh fa chomhair a sheirbheis, chum còmhnadh a dheanamh ris gu toradh iomchuidh a thoirt a mach anns gach àm, eadhon gràs an àm feuma. Eabh. iv. 16. Seadh, cia mòr na nithe dh’fheudas na creidich iarraidh air Iosa Criosd, araon air an son féin agus as leith dhaoin’ eile! 1 Eoin v. 14, 15. “Ma dh’iarras sinn nì sam bith a réir a thoile, gu’n éisd e ruinn.” Eoin xiv. 13. “Ge b’e nì a dh’iarras sibh a’ m’ ainm-sa, nì mise sin.” Isa. xlv. 11 “Feòraichibh dhiom nithe ri teachd, mu thimchioll mo chloinne; agus iarraibh orm do thaobh oibre mo làmh.” Tha e ’na nàire ’s ’na dhochoir ro mhòr do phobull Dé, nach ’eil iad a’ deanamh barrachd feum do’n cho’-chomunn sin r’an Cruith-fhear na tha iad a’ dèanamh: Feudaidh Criosd geur-achimhasan dligheach a thoirt doibh, air son nach ’eil iad ag iarraidh nì air bith ’na ainm-san. Eoin xvi. 24.

O na chaidh labhairt, tha e soilleir gur cùis anabharra cudthromach dleasnas so a chreidimh, leis a’ bheil duine gabhail ri Iosa Criosd, neach a sheulaich an t-Athair, ’s a thug e mar chùmhnant do’n phobull. Tha e co luachmhor do Dhia, a’ co’-fhreagrachd d’a cheart rùn, ’ga làn riarachadh, an dealbh ’s am foillseachadh an t-soisgeil; agus tha e cho tarbhach fheumail do dhaoine, ’s gu bheil Satan le innleachdan seòlta, agus cridhe aingidh mi-chreideach gu ro chumhachdach dian a’ cur ’na aghaidh, le bhì brosnuchadh gach cunnail ’s gach

ceap-tuislidh a tha 'na chomas, an rathad na muinntir leis am b' àill gabhail ris. Ainmichidh mi cuid de na cunnuilean a's ro ghnàthaichte.

CAIB. V.

Cunnuile' air an tarruing o dhroch thoillteannas duine, agus o uamharrachd a pheacaidh, air am freagradh.

CUNN. Tha mi co sgreataidh, ghràineil, mhinnaomha neo-luachmhor dhiom fein, 's gur air leam gu'm b' ann-dànadas ro mhòr dhomh gnothach sam bith a ghabhail ri Iosa Crìosd, no ris an t-slàint' a choisinn e gu ro dhaor le 'fhuil phrìseil féin.

Freag. 'S ni cinnteach gu bheil sliochd Adhamh uile ro ghràineil neo-luachmhor am fianuis Dé, a tha cur amaideachd as leth nan aingeal. Iob. iv. 18. "As leith 'aingle cuiridh e amaideachd." "*Tha* na cinnich uile mar neo-ni 'na làthair-san,—mar fhìor neo-ni agus diomhanas. Isa. xl. 17. Tha Dia co an-ard os cionn dhaoine, 's mur dealbhadh e o shaor thoil féin innleachd luachmhor chum peacaich a shàbhaladh, gu'm b' ann-dànadas ro mhor do dhaoine no dh' ainglibh a smuainteachadh gu'n irioslaicheadh an Dia bha ann o shiorruidheachd e féin co mòr 's gu'n gabhadh e riochd seirbheisich air féin, 's gu'n gabhadh e ar nàdur-ne, 's gu'n dlù-cheangladh e ris an Diadhachd bheannaicht' e le aonachd phearsonta: agus gu'n ùmhlaicheadh se e féin do bhàs maslach a chroinn-cheusaidh; agus so uile chum 's gu'm biodh daoine bha 'nan luchd-ceannairc air an deanamh réidh ri Dia, 's gu'm

biodh iad air an deanamh làn-shona, le chuideachda bheannaichte-san a mhealtuinn gu saoghal nan saoghal.

Ach tha mi 'g ràdh, gu'm b'e 'n t-iomlan de sin 'innleachd 's a shaor thoil féin; seadh, os-barr, mur iarradh an Tighearna Dia gu h-àrd-uachdranach air daoine iad a ghabhail ris féin ann agus trid Chrìosd, Isa. lv. 1—3. Mat. xi. 28. 1 Eoin iii. 23. 2 Cor. v. 20. cha bhiodh dànadas aig duin' air bith na dheanadh feum do dh' innleachd Dhé chum peacaich a shàbhaladh. Air an aobhar sin, ma ta, ged their mi mar thuirt Abigail, “Bitheadh do bhanoglach na h-innilt a nigheadh chos sheirbh-eiseach mo thighearna.” 1 Sam. xxv. 41. gidheadh do brìgh gu'n do dhealbh esan 'na naomh ghliocas neo-mhearachdach féin an dòigh sin chum peacaich a shàbhaladh, 's gu bheil dearbh-fhios aige cionnas a bhios e air a ghlòrachadh ann. Eph. i. 18. “Sùilean 'ur n-inntinn bhi air an soillseachadh, chum fios a bhi agaibh ciod e dòchas a ghairme-san, agus ciod e saibhreas glòire 'oighreachd-san anns na naombaibh;” agus dh' àithn e dhomh, mar bhios mi freagarrach dhàsan air chionn latha a mbòr-chùnntais, gabhail ris féin ann an Crìosd, mar tha e air a ràdh; 's cha'n'eil a chridh' agam a dhiùltadh, no idir aobhair 'innleachd agus 'iarrtais a rannsachadh no fheòraich; ach 's éiginn domh cuid mo chunnairt a ghabhail de'n chùis, mar nach b'àill leam bhi air m' fhaotainn a' cur “an aghaidh gràs Dhé,” Gal. ii. 21. agus ann an seadh a' mealladh an t-soisgeil 'na dhòchas, agus, a' breugachadh na fianais a thug Dia air a Mhac, gu bheil beatha na leòir ann do dhaoine, 1 Eoin v. 10, 11. 's mar sin Dia a dheanamh 'na bhreug-

aire, 's a cheannairc sin a chur a dh' ann-tromachadh gach peacadh d'an robh mi ciontach san àm a chaidh seachad.

Cunn. Tha mise 'm pheacach ro shònruicht' os cionn gach aon neach eile 's aithne dhomh; uime sin cha'n'eil a chridh' agam bagradh air dlùthachadh ri Crìosd, no idir dearcadh air an t-slàinte sin a tha trid 'fhìreantachd-san.

Freag. Am bheil do pheacadh ni's mò na misg agus col Lot; adhaltrus Dhaibhidh air fholach le mort; iodhol-aoradh agus tuiteam gu h-uamhasach o'n chreidimh mar rinn Solamh; iodhol-aoradh, mort, agus buidseachas Mhanasses; fearg an aghaidh Dhé agus a shlighe ann an Ionas; àicheadh Chrìosd ann am Peadar, an déis da rabhadh fhaotainn roi'-laimh, 's a mhionnachadh nach deanadh se e; geur-leanmhuinn fhuilteach Phòil, a' co-éigneachadh nan naomh gu blaisbheum a labhairt, &c. Ach 's an-aoibhinn dhà-san d'an dthoir na nithe sin a tha air an cur sìos san sgrìobtuir misneach chum peacadh a chur an gnìomh, agus 's ann a tha iad air an ainmeachadh san ionad so, a mholadh saor-ghràs an Uile-chumhachdaich, 's a thoirt misnich do pheacaich aithreachail thruagha gu teicheadh 'ionnsuidh Chrìosd. Tha mi 'g ràdh, a' bheil do pheacadh-sa ni's ann-truime na iad sin a chaidh ainmeachadh? Gidheadh fhuair iad sin uile maitheanas trid fuil ìocshlaintich an t-Slànuigh-eir, mar tha'n sgrìobtuir a' nochdadh.

Uime sin biodh fios agad, gu bheil gach peacadh co'-ionann an làthair saor-ghràs Dhé, a tha gràdhachadh gu saor, Hos. xiv. 4. 's nach 'eil a' gabhail suim de pheacadh sam bith. Ma tha duine toileach tighinn d'a ionnsuidh-san trid Chrìosd, an sin tha

esan làn-chomasach air a shaoradh gu ruig a chuid a's faide, Eabh. viii. 25. Seadh, 's mò an campar le Dia, mur gabh duine ri Criosd 'nuair theid a thairgse dha, na gach peacadh riamh roimhe d'an robh e ciontach; oir, "An ti nach creid Dia, rinn e breugaire d'èth, do bhrìgh nach do chreid e an fhianuis a rinn Dia mu thimchioll a Mhic." 1 Eoin v. 10, 11. "An ti a chreideas ann, cha dìtear e: ach an ti nach creid, tha e air a dhìteadh cheana," &c. Eoin iii. 18. 'se sin an t-aon ni àraid mu'm bi e air a dhìteadh, eadhon nach 'eil e creidsinn an ainm Mhic Dhé. Air chor 's nach gabh meud a pheacaidh leisgeul duine, ma chuireas e cùl ri Criosd, 's mur gabh e r'a thairgse, o'n a nochd Dia gu ro fhollaiseach, gur "fìor an ràdh so, agus is airidh e air gach aon chor gabhail ris, *gu'n d' thainig Iosa Criosd do'n t-saoghal a thearnadh pheacach*; d'am mise an ceud-fhear." 1 Tim. i. 15. Tha e fiachaicht' air an ti sin a tha eadhon ni's ciontaiche 'na bharrail féin na tha aon neach eile, an ràdh so a chreidsinn agus gabhail ris.

Cunn. Tha nithe éiginn ro ann-trom ann am pheacadh féin a bharrachd air na tha 's na ceart pheacanna ceudna ann an daoin' eile, a tha cur mòran uamhainn orm.

Freag. Ciod na nithe ann-trom a dh' fheudas a bhi ann ad pheacanna féin. nach 'eil an co anntrom uamharr' air an cur sìos anns na h-eisimpleiribh roi'-ainmichte? A' bheil do pheacadh an aghaidh mòr-sholuis? 'S coltach gur h-amhuil a bha mòran de na dh' ainmich sinn roimhe. An robh do pheacadhsa 'n aghaidh tràcairean agus teasraiginn shònruichte? 'S amhuil a bha misg Lot agus Noe. Au robh do pheacadhs' air a chur an gnìomh le

mòr-mheòraich air a' chùis roi'-làimh? 'S amhuil a bha peacadh Dhaibhidh 'nuair bha e sgrìobhadh na litreach an aghaidh Uriah. An robh e 'n déis duit foillseachadh sònruicht' fhaotainn air Dia? 'S amhuil a bha peacadh Sholamh. An robh e air a chur an gnìomh tre bhuaireadh faoin, suarrach? 'S amhuil a bha peacadh Ionais agus Pheadair, ma bheir sinn fainear uamharrachd an cionta. 'N do chuir thu'm peacadh an gnìomh a rithist agus a rithist? 'S amhuil a rinn Lot, 's amhuil a rinn Peadar, 's amhuil a rinn Iehosaphat, 'nuair a chaidh e maille ri Ahab agus ri Iehoram. 1 Rìgh. xxii. 2 Rìgh. iii. A' bheil ioma peacadh gràineil ann-trom a' co'-aontachadh le chéil' annad? 'S amhuil a bha Manasses. 'N do sheas thu fad' amach ann an ceannairc? 'S amhuil a rinn an gaduich' air a' chrois: sheas e mach gu h-ann-dàna gun airm cheannairc a leagadh gus an deo mu dheireadh. Luc. xxiii. 42, 43. Ma tha fhathasd cluas agad chum éisdeachd, tha ordugh agad éisdeachd. Mat. xiii. 9. Ged chosd thu ré ùin' fhada t-airgiod air son an nì sin nach aran. Isa. lv. 1, 2. tha'n tuille feum agad a nis air cabhag a dheanamh agus teich-eadh chum tèarmuinn; agus ma ni thu mar sin, gabhaidh e riut gu cridheil fàilteach, 's cha tilg e air chor sam bith a mach thu, Eoin vi. 37. gu h-àraid o nach do shùnraich e air àm suidhichte san Sgrìobtuir, ionnas nach gabh uamharrachd do pheacaidh do leisgeul gun ghabhail ri tairgse ghràs-mhor an Tighearna agus an t-Slànuigheir Iosa Crìosd.

Cunn. Cha d' ainmich thu na nithe sònruichte d' a' bheil mise ciontach, anns gach eisimpleir a dh' ainmich thu: 's cha'n fhiosrach mi gu'n d'

fhuair aon neach riamh tràcair an làthair Dhé, a bha ciontach de shamhuil nan nithe d' a' bheil mise ciontach.

Freag. Tha e cruaidh amas air gach peacadh sònruicht' a dh' fheudas triobluid a chur air a choguis; seadh, feudaidh peacaidh a's lugha na cuid de na dh' ainmich mi, mòran mi-shuaimhneis a thoirt do dhuine, ma dh' fhadas an Tighearna Dia an teine 's ma lasas e suas coinneal na coguis. Ach a chum misneach a thoirt duitse, ainmichidh mi cuid de dhearbh-fhìrinn an Scriobtuir, a dh' fheudas mòr mhisneach a thoirt duit, 's leis am faic thu gu soilleir gu bheil maitheanas a d' thairgse: chum na crìche sin thoir aire dhùrachdach do na nithe so a leanas, Exod. xxxiv. 7. Tha Dia "A mathadh aingidheachd agus eusaontais, agus peacaidh," 'se sin gach seòrsa peacaidh, Esec. xviii. 21, 22, 30, "Ma philleas an t-aingidh o 'uile aingidheachd,—cha bhi iad air an cuimhneachadh dha, &c." Eoin vii. 37. An ti a thig, cha tilg e air chor sam bith amach e: 'se sin cia ann-trom air bith a bha a pheacanna, Eoin iii. 16, "Ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a' bheatha shiorruidh aige." 'Se sin gun choigleadh air peacadh sam bith. Eabh. vii. 25, "Tha e mar au ceudna comasach air an dream a thig a dh' ionnsuidh Dhé trid-san a thèarnadh gu h-iomlan."

Cha 'n 'eil e 'n comas duin' air bith, a làn-fhoillseachadh ciod e cumhachd Dhé, Mat. xii. 31, "Maithear gach peacadh agus gach toibheum:" 'se sin nach 'eil seòrs' air bith nach maithear do dh' aon neach no neach eile, ach "An toibheum an aghaidh an Spioraid Naoimh." Tha

na h-earrannan sin de'n Sgriobtuir agus an ion-samhuil a' gabhail a stigh gach seòrsa peacaidh; air chor 's ciod air bith do pheacanna, gu'm feud iad a bhi air an dubhadh amach ann an aon de na Scriobtuire roi'-ainmichte, ionnas nach fheud do pheacadh a bhi 'na leisgeul agad gun ghabhail gu grad ri tairgse na sìth agus na slàinte trid Iosa Crìosd an t-Eadar-mheadhonair, o 'n a tha làn chomas aig gach neach leis an àill, iad a thighinn 's a ghabhail ris. Taisb. xxii. 17.

Cha labhair sinn mòran cainnt: oir dh' àithn an Diamòr, àrd-Chruithfhear nèimh agus na talmhainn, gu h-àrd-uachdranach do gach neach a tha faicinn 'fheum air furtachd, iad a dhol gu luath a dh' ionnsuidh Iosa Crìosd, agus gabhail gu cridheil, tréibhdhireach dùrachdach ri innleachd Dhé chum peacaich a shàbhaladh trid-san, a' cur gach cunnuil agus leisgeul os cùl, mar a's éiginn doibh bhi freagarrach dhàsan san là anns an dthoir e breith neo-chlaon air bheothaibh 's air mharbhaibh, 's am fuadaich e iadsan uil' as a làthair aig a' bheil de dhànadas a ràdh, gu'n robh 'm peacadh 's an staid air dhòigh, 's nach robh chridh' aca earbs' a dheanamh á fìreantachd iomlan Chriosd chum furtachd a thoirt doibh, ged a dh' iarr an Tigh-earna gu minig agus gu ro dhùrachdach orragabhail ris agus earbs' a dheanamh as, ged a bha 'fhìreantachd ann an seadh, air a ceangal d' antaobh.

CAIB. VI.

Mu'n pheacadh an aghaidh an Spioraid Naoimh.

CUNN. Tha mi fo amharus gu bheil mi ciontach de 'n pheacadh an aghaidh an Spioraid Naoimh,

agus leis a sin gu bheil e eu-comasach dhomh maitheanas fhaotainn; agus air an aobhar sin cha ruig mi leas smuainteachadh air creidsinn an Iosa Crìosd chum m' anam a shàbhaladh.

Freag. Ge nach còir do neach air bith am peacadh so a chur as an leth féin, no idir as leth dhaoin' eile, ni's lugha na tha iad làn mhurrach air a' chùis a dhearbhadh gu soilleir a réir eisimpleir Chrìosd, Mat. xii. 25, 26, 32. gidheadh chum daoine chur as an teagamh, nochdaidh mi, 1. Ciod e nach 'eil 'na pheacadh an aghaidh an Spioraid Naoimh, do bhrìgh gu bheil cuid de pheacanna ro ghràineil ann-trom ann a tha 'n sluagh gun bharrantas air bith a' gabhail an riochd a pheacaidh so anns nach faighear maitheanas. 2. Nochdaidh mi ciod è 'm peacadh an aghaidh an Spioraid Naoimh. 3. Co'-dhùinidh mi 'n t-iomlan le fògh-nadh iomchuidh a dheanamh mar fhreagradh do'n chunnail.

'Se cheud ni a chuir sinn romhainn a nochdadh, Gu bheil ioma peacadh ro ann-trom ann, ged tha iad mar tha gach peacadh eile, an aghaidh an Spioraid Naoimh, a tha 'na Dhia co'-ionann ris an Athair agus ris a Mhac, agus air an cur an gnìomh an aghaidh cuid d'a oibreacha 's d'a ghluasad; gidheadh cha'n iad sin " am peacadh an aghaidh an Spioraid Naoimh," ni is e 'm peacadh anns nach faighear maitheanas.

1. Cha 'n e bhi labhairt blaisbheum an aghaidh Dhé fo dhòruinn chorpóra, 'm peacadh so; oir bha cuid de na naoimh ciontach dhe so. Gnìomh. xxvi. 11, " A' deanamh peanais orra gu minic anns gach sionagog, cho-éignich mi iad gu toibheum a labhairt." Cha ro lugha na sin a bhi labh-

airt toibheum an aghaidh Dhé ann an lasan cuthaich no air mhi-chéill, oir cha 'n 'eil duine 'na shaor-mhaighstir air féin san àm sin; agus an ti a chaomhnas a phobull, mar chaomhnas athair am mac a làn riaruicheas e, Mal. iii. 17. 's a ghabhas mòr-thruas dhiùbhsan air am bi eagal, mar ghabhas athair truas d'a chloinn, Salm ciii. 13. 's amhuil a tha e caomhnadh 's a' gabhail truais de dhaoine 's na breislichibh sin, oir 's amhuil a dheanamh ar n-aithrichean a réir na feòla nan labhramaid blaisbheum 'nan aghaidh ann an lasan feirge. Cha mhò is iad blaisbheum uamhasach an aghaidh Dhé, a bhios a' tagradh air an anam, 's nach faigh caidreamh san àite sin, am peacadh so anns nach faighear maitheanas; oir bha 'n leithidean sin air an tairgse do Chrìosd, Mat. iv. agus tha iad gu minic a' tagradh air na daoine diadhaidh.

2. Cha'n e bhi toirt fuath do'n mhaith ann an càch, 'nuair nach 'eil mothachadh agam gu bheil e maith, ach am bhairil féin 'ga mheas olc; seadh, cha 'n e bhi labhairt 'na aghaidh, no 'ga gheurleanmhuinn 'sa chàs sin, am peacadh an aghaidh an Spioraid Naoimh; oir bha gach ni dhiu sin ann am Pòl mun robh e air iompachadh, agus fhuair e maitheanas, a chionn gu 'n d' rinn e na nithe sin gu h-aineolach.

3. Cha'n e gluasad cridhe ri soirbheachadh dhaoin' eile an obair 's an slighe Dhé, 'nuair tha mi toirt spéis da annam féin; seadh, cha'n e gluasad-cridhe an aghaidh freasdail Dhé, a tha gu minic 'ga nochdadh féin an aghaidh nan creutairean a's faigse dhuinn, (ged tha iad 'n an nithe ann-trom uamhasach a' treòrachadh 'ionnsuidh a pheacaidh sin anns nach faighear maitheanas) am peac-

adh an aghaidh an Spioraid Naoimh; oir feudaidh na naoimh a bhi ciontach de na nithe sin, a' sruthadh o fhéin-spéis, nach fuiling gu 'm buadhaich neach eil' orra, agus o chàmpar éiginn nan iodhol ann an teas buairidh. Bha chuid bu phailte dhe so ann an Ionas. Ionas iv.

4. Cha mhò is e daine bhi dol air ais o'n staid anns an robh e aon uair a thaobh diadhachd, agus tuiteam ann am peacaibh ro ann-trom uamharra 'n aghaidh soluis, an déis da gabhail ris an fhìrinn am peacadh so anns nach faighear maitheanas; oir bha Solamh, agus eaglais Corinth, agus Ghalatia ciontach dhe sin. Cha mhò is e àicheadh, no idir mionnachadh an aghaidh dearbh-fhìrinn fo mhòr bhuaireadh, oir nam b' é bha Peadar cailte.

5. Cha mhò is e cur an aghaidh, no càmpar a chur air Spiorad Dhé le ioma dòigh pheacach, am peacadh sin; oir tha so air a chur as leth na muinntir sin a tha air an gairm chum aithreachas san Sgrìobtuir, 's cha 'n 'eil iad air an druideadh amach mar gu'm biodh iad ciontach de'n pheacadh an aghaidh an Spioraid Naoimh: cha mhò is e bhi cur peacaidh an gnìomh a rithist agus a rithist an aghaidh soluis, am peacadh so, ged tha e treòrachadh d'a ionnsuidh; oir 's amhuil a bha cionta Pheadair le Criosd àicheadh; 's amhuil a bha peacadh Iehosaphat 'nuair a chaidh e le Ahab agus le Iehoram.

6. Cha mhò is e rùn agus oidheirpean chum féin-mhilleadh, 's a chum daoine diadhaidh a mhilleadh, am peacadh so, air dhoibh a bhi ann an teas anabarrach buairidh; no idir féin-mhilleadh, (ged tha e gu bitheanta do bhrìgh coltais an co'-chuideachd a pheacaidh so anns nach faighear

maitheanas, ni bu chòir a thoirt air gach anam amharc le fuath agus le sgreamh air gach ni a bhios a' brosnuchadh d'a ionnsuidh) am peacadh an aghaidh an Spioraid Naoimh. Bha e'n rùn fear-coimhead a phrìosain e féin a mhilleadh, air son aobhar bu mhiosa na tha ioma duine bochd a' deanamh, le mothachadh a bhi ac' air fearg an Tighearna Dia, 's air am peacadh 's air an ro thruailleachd féin; gidheadh, fhuair fear-coimhead a phrìosain maitheanas 'na pheacadh agus 'na oidheirp, Gniomh. xvi. 27, 34. agus bha Pòl, roimh a ghairm éifeachdaich, 'na iompaidh air mòran de na naoimh a chur gu bàs, agus bha e 'na rùn an dioladh ceudna thoirt air tuille dhiubh, mar tha e féin ag aideachadh, Gniomh. xxvi. 9—12.

Ged tha iad sin 'nam peacanna anntrom uamhasach, gach aon diu a' toiltinn fearg bhithbhuan an Uile-chumhachdaich, 's mur gabhar aithreachas dùrachdadh dhiubh, bheir iad dioghaltas neo-chrìochnach air an duine bhios ciontach dhiubh, gu h-àraidh tha féin-mhort a' toirt air falbh gach dòchas ri fuasgladh fhaotainn, a thaobh aon ni ris an ion fiuthair a bhi air dòigh ghnàthaichte; gidheadh, cha 'n iad a h-aon diu sin am peacadh an aghaidh an Spioraid Naoimh anns nach faigh-ear maitheanas: ionnas gu bheil dòchas dhàsan a tha ciontach de dh' aon air bith dhiu sin, ma tha aige cluas chum fuaim aoibhneach a chùmhaint a chluinntinn. Feudar maitheanas fhaghail 'nan samhail sin uile de pheacanna 's de bhlaisbheuma, mar tha e soilleir san Sgriobtuir, far a' bheil na nithe sin air an ainmeachadh.

San dara h-àite faiceamaid, Ciod è am peacadh

an aghaidh an Spioraid Naoimh. Cha'n e aon ghnìomh peacaidh e, ach nì tha air a dheanamh suas de ioma droch-bheairt, a tha gu bitheant' a' cuibhreachadh an anama's a chuirp ann an cionta. Tha sinn 'ga chur sìos air a mhodh so: " 'Se sin a bhi cur cùl agus cur an aghaidh fìrinn an t-soisgeil, agus slighe na slàinte, tha air an dearbhadh gu ro shònruichte do dhuine le Spiorad Dhé, ann am fìrinn agus maith na slighe sin; agus sin a dheanamh gu folluiseach, saor, toileach, togarrach, mì-runach, agus ga tarcuiseach, a tàrmachadh eagal eu-dòchasach, an-earbsach."

Tha trì earrannan de'n Sgrìobtuir a tha labhairt gu ro shoilleir mu'n pheacadh so; agus uatha sin dearbhaidh sinn gach earrann de'n chùinntas so m'a thimchioll, co fad 's a bhios e feumail do'n ehùis tha againn san àm so mu làimh; leis am bi e soilleir nach ruig aon neach aig a' bheil déigh air Criosd, a leas mi-mhisneach a ghabhail o na bheil air a labhairt mu'n pheacadh so san Sgrìobtuir. Faic Mat. xi. 23—32; Eabh. vi. 4—6; Caib. x. 25—29.

Air tùs, mata, Thugamaid fainear an cuspair mu thimchioll a' bheil am peacadh so 'ga chur an gnìomh, agus 'se sin fìrinn àraid' an t-soisgeil, agus slighe na slàinte; a tha araon a' ciallachadh an aon nì. 'Se sin an dòigh a dhealbh Dia chum peacaich a shàbhaladh trid Iosa Criosd am Messias agus an Slànuighear a bha air a ghealltuinn, leis am bheil daoine ri bhi air an sàbhaladh trid a bhàis agus 'f hìreantachd-san, mar a nochd e anns na h-orduighibh. a' daingneachadh an nì sin féin le 'iomadh oibribh cumhachdach, a tha air an cur sìos san Sgrìobtuir. 'Se slighe so na slàint' an

cuspair. Chuir na Pharaisich an aghaidh so, gu'm b'e Criosd am Messias, Mat. xii. 23, 24, " Agus thubhairt am pobull uile, An e so Mac Dhaibhidh? Ach an uair a chuala na Pharaisich so, thubhairt iad, Cha'n'eil *am fear* so a' tilgeadh a mach dheamhan, ach troimh Bheelsebub prionnsa nan deamhan. Bha'n dochoir so air a dheanamh an aghaidh Mhic Dhé, Eabh. vi. 4—6, " Is eucomasach an dream sin a thuit air falbh, athnuadhachadh chum aithreachais: do bhrìgh gu bheil iad a' ceusadh Mhic Dhé a rìs dhoibh féin, agus 'ga chur gu nàire fhollaisich." 's an aghaidh fuil a chùmhaint, agus an aghaidh an Spioraid a tha air mhodh gràsmhor a' tairgse na nithe sin a cho'-chur ri daoine, Eabh. x. 29, " Cia mòr is mò na sin am peanas a shaoileas sibh air am measar esan toillteannach, a shaltair fo 'chosaibh Mac Dhé, agus a mheas mar ni mi-naomha fuil a' choimhcheangail, leis an do nacmhaicheadh e, agus a rinn tarcuis air Spiorad nan gràs?"

2. Anns a chunntas so, thugaibh fainear buaidh a chuspair so. Tha e gu soilleir air a dhearbhadh dhoibh le Spiorad Dhé, araon a thaobh fìrinn agus maith na slighe sin. Tha so a' ciallachadh, 1. Gur h-éiginn bhi eòlach mu'n fhìrinn agus mu shlighe na slàinte. Bha dearbh-fhios aig na Pharaisich gu'm b'e Criosd an t-oighre. Mat. xxi. 38, " Ach an uair a chunnaic an tuath am mac, thubhairt iad eatorra féin, 'Se so an t-Oighre, thigibh, marbh-amaid e." Tha làn eòlas aca, Eabh. x. 26, " Oir ma pheacaicheas sinn do ar toil féin an déigh dhuinn eòlas na fìrinn fhaotainn, cha 'n fhàgar tuilleadh dhuinn iobairt air son peacaidh."

2. Cha'n fhoghainn an t-eòlas sin air a' chùis a

bhi sa' cheann amhàin, ach 's éiginn^o do chàileiginn de chinnt uime bhi anns a chridhe. B' aithne do Chrìosd smuainte nam Pharaiseach, Mat. xii. 25. 's mar sin thug e breith orra, 's bha ceart atharrachadh an ni bha iad a' labhairt air a dhearbhadh, gu'n robh iad 'ga smuainteachadh 'nan cridhe. Tha blasad ann a tha os cionn foillseachadh gnàth- aichte, Eabh. vi. 4, 5. Seadh, 's bitheanta leis uiread dhearbhadh bhi air a' chùis 's a threòraicheas gu mòran naomhachaidh o'n leth a muigh, Eabh x. 29, " A mheas mar ni mi-naomha fuil a choimhcheangail, leis an do naomhaicheadh e." 3. 'S éiginn do'n làn-dearbhadh so a bhi, cha'n e amhàin air fìrinn na cùise, ach mar an ceudna air a mhaitheas. Tha mhuinntir a' blasad deadh fhocal Dé, agus cumbachdan an t-saoghail tha chum teachd, Eabh. vi. 4, agus tha iad a' meas gur airidh e bhi air a thaghadh 's air a roighneachadh. 4. Cha 'n ann amhàin le neart arguin a tha 'n làn-chinntes so air a dhearbhadh, ach mar an ceudna le obair soillseachaidh Spioraid Dhé a' dealradh air an fhìrinn 's 'ga deanamh soilleir; 's ann air son an aobhair sin a theirear peacadh an aghaidh an Spioraid Naomh ris a pheacadh so, Mat. xii. 31; Marc. iii. 29. Tha e air a ràdh gu'n d' rinneadh an aitim sin 'n an luchd-co'-pairt do'n Spiorad Naomh, Eabh. vi. 4. 's gu'n d' rinn iad tailceis air Spiorad nan gràs, Eabh x. 29. a bha ro dhlù do dh' obair ghràs-mhor oibreachadh annta.

3. Anns a chunntas so, thugaibh fainear oibreachadh dà phàirtidh an aghaidh a chuspair a tha mar sin air ullachadh. 'Se sin cùl a chur ris agus cur 'na aghaidh, ni tha ciallachadh. I. Gu'n robh

e aon uair air dhòigh éiginn aca, no air a' chuid a's lugha, gu'n robh e 'nan tairgse, mar tha e fìor mu na Pharaisich. 2. Gu bheil iad a' cur cùl, eadhon le tàir, ris na bha aca dhe, no ris na bha 'nan tairgse. Tha na Pharaisich 'ga àicheadh, 's a' labhairt gu tàrail mu Chrìosd. Mat. xii. 24, "Cha 'n 'eil *am fear* so a' tilgeadh amach dheamhan ach troimh Bheelsebub prionnsa nan deamhan." Tha iad a' tuiteam air falbh chum Crìosd a chur gu nàire fhollaisich. Eabh. vi. 6. 3. Tha na daoine 'g an cur féin 'na aghaidh le spiorad na geur-leanmhuinn, mar rinn na Pharaisich a ghnàth. Tha iad a' labhairt cainnt thàrail 'na aghaidh; uime sin theirear blaisbheum an aghaidh an Spioraid Naoimh ris. Mat. xii. 24, 31. Cheusadh iad Iosa Crìosd a rìs nam biodh e air chomas doibh, Eabh. vi. 6. 'S eas-cairdean iad. Eabh. x. 27.

4. Thugaibh fainear buaidhean an oibreachaidh so. 1. Tha e follaiseach, 'se sin, gun bhi 'g iarruidh a chleith. Tha na Pharaisich a' labhairt gu follaiseach an aghaidh Chrìosd. Mat. xii. 24. Bu mhiann leò Crìosd a chur gu nàire fhollaiseach. Eabh. vi. 6. Tha iad a' tréigsinn nan òrduighean a tha air a thaobh, Eabh. x. 25. 's a' cur a chunnairt an neo-shuim; oir, an dùil ri feirg an Uilechumbachdaich, tha iad a ghnàth a' deanamh dimeas air an fhuil sin, Eabh. x. 27, 29. 2. Tha 'n aitim ag oibreachadh le'n *saor thoil féin*. Cha'n ann o chion toirt fainear a tha iad ris, no idir gu bheil iad air an co'-éigneachadh d' a ionnsuidh, ach 's ann a tha iad 'ga chur an gnìomh le 'n saor thoil féin: cha do bhrosnuich ni air bith na Pharaisich gu labhairt an aghaidh Chrìosd agus a gheur-leantuinn. Tha iad " 'ga cheusadh dhoibh

féin," tha iad ag ath-chur an gnìomh a mhurtadh féin-thoileil, gun neach air bith 'g an co'-éigneachadh d' a ionnsuidh, Eabh. vi. 6. Tha iad a' peacachadh le 'n saor thoil, Eabh. x. 26. 3. Tha e air a chur an gnìomh le 'n làn-toil. Tha iad cho suidhicht' air a dheanamh, 's nach gabh iad os làimh le tairgse sam bith gun a chur an gnìomh, mar tha e soilleir o na h-earrannan roi'-ainmichte de'n Sgriobtuir. 4. Tha e air a chur an gnìomh gu *gamhlasach mì-runach*, air chor 's nach 'eil ach a' chuid a's lugha dhe a' sruthadh o bhuaireadh chum toil-inntinn, buannachd no onoir. Cha mhò a's ann o eagal, o neart, no idir o chrìch mhaith air bith a tha e sruthadh; ach o ghamhlas-cridhe an aghaidh Dhé 's a Mhic ghràdhaich Iosa Crìosd, agus an aghaidh arduchadh a ghlòire agus a rìoghachd: air chor 's gur h-ann de cheart ghnè peacaidh Shatain a tha e, aig a' bheil fuath mì-runach neo-chrìochnach do Dhia, agus do dh' ìocshlaint a pheacaidh, do bhrìgh gu bheil glòir Dhé air a h-arduchadh d'a thaobh. Tha so 'na nì ro àraid anns a pheacadh so. Tha na Pharaisich ciontach de mhiosguinn-cridhe 'n aghaidh Chrìosd, a chionn gu 'n do labhair iad air an dòigh sin 'na aghaidh, 's cha 'n ann an aghaidh an cloinne féin a bha tilgeadh a mach dheamhan; agus 'se so neart arguin Chrìosd; Ma tha mise troimh Bheelsebub a' tilgeadh a mach dheamhan, troimh cò am bheil bhur clann-sa 'g an tilgeadh a mach?" Mat. xii. 27. Tha iad a' dol g'an dùlan chum Chrìosd a cheusadh as ùr, 's g'a thoirt chum nàire fhollais-each, Eabh. vi. 6. Tha iad 'nan eas-cairdibh coltach ris an diabhuil. Eabh. x. 27. 5. Tha e air a chur an gnìomh gu *tarcuiseach*. 'S éiginn do 'n

ghambhas e féin a nochdadh. B' éiginn do na Pharaisich fhoillseachadh gu 'n robh comunn aig Criosd ri deamhain, Mat. xii. 24. B' éiginn a chur gu nàire fhollaiseach, 's a cheusadh a rithist, Eabh vi. 6. B' éiginn doibh an fhuil sin a shal-tairt fo 'n cosaibh, agus tailceis a dheanamh air an Spiorad, Eabh. x. 29. Air chor 's gu'm b' fhearr leis a' mhuinntir sin dol am mugha mìle uair, na dol an eisimeil Chriosd air son slàinte.

'Se 'n ni mu dheireadh anns a chùinntas mu thimchioll a pheacaidh so, an ni a's bitheanta bhios 'na cho'-chuideachd; tha e tàrmachadh eagal an-earbsach eu-dòchasach. Tha eagal aca roimhe-san a's fuathach leò, le eagal tràilleil eu-dòchasach, mar tha aig na deamhain. Eabh. x. 27, "Dùil eagalach ri breitheanas, agus fearg theinnteach, a sgriosas na h-eascairdean." Tha dearbh-fhios aca gu'n cuir Dia a chumhachd an gnìomh 'nan aghaidh; 's tha iad air bhall-chrith an àm cuimhneachadh air, 's nam bu chomas doibh lamh'n-uachdar fhaotainn air, agus a sgrios gu tur, 's e tha iad a' miannachadh; 's o nach urrainn iad ruigheachd air sin a dheanamh, tha iad a' toirt fuath dha le mòr-mhiosguinn cridhe, 's a' deanamh geur-leanmhuinn le tailceis air Triath nam feart 's air gach ni bhuineas da.

'Se 'n *treas* ni a chuir sinn romhainn, an co'-dhunadh a b' iomchuidh a tharruing o na chaidh labhairt, leis an labhair sinn air ball ris a' chunnail. 1. Mar a nochd mi roimhe, o 'n a tha 'm peacadh an aghaidh an Spioraid Naoimh cho suaicheanta 's gu'm feudar aithneachadh gu soilleir far a' bheil e, cha chòir do neach air bith a chur as an leith féin, mur 'eil iad làn-mhurrach air

a' chùis a dhearbhadh gu soilleir; oir 's dochoir mhòr do Dhia, thu bhi cur am fiachaibh do t-anam nach toir esan am feasd maitheanas duit; 's e sin an aon dòigh gu thoirt ort tuiteam an eu-dòchas, agus do threòrachadh a dh' ionnsuidh a pheacaidh anns nach faighear maitheanas; uime sin mur 'eil thu làn-chomasach air a ràdh gur fuathach leat an dòigh a dhealbh Dia chum peacaich a shàbhaladh, 's gu bheil thu rùnachadh cur an aghaidh soirbheachadh a rìoghachd, araon annad féin agus ann an daoin' eile, o mbhì-run agus tailceis an aghaidh Dhé, cha chòir dhuit a chur an teagamh gu bheil thu ciontach de'n pheacadh so. 2. Ciod air bith peacadh d' an robh thu ciontach san am a chaidh seachad, ma tha thu gabhail aithreachais, agus ma b' fhearr leat gu'm biodh e gun dèanamh fhathasd, 's eu-comasach dhuit a bhi ciontach de'n pheacadh so; oir anns a pheacadh so tha mì-run cridhe agus gamhlas do Dhia a' sìor-bhuadhachadh. 3. Ma tha thu toileach a bhi 'na bhuil mhaith air son maitheanais, agus gu'm biodh tu gu ro mhòr 'na chomain air a shon, an sin cha 'n 'eil e comasach dhuit a bhi ciontach de'n pheacadh an aghaidh an Spioraid Naoimh; oir, mar a nochd sinn roimhe, tha mhuinntir sin a tha ciontach dhe air cruadhachadh an aghaidh Dhé co mòr le fuath mì-runach dha, 's nach biodh iad fo fhiachaibh sam bith dha air son an slànuchadh agus an saoradh o thruaighe shiorruidh. 4. Ge b'e ni a rinn thu, ma tha tog-radh agad an déigh Chrìosd, ag ambarc 'na dhéigh le cridhe goirt, 's nach dùraig thu dealachadh r'a chuideachd bheannaicht' a chaoidh, no ma 's éiginn duit a bhi air do sgaradh uaithe, ma 's miann leat gu maith e, 's ma tha thu'n rùn maith

dha féin, 's do gach nì a bhuineas da, cha 'n ion duit a bhi fo amharus gu bheil thu ciontach de'n pheacadh sin anns nach faighear maitheanas; oir, cha'n urrainn duit na h-uiread fhuath a thoirt da 's a tha air iarraidh chum am peacadh sin a dheanamh suas. 5. Ma's miann leat a bhi os cionn cumhachd a pheacaidh sin, 's a bhi tèaruint' uaithe gu bràth, imich mata agus cuir do chridhe ann an suidheachadh iomchuidh chum bhi toilichte le slàinte trid Iosa Crìosd, 's a chum gabhail ri Dia ann-san, 's a bhi làn-toilichte leis mar an éiric agus an suaimhneas uile-dhiongmhalta, mar bha sinn ag asluchadh roimhe, agus strìochdadh dhàsan chum bhi air do shàbhaladh trid-san. Dean so da rìreadh le d' uile dhìchioll, agus bidh tu gu sìorruidh air do chur os cionn cumhachd a pheacaidh sin a tha ro ghràineil dhuaichni, leis a' bheil an droch-spiorad a' cur geilt-chrith agus oillt air ioma neach a tha gu dìchiollach aig iarraidh Dhé.

CAIB. VII.

Cunnuile, air an tarruing o dhiobhail cumhachd gu creidsinn, agus cion tairbhe, air am freagradh.

CUNN. Ge nach 'eil mi air mo dhruideadh a mach o shochair an nuadh choimhcheangail, gidheadh cha'n 'eil e'n comas domh creidsinn an Crìosd; oir 's e creidimh tìodhlaca Dhé, agus tha e os-cionn cumhachd fola agus feòla.

Freag. Tha e fìor gun amharus gu bheil creidimh slàinteil, leis a' bheil duin' amhàin comasach air gabhail gu tréibhdhireach dùrachdach ri Dia ann an Crìosd, os-cionn ar cumhachd-ne, agus gur

tiodhlac o Dhia e, mar a thuirt sinn roimhe: gidheadh thoir fainear, 1. Gu 'n d' fhàg an Tighearna Dia e 'na dhleasnas fiachaicht' air gach neach a chluinneas an soisgeul so, iad a ghabhail gu dùrachdach tre chreidimh ri tairgse na slàinte trid Chrìosd, mar tha e soilleir san Sgrìobtuir. Agus 's éiginn duit fios a bhi agad, ged nach 'eil e 'nar cumhachd-ne an dleasnas sin a choimhlionadh dh'inn féin; gidheadh feudaidh Dia gu ceart-bhreitheach ar dìteadh do bhrìgh nach 'eil sinn 'ga choimhlionadh, agus tha sinn gun leisgeul againn, do bhrìgh gu'n d' rinn e air tùs an duine làn chomasach air gach ni a dh' àithneadh e dha a choimhlionadh. 2. Leis mar dh' àithn an Tighearna an ni so, a tha os cionn ar cumhachd-ne, tha e 'gar deanamh mothachail air cho neo-chomasach 's a tha sinn air a dheanamh, agus bu ghean-maith leis gu'n earbamaid ris féin a' chùis oibreachadh annainn. Gheall e gu'n dthugadh e 'n cridhe nuadh seachad, 's cha do dhruid e neach air bith a mach o shochair a gheallaidh sin. 3. 'S gnàth le Dia trid nan iarrtus agus nan cuireachan sin, agus trid breithneachadh agus athchuinge dhaoine mu thimchioll na cùise, cumhachd agus neart chum an dleasnas a choi'-lionadh, iomchar a stigh do 'n anam. Air an aobhar sin mar fhreagradh do'n chunnuil, tha mi 'g asluchadh ort an ainm an Tighearna Dia, gu'n gabh thu mòr shuim agus cùram d'a àitheantaibh agus d'a gheallaine, 's gu'm beachd-smuaintich thu air na nithibh sin, 's air gnothach beannaicht' an nuadh choimhcheangail, 's gu'n deanadh tu ùrnuigh dhùrachdach ri Dia air an son mar is aithne dhuit; oir ni esan na nithe sin ma dh' iarrar air e; Esec. xxxvi. 37. agus do

chridhe fuar reòta chur ri innleachd Dhé tha air ainmeachadh anns an Sgriobtuir, agus ri Iosa Crìosd a tha air a thoirt mar chùmhnannt do'n phobull, agus geur-bheachdaich air an t-Slànuighear bheannaichte chum beatha fhaotainn, agus t-ath-bheothachadh. Imich romhad ma ta, agus oidheirpich a bhi làn toilichte le slighe sin na slàinte, air a mhodh air a' bheil Dia 'ga thairgse, agus gabh ri Crìosd, agus socraich thu féin air Ceannard do shlàinte chum sin a dheanamh, mar gu'm biodh an t-iomlan a d' chomas féin; gidheadh a' dearcadh air Crìosd air son an iomlain, air dhuit làn fhios a bhi agad gur ann uaithe-san a's éiginn da teachd: agus ma ni thu mar so, cha bhi an ti sin a tha "Teachd an còmhhdail an ti a ta gabhail tlachd ann an ceartas," Isa. lxiv. 5. fàilneach air a thaobh féin; 's cha bhi aobhar agad a ràdh, gu'n deach thu air t-aghaidh sa' chùis cho fada 's a bh' ann a d' chomas gus nach robh tuille neart agad, 's gu'n d' fhàg thu a' chùis an luib Dhé. Cha'n ann idir air a thaobhsa bhios an fhàillinn, ma tha toil agadsa do'n chùis. Seadh fòs, ma tha do chridhe toirt mòr spéis do gach ni air an cual' thu riamh iomradh mu 'n chùis, agus ma tha thu a' miannachadh còir a bhi agad air, feudaidh mi a ràdh gu bheil e agad cheana air a choimhlionadh annad; air chor 's gu bheil an cruaidh-chas sin thairis gun fhios duit.

Cunn. Tha ioma neach a ghabh ri Crìosd, mar tha e air a ràdh, a tha deanamh gnàth-ghear-an nach 'eil toradh iomchuidh aca, ni a's coireach ri m' chridhe gun tuill' earbsa dheanamh á dleasnas sin a chreidimh.

Freag. Ma tha mòthachadh agad gu bheil creidsinn ann an Criosd 'na dhleasnas fiachaichte mar tha e air a ràdh, cha 'n fheud thu a shiachadh air son leisgeul sam bith. Air son gearan cuid de 'n mhuinntir a dhlùthaich ann an càil ris, (gun shaòilsinn gu bheil gach aon neach comasach air breith neo-chlaon a thoirt m'an toradh agus m' an staid) tha mi 'g ràdh,

1. Gu bheil ioma neach le'n eud mu ghràdh Dhé, agus trid am mi-chreidimh, an déis doibh gabhail ri Dia, a tha cur bacadh air ioma co'-pàirt-eachadh ro phrìseil, a gheibheadh iad mur bhith na nithe sin, Mat. xiii. 58, " Agus cha d' rinn e mòran do oibribh cumhachdach an sin, air son am mi-chreidimh."

2. Cha'n fheud e bhith, gu'n d' fhuair aon neach aig an robh cridhe an ro-dhéigh air Criosd, 'na fhàsach e. Ier. ii. 31. Gu cinnteach tha iad a' faireachduinn nì-eiginn 'nan cridhe a tha 'g an aomadh 'ionnsuidh Dhé anns an dà ni mhòr so, 'se sin, Cionnas a gheibhear annsan iad air chionn an là sin, Phil. iii. 8, 9. " Seadh gun amharus, agus tha mi a' meas nan uile nithe 'nan call, air son ro-òirdheirceis eòlais Iosa Criosd mo Thigh-earna: air son an d' fhuiling mi call nan uile nithe, agus tha mi a' meas gur aolach iad chum gu'n cosnainn Criosd, agus gu faighear ann-san mi, gun m' fhèrantachd féin agam, a ta o 'n lagh, ach *an fhèrantachd* sin a ta tre chreidimh Chrìosd, an fhèrantachd a ta o Dhia tre chreidimh:" agus fòs cionnas a bhios iad freagarrach d'a chliù ann an tìr nam beo, Salm cxix. 17, " Buin gu fial ri t' òglach, *chum gu bi mi beo, agus gu coimhid mi do*

bhriathra.” Salm lvi. 13, “ Oir shaor thu mo chosan o thuisleadh, chum gu gluaisinn ann ad fhianuis, a Dhé ann an solus nam beo.” Tha iad a’ mothachadh an dà ni sin gu h-ard anns an anam, agus is mòr sin. Osbarr, an déigh dhoibh a’ chùis a rannsachadh, ma bheir iad breith neo-chlaon, tuigidh iad ionad folamh annta féin, nach ’eil nithe saoghalta comasach air a lìonadh suas: Is diomhanas leò gach aon ni, ’s e Dia amhàin a tha comasach air an ionad fholamh a tha ’nan cridhe a lìonadh; ’s ’nuair a ni esan càileiginn de dhrùghadh air, cha bhi feum tuille air co’-fhurtachd fhaghail o nithibh saoghalta. Tha so ag ràdh gu’n do thog Dia uile smuaintean an duine, ’s gu’n do shuidhich e’n rùn slàinteil sin anns a chridhe agus anns an tuigse. Cia ’s Dia ann ach an Tighearna? “ Sleuchdaibh dha a dhée uile.” Salm xcvi. 7. Seadh, osbarr, cha’n àicheidh a’ mhuinntir a ghabh le ’n uile chridhe ri Dia ann an Criosd, nach robh bacadh agus beothachadh tìmeil tràthail an dràst agus a rithist ann, ’nuair bha’n anam ann an cunnart fàilneachadh, Salm xxi. 3, “ Oir ghabh thu roimhe le beannachadh do mhaithis.” Salm. xciv. 18, 16, “ ’Nuair a thubhairt mi, Tha mo chos air sleamhnachadh uam, chum do thròcair, a Thighearna, suas mi. Ann an lìonmhoireachd mo smuainte—thug do chomhfhurtachd-sa sòlas do m’ anam.” Uime sin na h-abradh aon neach, nach ’eil toradh sam bith ann an co’-chuideachd nan nithe sin; ’s na cuireadh neach air bith dàil ’nan dleasnas air son claon-ghearan neo-stéigheil dhaoin’ eile.

CAIB. VIII.

Mu thimchioll cùmhnant a dheanamh ri Dia.

CUNN. Ged tha mi meas gur e mo dhleasnas gabhail ri innleachd Dhé anns a choimhcheangal, tha mi aineolach cionnas a's còir dhomh an dleasnas sin a chur an gnìomh: oir tha Dia air uairibh a' tairgse bhi 'na Dia dhuinn gun luaidh air Crìosd, 's air uairibh eile tha e 'g ràdh, gu'n ceangail e ris féin sinn; agus tha sinn ann an ionadaibh de'n Sgriobtuir air ar gairm chum teachd a dh' ionnsuidh Chrìosd, 's gur esan am Fear-nuadh pòsda. A rìs, tha Dia air uairibh a' labhairt uime féin mar Athair do dhaoine, 's air uairibh mar Fhear-pòsda; air uairibh theirear am Fear-pòsda ri Crìosd, 's air uairibh eile Bràthair; 's air leam nach 'eil gach dàimh dhiu sin ro-fhreagarrach d' a chéile, agus tha na nithe sin 'gam chumail an dor-chadas cionnas a ni mi greim air Dia, 'nuair bu mhiann le m' chridhe gabhail ris.

Freag. Feudar a ràdh le barantas, gu bheil daoine teachd a dh' ionnsuidh Dhé, 's a' gabhail ris, agus tha iad cuideachd a' tighinn a dh' ionnsuidh Chrìosd 's a' gabhail ris. Feudar a ràdh gu'n tig iad fo dhàimh-pòsaidh ri Dia, agus ri Crìosd mar an ceudna, neach a tha 'na Fhear-pòsda, 'na Athair, 'na Bhràthair &c. dhoibh; 's cha 'n 'eil na h-uiread dhìomhaireachd an so 's a tha mòran dhaoin' a' breithneachadh.

Chum 's gur feaird a thuigear a' chùis, thoir fainear na nithe so a leanas. 1. Gu 'n d' rinn Dia an duine foirfe an toiseach, 's ged thug e dha càil-eiginn de chomas air cùmhnant a dheanamh ris air

ball, Eccles. vii. 29; Gin. ii. 16, 17. gidheadh chuir an duine trid an leagaidh, e féin fada o Dhia, agus eu-comasach air cùmhnanta tuille dheanamh ris gu grad.

2. Dh' fhoillsich Dia an déigh tuiteam Adhamh, an nuadh choimhcheangal, leis 'n do nochd e gu'n robh e toileach cùmhnant a dheanamh ris an duine a rithist ann agus trid 'Eadar-mheadhonair, 's mar sin dh' orduich e do dhaoine teachd d'a ionnsuidh trid Iosa Crìosd an t-Eadar-mheadhonair, Eabh. vii. 25. Tha e uile chomasach air an dream sin a thig a dh' ionnsuidh Dhé trid-san, a shàbhaladh gu h-iomlan, agus dùil a bhi aca ri taitneachd ambhàin ann-san, Ephes. i. 6, "Chum cliù glòire a ghràis, tre an d' rinn e sinne taitneach ann a *Mhac gràdhach.*" ag orduchadh do dhaoin' éisd-eachd ri Crìosd, do bhrìgh gu'm b' esan ambhàin an t-aon neach anns an robh làn toil Dhé. Mat. xvii. 5, "Is e so mo Mhac gràdhach-sa, &c."

3. Tha chùis so cho soilleir aithnichte san Sgrìobtuir, agus tha e air a chiallachadh gu bheil e mar sin do gach neach a tha fo shìleadh an t-Soisgeil, air chor 's gu bheil Dia gu bitheant' a' labhairt mu cùmhnant a dheanamh ris féin, gun luaidh air an Eadar-mheadhonair, do bhrìgh gu bheil e air a bharalachadh, gu bheil dearbh-fhios aig gach neach a tha anns an eaglais nach 'eil dòigh sam bith air teachd a dh' ionnsuidh Dhé, ach trid Iosa Crìosd an t-Eadar-mheadhonair.

4. Thoir fainear nach e ambhàin gu bheil Iosa Crìosd, neach a tha 'na Dhia agus 'na dhuine, 'na ionad iomchuidh còmhalach eadar Dia agus daoine, chum a chéile choinneachadh, 's 'na fhear-labhairt freagarrach chum sìth a dheanamh eadar an dà

phàirtidh nach 'eil san àm so aon-sgeulach, 2 Cor. v. 19. bha “ Dia ann an Crìosd, a’ deanamh an t-saoghail réidh ris féin ;” ach feudaidh sinn a ràdh mar an ceudna, gur esan am Fear-nuadh pòsda neo-mheadhonach : air chor 's gu 'm feudar “ Banais Mhic an Rìgh” a ràdh r’ ar gabhail-ne ri Dia, agus feudar “ Bean phòsd’ an Uain” a ràdh ris na daoine taghta : 's e Iosa Crìosd mar gu 'm b’ ann, an làmh a tha Dia a’ sìneadh a mach do dhaoine, 's air a’ bheil iadsan a’ deanamh greim ’nuair tha iad a’ gabhail ri Dia trid Chrìosd, mar an Dia féin, air a’ bheil an anam a’ stad 's a’ socrachadh air a cheann fa dheireadh trid Iosa Crìosd, 2 Pead. i. 21, “ Muinntir trid-san a ta creidsinn ann an Dia a thog esan o na marbhaibh, agus a thug glòir dha, chum gu'm biodh bhur creidimh agus bhur muinghin ann an Dia.”

5. Thoir fainear gu bheil na dàimh eug-samhuil sin a tha air an ainmeachadh san Sgriobtur, air an cur sìos chum a chiallachadh an aonachd 's an co'-chomunn seasmhach daingean nach feudar a chur fa sgaoil a tha eadar Dia agus a phobull : ge b’e dlù-dhàimh agus co'-chaidreamh a tha eadar ceann agus buill, freumh agus geugan, rìgh agus ìochdarain, buachail' agus treud, athair agus clann, bràthair agus bràthair, fear-pòsd' agus a bhean, &c. tha gach ni dhiu sin ann an so ; Eoin xvii. 21, 23, 23, 26, “ Chum gu'm bi iad uile 'nan aon ; chum mar a ta thusa, Athair, annamsa, agus mise annad-sa, gu'm bi iadsan mar an ceudna 'nan aon annainne ; chum gu'n creid an saoghal gu'n do chuir thusa uait mi. Agus thug mise dhoibh-san a' ghlòir a thug thusa dhomhsa, chum gu'm bi iad 'nan aon, mar a ta sinne 'nar n-aon ; mise aunta-

san, agus thusa annam-sa, chum gu'n deanar coimhlionta iad ann an aon; agus a chum gu'm bi fios aig an t-saoghal gu'n do chuir thusa uait mi, agus gu'n do ghràdhaich thu iadsan, mar a ghràdhaich thu mise. Agus dh' fhoillsich mise t' ainm dhoibh, agus foillsichidh mi e, chum gu'm bi an gràdh leis an do ghràdhaich thu mise, annta-san, agus mise annta." Air chor 's ge b'e ni tha air a labhairt san Sgriobtuir, feudaidh daoine thuigsinn, gu bheil Dia 'g an gairm chum bhi réidh ris féin trid Crìosd, agus tha e 'ga thairgse féin chum a bhi 'na Dhia 's 'na Fhear-pòsda dhoibh amhàin ann-san: agus tha daoine gu gabhail ri Dia gu bhi 'na Dhia aca ann an Crìosd, 's a bhi làn-toilichte leis an fhuasgladh a tha air a sholar trid-san do pheacaich bhochda chailte, chum an teasraiginn o thruaighe shiorruidh; 's iad féin a thoirt suas do Dhia ann an Crìosd, anns an gabhar amhàin gu taitneach riutha. Agus a' mhuinntir sin a tha gabhail ri Crìosd, tha iad a' gabhail ri Dia annsan, a tha ann an Crìosd, a' réiteachadh an t-saoghail ris féin, 2 Cor. v. 19; Eoin xiv. 8, 10, 11. 'S cha 'n 'eil sinn ri tuille rannsachaidh a dheanamh mu thimchioll nan dàimh eug-samhail tha air an ainmeachadh san Sgriobtuir, eadar Dia, no Crìosd, agus daoine, ni's faide na nochdas iad aonachd agus co'-chomunn, no dlù-dhàimh ri Dia trid Iosa Crìosd, agus ar buannachd d' an taobh.

Air do na nithe sin a bhi làn-shoilleir, cha labhair sinn ach beag mu 'n timchioll; ach do bhrìgh gur e creidsinn ann an Crìosd an dleasnas àraid a tha air iarraidh air gach neach a chluinneas an soisgeul so, gu 'n smuaintich iad gun dail air an staid chailte annta féin, 's air an fhuasgladh a

fhuair Dia trid Iosa Crìosd, d'an d'thug e tairgse shaor do gach uile neach a bhios làn-toilichte leis, 's a bhios toileach a bhi air an sàbhaladh air an dòigh sin; 's gu 'n dthugadh iad fainear nach 'eil slighe sam bith eil' ann chum dol as o'n fheirg a tha chum teachd, air son am biodh daoine toileach ruidh a stigh am meadhon loch de luaidh leaghta, air chionn là a bhreitheanais, chum bhi air am folach o ghnùis an Uain, air a' bheil iad san àm so a' deanamh dìmeas agus tàir: tha sinn ag ràdh gu bheil sinn a' guidhe 's ag asluchadh air gach uile neach iad a smuainteachadh le mòr-dhùrachd air a chunnart anns a' bheil iad, 's an cridhe oibreachadh suas chum na cùise so, 's iad féin earbsadh ri Dia, agus gabhail ris trid Iosa Crìosd, ann an tairgse an t-soisgeil, 's a bhi làn-toilichte leis, mar an t-aon ni maith a tha amhàin ion-mhiannaicht' agus a shàsaicheas gach neach aig am bi e, chum 's gu 'n dean iad an staid féin tèaruinte. Imichibh gu luath agus deanaibh geur-rannsachadh dùrachdach air son tairgse sìth agus slàinte trid Chrìosd tha air a chur sìos san Sgrìobtuir, agus cuiribh bhur cridhe agus bhur n-anam ann am fonn agus ann an suidheachadh iomchuidh chum gabhail ri Crìosd mar tha e air a thairgse san t-soisgeul, agus ri Dia ann an Crìosd; agus deanaibh e air chor 's gu 'm feud sibh a ràdh, gu 'n robh sibh cho dùrachdach thréibhdhireach anns a' chùis so 's a bha sibh riamh ann an gnothach sam bith eile, 's a réir aon ni a's fiosrach sibh, gur e Crìosd an Slàn-uirgear bhur roghainn thar gach ni agus neach eile, r'a bheag sam bith, nach aithne dhuibh 's nach toir sibh caidreamh do dh' aon ni bhios an aghaidh sin; 's gu'n do leig bhur cridhe a' chùis

gu breith Dhé chum a rannsachadh agus fheuch-
ainn a' bheil a bheag air bith ann nach 'eil a réir
r'a thoil, 's ma tha, gu'n leasaicheadh esan am
mearachd, 's gu'n treòraicheadh e sibh air an t-
slighe cheart.

A nis, 'se dlù-leantuinn so a chridhe ri Crìosd,
'ga thilgeadh féin air a chùram, chum bhi air a
shàbhaladh leis, creidsinn, no creidimh, a tha gun
amharus a' tèarnadh duine o 'n fheirg a tha chum
teachd, chionn gu 'n do ghabh e 'nis air mhodh
slàinteil ri Iosa Crìosd, 's gu bheil e creidsinn 'na
ainm, 's air an aobhar sin cha bhi e air a dhèteadh,
mar tha 'n Sgriobtuir ag ràdh.

Cunn. 'Nuair tha mi cluinntinn ciod e bhi
creidsinn ann an Iosa Crìosd, saoilidh mi air uair-
ibh gu bheil creidimh agam; oir feudaidh mi a
ràdh, a réir aon ni air am fiosrach mi, gu bheil mi
làn-toilichte leis an innleachd sin a shàbhaladh
pheacach trid Iosa Crìosd an Slànuighear; gu bheil
mo chridhe an tòir air, 's 'ga shocrachadh féin air
mar ionmhas ion-mhiannaicht' a làn-shàsuicheas;
agus tha mi làn-toileach gabhail ri Dia mar mo
Dhia ann-san. Ach 's minig a tha mi cur an teag-
amh, an do ghabh mi riamh ris air a mhodh so;
ionnas gu bheil mi air mo chumail ann an iom-
chomhairlé agus fo amharus a' bheil mi a' creid-
sinn, no idir a' bheil mi air mhodh slàinteil ann an
cùmhnanta ri Dia.

Freag. 'S bitheanta le ioma neach a ghabh air
mhodh slàinteil ri Iosa Crìosd, a cheart nì sin féin
a chur an teagamh a rithist: air an aobhar sin
nochdaidh mi aon ni àraidh a dh' fheudas a bhi
'na chuideachadh ro fheumail chum an t-anam a
dheanamh làn-chinnteach araon a thaobh a chreid-

imh agus a chòir air Dia; agus 'se sin, daoine ghabhail, cha 'n e 'mhàin gu dùrachdach ri Dia ann an Criosd, ach mar an ceudna “gu'n gabh iad ri Iosa Criosd gu soilleir, follaiseach, riaghailteach le cainnt beòil, 's gu'n gabh iad ri tairgse Dhé trid-san, 's mar sin gu'n dean iad coimhcheangal ri Dia.” Agus feudaidh so, trid beannachadh Dhé, bhi ro fheumail dhoibh chum an daingneachadh 's an cur as an teagamh mu thimchioll an còir shlàinteil air Criosd.

Mun labhair mi mu thimchioll a chùmhanta shoilleir so dheanamh ri Dia, cuiridh mi sìos roil-làimh, na nithe so a leanas. 1. Cha'n 'eil a mhiann orm san àite so gu'm bi eadar-dhealachadh mòr eadar an cùmhanta so agus an cùmhanta tha eadar Dia agus an eaglais fhaicsinneach, mar tha e 'ga nochdadh 'na thoil fhoillsichte; ni mò tha mhiann orm gu'm bi ach beag eadar-dhealachaidh eadar an cùmhanta so agus cùmhant a chridhe ri Dia ann an Criosd mu'n do labhradh roimhe so; oir 'se 'n cùmhanta ceudna tha ann, gun mhùthadh air bith; ach amhàin gu bheil an ni bu chleachdadh leis a chridhe a chur an gnìomh roimhe, r'a labhairt a mach san àm so gu soilleir follaiseach le cainnt beòil.

2. Tha mi 'g aideachadh nach 'eil cùmhant a dheanamh ri Dia air mhodh soilleir air an dòigh so, anabarrach feumail chum slàinte; oir ma ghabhas neach air bith ri Dia ann an Criosd, gu tréibhdhireach dùrachdach, mar tha e air a thairgse san t-soisgeul, bithidh 'anam 's a staid làntèaruinte leis a sin, a réir an Sgriobtuir, ged nach labhair e mach na nithe sin le bheul: ach air a shon sin, tha cùmhanta follaiseach air a mhodh

so ro fheumail, chum 's gur feaird a thuigeas duin' a staid féin, 's gu'n coimhead e le barrachd co'-fhurtachd a chòir air Iosa Crìosd.

3. Tha 'n cùmhnanta follaiseach so dheanamh ri Dia le cainnt beòil, neo-éifeachdach mur bi 'n cridhe air mhodh tréibhdhireach dùrachdach a' gabhail ri Dia ann an Crìosd 'na cho'-chuideachd; oir as eugmhais sin cha'n'eil ann ach a bhi mi-naomhachadh ainm naomh ionmholta 'n Tighearna Dia, 's a' deanamh fanòid fhollaiseach air, agus mar sin a' dlùthachadh ris leis a bheul, 'nuair tha 'n cridhe fad' air asdar uaithe.

4. Tha mi 'g aideachadh nach dean araon cùmhnanta dùrachdach agus cainnt beòil ri Dia, duine co chinnteach mu staid ghràs-mhor, 's nach bi e ann an teagamh mu'n chùis, as eugmhais co'-fhianuis an Spioraid, leis an tuig sinn na nithe tha air an toirt duinn gu saor o Dhia; gidheadh tha'n dòigh fhollaiseach so air cùmhnant a dheanamh ri Dia, ann an co'-chuideachda gabhail ris ann an Crìosd leis a chridhe, 'na mhòr-chuideachadh chum a chur an cuimhne duine, gu bheil co'-cheangal teann daingeann eadar Dia agus e féin, agus bidh e 'na impidh air ioma cunnail neo-stéigheil a bhios aig eiridh suas ann an cridhe agus an inntinn neo-bhunailteach fhògradh air falbh, a tha gnàthaichte r'a àicheadh gu beag-narach san àm so, an ni a choimhlion 's a chuir iad an gnìomh tamull beag roimhe so. Tha 'n cùmhnanta follaiseach so mar fhianuis air na rinneadh eadar Dia agus an t-anam, agus mar sin tha e feumail chum creidimh a neartachadh.

An labhairt nì's faide mu thimchioll a chùmhnainte so, nochdaidh sinn, I. Gur gnàthachadh ro

bharantaicht' e. II. Nochdaidh sinn gu h-aithghearr an t-ullachadh tha air iarraidh roi'-laimh air a mhuinntir a ni cùmhnant air a mhodh so ri Dia. III. An dòigh air an dtheid daoine mu thimchioll an dleasnais sin. IV. Ciod bu chòir leantuinn an déigh a chùmhnanta shoilleir so.

I. 'Se cheud ni chuir sinn romhainn a nochdadh, gur gnàthachadh barantaichte, agus dleasnas fiach-aichte cùmhnant a dheanamh ri Dia gu soilleir riaghailteach le cainnt beòil; mar a chì sinn o na nithibh so a leanas.

1. Ann an iomadh earrann de'n Sgriobtuir, ma dh' amhairceas sinn air na tha iad a' ciallachadh, a réir an rùin, agus tomhas a chreidimh, dh' àithn Dia e, agus dh' fhàg se e mar dhleasnas fiachaicht' air daoine, Isa. xlv. 5, " Their am fear so, Is leis an Tighearna mise," caib. xlv. 24, " Gu cinnteach, deir *neach*, anns an Tighearn ta agam fìreantachd agus neart." Ier. iii. 4, " Nach gairm thu ormsa o'n uair so *ag ràdh*, M' athair, bu tusa fear stiùraidh m' òige." Sech. xiii. 9, " Their iadsan, Is e 'n Tighearn mo Dhia," agus ann an iomadh ionad eile. A nis ma ta o'n a dh' earal-aich Dia co soilleir air daoine ann an litir an fhocail cùmhnanta soilleir a dheanamh ris, feudaidh iad a bhi cinnteach gur gnàthachadh barantaicht' e, air a cheadachadh le Dia, agus ro thaitneach leis.

2. B'e gnàthachadh taitneach nan daoine diadhaidh san sgrìobtuir, cùmhnanta soilleir a dheanamh ri Dia air an dòigh so, agus fhuair iad mòr-cho'-fhurtachd agus sìth coguis o'n dleasnas so an déigh dhoibh a dheanamh. 'S minig a thuir Daibhidh gu soilleir follaiseach ri Dia, gu'm b' esan a Dhia 's a chuibrionn, agus gu 'm b' e féin

a sheirbheiseach. Cuiridh Tòmas a chòir as an teagamh leis, Eoin xx. 28, “ Agus fhreagair Tom-as, agus thubhairt e ris, Mo Thighearn agus mo Dhia.” Seadh fòs, tha mi 'g ràdh, gu bheil mòr-shuaimhneas aig na nacimh le bhì cuimhneachadh air na thachair eadar Dia agus iad féin sa' chùis sin, Salm lxxiii. 25. Cò *th'* agam anns na nèamhaibh *ach thusa?* agus an coimeas riut cha 'n 'eil neach air thalamh air am bheil mo dhéigh.” Salm cxlii. 5, “ Ghlaodh mi riut, a Thighearna; thubhairt mi, Is tu mo thearmunn, mo chuibhrionn ann an tìr nam beo,” 'S bitheanta chì sinn e ann an Leabhar Laoidh Sholaimh. An robh na daoine sin a bha ro ionmhuinneach le Dia co dùrachdach ann an dleasnas a bha tàrmachadh uiread shuaimhneis agus thoil-inntinn doibh ann an iomadh càs, 's am bi sinne, fo 'n Tiomna-Nuadh, d' a' bheil comas teachd am fogus do Dhia air a fhrithealadh gu ro phailt, 's aig a' bheil combpairt do bhrìgh a chroinn-ola; am bi sinne, tha mi 'g ràdh, goirid anns an dànachd thaitneach so ri Dia? O'n a tha sinn ag oidheirpeachadh an neul sin de fhianuisibh a leantuinn ann an nithibh eile, mar tha creidimh, teas-ghràdh, foighidinn, &c. leanamaid iad mar an ceudna anns an nì so a tha co ro fheumail.

3. 'Se an nì mu bheil sinn a' labhairt san àm so a' chùis a's ro fheumala th' anns an domhan uile. 'S e beatha ar n-anama e, Deut. xxxii. 47. Och mó thruaighe! am bi daoine co oidheirpeach air bhì fiosrach, soilleir, dùrachdach 'nan gnothaichibh cudthromach eile, 'air son gu bheil iad mar sin; agus nach bi iad nì's ro oidheirpiche chum bhì soilleir dùrachdach anns a' chùis so, ris a' bheil an sonas sìorruidh an earbsadh? 'S iongantach

leam nach 'eil mòran, cha'n e amhàin 'ga labhairt le'm beul, ach 'ga mhionnachadh agus a' cur an ainme ris le'n làimh, 's nach deanadh iad gach ni bhiodh 'nan comas chum Dia ann an Criosd a dheanamh cinnteach dhoibh féin, agus iad fein do Dhia, ni tha'n sgrìobtuir a' barantachadh, Isa. xlv. 5.

Feudaiddh so mar an ceudna bhi ro fheumail, mar arguin a dh' earalachadh na dòigh so air cùmhnant a dheanamh ri Dia, gu bheil còir ann an Criosd, agus cùmhnanta tréibhdhireach neo-chealgach a dheanamh ri Dia, 'na ni a tha gu minig air a chur an teagamh leis na naoimh féin; air an aohhar sin tha mòr-fheum aig daoine air gach aon dòigh a tha 'nan comas a ghnàthachadh, eadhon le smuaintibh, focal agus gnìomh, chum a' chùis a chur as an teagamh.

4. Tha an ni so mar an ceudna freagarach san àite so chum so earalachadh mar dhleasnas, gu bheil Dia co riaghailteach, shoilleir, agus a réir an lagha, anns gach gnothach a bhuineas do shlàinte duine, 'se sin r'a ràdh, 'S éiginn gu'm bi Criosd 'na charaid dìleas dhà-san d' am buin còir air an t-saorsa; 's éiginn da bhi air a thaghadh, air a ghairm, ùghdarras a bhi air a thoirt dha, 's air a chur uaithe; 's éiginn do chùmhnantan riaghailteach a bhi eadar an t-Athair agus esan, an t-Athair a' gabhail pàigheadh agus dìoladh, 's a' dubhadh a mach an ainmheich, 's gach aon ni bhi air a dheanamh gu làn-shoilleir. Am bi 'n Tighearna co ro shoilleir dhùrachdach anns gach earrann de'n chùis, agus an gabh ar cuid-ne dhe gu tàmh ann an smuainte mì-riaghailteach do-thuigsinn, agus sinn a bhi mar bhrùide balbha 'na làthair? Nam

b'e pòsadh eadar fear agus bean a bhiodh ann, cha mheasadh daoine gu'm bu leòir e, ged bheireadh a' bhean aideachadh seachad 'na cridhe, 's an duine bhi fiosrach air a sin; mur d' aidich i riamh na h-uiread sin le cainnt beòil, air dhi bhi comasach air sin a dheanamh. A nis, tha'n cùmhnanta so eadar Dia agus duine air a nochdadh san Sgriobtuir, mar phòsadh eadar fear agus bean. Hos. ii. 19, 20; 2 Cor. xi. 2. Tha Laoidh Sholamh gu h-iomlan a' labhairt uime air an dòigh sin. Tha 'n Tighearn' a' gnàthachadh cosamhlachdan, chum a chiallachadh dhuinne ciod a tha 'na rùn a dheanamh; agus gu cinnteach 's ni ro àraidh so ann am pòsadh, gu'n co'-aontaich a' bhean gu saor soilleir chum na cùise: their an duine, Mar so tha mi 'ga d' ghabhail chum bhi a d' mhnaoi phòsd' agam, 's tha mi cur mar fhiachaibh orm féin gu'm bi mi a m' fhear-pòsda dìleas duit: 's éiginn do'n mhnaoi air an laimh eile, ainmeachadh gu bheil i toileach, agus a ràdh, Eadhon mar sin tha mi 'ga d' ghabhail chum a bhi a d' fhear-pòsd' agam, agus tha mi gealltuinn a bhi gu dleasnach ùmhal duit. 'S amhuil a tha 'n so; tha 'n Tighearn ag ràdh, Tha mi 'ga d' cheangal rium féin ann an ionracas, agus goiridh tu Isi dhìom," 'se sin m' fhear-pòsda, Hos. ii. 16, 20. Bithidh mi dhuitse mar cheann 's mar fhear pòsda, mur bi thu air son neach eile, Hos. iii. 3. Bu chòir do'n duine freagairt, agus a ràdh, Amen, mar sin bitheadh e, bidh tusa a d' Dhia, a d' cheann 's a d' Thighearna dhomh-sa 's bidh mise leatsa, 's cha'n ann le neach eile, Laoidh Shol. vi. 3. 'S le m' ghràdh mise, agus is leamsa mo ghràdh." Agus mar sin theirear ris a chùmhnant a nithear air an dòigh so ri Dia, an làmh a

thoirt dha, mar tha'm focal ag ràdh, 2 Chron. xxx. 8. a tha 'g ainmeachadh cùmhnanta follaiseach, soilleir, riaghailteach ri Dia. Mar sin ma ta, tha sinn a' breithneachadh gur dleasnas fiachaicht' e, agus gnàthachadh ro thaitneach, a tha ro fheumail a thoirt suaimhneis do inntinn duine, agus tuille co'-fhurtachd a thoirt dha le bhì 'n cùmhnanta ri Dia, 's a tha co'-fhreagrachd ni's fearr do aontachadh agus do thairgse Dhé anns a ghealladh mhòr sin, " Bidh mise a' m' Dhia dhuibhse, agus bidh sibhse 'n ur pobull domh-sa."

Cha 'n e 'mháin gum bu chòir do dhaoine gabhail gu follaiseach ri Dia ann an Criosd air an dòigh so chum an cridhe a shocrachadh; ach feudaidh iad mar an ceudna, an cùmhnanta so ath-nuadhachadh ri Dia an àmaibh sònruichte, gu h-àraid 'nuair a bhios iad trid buairidh a' cur an teagamh an do naisg iad cumhnanta tréibhdhireach, dùrachdach, neo-chealgach air a mhodh so riamh ri Dia. Mar tha iad an sin ri nuadh-ghniomharra do chreidimh a chur amach, a' dlù-ghabhail ri Criosd mar chuibhrionn 's mar ionmbas ion-mhiannaichte, agus mar an ceudna, an tràthaibh eile, air chor 's gu'm b' fheumail, gu sònruichte ma tha ag sam bith sa' chùis, gu 'n rachadh a' chonnsoid a réiteachadh le cainnt beòil, 's gu'n abradh iad mu'n Tighearn' agus ris, gur h-esan an tèarmunn agus an cuibhrionn, Salm xci. 2; cxlii. 5. Tha sinn a' faicinn gu'n robh na naoimh 'ga dheanamh; agus feudaidh sinn an eisimpleir a leantuinn. Gu h-àraidh,

1. Ann an àm cùl-sleamhnachadh ro mhòr, bu ghnàth leis a phobull an cùmhnant ath-nuadhachadh ri Dia, 's bu chòir dhuinne dheanamh mar an ceudna. Bu chòir d' ar cridhe dol amach air déigh

Chrìosd ann an geallaine na réite ri Dia: oir 's esan ar sìth anns gach cùis, agus ar Fear-tagraidh; agus tha e fiachaicht' oirne greim a dheanamh air mar sin, 'nuair a pheacaicheas sinn. 1 Eoin ii. 1, "Ma pheacaicheas neach air bith, tha fear-tagraidh againn maille ris an Athair, Iosa Crìosd an fìrean;" agus an uiread sin ainmeachadh gu soilleir le cainnt beòil, mar bu ghnàth leis na naoimh a dheanamh an àm dhoibh an cùmhnant ath-nuadhachadh o 'n leth a muigh ri Dia.

2. 'Nuair tha daoine 'n cunnart sam bith, bu mhaith gu 'n cuireadh iad an cridhe amach 'na dhéigh, 's gu 'n ainmicheadh iad an cùmhnanta ris, chum an cridhe féin a dheanamh cinnteach. Tha sinn a' faicinn gu 'n d'rinn Iosua sin, 'nuair bha e gu tàmh a ghabhail an talamh Chanaan, ann an meadhon lìon. Ios. xxiv. 'S amhuil a rinn Daibhidh 'nuair bha e 'na éiginn. Salm lvii. 1, "Fuidh sgàile do sgiathan gabhaidh mi mo thearmunn, gus an dthéid na h-uile so uile thairis."

3. 'Nuair tha daoine fo amharus gu bheil Dia fada uatha, 's gu bheil an anam a' seachdadh 's a' dol air ais, an sin 's tèaruinte dhoibh iad a ghabhail gu dùrachdach tréibhdhireach ri Crìosd, tre chreidimh chum an anama a shàbhaladh; agus bu mhaith a' chùis a chur as an teagamh, le ainmeachadh gu soilleir. 'Se so an dòigh air brìgh a tharruing o Chrìosd an fhreumh, chum an t-anam a bheothachadh, 's a chum an cridhe a dhaingneachadh 'na làthair. Tha Bhana-chéilidh an Laoidh Sholaimh a' deanamh mar sin, 's air a mhodh so a' tagradh còir air, 'nuair a bha i 'na leithid a' staid, ag aidmheil 's a' nochdadh gu 'm b' esan a gràdh.

4. Ann am frithealadh suipeir an Tighearna, bu

chòir do dhaoine gabhail gu ro dhùrachdach ri Dia ann an Criosd air a mhodh so, 's an uiread sin a labhairt 's a chur an céill gu soilleir: oir 's cuirm gràidh sin; agus 's ann an sin a tha sinn a' gabhail ri Dia ann an Criosd, le aidmheil fhollaiseach, 's a' faghail seula na rinn sinn: uime sin tha e iomchuidh, san àm sin, araon an cridhe 's an teanga thoirt suas chum ar n-aidmheil a fhreagradh, a' gabhail ri Dia chum bhi 'na Dhia dhuinne, 's 'g ar toirt féin thairis dhà-san chum bhi leis, agus air ar stiùradh a réir a thoile.

Cha suidhich sinn pobull an Tighearna gu tìm shònruicht' air son an dleasnais so: feudaidh an Tighearn a shònrachadh dhoibh 'nuair a's àill leis; ach tha e ro chunnartach ma bhios daoine tuille 's bitheanta deanamh cùmhnanta follaiseach ri Dia, gu'n cinn iad neo-umhailleach mi-chùramach mu 'n chùis. Air an aobhar sin cha 'n 'eil e co iomchuidh gu'n ath-nuadhaicheadh daoine 'n cùmhnanta follaiseach sin ri Dia gu bitheanta 'na uile bhriathraibh, ach gu ma fearr leò fhoillseachadh do Dhia gu bheil iad a' seasamh ris a chùmhnant a rinn iad ris, agus gu bheil iad 'ga choimhead, 's nach dtheid iad gu siorruidh air an ais uaithe: agus feudaidh iad suim a chùmhnaint ainmeachadh an tagradh an còir air Dia ann an Criosd, mar an Dia féin; agus feudaidh iad so a dheanamh gu minig, eadhon 'nan uile athchuingibh ri Dia. Agus do bhrìgh coltais 'se so an ni a bha'n rùn nan naomh 'nan cleachdadh cho gnàthaichte san Sgriobtuir, 'nuair tha iad a' tagradh an còir air Dia, mar an Dia 's an cuibhrionn; agus tha e iomchuidh gu'n cum daoine 'nan uile-ghluasad, an cridhe aig a' chùis, le bhi dlù-leantuinn ri Dia ann an Criosd.

Bu chòir do'n bheatha tha sinn a' caitheamh san fheòil a bhi tre chreidimh ann am Mac Dhé Gal. ii. 20.

II. 'Se 'n *dara* ni chuir sinn romhainn a nochdadh, Cìod an t-ullachadh tha air iarraidh roi'-laimh air an duine sin a tha gu cùmhnanta follaiseach a dheanamh ri Dia: a bharrachd air na labhair sinn roimhe, tha sinn a' nochdadh, 1. Gur h-éiginn dhasan leis an àill cùmhnanta follaiseach a dheanamh ri Dia, fios a bhi aige, gu bheil an gnàthachadh sin barantaicht' agus ceadaichte le Dia, mar a nochd sinn roimhe: mur bi fios aig duine air so, cha'n 'eil e 'na chomas a dheanamh tre chreidimh, agus mar sin bidh e 'na pheacadh dha, Rom. xiv. 23. Ge b'e ni nach'eil o chreidimh 's peacadh e. 2. Gur h-éiginn da a chridhe oibreachadh suas chum bhi toileach d' a ionnsuidh, chum 's nach breugaich e an teanga; oir bidh e 'na fhanoid mhòr air Dia, dlùthachadh mar sin ris leis na bilibh 'nuair tha 'n cridhe fad' air astar uaithe: Isa. xxix. 13.

III. 'Se 'n treas ni r'a thoirt fainear mu'n chumhnanta shoilleir so dheanamh ri Dia, an dòigh anns an còir a dheanamh; 's a bharr air na chaidh labhairt roimhe mu ghabhail ri Crìosd leis a chridhe, nochdaidh mi san àite so.

1. Gu'm bu chòir do dhuine dheanamh gu muinghineach, cha'n e amhàin a' creidsinn gu bheil e mu thimchioll a dhleasnais 'nuair tha e 'ga dheanamh; ach mar an ceudna gu 'n gabh Dia ann an Crìosd ris an dòigh bho chd neo-iomlan anns a' bheil e 'ga dheanamh: tha e gabhail ri duine a réir 's mar tha aige, ma tha 'inntinn toileach. 2 Cor. viii. 12. Tha peighinn air a gabhail, o nach

robh tuille aig a' mhnaoi bhochd. Marc. xii. 44. Seadh, nam bu chomasach ruigheachd air, bu chòir do'n duine a chreidsinn gu'n sruth co'-fhurtachd ro mhòr o'n ghnìomh so, agus bithidh gach ni gu maith ; agus gu'n dean Dia, a tha 'ga cheangal féin air son gach neach a th' anns a chumhnanta, (o'n a stiùr e an duine dh' ionnsuidh na roghainn shona shòlasaich so) ann an tomhas éiginn esan freagarrach, 's gu'n crìochnaich e gach ni a bhuineas da : Is fìrinneach an ti tha 'g ar gairm, neach mar an ceudna a ni e. 1 Tessel. v. 24. Ma bhios a mhuinghin so a dhìth air, bidh an gnothach so air a dheanamh le eagal agus le eud ro mhòr, mur bi leis ni 's miosa ; 's cha bhi fois no suaimhneas aig an duine d'a thaobh.

2. Bu chòir dha bhi air a dheanamh gu *naomh*. 'Se 'n cùmhnanta naomh a theirear ris, Luc. i. 72. nithe naomha Dhaibhidh. Gnìomh. xiii. 34. Bhiodh e iomchuidh nach biodh an cùmhnanta soilleir so ri Dia, air a dheanamh air dhòigh fhaoin gun seadh, ach ann an athchuinge shònruichte ri Dia ; bu chòir a labhairt gu saor soilleir ris an Tighearna, Salm cxlii. 5, “ Ghlaodh mi riut, a Thighearna ; thubhairt mi, Is tu mo thearmunn, mo chuibrionn.” Tha e 'na ni ro iomchuidh ann an gnothach co cudthromach, gu'n rachadh càileiginn de ùine a shònruichadh air leith air son aideachadh agus athchuinge an làthair Dhé ; seadh fòs, bu chòir do 'n neach a tha deanamh cùmhnant air an dòigh so ri Dia, oidheirp a thoirt air smuaintean ard-urramach a bhi aige mu mhòrachd agus mu ard-uachdranachd Dhé. 2 Sam. vii. 22, “ A ta thu mòr a Thighearna Dhé ; oir cha'n'eil neach ann cosmhuil riut, agus cha'n'eil Dia ann ach thusa.”

ged tha e mar so 'ga irisleachadh féin a dh' fhaicinn nithe air nèamh agus air thalamh; agus bu chòir do smuaintean iriosal truailidh bhi aig an duine air féin, ann an co'-chuideachd nan smuainte naomh ard-urramach sin mu Dhia, ged tha e air a ghabhail a stigh chum na h-ard inbhe so, 2 Sam. vii. 18, " An sin chaidh rìgh Daibhidh a stigh, agus shuidh e am fianuis an Tighearna, agus thubhairt e, Cò mise, O Thighearna Dhé, agus ciod e mo thigh, gu'n d' thug thu mi gu ruige so?" Cha chùis bheag a bhi 'n dlù-dhaimh ris an Dia mhòr, ard-Chruith-fhear Nèimh agus na Talmhuinn, agus r'a Mhac Iosa Criosd; mar thuirt Daibhidh 'nuair thairg rìgh Saul a nighean da. 1 Sam. xviii. 22. Seadh os-barr, bu chòir do dh' fhaicill shònruichte bhi aig duin' air a chridhe, gu'm buanaicheadh e ann an suidheachadh spioradail an àm an cùmhnant a dheanamh ri Dia.

Tha mòr-reusan air an dleasnas a choimhlionadh air an dòigh naomh so; oir tha daoine ro ullamh air bhi aineolach umpa féin, 's gus an Tighearn a dhealbh a réir am baraile féin, agus gu fàs feòlmhor saoghalt' anns a' chùis, o'n a tha e air a nochdadh mar chùmhnanta pòsaidh anns gach cainnt ghnàthaichte mu ghràdh, mar ann an Laoidh Sholamh; Isa. lxii. 5; Sèph. iii. 17.

IV. 'Se 'n *ceathramh* ni chuir sinn romhainn a nochdadh, ciod bu chòir leantuinn an déigh a chùmhnanta shoilleir so ri Dia. Tha mi 'g ràdh, a bharrachd air an aonachd 's air a cho'-chomunn sin ri Dia ann an Criosd, a tha 'n lorg creidimh, ma ni duine cumhnanta follaiseach le cainnt beòil ri Dia.

1. 'S còir dha bhi ro chùramach chum fuireach

dlù do Dhia anns gach gnè chaithe-beatha ; oir ma ni duine o'n àm sin ni sam bith gu neo-ìomchuidh, tha e breugachadh 'fhocail am fianuis Dé, 's tha choguis 'ga bioradh 's 'ga cràdh leis, agus bidh e 'na riobadh 's 'na lìon da. Ma chuireas duine o sin a mach cùl ri Dia, 's gu'n gabh e os-làimh e féin a stiùradh, o nach 'eil e leis féin, chionn gu'n d'fhosgail e a bheul 's gu'n d'thug e a bhòid do 'n Tighearna gu'm biodh e leis, tha e deanamh geur-rannsachadh an déigh mhionn, 's a' slugadh suas an ni sin a tha naomh, Gnàth. xx. 25.

2. 'S còir dhàsan a tha air a mhodh so a' deanamh cùmhnanta ri Dia, buanachadh gu seasmhach daingeann anns an ni sin a chuir e roimhe ; oir 's nàr mi-chiatach do dhuine a ghabh a chridhe ri Dia, 's a dhaingnich e le bheul gu follaiseach 'na làthair, breugair' a dheanamh dhe féin a rithist, agus caidreamh a thoirt do ni sam bith a bhios an aghaidh 'aidmheil ; 's ann bu choir dha a' chùis a choimhead gu dàna misneachail an aghaidh gach ni bhios a' tathaich air.

A nis, ma ta, ceadaichibh dhomh bhur n-earalachadh, sibhse leis 'm bu mhiann a bhi air bhur daingneachadh ann an cùis bhur còir air Dia, gu'n cuir sibh air leith gun dàil sam bith càileiginn de thim chum urnuigh 'a dheanamh an làthair Dhé, a' saothreachadh chum bhur cridhe oibreachadh gu dùrachd, gràdh, agus gu creidimh an dleasnais, chum co'-cheangal, agus cùmhnant a dheanamh ri Dia ann am briathraibh soilleir air a mhodh so.

“ O Thighearna 's creutair bochd callte mi a thaobh nàduir, 's a thaobh cùnntas gun àireamh de pheacaibh-gniomha, a tha mi 'g aideachadh fa leith ann ad làthair, air an latha 'n diugh : agus ged

rugadh mi san eaglais fhaicsinnich, 's ged bha mi o'n bhroinn ann an cùmhnanta riutsa, 's ged bha an ni ceudna air a nasgadh dhomh ann am baisedh; gidheadh chaith mi mo bheatha, rè ùine fhada as eugmhais Dhé anns an t-saoghal, gu h-aineolach neo-mothachail air a cheangal fo 'n d' thàinig mi leis a chùmhnanta sin. Fa-dheòidh, dh' fhoillsich thusa dhomh mo staid chailte through annam féin, agus nochd thu do m' chridhe am fuasgladh leòir-fhoghainteach sin a fhuair thu trid Iosa Criosd, 'ga thairgse gu saor dhomh-sa air chùmhnant gu'n gabhainn ris, agus gu'n gabhainn riutsa mar mo Dhia ann an Criosd, a' sparradh agus aig earalachadh orm gabhail ris an tairgse so, agus teicheadh a dh' ionnsuidh Iosa Criosd, air dhuit mo chunnart anabarrach a leige ris dhomh: Seadh, a réir aon ni 's fiosrach mi, làn-rùnaich thu mo chridhe san àm so, agus dhealbh thu e air son gabhail ri Iosa Criosd, 'ga threòrachadh a mach as a dhéigh ann an tairgse 'n t-soisgeil, a' toirt orm dlùthachadh ris an Dia bheo, chum gabhail ris air an dòigh sin, 's a bhi gu neo-chealgach làn-toilichte le thairgse. Agus a chum gu'n feudainn teachd chum an t-socrachadh spioraid sin anns a' chùis so d' am bu chòir co'-fhurtachd a thoirt domh, 's a chum cliù do ghràsa glòirmhorsa, tha mi ann an so air an latha'n diugh chum a' chùis sin a chur as an teagamh le briathra soilleir follaiseach a d' làthair, a réir do thoile. Agus a nis, tha mise, neo-airidh mar tha mi, a' foillseachadh gu bheil mi creidsinn gu'm b'e Iosa Criosd a chaidh a chur gu bàs aig Ierusalem, Mac Dhé, agus Slànuighear an t-saoghail, tha mi creidsinn an teisteis sin, Gu bheil beatha bhith-bhuan ann-

san do dhaoine, agus ann-san amhàin; tha mo chridhe air an latha 'n diugh làn-toilichte leis an innleachd sin chum peacaich thruagha a shàbhaladh trid-san, agus tha mi 'g earbsadh m' anama ris; tha mi gabhail ri réite ri Dia trid-san, 's a' gabhail riutsa mar mo Dhia ann-san; tha mi 'ga roighneachadh air gach dòigh air a' bheil e, 's gach ni a dh' fheudas a leantuinn; agus tha mi 'g am' thoirt féin 's gach ni tha agam thairis duit: a' miannachadh bhi air m' eadar-dhealachadh o gach aon ni a's fuathach leatsa, co fad 's a's fiosrach mi. A nis, tha mi toirt mo làimhe dhuit, 's a' gabhail gach ni tha mu m' thimchioll mar fhianuis, ge b'e seòl air 'n do chaith mi mo bheatha san àm a chaidh seachad, gu bheil mi san àm so a gabhail ri tairgse Dhé trid Chrìosd; agus gu bheil mi air an latha 'n diugh a' deanamh cùmhnanta cinnteach riut, ris an seasamh mi a chaidh, ann an dòchas gu'n dean thu gach ni freagarrach araon air do thaobh féin agus air mo thaobh-sa, 's ag asluchadh gu ro dhùrachdach, mar a's miann leam a bhi air mo shàbhaladh, gu 'm bi mo thruaillidheachd agus m' eu-cearta air an ceannsachadh, 's mo mhuineal air a thoirt fo d' chuing shòlasaich-sa anns na h-uile nithibh, 's mo chridhe air aomadh chum aontachadh gu cridheil suilbhearra leis gach ni a's toileach leatsa dheanamh rium chum na crìche sin. A nis, glòir gu'n robh dhuitse, O Athair, a dhealbh a leithid sin de shlàinte, 's a thug do Mhac chum a choimlionadh: mòr-chliù gu'n robh do Iosa Crìosd, a choisinn le luach co mhòr dol amach a ghràidh sin o uchd an Athar, agus 's ann amhàin trid-san a tha 'n comas so air a thoirt do dhaoine, agus 's ann ann-san a tha

mis' air mo dheanamh réidh ri Dia, agus gu h-urramach air mo cheangal ris, agus cha'n'eil mi ni 's mò am' nàmhuid no am' choigreach dha: mòrmholadh do'n Spiorad Naomh, a thug caismeachd dhomh 'nuair bha mi 'ga m' mhilleadh féin, cha'n e amhàin gu 'n d'thug e mothuchadh dhomh air mo chunnart, ach mar an ceudna dh' fhosgail e mo shùilean chum 's gu'm faicinn am fuasgladh tha air a dhealbh ann an Iosa Criosd; seadh, agus rinn e mo chridhe fiadhaich borb deònach air tuiteam ann an gaol air Criosd, mar an t-ionmhas a làn-shàsuicheas agus a ni duine saibhir; 's tha e 'ga m' sheòladh air an latha'n diugh cionnas a ni mi cùmhnanta ri Dia, agus an dòigh air an daingnich mi dhomh féin uile-thròcair chinnteach Dhaibhidh, agus beannachadh Abraham, 's a chum deadh-ghèan agus càirdeas Dhé a dheanamh cinnteach dhomh féin gu suthainn sìorruidh. A nis, tha mi le m' anam 's le m' chridhe, agus leis gach ball de m' bhallaibh, co fad 's a tha m' chomas, làn-toilichte leis an rogbainn a thog mi 'n diugh, a' cur romham as a so suas, gun bhi leam féin ach leatsa; agus gu 'm bi gach ni a bhuineas domh air do chùram, mar mo Cheannard agus mo Thighearna: a' cur romham gu h-iriosal, nach dean fàilnean air mo thaobh-sa, (ni tha fios agadsa gu bheil mi 'g oidheirpeachadh cur 'nan aghaidh le m' uile dhìchioll) an cùmhnanta so neo-éifeachdach; oir mar sin thubhairt thu, 's cha 'n 'eil a mhiann ormsa a mhi-ghnàthachadh, ach dlùthachadh riut ni's ro thinne; agus 's éiginn domh comas a bhi agam an cùmhnant so ath-nuadhachadh co bitheanta 's a thuigeas mi sin feumail. Tha dearbh-fhios agam a nis gu bheil do thoil-sa mu 'n cùmhnant so air

a chur sìos san Sgriobtuir, air chor 's nach ion domh nuadh-fhiosrachadh sam bith iarraidh air, agus air dhomh-sa gabhail ri d' thairgse air do chùmhnanntan féin, feithidh mi o so suas ris an ni tha maith, agus ri d' shlàinte-sa air a cheann mu dheireadh. Mar tha thusa fìrinneach agus dileas, thoir maitheanas domh anns na chaidh mi am mearachd sa' chùis so, agus gabh rium gu cairdeil air sgàth mo Thighearna gràdhach Iosa Criosd, trid a' bheil mi ambàin aig iarraidh maitheanasais. Agus mar fhianuis air na rinn mi, tha mi cur mo sheula ris, gu bheil Dia fìor, ann am foillseachadh gu bheil e 'na Shlànuighear làn-fhoghainteach chum peacaich a shàbhaladh."

Deanadh daoine cùmhnannta ri Dia a réir mar theagaisgeas an Tighearna dhoibh, co aca 's ann am briathraibh a's gainne no a's lìonmhoire na tha 'n so; oir cha 'n 'eil a mhiann oirnn riaghailt shuidhichte chur roimh neach sam bith; ach amhàin gu bheil e iomchuidh gu 'n aidicheadh daoine ann an làthair an Tighearn' an staid chailte annta féin, 's am fuasgladh tha tre Iosa Criosd, agus gu 'n aidich iad gu bheil iad 'ga ghabhail mar tha e air a thairgse san t-soisgeul, 's gu bheil iad gu taingeil làn-toilichte leis, 'g an earbsadh féin gu h-iomlan ri Dia, chum bhi air an sàbhaladh leis 'na sheòl féin, ris a' bheil iad a' feitheamh a réir r'a fhìreantachd.

Nan deanadh daoine so gu cridheil tréibhdhireach dùrachach, dh' fheudadh e trid beannachadh Dhé, an cuideachadh chum an creidimh a dhaingneachadh an aghaidh iomadh eagal agus an-amharus; agus dh' fheudadh iad ni maith àraid a chombarrachadh amach o 'n latha agus o 'n uair so,

ni a dh' fheudadh mòr-cho'-fhurtachd a thoirt doibh ann an iomadh triobluid anns am feudadh iad tuiteam an déigh laimhe, maith-a-dh' fhaoidte aig uair agus àm am bàis, 2 Sam. xxiii. 5. 'S iad sin na briathra mu dheireadh a labhair Daibhidh. " Ge nach 'eil mo thigh mar sin aig Dia, gidheadh rinn e coimhcheangal siorruidh riumsa, air a shuidheachadh anns gach *ni*, agus a choimhdear; oir is e so mo shlàinte uile, agus mo mhiann uile." Tha e 'na ni mòr ma dh' fheudas duine ràdh ri Dia, Tha dearbh-fhios agad gu 'n robh latha agus uair ann, anns an do ghabh mi ri sìth trid Iosa Crìosd, 'na leithid sin do dh' àite, 's gu'n d'thug mi mo chridhe thairis duit, chum do lagh gu h-iomlan a sgrìobhadh air: tha nèamh agus talamh 'nam fianuisean air a' chùis sin. Cuimhnich do d'òglach am focal, ris an d'thug thu orm dòchas a bhi agam. Salm cxix. 49.

Cunn. Cha 'n'eil do dhànadas agam a shamhuil sin do chainnt a labhairt ri Dia, do bhrìgh nach 'eil mi a' faireachduinn mo chridhe a' tighinn air aghaidh co fad 's bu mhaith leam ann an gràdh agus ann an dùrachd; air chor 's nach deanainn ach breug do Dhia, ged dheanainn cùmhnant air a mhodh sin ris.

Freag. Tha e 'na fhìor aobhar-mulaid nach 'eil cridhe dhaoine, le mòr-thogradh agus le gràdh laiste, a' dlù-ghabhail gu cridheil ris an tairgse agus ris a chuibrionn bheannaichte sin: gidheadh mar fhreagradh do 'n chunnuil, cuimhnich, 1. Nach 'eil an cridhe gu h-iomlan air ath-nuadhachadh aig a' mhuinntir d'a' bheil an Tighearn a' toirt a chridhe nuadh, a dealbh Chrìosd annta; tha feòil agus spiorad a' miannachadh an aghaidh a chéile,

air chur 's nach 'eil e 'n comas duine am maith no 'n t-olc bu mhiann leis a dheanamh, a chur an gnìomh mar bu mbaith leis. Gal. v. 17. Tha chùis gu maith ma tha'n earrann a's pailte de'n chridhe a' dol a mach an déigh air Criosd, a' miannachadh gabhail ris air a thairgse féin.

2. Tha gràdh reusonta do dh' Iosa Criosd gu minig anns a chridhe, 'ga nochdadh féin le spéis a bhi aige d' a àitheantaibh, 1 Eoin v. 3, " Oir is e so gràdh Dhé, sinn a choimhead 'àitheantan : agus cha'n'eil 'àitheanta-san trom," 'nuair nach 'eil gràdh buadhail mothachail ann a nì'n t-anam tinn, Laoidh Shol. ii. 5. Tha mi tinn le gràdh:" cha'n ion do dhaoine dùil a bhi aca ris a ghràdh so gach aon àm. Tha mi 'g ràdh, ged robh nì-eiginn ann ad chridhe a bhios a' tarruing air ais; gidheadh ma 's urrainn thu a ràdh, gu bheil mothachadh agad air do staid chailte as eugmhais Chriosd, 's gu bheil fìreantachd a dh' uireasbhuidh ort chum do chionta fholach, 's gu bheil neart a dhìth ort chum cathachadh an aghaidh a pheacaidh, no chum an nì sin a 's taitneach le Dia a dheanamh, agus gu bheil thu faicinn iomlaineachd ann-san; anns an dà nì sin ma tha thu comasach air a ràdh, gu bheil nì-eiginn ann ad chridhe a tha deònach togarrach air gabhail ri Dia air a thairgse féin, agus leis 'm bu mhiann araon fìreantachd fhaghail chum fìreanachadh, agus neart chum naomhachadh; agus gur e an nì tha 'n taobh a stigh dhiot tha cur an aghaidh so, ann an tomhas éiginn, do throm-uallach agus do dhaorsa: ma tha chùis mar so, tha do chridhe air a thoirt air aghaidh mar nach olc anns a' chùis, gluais air t-aghart a dh' ionnsuidh na h-oibre, agus socraich a' chùis le cùmhnant a dhean-

amh ri Dia, agus abair, gu bheil araon fìreantachd agus neart agad anns an Tighearna, mar a mhionnaich e b' éiginn duit a dheanamh, Isa. xlv. 23, 24. Tha e 'na ni ro thaitneach a ràdh ri Dia, tha mi a' creidsinn, 'nuair tha mòran de mhi-chreidimh a' gabhail còmhnuidh annam, 's a tha 'n cridhe air a roinn anns a' chùis, Marc. ix. 24, "A ta mi creidsinn, a Thighearn; cuidich thusa le mo mhi-chreidimh." Nochd do Dhia a cheart dòigh air a' bheil do chridhe, air chor 's gu'm feud thu bhi neo-chealgach 'na làthair, gun nì sam bith a chleith air; agus cuir do chridhe ceart mar tha e, 'na làimh, chum a lagh a sgrìobhadh air, a réir a chùmhanta: oir 'se sin an ni tha e 'g iarraidh air daoine, gu 'n dthoir iad an cridhe seachad dha, chum 's gu'n suidhich e a làn-toil air; agus ma 's urrainn duit aontachadh gu cridheil a dh'ionnsuidh sin, a' meas gu bheil fuil Chrìosd leòir-fhoghainteach chum làn-dìoladh a thoirt air son ciont' an duine, feudaidh tu dol gu neo-sgàthach agus cùmhanta follaiseach a dheanamh ri Dia, oir rinn do chridhe agus t-aighe cheana e.

Cunn. Cha'n'eil do dhànadas agam cùmhant a dheanamh ri Dia air a mhodh so 'n t-eagal gu'm bris mi e; seadh, tha mi làn-chinnteach nan tigeadh a leithid so a bhuaireadh am' charamh, air a chur mu m' chomhair air an dòigh so no air an dòigh ud eile, gu'n lùbadh 's gu'n géillinn da: air an aobhar sin le cùmhant a dheanamh air an dòigh so ri Dia, 'nuair tha roì-shealladh agam air an ni sin, cha deanadh e ach mo chionta ann-tromachadh.

Freag. 1. Dh' inndrinn thu cheana ann an cùmhanta ri Dia, mar a's ball thu d'a eaglais fhaicsinn-

ich; 's cha'n'eil anns an ni tha nis 'ga earail ort, ach gu'n dean thu 'n cùmhnanta ris air mhodh ni 's dùrachdaiche agus ni's tréibhdhriche na rinn thu roimhe: tha mar fhiachaibh ort cheana gabhail gu ro dhùrachdach ri Dia ann an Criosd; agus ma ni thu e a d' chridhe, tha dòchas agam nach 'eil an cunnart ni 's mò le a ràdh gu bheil thu 'ga dheanamh, no gu'n d'rinn thu chean' e.

2. Ciod a nì thu ma chuireas tu cùl ri coimhcheangal dùrachdach a dheanamh ri Dia ann an Criosd, agus mur gabh thu r'a shìth mar tha i air a tairgse san t-soisgeul? Cha'n'eil dòigh sam bith eil' ann leis am bi thu air do shàbhaladh; 's éiginn duit an dara cuid so a dheanamh, no dol am mugha gu siorruidh; agus ma ni thu e le d'chridhe, feudaidh tu mar an ceudna a ràdh le d'bheul.

3. Ma chuireas daoine cùl ri coimhcheangal a dheanamh ri Dia, air son gu'm bi iad ciontach do dh' ar-amach an déigh laimbe, cha bu chòir do dhuin' air-bith cùmhnant a dheanamh ris; oir gu cinnteach bidh gach aon neach ciontach de pheacadh an déigh laimhe, ma mhaireas iad beo ach ùine ro bheag an déis doibh an cùmhnant a dheanamh: agus cha'n aithne dhuinn seòl sam bith coltach ris a so chum daoine a choimhead o chùlshleamhnachadh: oir ma ni thu cùmhnanta fìrinneach neo-chealgach ris, tha esan a' cur mar fhiachaibh air féin, a bharr air a chridhe nuadh, chum 'eagal 's a reachd a chur ann, gu'n dthoir e a Spiorad duit, a thoirt ort gluasad 'na shlighe. Agus an uair a ni thu'n cùmhnanta ri Dia, tha thu 'ga d'liuthairt féin da, chum bhi air do naombachadh 's air do dheanamh a réir a thoile. 'Se sin thu féin a thoirt suas dà-san chum bhi air do threòrachadh

'na shlighe anns gach aon ni, agus air do choimhead o'n droch shlighe, 's cha'n e aon cheangal o'n leth a muigh air do thaobh féin chum a shlighe a choimhead, agus fuireach o'n olc: air chor 's nach ruig thu leas eagal no sgàth ghabhail roi'n cùmhnanta: 'se is briathran da, Nach àill leat a bhi air do dheanamh glan? Ier. xiii. 27. agus tha gach neach a tha seachnadh cùmhnant a dheanamh ri Dia, a' uochdadh nach 'eil toil aca bhi air an deanamh glan.

4. Mar tha e cruaidh do neach sam bith a ràdh gu cinnteach, gu'm peacaich iad, nan dthigeadh a leithid sin de bhuaireadh 'nan caramh, air a chur fa'n comhair air an dòigh so no air an dòigh ud eile, do bhrìgh gu'm feud daoine a shaoilsinn an dara cuid gu'n cum Dia buaireadh as an caraibh, no nach fuiling e gu'm bi iad air am buaireadh thar na bheil iad murrach air a ghiùlan, no gu'n dthoir e dhoibh seòl air dol as. Salm xlvi. 1. "Is e Dia ar tearmunn agus ar neart; ar cobhair ro dheas ann an teanntachdaibh." 1 Cor. x. 13. "Cha do thachair deuchainn air bith ribh, ach ni a ta coitchionn do dhaoineibh: ach tha Dia dìléas, nach leig dhuibh bhi air bhur feuchainn thar bhur comas; ach a ni maille ris an deuchainn slighe dol as mar an ceudna, chum gu'm bi sibh comasach air a giùlan." Air chor 's nach i a cheist, ciod a ni mi an déigh laimhe; ach ciod tha 'm rùn a dheanamh san àm so? Ma chuireas mo chridhe cealgaireachd sam bith, no rùn suidhichte chum peacachadh as mo leith, 's éiginn domh cùl a chur ri sin mun dean mi cùmhnanta ri Dia: ach mur cuir mo chridhe a shamhuil sin do rùn no do thogradh as mo leith; seadh, ma dh' fheudas mi a ràdh, gu bheil mi 'g

oidheirpeachadh cur an aghaidh gach peacaidh; agus ged tha mi breithneachadh gu'n strìochd mi do leithid sud no a leithid so do bhuaireadh, gidheadh cha'n ann o rùn suidhichte no togradh sam bith gu sin a dheanamh a tha'n smuain sin a' sruthadh, ach o eòlas air mo thruailleachd féin, agus air na rinn mi cheana gu Dia a bhrosnuchadh chum mo thréigsinn: ach tha fios aig an Tighearna nach e mo rùn gu'm peacaich mi, 's nach 'eil tlachd agam do thogradh dìomhair sam bith ann am chridhe a tha los am peacadh a chur an gnìomh, ach b'e mo roghainn gu'm bithinn air mo chumail air m' ais o pheacachadh 'na leithid sin de chàs; agus tha mi 'ga m' mheas féin a'm' dhuine truagh, air son a shamhuil sin do chorp bàis a tha'n taobh a stigh dhìom, ni tha bagradh gu'n dthoir e orm peacachadh 'na aghaidh. Anns a' chàs sin tha mi 'g ràdh, " cha'n'eil mo chridhe 'ga m' dhìteadh; uime sin tha dànachd agam am fianuis Dé." Ma 's ann mar so tha chùis, tha mi 'g ràdh riut, ged pheacaich thu air ioma dòigh an déigh laimhe, agus leis a sin, maith a dh' fhaoidte, ioma pian ro mhòr aimsireil a tharruing ort féin, 's gu'n cail thu car tamuill ioma dearbhadh air a ghràdh; gidheadh " tha fear-tagraidh maille ris an Athair chum maitheanas a thagradh dhuit," 1 Eoin ii. 1. a thug làn-diòladh air son ar peacaidh-ne, Isa. liii. 5. 6. " Ach lotadh e air son ar peacaidh-ne, bhruthadh e air son ar n-aingidheachdan; leagadh air son smachdachadh ar sìth, agus le a chreuchdaibh-san shlànuicheadh sinne: Chaidh sinn uile, mar chaor-aich air seacharan; thionndaidh sinn gach aon g'a shlighe féin; agus leag an Tighearn air-san aingidheachd gach aoin dinn." Agus air a shon-sa

tha Dia cur roimhe gu'n cùm e gu daingeann an cùmhnanta ri daoine an déis doibh peacachadh, Salm lxxxix. 30—37. “Ma thréigeas a chlann mo lagh, agus nach gluais iad ann am bhreitheanasaibh; ma mhi-naomhaicheas iad mo reachdan, agus nach glèidh iad m' àitheantan; an sin fiosraichidh mi le slait an eusaontas, agus le buillibh an eu-ceart. Gidheadh, cha bhuin mi gu tur mo chaoimhneas-gràidh uaith, agus cha bhreugaich mi mo ghealladh.” &c. no cionnas a cheangladh e ris féin sinn gu suthainn sìorruidh? Hos. ii. 19, 20. agus cionnas a bhiodh an cùmhnant air a ghairm “'na choimhcheangal bithbhuan air a riaghladh anns gach aon ni agus cinnteach,” mur biodh stéigh chum co'-fhurtachd ann, eadhon 'nuair nach 'eil ar tigh mar sin ri Dia? 2 Sam. xxiii. 5.

Seadh, cha b' fhearr e na cùmhnanta nam gnìomh, nam bu chomasach do'n aitim a dh' inndrinn ann maille ri Dia, dealachadh ris mar sin a rithist, air chor 's gu'n deanadh iad neo-éifeachdach dhoibh féin e, 's iad féin a chur an staid bu mhiosa na anns an robh iad mun d' rinn iad idir e. Ier. xxxii. 40, “Agus ni mi riu coimhcheangal sìorruidh, nach pill mi air falbh uatha,” air a choimeas ri Eabh. viii. 6, “Ach a nis fhuair e ministreileachd a's ro-fhearr, a mbeud gu bheil e mar an ceudna 'na eadar-mheadhonair air coimhcheangal a's fearr, a chaidh dhaingneachadh air geallaibh a's fearr.” Mal. ii. 16, “Oir is fuath leam-sa esan a chuireas air falbh, deir an Tigh-earn.” Cha ghabh cridhe tréibhdhireach sam bith mi-mhisneach dhe so, ach 's dòcha gu'm bi e air a neartachadh leis ann an dleasnas, Hos. xiv. 4, 9, “Leighisidh mise an cùl-sleamhnachadh, gràdh-

aichidh mi iad gu saor : oir phill mo chorruich air falbh naith. Cò a ta glic, agus tuigidh esan na nithe so? crionna, agus aithnichidh se iad; oir tha sligheanna an Tighearna ceart, agus gluaisidh na fìreana annta.” Oir tha ceanglaichean eile air mnaoi dhìleas phòsda, a bharr air eagal dealachadh agus peanas le bàs, a tha 'ga co'-éigneachadh chum a dleasnas a choimhlionadh; air an amhuil cheudna sa' chùis so, bidh eagal an Tighearn agus a mhaitheas air daoine. Hos. iii. 5.

Cunn. Rinn mi an àm frithealadh Suipeir an Tighearna, agus air uairibh eile, cùmhnanta soilleir follaiseach ri Dia; ach tha cion tairbhe 'na shlighibh, agus m' an-earbsa ath-nuadhaichte mu m' staid ghràs-mhor, a' toirt orm a chur an teagamh an d'rinn mi cùmhnanta tréibhdhireach, dùrachdach, neo-chealgach riamh ri Dia, 's air-learnach 'eil e 'n comas domh a dheanamh air mhodh a's dùrachdaiche na rinn mi cheana.

Freag. 1. Cha 'n ion do dhaoine dùil a bhi aca ri toradh a réir am miann, no dearbh-chinntè air deadh-ghean Dé air ball an déis doibh teicheadh a dh' ionnsuidh Chrìosd, agus cùmhnanta follaiseach a dheanamh ri Dia ann-san : cumaidh na nithe sin duine ri gnàth-obair fad uile-làithe a bheatha. Bha am fàilnean 's am mearachdan féin anns na naoimh, seadh, agus cùl-shleamhnachadh maille ri ioma teum de mhi-chreidimh ro-chunnartach, an déigh dhoibh gabhail gu tréibhdhireach, follaiseach, dùrachdach, ri Dia, mar an Dia ann an Crìosd.

2. Tha fiuthair aig mòran ri toradh 'nan gluasad, agus daingneachadh creidimh, o'n dùrachd féin leis an d' rinn iad cùmhnanta ri Dia, a roghainn air fhaotainn o Spiorad an Tighearna. Tha'n

crìdhe a' deanamh bun as an ionracas agus as an oidheirpean féin, 's cha'n ann á Iosa Criosd an Slànuighear, neach as eugmhais nach 'eil e'n comas duinn ni air bith a dheanamh, 's nach 'eil annainn ach diomhanas anns an staid a's fearr anns a' bheil sinn. Bu chòir do dhaoine thoirt fairear nach oibrich aon earrann de ghràs tomhas air bith de ghràs; os-barr air sin, cha'n'eil ni air bith comasach air gràs oibreachadh ach gàirdein treun, uile-chumhachdach Iehobhah: 's nan leigeadh daoine 'n taic ri Criosd, agus cùmhnant a dheanamh ris mar an làn-dleasnas, ge b'e ni a leanadh, air a' chuid bu lugha, a' dearcadh air-san ambhàin air son toradh iomchuidh, b'fheaird a shoirbhicheadh an gnothach leò. Cha'n'eil Dia toileach gu'n gabh daoine ri Criosd, 's gu'n dean iad cùmhnanta ris car tamuill, gus am faic iad am bi a leithid de thoradh agus de dhaingneachadh 'na cho'-chuid-eachd, a' cur rompa gu'n cuir iad cùl r'an còir air, agus ris a chùmhnanta, mur bi a shambuil sud no so a thoradh r'a fhaicinn air chionn na h-uiread so de dh'ùine. 'Se so slighean Dhé a chur gu deuchainn, agus tha e ro mhi-thaitneach leis. 'S éiginn do dhuine gabhail da rìreadh ri Criosd, agus cùmhnant a dheanamh ris, a'cur rompa na nithe sin a choimhead mar an dleasnas, agus mar dhòigh ullamh gu ruigheachd air toradh, ge b'e air bith ni a leanas 'nan lorg; air dhoibh fianuis a bhi aca annta féin, gu bheil iad gn dùrachdach ag oidheirpeachadh a bhi a réir a thoil fhoillsichte anns gach aon ni; 's gu'n do naisg iad cùmhnanta ris air son an aobhair sin, co maith 's gu bhi air an sàbhaladh leis.

3. Cha bu chòir do dhaoine bhi ro obunn gus an

dùrachd leis an d'rinn iad cùmhnanta ri Dia a chur an teagamb, mur 'eil iad murrach air a dhearbhadh gu soilleir, no deadh bharantas aca chum sin a dheanamh. Ma tha thu comasach air ceilg sam bith anns a chùmhnant a rinn thu ris a dhearbadh, tha mar fhiachadh ort cùl a chur ris agus a leasachadh, agus cùmhnanta dùrachdach a dheanamh ri Dia gu neo-chealgach: ach mur robh fios agad air do chealgaireachd 'nuair a rinn thu'n cùmhnanta ris; seadh, ma tha thu comasach air a ràdh, gu'n do leig thu chùis gu breith Dhé san àm sin, gu'n robh thu 'ga dheanamh gu neo-chealgach, 's nach gnothach mealltach a bh' ann ad rùn a dheanamh; agus gu'n do ghrìos thu air a réir 'fhìreantachd, gu'n ceasnuicheadh agus gu'n rannsuicheadh e'n robh ni sam bith neo-ìomchuidh annad, 's ma bha, esan g'a fhoillseachadh dhuit, 's g'a leasachadh. “Rannsuich mi, a Dhé, agus aithnich mo chridhe: dearbh mi agus tuig mo smuainte. Agus amhairc am bheil slighe ole air bith annam, agus treòruich mi anns an t-slighe shìorruidh.” Salm cxxxix. 23, 24, agus gu'n d'fhainig thu 'n déigh sin a dh'ionnsuidh an t-soluis, chum 's gu'm biodh do ghniomhara air an deanamh follaiseach, Eoin iii. 20, 21, agus ma tha thu murrach air a ràdh, gu'n robh freagradh Dhé dhuitse o 'fhocal, co fad 's a b'urrainn duit an tuigsinn, 'n an comharadh air sìth, 's 'nan dearbhadh air do dhùrachd 's air do thréibhdhìreas. Seadh os-barr, ma tha thu saor gu ràdh, ged a bhiodh tu a rìs gu cùmhnant a dheanamh ris aig uair a bhàis, nach b'urrainn duit a dheanamh air dhòigh sam bith eile, no le barrachd dùrachd na rinn thu cheana, feudaidh mise mata a ràdh riut

an ainm an Tighearna Dia, nach còir dhuit an cùmhnant a rinn thu ris a chur an teagamh, no idir an dùrachd leis an d' rinn thu e, ach “dàn-achd a bhi agad an làthair Dhé, o nach'eil do chridhe 'ga d' dhìteadh.” I Eoin iii. 21. agus tha mar fhiachaibh ort a chreidsinn, gu bheil “Dia a' buntainn gu cothromach ris an duine ionraic, &c.” Salm xviii. 25, 26. Ma tha duine cur roimhe bhi gu neo-chealgach, cha'n fhuiling Dia dha bhi air a mhealladh; seadh, cha leig an Tighearna do dhuine sam bith bhi air a mhealladh, mur bi an duine air thè araon Dia agus daoine mhealladh.

4. Uime sin cuir do chion tairbhe as leith do mhi-fhaicill agus do mhi-chreidimh, agus cuir easbhuidh do dhearbh-chinntè as leith do chridhe aingidh mi-chreideach, air a chuideachadh le Satan chum cur an aghaidh saor-ghràs glòirmhor Dhé; agus na cuir na nithe sin as leith cion dùrachd ann an gabhail ri Crìosd. Agus oidheirpich o so amach buanachadh dlù do'n fhreumh, agus bheir thu 'mach tuille toraidh; agus tre shamhuil sin de thoradh tha thu 'ga d' leigeadh féin sgaoilte ri fianuis Spiorad Dhé, a bheir fianuis le d' spiorad féin, gu'n do ghabh thu gu tréibhdhireach dùrachdach ri Dia, 's gu bheil a' chuid eile de t-oibre air an oibreachadh ann an Dia, agus taitneach leis; agus mar so tha fianuis an Spioraid agus an uisge a' co'-aontachadh leis an fhuil, air a' bheil thu ri cudthrom t-anama agus do choguis a leigeadh, agus ambhàin far a' bheil thu ri malluchdan an lagha a dhlighear dhuit air son t-uile pheacadh a chur fa chois. Tha 'n triùir sin a' co'-fhreagradh ann an aon; sin r'a ràdh, gur i so slighe na


beatha agus na sìth, 's gu bheil còir agad air, agus mar so thig thu gu mòr-fhois agus a chum làn-chinntè mu d' staid. Eoin xv. 4, 5, " Fanaibh annam-sa, agus mise annaibh-sa. Mar nach urrainn a' gheug toradh a thoirt uaipè féin, mur fan i san fhìonain, cha mhò is urrain sibhse, mur fan sibh annam-sa. Is mise an fhìonain, sibhse na geuga: an ti a dh' fhanas annam-sa, agus mise annsan, bheir esan mòr-thoradh uaith; oir as m' eugmhais-sa cha'n urrainn sibh aon ni a dheanamh." Eoin xiv. 21, 23, " An ti aig am bheil m' àitheanta-sa, agus a ta 'gan coimhead, is esan aig am bheil gràdh dhomh-sa: agus an ti aig am bheil gràdh dhomh-sa, gràdhaichear le m' Athair e, agus gràdhaichidh mise e, agus foillsichidh mi mi féin da. Ma gràdhaicheas neach mise, coimhididh e m' fhocal: agus gràdhaichidh m' Athair esan, agus thig sinn d'a ionnsuidh, agus ni sinn còmh-nuidh maille ris." Rom. viii. 16, " Tha an Spiorad féin a' deanamh fianuis maille r' ar spiorad-ne, gur sinn clann Dhé." 1 Eoin v. 8, " Agus tha triùir a tha deanamh fianuis air an talamh, an Spiorad, agus an t-uisge, agus an fhuil: agus thig an triùir sin r'a chéile ann an aon."

O! chùmhnaichte bheannaichte an nuadh choimh-cheangail, agus Eadar-mheadhonair uile-bheannaichte a choimhcheangail sin! Marcaicheadh esan gu h-ard buadhach, agus ceannsuicheadh e Cinnich agus cànairean, agus cruinnicheadh e 'àilleagain r' a chéile, a' chuideachd urramach sin de'n cheudghin, a' chuideachd mhaiseach sin de rìghrean agus de shagartan, leis am meas ro-mhòr gu'n d' ionnail iad an trusgain ann am fuil an Uain a tha gun smal gun lochd, agus aig am bi an sonas a' sìor

mheudachadh le bhi 'ga leantuinn-san ge b'e taobh a théid e, 's a bhi ann an cuideachda neo-mheadh-onach an Dé shìorruidh, neach a bheir aon sealladh d'a ghnùis orra gu'n dì-chuimhnich iad ann an seadh, gu'n robh iad riamh air an talamh. Och ! nam b' urrainn mi a chur am fiachaibh air daoine nach 'eil na nithe sin 'nan *seadh* agus 'nan *ni h-eadh*, 's gu'n deanadh iad cabhag chum dol d'a ionnsuidh-san, a tha le dian-chabhaig a' tighinn a thoirt breith air an t-saoghal, agus chum daoine a ghairm gu cùntas, gu h-àraidh mu thimchioll an fheum a rinn iad de'n t-soisgeul so. “ Seadh, thig-sa, A Thighearn Iosa.”

CRIOCH.





~~1/2~~ 1/3

